Who do in him confide.
- 31 Who but the Lord is God? but he
Who is a rock and stay?
- 32 'Tis God that girdeth me with
strength,
And perfect makes my way.
- 33 He made my feet swift as the hinds',
Set me on my high places.
- 34 Mine hands to war he taught, mine
arms
Brake bows of steel in piece.

- 35 Thug thusa sgiath do shlàinte dhomh,
Do dheas làmh chum mi suas;
Thug orm do chaoimhneas is do ghràdh
Gu h-inbhe mhòir gu'n d'fhàs.
- 36 Mo cheuma riun thu farsuinn fo'm,
Sin domh mar fhuaradh thus';
Ionns gur socrach sheasas mi,
Cha sleamhnuich uam mo chos.
- 37 Lean mi mo naimhde anns an
Is orra rug gu caa: [ruaig,
Is gus 'n do chlaoidheadh iad gu léir
Nior phill mi téin air m'ais.
- 38 Gun chomas éirigh lot mi iad,
Is thuit iad sìos fo m' chois.
- 39 Le neart chum cath' 's tu chrìos-
laich mi;
Na dh'éirich rium leag thus'.
- 40 Air mhuineal thug thu dhomh mo
nàmh;
Luchd m'fhuath' gu'n claidh gu léir.
- 41 Ghlaodh iad, 's d'am furtachd cha
robh neach;
Air Dia, 's cha d'fhreagair e.
- 42 Amhluidh mar dhus a' dol le gaoi'h,
Gu min do phronn mi iad;
Is thilg mi iad a mach a ris
Mar chlàbar air an t-sràid.
- 43 O strì nan daoine shaor thu mi;
Rinn ceann nan cinneach dhiom;
Na daoine riamh nach b' aithne
dhomh,
Ri seirbhis dhomh do chim'.
- 44 Air cluinntinn dhoibh-san iomradh
orm,
Géillidh iad dhomh gun stad;
Is ní dhomh coigrich mar an ceudn'
An isleachadh air fad.
- 45 Làin-sheargaidh is dubh-chrionaidh
Na coigrich ud gu léir; [as,
A' teachd le h-eagal 's uamhunn
mhòr
A mach o'n garaidh féin.
- 46 Dia bèò a ta, beannaicht' gu robh
Mo charraig féin gu bràth:
Is Dia mo shlàinte bitheadh e
Air 'ardachadh a ghnàth.
- 47 Mo dhioghaltas, 's mo leasachadh,
'S e Dia a bheir a mach:
'S e fòs a chuireas dhomh fo smachd
Na sìobh gu h-ìomdach.
- 48 'Se dh'fhuasglas mi o m' eascair-
dibh:
'S tu thog mi thar gach neach
A dh'éirich rium; is thug mi saor
O fhear ua h-eucorach.

- 35 The shield of thy salvation
Thou didst on me bestow:
Thy right hand held me up, and
great
Thy kindness made me grow.
- 36 And in my way my steps thou
hast
Enlarged under me,
That I go safely, and my feet
Are kept from sliding free.
- 37 Mine en'mies I pursued have,
And did them overtake;
Nor did I turn again till I
An end of them did make.
- 38 I wounded them, they could not
rise;
They at my feet did fall.
- 39 Thou girdedst me with strength for
war;
My foes thou brought'st down all:
- 40 And thou hast giv'n to me the
necks
Of all mine enemies;
That I might them destroy and
slay,
Who did against me rise.
- 41 They cried out, but there was
none
That would or could them save;
Yea, they did cry unto the Lord,
But he no answer gave.
- 42 Then did I beat them small as
dust
Before the wind that flies;
And I did cast them out, like dirt
Upon the street that lies.
- 43 Thou mad'st me free from people's
strife,
And heathen's head to be:
A people whom I have not known
Shall service do to me.
- 44 At hearing they shall me obey,
To me they shall submit.
- 45 Strangers for fear shall fade
away,
Who in close places sit.
- 46 God lives, bless'd be my Rock: the
God
Of my health praised be.
- 47 God doth avenge me, and subdues
The people under me.
- 48 He saves me from mine enemies;
Yea, thou hast lifted me
Above my foes; and from the man
Of vi'lence set me free.

49 Am measg nan cinneach, uime sin,
 Bheir mise dhuit, a Dhé,
 Mòr-bhuidheachas; do t'ainm-sa
 Ard-mholadh seinnidh mi. [fòs
 50 Bheir ean tuasgladh mòr d'a rìgh:
 Le pailteas ni e gràs
 Air Daibhidh, neach a dh' ungadhd
 Is air a shliochd gu bràth. [leis

SALM XIX.—19.

1 GLOIR Dhé làn-fhoillsichidh na
 nèamh,
 'S na speura gnìomh a làmh.
 2 Tha là a' deanamh sgéil do là,
 Is oidhche dh'oidhch' gun tàmh
 A' teagasg eòlais, anus gach àit.
 3 Oir cha'n 'eil ionad ann,
 No cainnt, no uirghioll fòs air bith,
 Nach cual an guth gach àm.
 4 Chaidh'm fuaim air feadh gach tìre
 Am focal chaidh an cèin [mach,
 Gu crìch na cruinne, chuir e annt'
 Buan-phàillion àrd do'n ghréin:
 5 Neach tha mar nuadh fhear-pòsda
 O 'sheòmar féin a mach, [teachd
 Ta ait, mar ghaisgeach treun a' ruith
 A réis' gu togarach.
 6 A' dol a mach o chrìch nan speur,
 Mu'n cuairt g'an crìch a ghnàth:
 'S cha'n fholuichear o theas na gréin',
 Aon ni sa' chruinne ta.
 7 Is iomlan lagh Iehobhah mhòir;
 An t-anam iomp'chidh e;
 Teistean an Tighearna tha dearbh;
 An simplidh glic 'se ni.
 8 Tha statuìn fòs an Tighearn ceart,
 'G cur aoibhneis anns a' chridh';
 Glan-àitlante Dé a' soillseachadh,
 Nan sùl nach maith a chi.
 9 Eagal an Tighearn fìor-ghlan e,
 Buan-mhaireannach a ghnàth:
 Fìor agus cothromach air fad,
 A bhreitheanais a ta.
 10 Is fearr r'an iarraidh iad na'n t-òr,
 An t-òr a's fearr air bith:
 Ni 's mìlse na a' mhil ta iad,
 No cir mheala r'a h-ith.
 11 A' faotainn rabhaidh fòs a ta
 T'òglach-sa uath a ghnàth,
 'S 'nan coimhead cùramach gu dearbh
 Mòr-thuarasdal a ta.
 12 Cò thuigeas uile sheachrain féin?
 Glan o lochd diomhair mi.
 13 O pheacaibh dânadais air ais
 Cum t'òglach féin, a Dhé;
 Na bitheadh ac' àrd cheannas orm:
 An sin biom treibhdhireach,
 Is fòs o'n pheacadh mhòr bidh mi,
 Fìor-ionraic neòchiontach.

49 Therefore to thee will I give thanks
 The heathen folk among;
 And to thy name, O Lord, I will
 Sing praises in a song.
 50 He great deliv'rance gives his king:
 He mercy doth extend
 To David, his anointed one,
 And his seed without end.

PSALM XIX.—19.

1 THE heav'ns God's glory do declare,
 The skies his hand-works preach:
 2 Day utters speech to day, and night
 To night doth knowledge teach.
 3 There is no speech nor tongue to
 which
 Their voice doth not extend:
 4 Their line is gone through all the
 earth,
 Their words to the world's end.
 In them he set the sun a tent;
 5 Who, bridegroom like, forth goes
 From's chamber, as a strong man
 doth
 To run his race rejoice.
 6 From heav'n's end is his going forth,
 Circling to th' end again;
 And there is nothing from his heat
 That hidden doth remain.
 7 God's law is perfect, and converts
 The soul in sin that lies:
 God's testimony is most sure,
 And makes the simple wise.
 8 The statutes of the Lord are right,
 And do rejoice the heart:
 The Lord's command is pure, and
 Light to the eyes impart. [doth
 9 Unspotted is the fear of God,
 And doth endure for ever:
 The judgments of the Lord are true
 And righteous altogether.
 10 They more than gold, yea, much
 fine gold,
 To be desired are;
 Than honey, honey from the comb
 That droppeth, sweeter far.
 11 Moreover, they thy servant warn
 How he his life should frame:
 A great reward provided is
 For them that keep the same
 12 Who can his errors understand?
 O cleanse thou me within
 13 From secret faults. Thy servant
 keep
 From all presumptuous sin:
 And do not suffer them to have
 Dominion over me:
 Then, righteous and innocent,
 I from much sin shall be.

- 14 O Dhia, mo neart, 's mo Shlànuigh-ear,
An deadh thoil gabh uam féin,
Na smuainte ta a'm' chridhe stigh,
Is briathra glan mo bhéil.

SALM XX.—20.

- 1 GU freagradh Dia thu ann an là
Do thrioblaid, is do phéin !
Gu deanadh ainm Dhé Iacoib fòs
Sior-choimhead ort a'd' fheum :
2 Gu'n cuireadh thugad cuideachadh,
Tràth, as a theampull naomh :
Is deanadh e do neartachadh
A Sion féin gu caomh.
3 Cuimhnichheadh e gu gràsmhor dhuit
T'uil' ofraile gu grad,
Is gabhadh e gu taitneach uait
T'lobairte loisgt' air fad.
4 A réir deadh rùn do chridhe féin,
Tiùbhradh e dhuit gu maith ;
Coimhlionadh e gach comhairle
Tha ann ad chridhe stigh.
5 Ni sinne aoibhneas ann ad shlàint',
Is ann an ainm ar Dia,
Suas togaidd sinn ar brataichean :
Dia dheònach' t'uile mhiann !
6 Nis 's fìosrach mi gu teasaig e
An ti a dh' ungadh leis :
Is le neart-saoraidh deas làimh' Dhé
O nèamh gu'n éisdear ris.
7 Tha cuid ag earba' á carbadaibh,
Is cuid á h-eachaibh árd' ;
Ach ainm an Tighearna ar Dia
Cuimhnichidh sinn 's gach áit.
8 Dh' islicheadh iadsan, 's thuit iad
Ach dh'éirich sinn is sheas. [sios :
9 Dhia, foir, is éisdeadh ruinn an Rìgh,
Tràth ni sinn gearan ris.

SALM XXI.—21.

- 1 AM meud do neirt-sa, Dhé nan dùl,
Bidh aoibhneas air an Rìgh :
Is ann ad shlàinte thròcairich
Sòlas cia mòr do ni ?
2 Làn mhiann is rùn a chridhe féin
Thug thusa dha gu seth :
Aon athchuinge a dh'iarr a bheul
Cha d' rinn thu air a cleith.
3Oir beannachadh do mhaithéis mhòir'
Sin thug thu dha gu moch :
Is chuir thu coron árd m'a cheann,
Do'n òr a's deirge dreach.
4 Do dh' iarr e ortsa beatha bhuan,
Sin thug thu dha gu fìor :
Is thug thu sìneadh saoghail dha,
A chum bhi beò gu sior.
5 A thaobh na slàinte thug thu dha,
Is mòr a ghloir gach àm ;

- 14 The words which from my mouth
proceed,
The thoughts sent from my heart,
Accept, O Lord, for thou my strength
And my Redeemer art.

PSALM XX.—20.

- 1 JEHOVAH hear thee in the day
When trouble he doth send :
And let the name of Jacob's God
Thee from all ill defend.
2 O let him help send from above,
Out of his sanctuary :
From Sion, his own holy hill,
Let him give strength to thee.
3 Let him remember all thy gifts,
Accept thy sacrifice :
4 Grant thee thine heart's wish, and
fulfil,
Thy thoughts and counsel wise.
5 In thy salvation we will joy ;
In our God's name we will
Display our banners : and the Lord
Thy prayers all fulfil.
6 Now know I God his king doth save ;
He from his holy heav'n
Will hear him, with the saving
strength
By his own right hand giv'n.
7 In chariots some put confidence,
Some horses trust upon :
But we remember will the name
Of our Lord God alone.
8 We rise, and upright stand, when
they
Are bowed down, and fall.
9 Deliver, Lord ; and let the King
Us hear, when we do call.

PSALM XXI.—21.

- 1 THE king in thy great strength, O
Shall very joyful be : [Lord,
In thy salvation rejoice
How veh'mently shall he !
2 Thou hast bestowed upon him
All that his heart would have ;
And thou from him didst not with-
Whate'er his lips did crave. [hold
3 For thou with blessings him pre-
Of goodness manifold ; [vent'st
And thou hast set upon his head
A crown of purest gold.
4 When he desired life of thee,
Thou life to him didst give ;
Ev'n such a length of days, that he
For evermore should live.
5 In that salvation wrought by thee
His glory is made great ;

Ard-urram agus mòralachd

Chuir thusa air a cheann.

6 Oir rinneadh leat ro-bheannaicht' e
Air feadh gach ré gu beachd ;
Is rinn thu e làn-aoibhneach fòs
Le d' ghnùis an tròcaireachd.

7 Oir ann an Dia Iehobhah mòr
Earbaidh an rìgh a ghnàth :
Tre thròcair fòs an Ti a's àird',
Cha ghluaisear e gu bràth.

8 Aimsidh do ghlas air t'uile nàmh ;
Air t'earcar do làmh dheas.

9 Mar ànluinn theinntich ni thu iad,
An aimsir t'fheirg' g'an sgrios :

'Na chorruich mhòr ni Dia gu fìor,
An slugadh sìos air fad,
Is nithear orra milleadh fòs
Le teine mòr gu grad.

10 An toradh sgriosaidh tu o'n tìr,
'S an sìol o dhaoineibh as.

11 Oir rinn iad feall a'd' aghaidh : 's
dhealbh

Do-bheart nach d'fheud' cur leis :

12 Bheir thusa orra, uime sin,
Gu'n tionndaidh iad an cùl,
Oirsaidhe gear do bhogh' air sreing
Ri'n aghaidh gleusaidh tu.

13 Ardaich thu féin, a'd' chumhachd-
A Thighearna nam feart : [aibh,
Mar sin sìor-chanaidh sinn do chliù,
Is molaidh sinn do neart.

SALM XXII.—22.

1 MO Dhia, mo Dhia, c'uim' thréig
thu mi ?

Le d'fhurtachd uam an céin ;

O bhriathraibh goirt mo bhuiridh
àird,

Gun fhuasgladh orm a'm' fheum ?

2 MO Dhia, cha d' thug thu freagradh
dhomh,

San là 'n do ghairm mi ort ;

An uair bu chòir dhomh tàmh san
oidhch',

Cha'n 'eil mi féin a'm' thosd.

3 Gidheadh tha thusa sìor-ghlan naomh,
A Dhá, os ceann gach sgéil,
A'd' chòmhnuidh anns an àros sin,
Am bheil cliù Israeil.

4 Do rinn ar sìunsir dhìot-sa bun ;
Is shaor thu iad mar dh'earb.

5 Do ghlaodh iad riut, is shaoradh iad :
Dh'earb riut, gun aghaidh dhearg.

6 Ach mise fòs cha duin', ach cnuimh :
Gràin dhaoine, is tàir nan slògh.

7 Cùis crathaidh cinn, is casaidh béil,
Spòrs do na chi mo dhoigh.

8 Ag ràdh, Do rinn e bun á Dia,
Chum fhuasgladh air 'na fheum :

Honour and comely majesty

Thou hast upon him set.

6 Because that thou for evermore
Most blessed hast him made ;
And thou hast with thy countenance
Made him exceeding glad.

7 Because the king upon the Lord
His confidence doth lay ;
And, through the grace of the most
Shall not be mov'd away. [High,

8 Thine hand shall all those men find
That en'mies are to thee ; [out
Ev'n thy right hand shall find out
Of thee that haters be. [those

9 Like fiery ov'n thou shalt them make,
When kindled is thine ire ;

God shall them swallow in his wrath,
Devour them shall the fire. [stroy,

10 Their fruit from earth thou shalt de-
Their seed men from among :

11 For they beyond their might 'gainst
Did plot mischief and wrong. [thee

12 Thou therefore shalt make them
turn back,

When thou thy shafts shalt place
Upon thy strings, made ready all

To fly against their face.

13 In thy great pow'r and strength, O
Be thou exalted high ; [Lord,

So shall we sing with joyful hearts,
Thy power praise shall we.

PSALM XXII.—22.

1 MY God, my God, why hast thou me
Forsaken ? why so far

Art thou from helping me, and from
My words that roaring are ?

2 All day, my God, to thee I cry,
Yet am not heard by thee ;

And in the season of the night
I cannot silent be.

3 But thou art holy, thou that dost
Inhabit Isr'el's praise.

4 Our fathers hop'd in thee, they hop'd,
And thou didst them release.

5 When unto thee they sent their cry,
To them deliv'rance came :

Because they put their trust in thee,
They were not put to shame.

6 But as for me, a worm I am,
And as no man am priz'd

Reproach of men I am, and by
The people am despis'd.

7 All that me see laugh me to scorn ;
Shoot out the lip do they ;

They nod and shake their heads at
And, mocking, thus do say, [me,

8 This man did trust in God, that he
Would free him by his might :

- Nis deanadh e a theasairginn,
O thug e dha làn-speis.
- 9 Ach 's tus' an ti a bhuin a mach
A broinn mo mhàthar mi;
Is tu bu bharrant dòchais dhomh,
'Nuair bha mi air a' chich.
- 10 O'n bhroinn do thilgeadh ortsa mi;
Air bhith dhomh òg is maoth;
O thàinig mi o'n bhroinn a mach,
Is tu mo Dhia ro-chaomh.
- 11 A Dhé, na bi-sa fada uam,
Oir 's dlùth dhomh trioblaid theann;
'S gun agam neach gu m' chuideach-
No aon a chuireas leam. [adh,
- 12 Do chuairtich umam mòran tharbhbh,
Mu m' thimchioll air gach làimh;
Dh'iadh umam tairbh ro-làidir bhorb'
Am Basan bha 'nan tàmh.
- 13 Gu farsuinn dh'fhosgail iad am
Mar leòmhnan allta garg; [beul,
A' tabhairt sìthidh reubaidh orm,
Le bùireadh fiadhaich borb.
- 14 Mar uisge dhòirteadh mise mach,
Mo chnàmhan sgàint' o chéil':
Mo chridh' a'm' chom an taobh a
Air leaghadh ta mar chéir. [stigh,
- 15 Air tiormachadh mar phota cré
A ta mo neart, a Dhé;
Mo theangadh leantuinn tha ri m'
Gu h-ùir-bhàis thug thu mi. [ghial,
- 16 Oir dh'iadh mu'n cuairt orm mad-
raidh gharg',
Bhuail umam thall 's a bhos
Mòr-bhuidheann luchd na h-aing-
idheachd;
Lot iad mo làmh 's mo chos.
- 17 Mo chnàmhan uile feudaich mi
An àireamh aon is aon;
Gu geur tha iad ag amharc orm,
A' dearcadh orm gach taobh.
- 18 Mo thrusgan eatorra do roinn,
Croinn thilg iad air mo bhrat.
- 19 Ach fad o m' chabhair, Dhia mo
Na fan, ach deifrich ort. [neirt,
- 20 Do m'anam tabhair fuasgladh deas
O'n chlaidheamh sgaiteach gheur;
Is m'aon-ghràdh caomh gu saorar
O neart nam madradh treun'. [leat,
- 21 O bheil nan leòmhnan làidir borb',
Dhé, fuasgail orm gun stad:
O adharcaibh nam buabhull treun';
Oir chual thu mi gu grad.
- 22 Do m' bhràithribh cuiream t'ainms'
San èireachd molam thu. [an céill;
- 23 Shil Iacoib, 's a luchd eagail Dé,
Gloir thugaibh dha is cliu:
Oirbhs', Iarmad Israeil air fad,
Biodh 'eagal-san gu mòr:

- Let him deliver him, sith he
Had in him such delight.
- 9 But thou art he out of the womb
That didst me safely take;
When I was on my mother's breasts
Thou me to hope didst make.
- 10 And I was cast upon thy care,
Ev'n from the womb till now;
And from my mother's belly, Lord,
My God and guide art thou.
- 11 Be not far off, for grief is near,
And none to help is found.
- 12 Bulls many compass me, strong
bulls
Of Bashan me surround.
- 13 Their mouths they open'd wide on
me,
Upon me gape did they,
Like to a lion ravening
And roaring for his prey.
- 14 Like water I'm pour'd out, my
bones
All out of joint do part:
Amidst my bowels, as the wax,
So melted is my heart.
- 15 My strength is like a potsherd
dried;
My tongue it cleaveth fast
Unto my jaws; and to the dust
Of death thou brought me hast.
- 16 For dogs have compass'd me about.
The wicked, that did meet
In their assembly, me inclos'd;
They pierc'd my hands and feet.
- 17 I all my bones may tell; they do
Upon me look and stare.
- 18 Upon my vesture lots they cast,
And clothes among them share.
- 19 But be not far, O Lord, my
strength;
Haste to give help to me.
- 20 From sword my soul, from pow'r
of dogs
My darling set thou free.
- 21 Out of the roaring lion's mouth
Do thou me shield and save:
For from the horns of unicorns
An ear to me thou gave.
- 22 I will show forth thy name unto
Those that my brethren are;
Amidst the congregation
Thy praise I will declare.
- 23 Praise ye the Lord, who do him
Him glorify all ye [fear,
The seed of Jacob; fear him all
That Isr'el's children be.

- 24 Oir tarcuis riamh cha d'rinn air bochd,
'S nìor ghabh e gràin d' a leòn :
Cha d'holuich, 's cha do cheil a ghnùis,
G'a thrèigsinn ann a theinn ;
'Nuair rinu e glaoth is gearan ris,
Thug éisdeachd dha gu binn.
- 25 'S ann ortsa bhios mo mholadh àrd
San èireachdas, a Dhé :
Mo bhòidean iocam fòs an làth'r
Na dream d'an eagal e.
- 26 Na daoine sin tha macanta
Ithidh, is gheibh an sàth :
Na dh'iarras Dia àrd-mholaidh e ;
Bhur cridh' bidh beò gu bràth.
- 27 Pillidh ri Dia gach iomall tir',
Is cuimhnichidh iad air :
Seadh sluagh nam fineacha gu léir
Dhuit géill is urram bheir.
- 28 Air son gur le Iehobhah mòr
An rioghachd le còir cheart :
'S am measg nam fineachan air fad
'S leis uachdranachd is neart.
- 29 Na daoine reamhar anns gach tir,
Ithidh, is géillidh dha : [uaigh,
Dha cromaidh sìos na théid san
Cha chum neach 'anam beò.
- 30 Thig slìochd is seirbhis ni do Dhia,
Dha measar iad mar linn.
- 31 Innsidh a cheart do'n àl ri teachd,
Gu 'm b'esan sud a rinn.

SALM XXIII.—23.

- 1 IS e Dia féin a's buachaill dhomh,
Cha bhi mi ann an dith.
- 2 Bheir e fa'near gu'n luidhinn sìos
Air cluainibh glas' le sìth :
Is fòs ri taobh nan aimhnichean
Théid seachad sìos gu mall,
A ta e ga mo thredrachadh,
Gu min réidh anus gach ball.
- 3 Tha 'g aisig m'anam' dhomh air ais ;
'S a' t'redrachadh mo cheum
Air slighibh glan' na fireantachd,
Air sgàth 'dheadh ainme féio.
- 4 Seadh fòs ged ghluaisinn eadhon trid
Ghlinn dorchas sgàil' a' bhàis,
Aon olc no urchuid a theachd orm
Ni h-eagal leam 's ni 'n càs ;
Airson gu bheil thu leam a ghnàth ;
Do lorg, 's do bhata treun,
Tha iad a' tabhairt comhfhurtachd
Is fuasglaidh dhomh a'm' fheum.
- 5 Dhomh dheasaich borb air beul mo nàmh,
Le h-oladh dh'ung mo cheann ;

- 24 For he despis'd not nor abhorr'd
Th' afflicted's misery ;
Nor from him hid his face, but heard
When he to him did cry.
- 25 Within the congregation great
My praise shall be of thee ;
My vows before them that him fear
Shall be perform'd by me.
- 26 The meek shall eat, and shall be fill'd ;
They also praise shall give
Unto the Lord that do him seek :
Your heart shall ever live.
- 27 All ends of th' earth remember shall,
And turn the Lord unto ;
All kindreds of the nations
To him shall homage do :
- 28 Because the kingdom to the Lord
Doth appertain as his ;
Likewise among the nations
The Governor he is.
- 29 Earth's fat ones eat, and worship shall :
All who to dust descend
Shall bow to him ; none of them can
His soul from death defend.
- 30 A seed shall service do to him ;
Unto the Lord it shall
Be for a generation
Reckon'd in ages all.
- 31 They shall come, and they shall de-
His truth and righteousness [clare
Unto a people yet unborn,
And that he hath done this.

PSALM XXIII.—23.

- 1 THE Lord's my shepherd, I'll not want.
- 2 He makes me down to lie
In pastures green: he leadeth me
The quiet waters by.
- 3 My soul he doth restore again ;
And me to walk doth make
Within the paths of righteous-
ness,
Ev'n for his own name's sake.
- 4 Yea, though I walk in death's dark vale,
Yet will I fear none ill :
For thou art with me ; and thy rod
And staff me comfort still.
- 5 My table thou hast furnished
In presence of my foes ;
My head thou dost with oil
anoint,
And my cup overflows.

Cur thairis tha mo chupan fòs,
Aig meud an làin a t'ann.

- 6 Ach leanaidh maith is tròcair rium,
An cian a bhios mi beò ;
Is còmhnuicheadh an àros Dé,
Ri fad mo rè 's mo lò.

SALM XXIV.—24.

- 1 'S le Dia an talamh, is a làn ;
An domhan, 's na bheil ann.
2 Oir shocraich e air cuantaibh e,
Air sruthaibh leag gu teann.
3 Cò e am fear sin a théid suas
Gu tulaich naomha Dhé ?
Is fòs 'ua ionad naomha-san,
Cò sheasas ann gu réidh ?
4 An ti 'g am bheil na làmhnan glan',
Is cridhe neòchiontach ;
'Anam nior thog ri diomhanas,
'S nior lùgh mionn ioganach.
5 An ti sin beannachadh o Dhia
Gheibh e gu saobhair pailt,
Is ionracas faraoan o'n Dia
'S bun slàinte dha 'na airc.
6 'S i sin a' ghinealach 's an dream
A dh'iarras e gu mòr ;
Ta 'g iarraidh d'aghaidh is do ghnùis,
O Iacoib, mar is còir.
7 Togaibh, O gheatacha, bhur cinn,
Is éiribh suas gu h-àrd,
O dhorsa sìorruidh ; Rìgh na glòir'
Gu'n tigeadh e g'a àit.
8 Cò e sin féin Ard-Rìgh na glòir' ?
An Tighearn làidir treun,
Iehobhah neartmhor, cruaidh an
cath,
Bheir buaidh a mach dha féin.
9 Togaibh, O gheatacha, bhur cinn,
Is éiribh suas gu h-àrd,
O dhorsa sìorruidh : Rìgh na glòir'
Gu'n tigeadh e g'a àit.
10 Cò e sin féin Ard-Rìgh na glòir' ?
Iehobhah mòr nan slògh,
'Se féin a's Rìgh na glòir' a t'ann,
Gu'n choimeas idir dha.

SALM XXV.—25.

- 1 DHIA, togam m'anam riutsa suas.
2 Mo Dhia, mo mhuinghinn dheas ;
A m' ionnsuidh na leig aobhar nàir' :
Do m'eascar gairdeachas.
3 Fo nàir' is mhasladh na leig neach
D'an gnàth bhi feitheamh ort :
Ach nàire gu robh air an dream
A ni gun aobhar lochd.
4 Foillsich do shlighe dhomh, a Dhé ;
A d' cheumaibh teagaisg mi :

- 6 Goodness and mercy all my life
Shall surely follow me :
And in God's house for ever-
more
My dwelling-place shall be.

PSALM XXIV.—24.

- 1 THE earth belongs unto the Lord,
And all that it contains ;
The world that is inhabited,
And all that there remains.
2 For the foundations thereof
He on the seas did lay,
And he hath it established
Upon the floods to stay.
3 Who is the man that shall ascend
Into the hill of God ?
Or who within his holy place
Shall have a firm abode ?
4 Whose hands are clean, whose heart
And unto vanity [is pure,
Who hath not lifted up his soul,
Nor sworn deceitfully.
5 He from th' Eternal shall receive
The blessing him upon,
And righteousness, ev'n from the God
Of his salvation.
6 This is the generation
That after him inquire,
O Jacob, who do seek thy face
With their whole heart's desire.
7 Ye gates, lift up your heads on high ;
Ye doors that last for aye,
Be lifted up, that so the King
Of glory enter may.
8 But who of glory is the King ?
The mighty Lord is this ;
Ev'n that same Lord, that great in
And strong in battle is. [might
9 Ye gates, lift up your heads ; ye doors,
Doors that do last for aye,
Be lifted up, that so the King
Of glory enter may.
10 But who is he that is the King
Of glory ? who is this ?
The Lord of hosts, and none but he,
The King of glory is.

PSALM XXV.—25.

- 1 TO thee I lift my soul :
2 O Lord, I trust in thee :
My God, let me not be ashamed,
Nor foes triumph o'er me.
3 Let none that wait on thee
Be put to shame at all ;
But those that without cause trans-
Let shame upon them fall. [gress,
4 Show me thy ways, O Lord ;
Thy paths, O teach thou me :

- 5 Is treòraich mi a' d' fhrìnn ghloin,
'S mo theagasg dean, a Dhé :
Oir 's tu a's Tighearn ann gu dearbh,
'S tu 's sláinte dhomh a ghnàth,
Is ort a ta mi feitheamh fòs
Le foighid mhòir gach là.
- 6 Cuimhnich, a Dhé, do thròcair
chaomh,
Do chaoimhneas làn do ghràdh :
O chian nan cian a ta iad ann,
San aimsir fad o'n là.
- 7 Na cuimhnich peacaidh m'òige
dhomh :
'S na lochdan a rinn mi ;
A réir do thròcair cuimhnich orm,
Air sgàth do ghràis, a Dhé.
- 8 Is maith 's is dìreach Dia nan dùl :
Is air an aobhar ud
Do nithear leis na peacaich thruagh'
A theagasg anns an ròd.
- 9 Treòraichidh e na daoine citin'
Am breitheanas gu ceart :
'S na daoine m'ine teagaisgidh
'Na shlighe, Dia nam feart.
- 10 An tròcair is an fhrìnn réidh
Sud sligh' ar Dé 's gach ball ;
Do'n dream a chumas gealladh ris,
'S nach leig a theist air chall.
- 11 Sgàth t'ainme, lagh mo chionta fòs,
Oir tha sud mòr, a Dhé.
- 12 Cò 'm fear d'an eagal Dia ? San t-
sligh'
'S ion-roghnuidh seòlaidh e.
- 13 An seasgaireachd nì 'anam tàmh,
'S le 'shliochd le ceart an tìr.
- 14 Tha rùn an Tighearn aig an dream
D'an eagal e gu tior :
Is nithear leis a chumhnant fòs
Fhoillseachadh dhoibh gu ceart.
- 15 A ta mo shùile féin a ghnàth
Ri Tighearna nam feart ;
Air son gu'n spionar leis mo chos
Gu h-aithghearr as an rìbh.
- 16 Pill thugam, is dean tròcair orm :
A'm' aonar taim, 's fo dhrip.
- 17 Tha 'einn mo chridh' a' dol am
meud ;
Sacr mì o mi' àmhghar geur.
- 18 Seall air mo phein, is m'anshocair,
'S mo pheacaidh lagh gu léir.
- 19 Mo naimhde guineach thoir fa'near,
Oir tha iad lionmhor ann ;
Fuath nimhneach agus mi-runach
Tha aca dhomh nach gann.
- 20 Dhia, coimhid m'anam, 's furtaich
Na leig fo nàire mi ; [orm ;
Mo dhòchas uile leig mi ort,
Air son gur tu mo Rìgh.

- 5 And do thou lead me in thy truth,
Therein my teacher be :
For thou art God that dost
To me salvation send,
And I upon thee all the day
Expecting do attend.
- 6 Thy tender mercies, Lord,
I pray thee to remember,
And loving kindnesses ; for they
Have been of old for ever.
- 7 My sins and faults of youth
Do thou, O Lord, forget :
After thy mercy think on me,
And for thy goodness great.
- 8 God good and upright is :
The way he'll sinners show.
- 9 The meek in judgment he will guide,
And make his path to know.
- 10 The whole paths of the Lord
Are truth and mercy sure,
To those that do his cov'nant keep,
And testimonies pure.
- 11 Now, for thine own name's sake,
O Lord, I thee entreat
To pardon mine iniquity ;
For it is very great.
- 12 What man is he that fears
The Lord, and doth him serve ?
Him shall he teach the way that he
Shall choose, and still observe.
- 13 His soul shall dwell at ease ;
And his posterity
Shall flourish still, and of the earth
Inheritors shall be.
- 14 With those that fear him is
The secret of the Lord ;
The knowledge of his covenant
He will to them afford.
- 15 Mine eyes upon the Lord
Continually are set ;
For he it is that shall bring forth
My feet out of the net.
- 16 Turn unto me thy face,
And to me mercy show ;
Because that I am desolate,
And am brought very low.
- 17 My heart's griefs are increas'd :
Me from distress relieve.
- 18 See mine affliction and my pain,
And all my sins forgive.
- 19 Consider thou my foes,
Because they many are ;
And it a cruel hatred is
Which they against me bear.
- 20 O do thou keep my soul,
Do thou deliver me :
And let me never be asham'd,
Because I trust in thee.

24 SALM XXVI. XXVII.

- 21 Nis deanadh ionracas is còir
Mo dhion ; 's mi feitheamh ort.
22 Dhia, fuasgail air cloinn Isracil,
O'n uile àmhghar goirt.

SALM XXVI.—26.

- 1 THOIR orm-sa breth, a Dhia nan dùl,
A'm' neòchiont ghluais mi féin,
Oir rinn mi dòchas maith á Dia,
Cha sleamhuich uam mo cheum.
2 Dhia, fionn mo chridh', is m'airne
Fidir is ceasnuich mi. [fòs,
3 Oir dhearc mi air do chaoimhneas
gràidh.
A'd' fhirinn ghluais mi, Dhé.
4 Le cuideachd dhiombain riamh nior
shuidh ;
Cha siubhlam le luchd-saoibh.
5 Is beag orm coimhthional an uile :
'S cha suidh mi sìos le baoibh.
6 An neòchiont glanaidh mi mo làmh,
Is cuairt'cheam t'altair, Dhé ;
7 Gu'm foillsichinn le moladh árd,
Do mhiorbhuile gu léir.
8 Còmhnuidh do theach is ionmhuinn
A Thighearn is a Dhé, [leam,
Gnàth-àite bunaidh t'onorach,
Is leam ro-ionmhuinn e.
9 Le peacaichibh, luchd-deanamh uile,
Na cruinnich m'anam bochd,
Na cuir mo bheath' 'nan cuideachd
sud,
Tha fuileachdach gu lochd.
10 'G am bheil an t-aimhleas mòr 'nan
glaic :
Duais-bhratha 'nan làimh dheis,
11 Ach gluaisidh mi a'm' neòchiont
A'd' thròcair saor-sa mis'. [féin,
12 'Na seasamh ta mo chos gu beachd
Air ionad còmhnhard réidh :
Is ann an coimhthional nan naomh,
Beannaicheam thus', a Dhé.

SALM XXVII.—27.

- 1 'SE Dia mo sholas, is mo shlàint',
Cò chuireas eagal orm ?
'Se neart mo bheatha Dia nan dùl,
Cò chuireas fait'cheas fo'm ?
2 Mo naimhde, m'eascairde, luchd-
Tràth thàinig orm gu bras, [uile,
Gugionach dh'itheadh m'fheòla suas,
Fhuair tuisleadh, thuit gu cas.
3 Ged champaicheadh a'm' aghaidh
feachd,
Cha'n eagal le mo chridh' :
Ged éireadh cogadh m' aghaidh fòs,
A so mo bhun do ni.

PSALMS XXVI. XXVII.

- 21 Let uprightness and truth
Keep me, who thee attend.
22 Redemption, Lord, to Israel
From all his troubles send.
(Second Version, see page 164.)

PSALM XXVI.—26.

- 1 JUDGE me, O Lord, for I have walk'd
In mine integrity :
I trusted also in the Lord ;
Slide therefore shall not I.
2 Examine me, and do me prove ;
Try heart and reins, O God :
3 For thy love is before mine eyes,
Thy truth's paths I have trode.
With persons vain I have not sat,
Nor with dissemblers gone :
5 Th' assembly of ill men I hate ;
To sit with such I shun.
6 Mine hands in innocence, O Lord,
I'll wash and purify ;
So to thine holy altar go,
And compass it will I :
7 That I, with voice of thanksgiving
May publish and declare,
And tell of all thy mighty works,
That great and wondrous are.
8 The habitation of thy house,
Lord, I have loved well ;
Yea, in that place I do delight
Where doth thine honour dwell.
9 With sinners gather not my soul,
And such as blood would spill :
10 Whose hands mischievous plots,
right hand
Corrupting bribes do fill.
11 But as for me, I will walk on
In mine integrity :
Do thou redeem me, and, O Lord,
Be merciful to me.
12 My foot upon an even place
Doth stand with stedfastness :
Within the congregations
Th' Eternal I will bless.

PSALM XXVII.—27.

- 1 THE Lord's my light and saving
health,
Who shall make me dismay'd ?
My life's strength is the Lord, of
Thou shall I be afraid ? [whom
2 When as mine enemies and foes,
Most wicked persons all,
To eat my flesh against me rose,
They stumbled and did fall.
3 Against me though an host encamp,
My heart yet fearless is ;
Though war against me rise, I will
Be confident in this.

- 4 Aon ni do mhiannaich mi o Dhia,
Gu minic iarram e :
A bhi a'm' chòmhnuidh feadh mo là
Au tigh 's an àros Dé ;
A chum gu faicinn féin gu glan
Maise Iehobhah mhòir,
Gu fiosraichinn 's gu faighinn sgeul,
'Na theampull mar is còir.
- 5 Oir ni e m' fholach 'n àm na h-àire'
'Na phàilliuin : dìon do ni
An dìomhaireachd a phàilliuin
Air carraig cuiridh mi. [dhomh ;
- 6 Os ceann mo naimhde ta mu m'
chuart,
Nis togar suas mo cheann :
Glan iobairt aoibhneis uime sin
D'a phàilliuin bheirear leam :
Is seinnidh-mi gu togarach,
Seadh, canaidh mi gu binn,
Ceòl agus moladh àrd do Dhia
Air feadh mo rè 's mo linn.
- 7 Leguth mo bheoil tràth éigheam riut,
Thoir éisdeachd dhomh, a Dhé :
Le iochd dean trócaig orm, is fòir,
Gu gràsmhor freagair mi.
- 8 Iarr m'aghaidh, 'nuair a thuirt thu
An sin thuirt m'anam leat, [rium,
Do ghnùis, is t'aghaidh féin, a Dhé,
Sin iarraidh mi gu h-aith.
- 9 Na folaich uam do ghnùis, am feirg
Na dibir t'òglach féin :
'S tu chuidich leam : a Dhé mo shlàint'
Na fag-sa mi 's na tréig.
- 10 'Nuair thréigead m'athair mi gu tur,
'S mo mhàthair fòs faraon,
Do ni an Tighearna an sin
Mo thogail suas gu caoin.
- 11 Dhia, teagaisg dhomh do shlighe
Is treòraich mise, Dhé, [féin,
Fa chùis mo naimhde mi-runach,
Air ceumaibh dìreach réidh.
- 12 Do mhi-run m'eascairde ro-gheur
Na tabhair thairis mi :
Oir dh'éirich rium luchd-fianuis
bhreig',
Is dream a bhrùchdas nimh.
- 13 Rachadh mo mhisneach uil' air cùil,
Mur creidinn maithreas Dé,
Gu faicinn sin an tir nam beò,
Ga m' fhuasgladh ann am fheum.
- 14 Fuirich gu foighidneach ri Dia,
Glac thugad misneach mhòr,
Is bheir e spionnadh cridhe dhuit :
Fuirich ri Dia na glòir'.
- 4 One thing I of the Lord desir'd,
And will seek to obtain,
That all days of my life I may
Within God's house remain ;
That I the beauty of the Lord
Behold may and admire,
And that I in his holy place
May rev'rently inquire.
- 5 For he in his pavilion shall
Me hide in evil days ;
In secret of his tent me hide,
And on a rock me raise.
- 6 And now, ev'n at this present time,
Mine head shall lifted be
Above all those that are my foes,
And round encompass me :
Therefore unto his tabernacle
I'll sacrifices bring
Of joyfulness ; I'll sing, yea I
To God will praises sing.
- 7 O Lord, give ear unto my voice,
When I do cry to thee ;
Upon me also mercy have,
And do thou answer me.
- 8 When thou didst say, Seek ye my
Then unto thee reply [face,
Thou didst my heart, Above all things
Thy face, Lord, seek will I.
- 9 Far from me hide not thou thy face,
Put not away from thee
Thy servant in thy wrath : thou hast
An helper been to me.
O God of my salvation,
Leave me not, nor forsake :
- 10 Though me my parents both should
leave,
The Lord will me up take.
- 11 O Lord, instruct me in thy way,
To me a leader be
In a plain path, because of those
That hatred bear to me.
- 12 Give me not to mine en'mies' will ;
For witnesses that lie
Against me risen are, and such
As breathe out cruelty.
- 13 I fainted had, unless that I
Believed had to see
The Lord's own goodness in the land
Of them that living be.
- 14 Wait on the Lord, and be thou
strong,
And he shall strength afford
Unto thine heart ; yea, do thou wait,
I say, upon the Lord.

SALM XXVIII.—28.

- 1 A DHIA, mo charraig, éigheam riut,
A'd' thosd na bi-sa uam :

PSALM XXVIII.—28.

- 1 TO thee I'll cry, O Lord, my rock ;
Hold not thy peace to me ;

- Eagal le d' thosd, gur cosmhuil mi
 Ri dream théid sìos do'n uaigh.
- 2 Guth m' athcheuinge, tràth éigheam
 Eisd thus' an sin, a Dhé : [riut,
 'Nuair thogas mi mo làmh an suas
 Gu d' theampull naomha féin.
- 3 Le luchd an uile 's na h-eucorach,
 Na tarruing mi gu bràth ;
 R'an coimhearsnaich a labhras sìth,
 Ach olc 'nan cridhe ta.
- 4 A réir an oibre, tabhair dhoibh,
 A réir an rùin chum lochd :
 Is diol-sa riù droch ghnìomh an làmh,
 Amhluidh mar thoill iad ort.
- 5 Do bhrìgh nach tuig iad oibre Dhé,
 No gnìomh a làmh a fòs,
 Do nì e milleadh orr' is claoidh,
 'S cha dean an togail suas.
- 6 Air son guth m' athcheuinge gu'n
 d'éisd,
 Mòr-bheannaicht' gu robh Dia.
- 7 Do chuir mo chrìdh' a dhòchas ann :
 'S e Dia mo neart 's mo sgiath :
 Tha mi a' faghail furtachd uaith',
 Mar sin le h-aoibhneas ait
 Mo chrìdh' a ta ; 's le m'òran binn,
 Sior-mholam e gu pailt.
- 8 'Se Dia a's neart, 's a's treise dhoibh,
 Oir tha e féin gu deas
 'Na neart, 's 'na spionnadh slàinte
 Do'n tì a dh' ungradh leis. [dlùth
- 9 Dhia, furtaich air do phobull caomh,
 Is beannaich t'òighreachd féin :
 Dhoibh tabhair beath', is teachdantir
 Tog iad am fòasd, a Dhé.

SALM XXIX.—29.

- 1 THUGAIBH, a laochraidh làidir
 threun,
 Do Thighearna nam feart,
 Thugaibh do'n Tighearna ud faraon
 Glòir, urram, agus neart.
- 2 A' ghlòir a's cubhaidh fòs d'a ainm,
 Thugaibh do'n Dia ro-threun :
 Sleuchdaibh do'n Tighearna faraon
 Am mais' a naomhachd féin.
- 3 Tha guth Dhé air na h-uisgeach-
 Is fòs ni Dia na glòir' [aibh ;
 Ard-thairneanach, is suidhidh e
 Air uisgibh làidir mor'.
- 4 Tha guth an Tighearna gu beachd
 Mòr-chumhachdach is treun :
 Tha guth an Tighearna faraon
 Làn mòralachd ann féin.
- 5 Brisidh an Tighearna le 'ghuth
 Na seudair a ta fàs ;
 Is brisear seudair Lebanoin
 Le 'ghuth-san aig a chruas.

- Lest like those that to pit descend
 I by thy silence be.
- 2 The voice hear of my humble pray'rs,
 When unto thee I cry ;
 When to thine holy oracle,
 I lift mine hands on high.
- 3 With ill men draw me not away
 That work iniquity ;
 That speak peace to their friends,
 while in
 Their hearts doth mischief lie.
- 4 Give them according to their deeds
 And ill's endeavoured :
 And as their haudy-works deserve,
 To them be rendered.
- 5 God shall not build, but them destroy,
 Who would not understand
 The Lord's own works, nor did regard
 The doing of his hand.
- 6 For ever blessed be the Lord,
 For graciously he heard
 The voice of my petitions,
 And prayers did regard.
- 7 The Lord's my strength and shield ;
 Upon him did rely ; [my heart
 And I am helped ; hence my heart
 Doth joy exceedingly,
 And with my song I will him praise.
- 8 Their strength is God alone ;
 He also is the saving strength
 Of his anointed one.
- 9 O thine own people do thou save,
 Bless thine inheritance ;
 Them also do thou feed, and them
 For evermore advance.

PSALM XXIX.—29.

- 1 GIVE ye unto the Lord, ye sons
 That of the mighty be,
 All strength and glory to the Lord
 With cheerfulness give ye.
- 2 Unto the Lord the glory give
 That to his name is due :
 And in the beauty of hol'ness
 Unto Jehovah bow.
- 3 The Lord's voice on the waters is ;
 The God of majesty
 Doth thunder, and on multitudes
 Of waters sitteth he.
- 4 A pow'rful voice it is that comes
 Out from the Lord most high ;
 The voice of that great Lord is full
 Of glorious majesty.
- 5 The voice of the Eternal doth
 Asunder cedars tear ;
 Yea, God, the Lord, doth cedars
 break
 That Lebanon doth bear.

- 6 Is bheir e orra leum gu clist',
Amhluidh mar ghamhuinn bò :
Sliabh Shrioin is Lebanoin,
Mar bhuabhull meargant' òg.
- 7 Sgoiltidh guth Dhé an dealanach ;
Am fàsach crathaidh e ;
- 8 Seadh fàsach Chadeis mar an ceud' ;
'Se Dia a chrathas e.
- 9 Bheir guth Dhé tòs air aighibh àllt'
Grad-sgarachdainn r' an laogh ;
Is lomaidd sud na coillte dlùth',
A' rùsgadh bhàrr nan craobh :
Is ann a theampull naomha-san,
Cuiridh gach neach an céill
Glòir agus urram mòr ar Dia ;
G' a mholadh-san d'a réir. [tuil ;
- 10 Tha Dia 'na chòmhnuidh air an
'S 'na shuidh' am feasd 'na Rìgh.
- 11 Bheir Dia d'a phobull neart ; is
bheir
Dhoibh beannachadh le sith.

PSALM XXX.—30.

- 1 DHIA, molam thu, oir thog thu mi,
Gàir' m'eascair cha d'rinn dhìom.
- 2 A Dhia mo Thighearn, ghlaodh mi
riut,
Is dh'fhurtaich orm a'm' fheum.
- 3 Do thogadh m' anam leatsa, Dhé,
Glan as an uaigh a nios ;
Is ghléidh thu mi gu tèaruint' bed,
Do'n t-slochd nach rachainn sìos.
- 4 Do'n Tighearn àrd gu ceòlmhor biun
Seinnibh, a naomh-shluagh féin,
Ri cuimhneach' air a naomhachd-
Sgaoilbh a chliu an céin. [san,
- 5 Oir 'fhearg cha mhair ach mionaid
bheag,
'Na dheadh-ghean beatha ta :
Tràth feasgair fòsged robh ann bròn,
Thig aoibhneas leis an là.
- 6 A'm' shocair thubhairt mi mar so,
Cha ghluaisear mis' am feasd :
- 7 Le d' thròcair thug thu air mo chnoc
Gu daingean suas gu'n sheas :
A Dhé, do cheil thu orm do ghnùis,
Chuir sin gu trioblaid mi.
- 8 Dhia, riut do ghlaodh : is rinn ri
Mo ghearan is mo chaoidh : [Dia
- 9 Ciod i an tairbh' a'm' fhuil-sa ta,
An déigh mo chur san uaigh ?
Am molar thusa leis an ùir ?
An toir air t'fhirinn luaidh ?
- 10 Eisd rium a nis, a Dhia nan dùl,
Dean tròcair orm is gràs ;
Is bi-sa, Dhé, d'fhear-cuidich leam,
'Nuair tharlas dhomh bli 'n sàs.
- 11 Mo bhròn gu dannsadh chaochail
Is m'eudach saic faraon [thu,

- 6 He makes them like a calf to skip,
Ev'n that great Lebanon,
And, like to a young unicorn,
The mountain Sirion.
- 7 God's voice divides the flames of
fire,
- 8 The desert it doth shake ;
The Lord doth make the wilderness
Of Kadesh all to quake.
- 9 God's voice doth make the hinds to
calve,
It makes the forest bare :
And in his temple ev'ry one
His glory doth declare.
- 10 The Lord sits on the floods ; the
Lord
Sits King, and ever shall.
- 11 The Lord will give his people
strength,
And with peace bless them all.

PSALM XXX.—30.

- 1 LORD, I will thee extol, for thou
Hast lifted me on high,
And over me thou to rejoice
Mad'st not mine enemy.
- 2 O thou who art the Lord my God,
I in distress to thee,
With loud cries lifted up my voice,
And thou hast healed me.
- 3 O Lord, my soul thou hast brought
And rescu'd from the grave ; [up,
That I to pit should not go down,
Alive thou didst me save.
- 3 O ye that are his holy ones,
Sing praise unto the Lord ;
And give unto him thanks, when ye
His holiness record.
- 5 For but a moment lasts his wrath ;
Life in his favour lies :
Weeping may for a night endure,
At morn doth joy arise.
- 6 In my prosperity I said,
That nothing shall me move.
- 7 O Lord, thou hast my mountain made
To stand strong by thy love :
But when that thou, O gracious God,
Didst hide thy face from me,
Then quickly was my prosp'rous state
Turn'd into misery.
- 8 Wherefore unto the Lord my cry
I caused to ascend :
My humble supplication
I to the Lord did send.
- 9 What profit is there in my blood,
When I go down to pit ?
Shall unto thee the dust give praise ?
Thy truth declare shall it ?

- Do sgaoil thu dhìom, is chrìoslaich mi
 Le h-aoibhneas air gach taobh :
 12 Mo ghloir gu seinneadh dhuit sa cliu,
 Gun idir bhi 'na tosd :
 A Dhia mo Thighearn, bheir mi dhuit
 Mòr-bhuidheachas am feasd.

SALM XXXI.—31.

- 1 ASADSA, Dhé, nì mise bun ;
 Nàir' orm na leig am feasd :
 Dean fuasgladh dhomh a' t' ionracas,
 O trioblaid is o cheisd.
 2 Do chluas a m' ionnsuidh crom a
 Is furtaich orm gu dian : [nuas,
 A'd' charraig dhaingean bi-sa dhomh,
 Tigh-tearmuinn chum mo dhìon.
 3 Oir's tu a's carraig dhileas dhomh,
 'S mo dhaingneach làidir treun,
 Is uime sin sgàth t'ainme, Dhé,
 Treòraich, is stiùir mo cheum.
 4 Saor as an rib a dh'fholaich iad
 Buin mise mach, a Dhé :
 Air son gur tus' an ti a mhàin
 A's neart, 's a's treòir dhomh féin.
 5 A'd' làimh-sa mhàin, a Dhia nan
 Mo spiorad tiomnam suas : [dùl,
 A Dhia na fìrinn, is mo Thriath,
 'S tu dh'fhuasgail air mo chruas.
 6 Is fuath leam iad a bheir fa'near
 Na breuga diomhaineach :
 Ach dòchas ann an Dia nan gràs
 Chuir mi gu muinghinneach.
 7 A'd' thròcair biom gu h-aoibhneach
 Oir thug thu, Dhé, fa'near [ait :
 Mo trioblaid ; 's m'anam ann an
 Bha thusa fiosrach air. [teinn
 8 Cha d'rinneadh leat mo dhruideadh
 suas
 An làimh mo nàmhaid thréin :
 An àite farsuinn shocruidh thu
 Mo chosan is mo cheum.
 9 O tha mi, Dhé, an trioblaid mhòir,
 Dean tròcair orm gu cas :
 Mo shùile, m'anam, is mo bholg,
 Le bròn air seargadh as. [bròn,
 10 Oir chlaoidheadh m'anam as le
 'S mo bhliadhnacha le caoidh :
 Do bhrìgh mo lochd chaidh as do m'
 neart,
 Mo chnàmhnan air an claidh.
 11 Mar aobhar fanoid tha mi fòs
 Do m' eascairdibh gu léir,
 Gu h-àraidh do mo choimhearsnaich,
 Mar mhasladh tha mi féin :
 Is do luchd m'eòlais fòs a taim
 A'm' aobhar geilt is fuath' :

- 10 Hear, Lord, have mercy ; help me,
 Lord :
 11 Thou turned hast my sadness
 To dancing ; yea, my sackcloth loos'd,
 And girded me with gladness ;
 12 That sing thy praise my glory may,
 And never silent be.
 O Lord my God, for evermore
 I will give thanks to thee.

PSALM XXXI.—31.

- 1 IN thee, O Lord, I put my trust,
 Sham'd let me never be :
 According to thy righteousness
 Do thou deliver me.
 2 Bow down thine ear to me, with
 Send me deliverance : [speed
 To save me, my strong rock be thou,
 And my house of defence.
 3 Because thou art my rock, and thee
 I for my fortress take ;
 Therefore do thou me lead and
 guide,
 Ev'n for thine own name's sake.
 4 And sith thou art my strength, there-
 Pull me out of the net, [fore
 Which they in subtilty for me
 So privily have set.
 5 Into thine hands I do commit
 My sp'rit ; for thou art he,
 O thou, Jehovah, God of truth,
 That hast redeemed me.
 6 Those that do lying vanities
 Regard, I have abhorr'd :
 But as for me, my confidence
 Is fixed on the Lord.
 7 I'll in thy mercy gladly joy ;
 For thou my miseries
 Consider'd hast ; thou hast my soul
 Known in adversities :
 8 And thou hast not inclosed me
 Within the en'my's hand ;
 And by thee have my feet been made
 In a large room to stand.
 9 O Lord, upon me mercy have,
 For trouble is on me :
 Mine eye, my belly, and my soul,
 With grief consumed be.
 10 Because my life with grief is spent,
 My years with sighs and groans :
 My strength doth fail ; and for my
 Consumed are my bones. [sin
 11 I was a scorn to all my foes,
 And to my friends a fear ;
 And specially reproach'd of those
 That were my neighbours near :
 When they me saw they from me
 12 Ev'n so I am forgot, [fled.

- Gach neach a chi mi air an t-sràid,
A' teicheadh uam gu luath.
- 12 Mar dhuine marbh air dol á cuimhn';
Mar shoitheach briste mi:
- 13 Oir chualas toibheum mòran
Eagal gach taobh do bhi: [dhaoin';
A'm' aghaidh 'nuair a chruinnich iad,
Dhealbhadh iad mo bheathl' a sgrìos:
- 14 Ach dhìot-sa, Dhé, rinn mise bun;
Is tu mo Dhia, deir mis'.
- 15 Tha m'aimsirean a'd' làimh-sa, Dhé,
Orm furtaich agus fòir
O làimh mo naimhdean, is o'n dream
Tha leantuinn orm an tòir.
- 16 Do ghnùis is d'aghaidh dealraich-
Air t'òglach dileas féin: [eadh
Air sgàth do ghràsa carthannach,
Mo shaoradh dean gu treun.
- 17 Na leig fo nàire mhaslaidh mi,
A Dhia, oir ghairm mi ort:
Ach nàire biodh air luchd an uile;
Biodh iad san uaigh 'nan tosd.
- 18 Cuir béil nam breug, a Dhé, 'nan
Labhras gu h-àrdanach, [tamb,
'N aghaidh nam firean spreigeadh
Gu spideil tarcuiseach. [cruaidh,
- 19 Cia meud do mhaith a thaisg thu
D'an eagal thu faraon; [dhoibh,
'S a rinn thu do na dh'earbas riut,
Am fianuis chloinn nan daoin'!
- 20 O àilgheas dhaoine ni thu 'n dìon,
Fo dhiomhaireachd do ghnùis';
'S am pàillion fòs, o stri nan teang',
Ni didean dhoibh 'nan cùis.
- 21 Dia gu ma beannaichte gu bràth;
Oir dh'fhoillsich e dhomh féin
A chaoimhneas càirdeil iongantach,
An caithir làidir thréin.
- 22 Thuirt mi a'm' dheifir, tha mi
Scaitht'
O bheachd do shùl a mach:
Ach chual thu 'nuair a ghlaodh mi
Guth m'asluich ghearanaich. [riut,
- 23 Gràdhaichibh Dia, O naoimh, air
Oir Dia do'n treibhdhireach [fad:
Do ni sàr-dhion, is diol gu pàit
Do'n uaibhreach àilgheasach.
- 24 Sibhse a chuir an Dia nan gràs
Bhur dòchas mar is còir,
Bibh misneachail, is cuiridh e
Neart ann bhur cridh' is treòir.
- As men are out of mind when dead;
I'm like a broken pot.
- 13 For slanders I of many heard;
Fear compass'd me, while they
Against me did consult, and plot
To take my life away.
- 14 But as for me, O Lord, my trust
Upon thee I did lay;
And I to thee, Thou art my God,
Did confidently say.
- 15 My times are wholly in thine hand
Do thou deliver me
From their hands that mine enemies
And persecutors be.
- 16 Thy countenance to shine do thou
Upon thy servant make:
Unto me give salvation,
For thy great mercies' sake.
- 17 Let me not be ashamed, O Lord,
For on thee call'd I have:
Let wicked men be sham'd, let them
Be silent in the grave.
- 18 To silence put the lying lips,
That grievous things do say,
And hard reports, in pride and scorn
On righteous men do lay.
- 19 How great's the goodness thou for
them
That fear thee keep'st in store,
And wrought'st for them that trust
The sons of men before! [in thee
- 20 In secret of thy presence thou
Shalt hide them from man's pride:
From strife of tongues thou closely
As in a tent, them hide. [shalt,
- 21 All praise and thanks be to the
For he hath magnified [Lord;
His wondrous love to me within
A city fortified.
- 22 For from thine eyes, cut off I am,
I in my haste had said;
My voice yet heard'st thou, when to
thee
With cries my moan I made.
- 23 O love the Lord, all ye his saints;
Because the Lord doth guard
The faithful, and he plenteously
Proud doers doth reward.
- 24 Be of good courage, and he strength
Unto your heart shall send,
All ye whose hope and confidence
Doth on the Lord depend.

SALM XXXII.—32.

PSALM XXXII.—32.

- 1 'S BEANNAICHT' an duine sin a
fhuair
'Na pheacadh maitheanas;
A fhuair le tròcair folach air
A chiont' is 'eusaontas.
- 1 O BLESSED is the man to whom
Is freely pardoned
All the transgression he hath
done,
Whose sin is covered.

2 'S beannaicht' an ti nach agair Dia
'Na sheachranaibh ni's mò ;
Is ann a spiorad fòs nach 'eil
Clàon-chealgairachd no gò.

3 A' fantuinn dhomh gu fad a'm,
thàmh,
Luidh air mo chnàmhaibh aois,
Is b'ambuidh sin gach là mo chor,
Le dol do m' bhùireadh suas.

4 Oir ormsa bha do làmh gu trom,
Air feadh gach oidhch' is là :
Mo bhrìgh gu tart an t-samhraidh
theith
Air ath'rrachadh a ta.

5 Làn-fhoillsich mi mo pheacadh
dhuit,
Nior cheil mi m'aingidheachd :
Aidmheil (thuirt mi) do Dhia ni mis',
Is mhaith thu cron mo lochd.

6 So fath mu'n guidhe riut gach
naomh,
San àm am faighear thu :
Gu dearbh an tuil nan uisgean mòr,
Cha ruig iad air gu dlùth.

7 Tha thu a' t' ionad foluich dhomh,
Ni coimhead orm o theinn ;
Is nithear leat mo chuairteachadh
Le h-òran saorsa binn.

8 Dhuit teagaisgidh is seòlaidh mi
Am bealach is an t-iùil,
San tigeadh dhuitse triall gu ceart ;
Sin seòlam dhuit le m' shùil.

9 Na bi mar mhuileid, no mar each,
Na h-ainmhidhean gun chéill :
Ri'n cuirear, chum nach tig iad ort,
Teann-sparrag sréin 'nam beul.

10 Is lionmhor bròn aig luchd an
uile :
Ach neach d'am barrant Dia,
Tha 'thròcair dol m'a thimchioll-
san
G'a dhionadh mar ni sgiath.

11 A dhaoine treibhdhireach, an Dia
Bibh aoibhneach agus ait :
Is deanaibh gairdeachas, gach neach
'G an bheil an cridhe ceart.

SALM XXXIII.—33.

1 O SIBHSE ta 'nur fireanaibh,
Biodh aiteas oirbh an Dia :
Oir 's eubhaidh do na daoineibh coir,
Bhi tabhairt cliù do'n Triath.

2 Air clàrsaich thugaibh moladh dha :
Is air an t-saltair ghrinn,
Air inneal-ciùil nan teuda deich
Seinnibh do Dhia gu binn.

2 Bless'd is the man to whom the Lord
Imputeth not his sin,
And in whose sp'rit there is no guile,
Nor fraud is found therein.

3 When as I did refrain my speech,
And silent was my tongue,
My bones then waxed old, because
I roared all day long.

4 For upon me both day and night
Thine hand did heavy lie,
So that my moisture turned is
In summer's drought thereby.

5 I thereupon have unto thee
My sin acknowledged,*
And likewise mine iniquity
I have not covered :
I will confess unto the Lord
My trespasses, said I ;
And of my sin thou freely didst
Forgive th' iniquity.

6 For this shall ev'ry godly one
His prayer make to thee ;
In such a time he shall thee seek,
As found thou mayest be.
Surely, when floods of waters great
Do swell up to the brim,
They shall not overwhelm his soul,
Nor once come near to him.

7 Thou art my hiding-place, thou shalt
From trouble keep me free :
Thou with songs of deliverance
About shall compass me.

8 I will instruct thee, and thee teach
The way that thou shalt go ;
And, with mine eye upon thee set,
I will direction show.

9 Then be not like the horse or mule,
Which do not understand ;
Whose mouth, lest they come near
A bridle must command. [to thee

10 Unto the man that wicked is
His sorrows shall abound ;
But him that trusteth in the Lord
Mercy shall compass round.

11 Ye righteous, in the Lord be glad,
In him do ye rejoice :
All ye that upright are in heart,
For joy lift up your voice.

PSALM XXXIII.—33.

1 YE righteous, in the Lord rejoice ;
It comely is and right
That upright men, with thankful
voice,

Should praise the Lord of might.
2 Praise God with harp, and unto
him
Sing with the psaltery ;

- 3 Is canaibh dha-san òran nuadh :
Ard-sheinnibh fonn gun stad.
- 4 Oir 's ceart a reachd : am firinn fòs
Ta 'oibre deant' air fad.
- 5 Is ionmhuinn leis-san còir is ceart ;
Lion maitheas Dé gach tìr.
- 6 Rinn focal Dé na nèamh', 's an
sluagh
Rinn guth a bheoil gu léir.
- 7 Mar thòrr a ta e carnadh suas,
Uisge na fairge mòir' :
A' coimhead fòs na doimhne suas,
Gu dìleas an tigh-stòir.
- 8 Nis roimh an Tighearna gu mòr
Biodh cagal air gach tìr ;
Is air na dh'aiticheas an saogh'l
Biodh ogluidheachd gu léir.
- 9 Oir labhair Dia, is rinneadh e :
Dh'orduich, is chuir air chlois :
10 Chuir comhairle nan sluagh air cùl :
Is innleachd dhaoin' air ais.
- 11 Tha comhairle Iehobhah mhòir
Gu seasmhach buan am feasd ;
Smuaintean a chridhe mar an
ceudn'
O linn gu linn gun cheisd.
- 12 'S beannaicht' an cinneach sin 'g
am bheil,
Mar Dhia Iehobhah treun :
'S am pobull fòs a ròghnaich e
Mar oighreachd bhuan dha féin.
- 13 Air chloinn nan daoine seallaidh
Dia,
O nèamh nan speur a nuas.
- 14 'S léir dha gach neach sa' chruinne-
ché
O 'ionad-còmhnuidh shuas.
- 15 An cridh' air aon dòigh chumadh
leis ;
Thug e fa'near an gulomh.
- 16 Cha tèaruinn rìgh le meud a
shluaigh ;
Do'n laoch, neart mòr cha dìon.
- 17 An t-each an còmhrag 's dìomhain
e,
A dheanamh furtachd leis ;
No dheanamh suasglaidh ri àm féim,
Ge mòr a lùth 's a threis'.
- 18 Feuch, sùilean Dé gu furachair
Air a luchd eagail féin,
Is air an dream sin as a ghràs,
Ni muinghinn làidir treun :
- 19 An anam chum a dhìon o'n bhàs,
'S o'n ghoirt an cumail beò.
- 20 Ar n-anam, feithidh e air Dia ;
Ar neart, 's ar sgiath gach lò.
- 21 Oir aun-san ni ar cridh' a stigh
Ur-ghairdeachas gun dìth :

- Upon a ten-string'd instrument
Make ye sweet melody.
- 3 A new song to him sing, and play
With loud noise skilfully :
- 4 For right is God's word, all his works
Are done in verity.
- 5 To judgment and to righteousness
A love he beareth still ;
The loving-kindness of the Lord
The earth throughout doth fill.
- 6 The heavens by the word of God
Did their beginning take ;
And by the breathing of his mouth
He all their hosts did make.
- 7 The waters of the seas he brings
Together as an heap ;
And in storehouses, as it were,
He layeth up the deep.
- 8 Let earth, and all that live therein,
With rev'rence fear the Lord ;
Let all the world's inhabitants
Dread him with one accord.
- 9 For he did speak the word, and done
It was without delay ;
Established, it firmly stood,
Whatever he did say.
- 10 God doth the counsel bring to
nought
Which heathen folk do take ;
And what the people do devise
Of none effect doth make.
- 11 O but the counsel of the Lord
Doth stand for ever sure ;
And of his heart the purposes
From age to age endure.
- 12 That nation blessed is, whose God
Jehovah is, and those
A blessed people are, whom for
His heritage he chose,
- 13 The Lord from heav'n sees and be-
All sons of men full well : [holds
- 14 He views all from his dwelling-place
That in the earth do dwell.
- 15 He forms their hearts alike, and all
Their doings he observes.
- 16 Great hosts save not a king, much
strength
No mighty man preserves.
- 17 An horse for preservation
Is a deceitful thing ;
And by the greatness of his strength
Can no deliv'rance bring.
- 18 Behold, on those that do him fear
The Lord doth set his eye ;
Ev'n those who on his mercy do
With confidence rely.
- 19 From death to free their soul, in
Life unto them to yield. [dearth

Is cuiridh sinn 'na ainm ro-naomh
Ar muinghiun fòs gu sior.

- 22 Do thròcair gu robh oiran gu
A Thighearna, gach là, [caomh,
A réir mar chuir sinn annad féin
Ar dòchas treun a ghnàth.

SALM XXXIV.—34.

- 1 IEHOBAH beannaicheam gu h-àrd,
Gach aimsir is gach tràth :
A chliu 's a mholadh ann am bheul
Gu h-ìomraiteach a ghnàth.

- 2 Is ann an Tighearna ro-threun
Ni m'anam uail is glòir :
Na daoine sèimh', tràth chluinneas
sùd,

Ni gairdeachas gu mòr.

- 3 Ardaichibh leamsa Dia nam feart,
Molamaid 'ainm le chèil' :

- 4 Dh'iarr mise Dia, chual' e, is bhuin
Mi as gach gàbhadh geur.

- 5 Dh'ainhaire iad air, is dhealraich
Gun nàire air an gruaidh. [iad ;

- 6 Do ghlaodh am bochd, is dh'éisd ris
Dia,
Is dh'fhuasgail as gach truaigh.

- 7 Tha aingeal Dé a' campachadh
Mu'n dream d'an eagal e,
Gam fuasgladh is g'an teasairginn
O'n trioblaidibh gu léir.

- 8 O blaisibh agus faicibh so,
Gu maith, 's gur milis Dia :
Am fear sin 's beannaicht' e gu
A dh' earbas as an Triath. [beachd

- 9 Fìor eagal Dé, biodh oirbh, a naoimh ;
Oir oireasbhuidh no dìth
Cha bhi air a luchd eagail-san,
Fìor-chràbhadh dha a ni.

- 10 Bidh easbhuidh air na leòmhnaibh
Is ocras orr' air leth ; [òg',
Ach air an dream a dh'iarras Dia
Cha cheilear aon ni maith.

- 11 Thigibh a chlann, is éisdibh rium :
Dhuibh nochdam eagal Dé.

- 12 Cò'm fear le'm b'àill bhi fada beò,
Chum maith gu faiceadh e ?

- 13 Coimhid do theaghadh féin o'n olc,
'S o labhairt ceilg' do bheul.

- 14 Seachainn an t-olc, is dean am
maith :

Iarr sìochaint, 's lean gu geur.

- 15 Tha sùile Dhé air fircanaibh,
S a chluas ri'n glaoth gu fìor.

- 16 Tha gnùis Dhé 'n aghaidh daoi, a
An cuimhne sgrios a tìr. [chum

- 17 Do ghlaodh na fireana ri Dia,
Is dh'éisd e riu gu grad ;

Thug furtachd agus fuasgladh dhoibh
O'n àmhgharaibh air fad.

- 20 Our souldoth wait upon the Lord ;
He is our help and shield.

- 21 Sith in his holy name we trust,
Our heart shall joyful be.

- 22 Lord, let thy mercy be on us,
As we do hope in thee.

PSALM XXXIV.—34.

- 1 GOD will I bless all times ; his
praise

My mouth shall still express.

- 2 My soul shall boast in God : the
meek

Shall hear with joyfulness.

- 3 Extol the Lord with me, let us
Exalt his name together.

- 4 I sought the Lord, he heard, and did
Me from all fears deliver.

- 5 They look'd to him, and lighten'd
were :

Not shamed were their faces.

- 6 This poor man cried, God heard, and
sav'd

Him from all his distresses.

- 7 The angel of the Lord encamps,
And round encompasseth
All those about that do him fear,
And them delivereth.

- 8 O taste and see that God is good :
Who trusts in him is bless'd.

- 9 Fear God, his saints : none that him
fear

Shall be with want oppress'd.

- 10 The lions young may hungry be,
And they may lack their food :
But they that truly seek the Lord
Shall not lack any good.

- 11 O children, hither do ye come,
And unto me give ear ;

I shall you teach to understand
How ye the Lord should fear.

- 12 What man is he that life desires
To see good would live long ?

- 13 Thy lips refrain from speaking guile
And from ill words thy tongue.

- 14 Depart from ill, do good, seek
peace,

Pursue it earnestly.

- 15 God's eyes are on the just ; his ears
Are open to their cry.

- 16 The face of God is set against
Those that do wickedly,

That he may quite out from the
Cut off their memory. [earth

- 17 The righteous cry unto the Lord,
He unto them gives ear ;

And they out of their troubles all
By him deliver'd are.

- 18 Do'n mhuinntir 'g am bheil cridhe brùit'
Is dlùth dhoibh Dia gun cheisd :
Ni esan furtachd fòs do'n dream
'G am bheil an spiorad brist'.
- 19 Is lionmhor trioblaid agus teion
Thig air an fhìrean chòir ;
Ach asd' air fad ni Dia nan gràs
A theasaiginn fadheòidh.
- 20 A chnàmhan uile coimhdidh e :
Cha'n 'eil a h-aon diubh brist'.
- 21 Ach marbhaidh olc an duine daoibh,
Is claidhear e gun cheisd :
Is luchd an fharmaid, a bheil fuath
Do dhaoibh còir is ceart,
Mòr-chiontach fàgar iad 'nan lochd,
Di-mhilltear iad gu beachd.
- 22 Anam a sheirbhiseach gu léir
Saor-fhuasglaidh Dia gach àm,
Cha mhilltear idir neach dhiubh sud
Chuireas an dòchas ann.

SALM XXXV.—35.

- 1 TAGAIR, a Dhia, ri luchd mo stri ;
Cuir cath ri luchd mo chath'.
- 2 Glac féin do thargaid, is do sgiath,
Eirich, dean còmhnaidh maith.
- 3 Glac fòs do shleagh, 's air luchd mo thòir
Am bealach druid gu teann ;
Ri m'anam abair féin mar so,
Is mi do chòmhnaidh ann.
- 4 Trom-nàir' is masladh gu robh dhoibh
Ta 'g iarraidh m'anam' bhochd :
Is pilleadh iad le h-amhluidh geur,
Ta smuaineachadh dhomh lochd.
- 5 Biodh iad mar mhuillnein dol le gaoith :
'Nan tòir biodh aingeal Dé :
- 6 Biodh aingeal Dé 'g an ruith gu teann,
Dorch sleamhuinn biodh an ceum.
- 7 Oir lontan leag iad air mo shon,
Gun aobhar no cion-fàth ;
Is slochd gun aobhar chladhaich iad,
Chum m'anam chur an sàs.
- 8 Gun fhios da, thigeadh dòruinn air,
Is glacar e san lion
A dh'fholuich e : san dòruinn cheudn'
Tuitedh e féin gu dian.
- 9 Ni m'anam gairdeachas an Dia ;
'S 'na fhurtachd sòlas mòr.
- 10 Is their mo chnàmhan uile, Dhé,
Cò choimeas riuts' is còir ?
Ni teasairginn do'n duine bhochd
O'n neach ta air ro-threun,

- 18 The Lord is ever nigh to them
That be of broken sp'rit ;
To them he safety doth afford
That are in heart contrite.
- 19 The troubles that afflict the just
In number many be ;
But yet at length out of them all
The Lord doth set him free.
- 20 He carefully his bones doth keep,
Whatever can befall :
That not so much as one of them
Can broken be at all.
- 21 Ill shall the wicked slay ; laid waste
Shall be who hate the just.
- 22 The Lord redeems his servants' souls ;
None perish that him trust.

PSALM XXXV.—35.

- 1 PLEAD, Lord, with those that plead ;
and fight
With those that fight with me.
- 2 Of shield and buckler take thou hold,
Stand up mine help to be.
- 3 Draw also out the spear, and do
Against them stop the way
That me pursue ; unto my soul,
I'm thy salvation, say.
- 4 Let them confounded be and sham'd
That for my soul have sought :
Who plot my hurt turn'd back be they,
And to confusion brought.
- 5 Let them be like unto the chaff
That flies before the wind :
And let the angel of the Lord
Pursue them hard behind.
- 6 With darkness cover thou their way,
And let it slipp'ry prove ;
And let the angel of the Lord
Pursue them from above.
- 7 For without cause have they for me
Their net hid in a pit,
They also have without a cause
For my soul digged it.
- 8 Let ruin seize him unawares ;
His net he hid withal
Himself let catch ; and in the same
Destruction let him fall.
- 9 My soul in God shall joy ; and glad
In his salvation be :
- 10 And all my bones shall say, O Lord,
Who is like unto thee,
Which dost the poor set free from
That is for him too strong ; [him

- An t-ainnis is am bochd o'n tì
Le'm b'aill a chlaoidh gu léir.
- 11 Luchd fianuis bhréige dh'éirich
Is chuir iad as mo leth [rium,
Na nithe sin gu h-eucorach,
Nach b' fhiosrach mi am bith.
- 12 Olc dhíol iad rium an éiric maith,
Chum m'anam chur fo leòn.
- 13 Ach mis', air bhí dhoibh sud gu
tinn,
Ghabh umam culaidh bhròin :
M'anam le trasgadh dh'ùmhlaich
mi,
'S phill m'urnuigh ann am chrìos.
- 14 Mar charaid, bràth'r, no fear-caoidh
màth'r
Gu brónach crom ghluais mis'.
15 Ach chruinich iad, is bhà iad ait,
Air bhí dhomh ann an teinn :
Gun fhios domh, chruinnich cuid-
eachd thàir,
Gun tàmh mo reubadh rinn.
- 16 Le cealgairibh gu fanoideach,
'Nan féisd riun spòrsa dhiom,
Do chasadh leo am fiacra rium,
Ri magadh orm gu dian.
- 17 Cia thad is léir dhuit so, a Dhé ?
Saor m'anam féin gu cas
O'm milleadh-san : mo sheircein
fòs,
Tèaruinn o ledmhnaibh bras.
- 18 Làn-bhuidheachas do bheir mi dhuit
Am measg an tionail mhòir ;
'S am measg an t-sluaigh tràth 's
lionmhor iad,
Ard-mholam thu le glòir.
- 19 Mo naimhde ta gun aobhar rium,
Na biodh ac' aoibhneas dhiom :
Do'n dream a thug domh fuath gun
A'm' chaogadh sùl na biom. [chùis
- 20 Oir ann an sìth cha'n 'eil an tlachd,
Ach ann am beartaibh claon,
An aghaidh dhaoine ciùin na tìr',
'G am buaireadh air gach taobh.
- 21 Gu farsuinn dh'fhosgail iad am
Is rium, ha, ha, a deir, [beul,
Chunnaic a nis ar sùil an ni
Bu mhiannach leinn teachd air.
- 22 Ach chunnaic thusa so, a Dhia,
Na bi a'd' thosd a'm' fheum :
A Thighearn is a Dhia nam feart,
Na fuirich uam an céin.
- 23 Tog ort, is fosgail chum mo cheirt,
Fu m' chùis, mo Dhia, 's mo Rìgh.
- 24 Dhia, dean a réir do cheartais breth,
Is dhoibh na b'aoibhneas mi.
- 25 'Nan crìdh' na h-abradh iad riu
Ha, ha, 'se sud ar miann : [féin,

- The poor and needy from the man
That spoils and does him wrong ?
- 11 False witnesses rose ; to my
charge
Things I not knew they laid.
- 12 They to the spoiling of my soul,
Me ill for good repaid.
- 13 But as for me, when they were
sick,
In sackcloth sad I mourn'd :
My humbled soul did fast, my
pray'r
Into my bosom turn'd.
- 14 Myself I did behave as he
Had been my friend or brother ;
I heavily bow'd down, as one
That mourneth for his mother.
- 15 But in my trouble they rejoic'd,
Gath'ring themselves together ;
Yea, abjects vile together did
Themselves against me gather :
I knew it not ; they did me tear,
And quiet would not be.
- 16 With mocking hypocrites, at
feasts
They gnash'd their teeth at me.
- 17 How long, Lord, look'st thou on ?
from those
Destructions they intend
Rescue my soul, from lions young
My darling do defend.
- 18 I will give thanks to thee, O Lord,
Within th' assembly great :
And where much people gather'd
Thy praises forth will set. [are
- 19 Let not my wrongful enemies
Proudly rejoice o'er me ;
Nor who me hate without a cause
Let them wink with the eye.
- 20 For peace they do not speak at all ;
But crafty plots prepare
Against all those within the land
That meek and quiet are.
- 21 With mouths set wide, they 'gainst
me said,
Ha, ha ! our eye doth see.
- 22 Lord, thou hast seen, hold not thy
Lord, be not far from me. [peace ;
- 23 Stir up thyself ; wake, that thou
may'st
Judgment to me afford,
Ev'n to my cause, O thou that art
My only God and Lord.
- 24 O Lord my God, do thou me judge
After thy righteousness ;
And let them not their joy 'gainst
me
Triumphantly express ;

- Is fòs na h-abradh iad a chaoidh,
Do shluig sinu e gu dian.
26 Biodh orra nàir', is tairngear iad
Gu h-amhladh mòr le chéil',
A ta gu suilbhir is gu h-ait,
Ri faicinn m' àmbghair ghéir :
Is biodh iad air an sgeudachadh
Le masladh is le nàir',
Tha 'g iarraidh urraim mhòir dhoibh
A'm' aghaidh-sa gun tàmh. {féin
27 Biodh aoibhneas orra, 's gairdeach-
A sheasas dhomh mo chòir : {as,
Is abradh iad, Mòr chliu gu robh
Do Thighearna na glòir',
Tha gabhail tlachd do shonas buan
A sheirbhisich a ghnàth.
28 Is air do cheartas thig mo bheul,
Is air do chliu gach là.

SALM XXXVI.—36.

- 1 DEIR eusaontas an droch-dhuin' so,
'Na chridhe stigh 'sna chliabh
Fior-eagal Dé am beachd a shùl
Cha 'n 'eil, is cha robh riamh.
2 Oir ni e brionnal baoth ris féin
A réir mar thaitneas ris ;
A chionta gus am foillsichear
Mar aobhar fuath d'a sgrios.
3 Fior-chluaintearachd is encoir mhòr,
Sud cainnt a bheoil gu tric :
Is sgair e fòs o dheanamh maith,
Is leig e dheth bhi glic.
4 Aimeas 'na leabaidh tha e dealbh ;
San t-slighe nach 'eil ceart
Shuidhich is shoeruch se e féin ;
Cha'n oillteil leis droch bheart.
5 Do thròcair tha sna nèamhaibh
A Thighearna is a Dhé : {shuas,
Gu ruig na neoil, is àird nan speur,
Làn roigidh t'fhìrion réidh.
6 Do cheartas mar na sléibhtibh àrd',
Do bhreth mar dhoimhneachd
mhòir ;
Air duine 's ainmhidh ni thu, Dhé,
Dcadh-choimhead agus fòir.
7 O Dhia ! is priseil urramach
Do chaoimhneas gràdhach caoin ;
Fo sgàil do sgéith ni uime sin,
Làn dòchas clann nan daoine'.
8 Le sàil do theach is t'àrois phailt
Sàsuichear iad gu mòr ;
A t'ainhainn làn do shòlasaibh
Deoch bheir thu dhoibh r'a h-òl.
9 Tobar na beatha tha gu dearbh
Agadsa, Dhia nan dùl ;
Is ann ad sholas dealrach glan,
Chi sinne solus iùil.

- 25 Nor let them say within their
hearts,
Ah, we would have it thus ;
Nor suffer them to say, that he
Is swallow'd up by us.
26 Sham'd and confounded be they all
That at my hurt are glad ;
Let those against me that do boast
With shame and scorn be clad,
27 Let them that love my righteous
cause,
Be glad, shout, and not cease
To say, The Lord be magnified,
Who loves his servant's peace.
28 Thy righteousness shall also be
Declared by my tongue ;
The praises that belong to thee
Speak shall it all day long.

PSALM XXXVI.—36.

- 1 THE wicked man's transgression
Within my heart thus says,
Undoubtedly the fear of God
Is not before his eyes.
2 Because himself he flattereth
In his own blinded eye,
Until the hatefulnes be found
Of his iniquity.
3 Words from his mouth proceeding
are,
Fraud and iniquity :
He to be wise, and to do good,
Hath left off utterly.
4 He mischief, lying on his bed,
Most cunningly doth plot :
He sets himself in ways not good,
Ill he abhorreth not.
5 Thy mercy, Lord, is in the heav'ns ;
Thy truth doth reach the clouds .
6 Thy justice is like mountains
great ;
Thy judgments deep as floods :
Lord, thou preservest man and
beast.
7 How precious is thy grace !
Therefore in shadow of thy wings
Men's sons their trust shall place.
8 They with the fatness of thy house
Shall be well satisfied ;
From rivers of thy pleasures thou
Wilt drink to them provide.
9 Because of life the fountain pure
Remains alone with thee ;
And in that purest light of thine
We clearly light shall see.

- 10 Maireadh do chaoimhneas gràidh, a
Do'n dream chùir eòlas ort : [Dhé,
Is buanaich t'fhreantachd faraon
Do luchd a' chridhe cheirt.
- 11 Na leig do chois an àrdain bhuirb
A'm' aghaidh teachd, a Dhé :
Is làmh an droch dhuin' aingidh fòs
Gu bràth na gluaiseadh mi.
- 12 An sin do thuit luchd-deanamh
Is leagadh iad a sìos, [uile ;
Ag diobhail luith cha'n fheudar leo,
Gu'n éirich iad a nios.

PSALM XXXVII.—37.

- 1 LASAN no campar na biodh ort
Mu dhaoibh aingidh olc,
Is na gabh farmad ris an dream
A bhios a' deanamh lochd.
- 2 Oir amhluidh mar is dual do'n sheur,
Glan-sgathar iad gu grad,
Is amhluidh mar na lusa maoth'
Crìon-seargaidh iad air fad.
- 3 Cuir-sa do dhòchas ann an Dia,
Is deanar maithneas leat,
Mar sin sìor-mhealaidh tu an tìr,
'S beathaichear thu gu beachd.
- 4 Gabh tlachd an Dia, is bheir e dhuit
Làn rùn do chridh' a chaoidh.
- 5 Do shlighe tabhair suas do Dhia ;
Earb ris, is bheir gu crìch.
- 6 Foillsichidh e do chòir 's do cheart,
Mar sholus glan nan tràth ;
Is amhluidh mar àrd-mheadhon là
Do bhreitheanas a ghnàth.
- 7 Gu sàmhach fan ri Dia nan dùil,
Is feith le foighid leis ;
An ti 'na shligh' a shoirbhicheas,
Na gabh-sa farmad ris :
- Fa chùis an fhir a bheir gu buil
A dhroch-bheart innleachdach.
- 8 Leig corruich dhìot, tréig fearg :
Na bi-sa frionasach. [ehum uile
- 9 Oir droch-dhaoin' is luchd deanamh
Glan-sgathar as gu léir ; [uile
Ach lion 'g am bheil an sùil ri Dia,
Buan-mhealaidh iad an tìr.
- 10 Oir feith gu foil rè tamuill blig,
'S an droch dhuin' cha bhi ann :
'S 'na ionad fòs, na bheir fa'near,
Cha bhi e fèin no 'chlann.
- 11 Ach mealaidh daoine sèimh am
Am fearann is an tìr : [feasd
Làn-shòlas bheirear dhoibh faraon,
An saobhireachd na sìth'.
- 12 Tha 'n t-aingidh cumadh lochd do'n
'S a' casadh 'fhiacra ris. [t-saoi,
- 13 Ni Dia air fanoid : oir dha 's léir
Gur dlùth air là a sgrios.

- 10 Thy loving-kindness unto them
Continue that thee know ;
And still on men upright in heart
Thy righteousness bestow.
- 11 Let not the foot of cruel pride
Come, and against me stand ;
And let me not removed be,
Lord, by the wicked's hand.
- 12 There fallen are they, and ruined,
That work iniquities :
Cast down they are, and never shall
Be able to arise.

PSALM XXXVII.—37.

- 1 FOR evil-doers fret thou not
Thyself unquietly ;
Nor do thou envy bear to those
That work iniquity.
- 2 For, even like unto the grass
Soon be cut down shall they ;
And, like the green and tender herb,
They wither shall away.
- 3 Set thou thy trust upon the Lord,
And be thou doing good ;
And so thou in the land shalt dwell,
And verily have food.
- 4 Delight thyself in God ; he'll give
Thine heart's desire to thee.
- 5 Thy way to God commit, him trust,
It bring to pass shall he.
- 6 And, like unto the light, he shall
Thy righteousness display ;
And he thy judgment shall bring
Like noon-tide of the day. [forth,
- 7 Rest in the Lord, and patiently
Wait for him : do not fret
For him who, prosp'ring in his way,
Success in sin doth get.
- 8 Do thou from anger cease, and wrath
See thou forsake also :
Fret not thyself in any wise,
That evil thou should'st do.
- 9 For those that evil-doers are
Shall be cut off and fall :
But those that wait upon the Lord
The earth inherit shall.
- 10 For yet a little while, and then
The wicked shall not be ;
His place thou shalt consider well,
But it thou shalt not see.
- 11 But by inheritance the earth
The meek ones shall possess :
They also shall delight themselves
In an abundant peace.
- 12 The wicked plots against the just,
And at him whets his teeth ;
- 13 The Lord shall laugh at him, because
His day he coming seeth.

- 14 Na h-aingidh tharruing iad an lann;
Is chuir am bogh' air ghleus,
A leagadh aim-beartach is bhochd,
'Sa mharbhadh luchd deadh bheus.
- 15 An claidheamh théid 'nan cridhe
Théid air am bogha claidh. [féin,
16 'S fearr beagan aig an duine chòir,
Na saobhreas mòr nan daoì.
- 17 Oir gairdeana luchd aingidheachd
Min-bhrisear air au cruas;
Ach daoine còir is fireanach
Ni Dia an cumail suas.
- 18 Air aimsiribh nam fireanach
Is fiosrach Dia gun cheisd:
An oighreachd is an seilbh faraon,
Dhoibh 's maireannach am fead.
- 19 Cha chuirear iad gu rudhadh
gruaidh,
'S an aimsir ghàbhaidh olc:
Oir gheibh iad uil' an sàth gu leòr
An làithibh gainne 's gort'.
- 20 Ach sgriosar droch dhaoìn', naimhde
Dhé,
Bidh iad mar shaill nan uan:
Làn-mhillear iad, is théid dhoibh as,
Mar dheataich nach 'eil buan.
- 21 An iasachd gabhaidh daoine daoì,
'S cha diol a ris air ais;
Am firean tha e tròcaireach,
Is nithear pailteas leis.
- 22 Oir mbeud 's afhuair a bheannachd-
Sior-mhealaidh iad an tìr: [san,
'S an dream a gheibh a mhallachd-
Lom-sgriosar iad gu léir. [san,
- 23 Tha Dia a' stiùireadh cheumanna
An duine naoimha chòir:
Is tha e gabhail tlachd is toil'
D'a shlighe-san gu mòr.
- 24 Nan tarladh dia gu'n tuiteadh e,
Cha tilgear tur e sìos:
Oir tha an Tighearna le 'làimh
'G a chumail suas a ris.
- 25 Bha mise òg, 's a nis an aois;
Is riamh cha'n fhaca mi
'Na dhiobrathan an duine còir,
No 'shliochd ag iarraidh bidh.
- 26 Sior-thruacant' e, is coingheallach:
Beannaicht' a shliochd a ta.
- 27 Seachainn an t-olc, is dean am maith,
Is còmhnuidh gabh gu bràth.
- 28 Is toigh le Dia ceart bhreitheanas,
A naoimh cha tréig e chaoidh;
Sior-choimhdear iad: ach sgathar sìos
Droch shliochd nan daoine daoì.
- 29 Mealaidh na fireana an tìr;
Buan-chòmhnuidh ni iad innt'.
- 30 Thig beul an t-saoi air gliocas glan,
A theang' air rogha cainnt.
- 14 The wicked have drawn out the
sword,
And bent their bow, to slay
The poor and needy, and to kill
Men of an upright way.
- 15 But their own sword, which they
have drawn,
Shall enter their own heart:
Their bows which they have bent
And into pieces part. [shall break,
- 16 A little that a just man hath
Is more and better far
Than is the wealth of many such
As lewd and wicked are.
- 17 For sinners' arms shall broken be;
But God the just sustains.
- 18 God knows the just man's days, and
Their heritage remains. [still
- 19 They shall not be ashamed when they
The evil time do see;
And when the days of famine are,
They satisfied shall be.
- 20 But wicked men, and foes of God,
As fat of lambs, decay;
They shall consume, yea, into smoke
They shall consume away.
- 21 The wicked borrows, but the same
Again he doth not pay;
Whereas the righteous mercy shows,
And gives his own away.
- 22 For such as blessed be of him
The earth inherit shall;
And they that cursed are of him
Shall be destroyed all.
- 23 A good man's footsteps by the Lord
Are ordered aright;
And in the way wherein he walks
He greatly doth delight.
- 24 Although he fall, yet shall he not
Be cast down utterly;
Because the Lord with his own hand
Upholds him mightily.
- 25 I have been young, and now am
Yet have I never seen [old,
The just man left, nor that his seed
For bread have beggars been.
- 26 He's ever merciful, and lends:
His seed is bless'd therefore.
- 27 Depart from evil, and do good,
And dwell for evermore.
- 28 For God loves judgment, and his
Leaves not in any case; [saints
They are kept ever: but cut off
Shall be the sinner's race.
- 29 The just inherit shall the land,
And ever in it dwell: [speak;
- 30 The just man's mouth doth wisdom
His tongue doth judgment tell.

38 SALM XXXVIII.

- 31 Tha lagh a Dhé 'na chridh' a stigh ;
Cha sleamhnuich uaith a cheum.
- 32 Tha'n droch dhuin' feitheamh air
an t-saoi,
G'a mharbhadh is g'a theum.
- 33 Cha 'n fhàgan Tighearn e 'na làimh,
A dheanamh air droch-bheirt ;
Cha'n fhàgar ris e ann am binn,
Tràth chuirear e fo cheirt.
- 34 Feith thus' air Dia, 's 'na shligh'
Is àrduichear leis thu, [gluais
An tingu meal thu ; is droch dhaoin'
'G am milleadh chi do shùil.
- 35 An duine malluicht' chuunnaic mi
An neart, 's an inbhe mhòir,
'Ga sgaoileadh féin a mach mar
A' fas gu dosrach ùr ; [chraoibh,
- 36 Ach chaidh e seach, is feuch cha
Dh'iarr, is cha d'fhuaras e. [robh ;
- 37 Amhaire is feuch gur sith is crìoch
Do'n duine dhìreach réidh.
- 38 Ach sgriosar luchd an eusaontais,
Is théid dhoibh as faraon :
Di-mhilltear agus sgathar sìos
Crìoch dheireannach dhroch
dhaoin'.
- 39 Ach furtachd fhior nam firean fòs,
Thig sin o Dhia nan dùl :
Is anns an àimsir thrioblaidich,
'S e 's barrant air an cùl.
- 40 Thig treis is furtachd thuc' o Dhia,
Le fuasgladh an deadh àm ;
Saorar iad leis o dhaoineibh olc,
Oir chuir iad muinghinn ann.
- SALM XXXVIII.—38.
- 1 A THIGHEARN, ann ad chorroich
mhòir
Na cronuich mi gu garg ;
Na dean mo smachdachadh gu geur,
An uair a lasas t'fhearg.
- 2 Oir tha do shaighde guineach geur
Sàith' annam féin gu teann :
Is orm a ta do làmh gu trom,
'G am chumail sìos gach àm.
- 3 Cha'n 'eil maoin fhallaineachd a'm'
Air son do chorroich ghéir ; [fheòil,
A'm' chnàmhaibh cha 'n 'eil tàmh
no fois,
Air son mo pheacaidh féin.
- 4 Oir chaidh mo pheacaidh os mo
cheann ;
Tàid orm 'nan eire thruim.
- 5 Mo chrenchda ta ro-lobhta, 's breun ;
Mo ghòruich 's coireach rium.
- 6 Tha mi gu cràiteach, euslan, crom,
A' triall gach là le bròn.
- 7 Mo leasraidh làn do ghalar breun' :
Gun fhallaineachd a'w' fheòil

PSALM XXXVIII.

- 31 In's heart the law is of his God,
His steps slide not away.
- 32 The wicked man doth watch the
And seeketh him to slay. [just,
- 33 Yet him the Lord will not forsake,
Nor leave him in his hands :
The righteous will he not condemn,
When he in judgment stands.
- 34 Wait on the Lord, and keep his
And thee exalt shall he [way,
Th' earth to inherit ; when cut off
The wicked thou shalt see.
- 35 I saw the wicked great in pow'r,
Spread like a green bay-tree :
- 36 He pass'd, yea, was not ; him I
sought,
But found he could not be.
- 37 Mark thou the perfect, and behold
The man of uprightness ;
Because that surely of this man
The latter end is peace.
- 38 But those men that transgressors are
Shall be destroy'd together ;
The latter end of wicked men
Shall be cut off for ever.
- 39 But the salvation of the just
Is from the Lord above ;
He in the time of their distress
Their stay and strength doth prove.
- 40 The Lord shall help, and them de-
He shall them free and save [liver :
From wicked men ; because in him
Their confidence they have.
- PSALM XXXVIII.—38.
- 1 IN thy great indignation,
O Lord, rebuke me not ;
Nor on me lay thy chast'ning hand,
In thy displeasure hot.
- 2 For in me fast thine arrows stick,
Thine hand doth press me sore :
- 3 And in my flesh there is no health,
Nor soundness any more.
- This grief I have, because thy
Is forth against me gone ; [wrath
And in my bones there is no rest,
For sin that I have done.
- 4 Because gone up above mine head
My great transgressions be ;
And, as a weighty burden, they
Too heavy are for me.
- 5 My wounds do stink, and are cor-
My folly makes it so. [rupt ;
- 6 I troubled am, and much bow'd
All day I mourning go. [down ;
- 7 For a disease that loathsome is
So fills my loins with pain,
That in my weak and weary flesh
No soundness doth remain.

- 8 Taim lag is brùit: a' bùireadh fòs
Tre an-shocair mo chridh'.
- 9 A'd' làth'r, a Dhé, tha m'uile mhiann:
Cha'n fholuicht' ort mo chaidh.
- 10 Mo chridhe ta sior-phlòscartaich,
Mo neart chaidh uam gu glan;
An taic ri fradharc geur mo shùl,
Sin agam fòs cha d'fhan. [caomh
- 11 Tha luchd mo ghaoil 's mo chairde
A' seasamb fad o m' bheum,
Mo choimhearsnaich is luchd mo
A' teicheadh uam an céin. [phàirt
- 12 Sealg orm a ta luchd iarraidh
m'anm':
Luchd iarraidh m'uile a ghnàth,
A' labhairt nithe aimhleasach,
'S a' smuaineach' ceilg' gach là.
- 13 Ach mise fòs mar bhodhar mi,
Nach cluinneadh guth no sgeul:
Is cosmhuil mi ri duine balbh,
Gun chomas fosglaidh béil.
- 14 Marsin mar dhuine mi nach cluinn,
Gun aclmhasan 'na bheul.
- 15 Oir dh' earb mi riut, a Dhé, mo
Thriath:
Dhia, freagraidh tus' a'm' fheum.
- 16 Thubhairt mi, chum nach maoidh-
eadh iad,
Thoir freagradh dhomh gu cas;
Is chum nach dean iad gairdeachas
'N tràth shleamhnuicheas mo chas.
- 17 Oir 's dlùth chum claonaidh mi, 's
mo bhròn,
A'm' shianuis tha do ghnàth.
- 18 Mo lochd do inneam, is fo m'
Mòr aimheal orm-sa ta. [chiont',
- 19 Ach mheud 's a ta 'nan naimhde
dhomh,
'S ro bheothail iad 's is treun;
Is luchd mo mhi-rùin eucorach,
Taid lionmhor mar an ceudn'.
- 20 'S iad sin a's naimhde dhomh gu
fior,
Luchd-diolaidh maith le h-olc;
Air son gu bheil mi leantuinn air
An ni tha maith gun lochd.
- 21 Na tréig mi, Thighearna: mo Dhia,
Na bi-sa uam an céin.
- 22 Dhia, greas a chum mo chuideach-
Oir 's tu mo shlàinte féin. [aidh,

SALM XXXIX.—39.

- 1 THUBHAIRT mi, bheir mi féin fa'near
Mo shlighe; 's ni mi fòs [sréin,
Mo theangadh choimhead mar le
Air bhith do'n daoib' a'm' chòir.
- 2 Dh'fhan mi gu tosdach balbh a'm'
thàn, h,
O'n ni sin féin bu mhaith;

- 8 So feeble and infirm am I,
And broken am so sore,
That, through disquiet of my heart,
I have been made to roar.
- 9 O Lord, all that I do desire
Is still before thine eye;
And of my heart the secret groans
Not hidden are from thee.
- 10 My heart doth pant incessantly,
My strength doth quite decay;
As for mine eyes, their wonted light
Is from me gone away.
- 11 My lovers and my friends do stand
At distance from my sore;
And those do stand aloof that were
Kinsmen and kind before.
- 12 Yea, they that seek my life lay
snakes:
Who seek to do me wrong,
Speak things mischievous, and de-
ceive. Imagine all day long. [ceits
- 13 But as one deaf, that heareth not,
I suffer'd all to pass;
I as a dumb man did become,
Whose mouth not open'd was:
- 14 As one that hears not, in whose
mouth
Are no reproofs at all.
- 15 For, Lord, I hope in thee: my God,
Thou'lt hear me when I call.
- 16 For I said, Hear me, lest they should
Rejoice o'er me with pride;
And o'er me magnify themselves,
When as my foot doth slide.
- 17 For I am near to halt, my grief
Is still before mine eye:
- 18 For I'll declare my sin, and grieve
For mine iniquity.
- 19 But yet mine en'mies lively are,
And strong are they beside;
And they that hate me wrongfully
Are greatly multiplied.
- 20 And they for good that render ill,
As en'mies me withstood;
Yea, ev'n for this, because that I
Do follow what is good.
- 21 Forsake me not, O Lord; my God,
Far from me never be.
- 22 O Lord, thou my salvation art,
Haste to give help to me.

PSALM XXXIX.—39.

- 1 I SAID, I will look to my ways,
Lest with my tongue I sin:
In sight of wicked men my mouth
With bridle I'll keep in.
- 2 With silence I as dumb became,
I did myself restrain

Mhosgail mo thrioblaid is mo bhròn
Annam gu mòr a stigh.

3 Air bhith dhomh smuaineachadh
mar so,

Do ghabh mo chridhe teas :

Is las an teine : is mar so

Le m' theangaidh labhair mis' :

4 Thoir fios, a Dhé, dhomh air mo

Tomhas mo là ciod e : [chrìch,

Gu'm faighinn eòlas agus fios

Cia h-anmhuun gearr mo ré.

5 Feuch rinn thu mar leud bois' mo

Mar neo-ni agad m'aois : [làith',

Gach neach d'a fheabhas, e gu fìor,

'S nì diomhanach gun phris.

6 An samhladh bréig' a' siubhal fòs

Gach duine ta gu dearbh :

Gun suaimhneas fòs 'gam buaireadh

An diomhanas gun tairbh' : [féin,

A' torradh nithe, 's cur ri chéil'

Mòr bheartais air gach dòigh,

Gun fhios co'n t-oighre chruinnich-

No mhealas iad fadheòidh. [eas,

7 Ciod nis ri'm feitheam féin, a Dhé ?

Mo dhèchdas dhìot do nim'.

8 Saor mi o m'uile lochd ; 's na dean

Ball-maslaidh an-daoin' dhiom.

9 Dh'fhan mi a'm' thosd, gun fhosg-

Oir leatsa rinneadh e. [ladh béil,

10 Tog dhiom do bhuille, Dhé : le

beum

Do làimhe chlaoidheadh mi.

11 Tràth chronuichear leat neach m'a

lochd,

Mar chnuimh théid as d'a shnuadh :

Gu deimhin féin 's fìor-dhiomhanas

Gach duin' air bith do'n t-sluagh.

12 Dhia, éisd ri m'urnuigh, is ri m'

ghlaodh ;

Ri m' dheòir a'd' thosd na bi ;

Oir 's coigreach agad, is fear cuairt,

Mar m'athraibh uile mi.

13 Dhia, coigil agus caomlain mi,

Gu faighinn neart ri m' bheò

Mu'n siubhail mi, a' dol do'n eug,

'S nach bi mi ann ni's mò.

SALM XL.—40.

1 DH'FHEITH mi le foighid mhaith ri
Dia,

Chrom thugam, dh'éisd mo ghuth :

2 Is thug se á slochd uamhuinn mi,

A clabar criadha tiugh :

Air carraig chòmhnaidh chuir mo

Mo cheuman shocruidh e. [chos;

3 Is òran nuadh chuir e a'm' bheul,

Gu b'e sud moladh Dhé :

Chi mòran e, 's fo eagal bi'd,

Is earbaidh iad á Dia.

From speaking good ; but then the
more

Increased was my pain.

3 My heart within me waxed hot ;

And, while I musing was,

The fire did burn : and from my
tongue

These words I did let pass :

4 Mine end, and measure of my days,

O Lord, unto me show

What is the same ; that I thereby

My frailty well may know.

5 Lo, thou my days an handbreadth

mad'st ;

Mine age is in thine eye

As nothing : sure each man at best

Is wholly vanity.

6 Sure each man walks in a vain show

They vex themselves in vain :

He heaps up wealth, and doth not
know

To whom it shall pertain.

7 And now, O Lord, what wait I for ?

My hope is fix'd on thee.

8 Free me from all my trespasses,

The fool's scorn make not me.

9 Dumb was I, op'ning not my mouth,

Because this work was thine.

10 Thy stroke take from me ; by the
blow

Of thine hand I do pine.

11 When with rebukes thou dost cor-
rect

Man for iniquity,

Thou wastes his beauty like a moth :

Sure each man's vanity.

12 Attend my cry, Lord, at my tears

And pray'rs not silent be :

I sojourn as my fathers all,

And stranger am with thee.

13 O spare thou me, that I my strength

Recover may again,

Before from hence I do depart,

And here no more remain.

PSALM XL.—40.

1 I WAITED for the Lord my God,

And patiently did bear ;

At length to me he did incline

My voice and cry to hear.

2 He took me from a fearful pit,

And from the miry clay,

And on a rock he set my feet,

Establishing my way.

3 He put a new song in my mouth,

Our God to magnify :

4 'S beannaicht' an duine sin gu dearbh
 Ni dòchas as an Triath,
 Is nach gabh tlachd no toll air bith
 Do luchd an àrdain mhòir,
 No fòs do'n dream a théid a thaobh
 Gu ceilg, le saobhadh glòir'.

5 Is lionmhor t'òibre iongantach,
 A Thighearn is a Dhé,
 'S do smuaintean oirnn : cha'n àir-
 mhear iad
 An ordugh dhuit gu rèidh :
 Na'n cuirinn iad an céill gu min,
 No fòs na 'n innsinn iad,
 An àireamh rachadh thar mo neart,
 Aig lionmhoireachd is meud.

6 Ofrail no iobairt leat cha mhiann,
 Dh'fhosgail thu féin mo chluas :
 Lochd-iobairt agus iobairt-loisgt'
 Cha d'iarr thu dhuit chur suas.

7 An sin do labhair mise, feuch,
 A nis a ta mi teachd :
 An ròl' an leabhair ormsa fòs
 Sud sgriobhta tha gu beachd.

8 'Se sud mo thlachd 's mo mhiann, a
 Dhé,
 Do thoil gu deantadh leam :
 Do reachd gu dearbh a ta gu buan
 A'm' chridhe stigh, 's a'm' chom.

9 Air t'fhìreantachd sa' choinneimh
 mhòir,
 A Dhé, rinn mise sgeul :
 Oir feuch, a Dhé, mar 's aithne
 dhuit,
 Nior chaisg mi féin mo bheul.

10 A'm' chridhe t' fhìreantachd nior
 cheil :
 Ach t'fhìrinn chuir mi'n céill ;
 Do shlàint', 's do chaoimhneas
 ghràdhach caomh
 O'n t-sluagh nior cheil mi féin.

11 Do thròcair chaomh na cum-sa
 A Thighearna gu bràth ; [uam,
 Do chaoimhneas gràdhach, t'fhìrinn
 Gleidheadh iad mi a ghnàth. [tòs

12 Oir is do-àireamh iad na h-uile
 Ta 'g iadhadh orm mu'n cuairt ;
 Doghlac mo pheacaidh mi cho teann
 'S nach feud mi sealtuinn suas :
 O's lionmhoir' iad na folt mo chinn,
 Is thréig mo chridhe mi.

13 Dhia, gu ma toil leat furtachd orm,
 Grad-chuidich leam, a Dhé.

14 Biodh nàir' is amhladh dhoibh
 faraon,
 Do m'anam dh'iarras claidh :
 Rnaig orr' air ais, is rudhadh
 gruaidh',
 Le 'm b'àill mo chur gu dith.

Many shall see it, and shall fear,
 And on the Lord rely.

4 O blessed is the man whose trust
 Upon the Lord relies ;
 Respecting not the proud, nor such
 As turn aside to lies.

5 O Lord my God, full many are
 The wonders thou hast done ;
 Thy gracious thoughts to us-ward
 far
 Above all thoughts are gone :
 In order none can reckon them
 To thee : if them declare,
 And speak of them I would, they
 more
 Than can be number'd are.

6 No sacrifice nor offering
 Didst thou at all desire ;
 Mine ears thou bor'd : sin-off'ring
 thou
 And burnt didst not require :

7 Then to the Lord these were my
 I come, behold and see ; [words,
 Within the volume of the book
 It written is of me :

8 To do thy will I take delight,
 O thou my God that art ;
 Yea, that most holy law of thine
 I have within my heart.

9 Within the congregation great
 I righteousness did preach :
 Lo, thou dost know, O Lord, that I
 Refrained not my speech.

10 I never did within my heart
 Conceal thy righteousness ;
 I thy salvation have declar'd,
 And shown thy faithfulness :
 Thy kindness, which most loving is,
 Concealed have not I.
 Nor from the congregation great
 Have hid thy verity.

11 Thy tender mercies, Lord, from me
 O do thou not restrain ;
 Thy loving kindness, and thy truth,
 Let them me still maintain.

12 For ills past reck'ning compass me,
 And mine iniquities
 Such hold upon me taken have,
 I cannot lift mine eyes :
 They more than hairs are on mine
 head,
 Thence is my heart dismay'd.

13 Be pleased, Lord, to rescue me ;
 Lord, hasten to mine aid.

14 Sham'd and confounded be they all
 That seek my soul to kill ;
 Yea, let them backward driven be,
 And sham'd, that wish me ill.

15 Gun àird, gun àiteach' gu robh iad,
Mar thuarasdal d'an nàir',
A thubhairt rium gu fanoideach,
Aha, aha, le gair.

16 Aoibhneas is aigheardo gach neach,
Ga d'iarraidh féin a ta:
Is abradh iad le'n toigh do shlàint',
Dia gu ma mòr a ghnàth.

17 Ach mis' ged tha mi ainns bochd,
Smuainichidh orm an Triath:
M'fhear cabhair thu 's mo Shlànuigh-
Moille na dean, a Dhia. [ear;
SALM XLI.—41.

1 'S BEANNAICHT' am fear a bheir
Fa'near an duine bochd: [gu glic
An uair a thrioblaid is a theinn,
Bheir Dia e saor o'n olc.

2 Ni Dia a dhìon, 's a chumail beò,
Is beannaicht' e san tìr:
Gu toil a naimhde mi-runach
Na tabhair e gu sior.

3 Air leabadh 'thinneis iarganaich
Bheir Dia dha neart is treòir:
A leabadh ni thu dha air fad
Ri h-àm a thinneis mhòir.

4 Thubhairt mi, dean-sa tròcair orm,
A Thighearn is a Dhé;
Is leighis m'anam euslan bochd,
Oir t'aghaidh pheacaidh mi.

5 Tha'n dream sin a's fìor-naimhde
A' labhairt orm le beum: [dhomh
O c'uin a sgriosar 'ainm-san as,
'S a théid e sìos do'n eug?

6 Ma thig e m'amharc, labhraidh e
Cainnt dhiomhanach le 'bheul:
Ta 'chridh' a' torradh nimh a stigh,
'S a muigh a' deanamh sgéil.

7 Sior-chogarsaich an cluais a chéil',
Luchd m' fhuath' a ta air fad:
A's muaineachadh 's a' cumadh lochd
A'm' aghaidh féin gun stad.

8 Droch thinneas (deir iad) tha gu
A' leantuinn ris r'a bheò: [dlùth
Air bhith dha nis 'na luidh' gu tinn,
Cha'n éirich e ni's mò.

9 Am fear bu charaid dileas domh,
Ri'n earbainn gach ni b'àill,
'S a dh'ith do m'aran air mo bhòrd,
A'm' aghaidh thog e 'shàil.

10 Ach thusa, Dhé, dean tròcair orm,
Is tog mi ris an àird, [dhoibh,
A chum gu'n tugainn luigheachd
Is comain cheart gun dàil.

11 Tre so is fiosrach mi gu beachd
Gur ionmhuinn leatsa mi:
Air son nach d' thug mo naimhde
buaidh,
'S nach d'rinneadh leo mochlaoidh.

15 For a reward of this their shame
Confounded let them be,
That in this manner scoffing say,
Aha, aha! to me.

16 In thee let all be glad, and joy,
Who seeking thee abide;
Who thy salvation love, say still,
The Lord be magnified.

17 I'm poor and needy, yet the Lord
Of me a care doth take:
Thou art my help and Saviour,
My God, no tarrying make.

PSALM XLI.—41.

1 BLESSED is he that wisely doth
The poor man's case consider;
For when the time of trouble is,
The Lord will him deliver.

2 God will him keep, yea, save alive;
On earth he bless'd shall live;
And to his enemies' desire
Thou wilt him not up give.

3 God will give strength when he on
Of languishing doth mourn; [bed
And in his sickness sore, O Lord,
Thou all his bed wilt turn.

4 I said, O Lord, do thou extend
Thy mercy unto me;
O do thou heal my soul, for why?
I have offended thee.

5 Those that to me are enemies,
Of me do evil say,
When shall he die, that so his name
May perish quite away?

6 To see me if he comes, he speaks
Vain words: but then his heart
Heaps mischief to it, which he tells,
When forth he doth depart.

7 My haters jointly whispering,
'Gainst me my hurt devise.

8 Mischief, say they, cleaves fast to
him;
He ly'th, and shall not rise.

9 Yea, ev'n mine own familiar friend,
On whom I did rely,
Who ate my bread, ev'n he his heel
Against me lifted high.

10 But, Lord, be merciful to me,
And up again me raise,
That I may justly them requite
According to their ways.

11 By this I know that certainly
I favour'd am by thee;
Because my hateful enemy
Triumphs not over me.

12 But as for me, thou me uphold'st
In mine integrity;

12 Ach mise, ann am ionracas,
'S tu sheasas mi a ghnàth :
Am fianuis fòs do ghnàise, Dhé,
Ga m' shocruchadh gu bràth.

13 Iehobhah Dia chloinn Israeil,
Beannaicht' gu robh e féin,
O aois gu h-aois gu suthain sìor,
Amen, agus Amen.

SALM XLII.—42.

1 MAR thogras fiadh na sruthan uisg'
Le bùireadh àrd gu geur,
Mar sin tha m'anam ploscartaich,
Ag éigheach riutsa, Dhé.

2 Tha tart air m'anam 'n geall air Dia,
'N geall air an Dia ta beò :
O c'uin a thig 's a nochdar mi
Am fianuis Dhia na glòir'?

3 Gach là is oidhch' is iad mo dheòir
A's cuibhrionn dhomh 's a's biadh:
An uair a deir iad rium a ghnàth,
C'ait bheil a nis do Dhia?

4 Tha m'anam air a dhòrtadh mach,
A' cuimhneachadh gach ni;
Oir chaidh mi leis a' chuideachd
Dol leo gu teampull Dé; [mhòir,

Seadh chaidh mi leo le gairdeachas,
Is moladh fòs le chéil',
Seadh leis a' chuideachd sin a bha
A' coimhead làithe féill'.

5 O m'anam! c'uin' a leagadh thu
Le diobhail misnich sìos?
Is c'uin' am bheil thu'n taobh stigh
Fo thrioblaid is fo sgios? [dhlom

Cuir dòchas daingean ann an Dia,
Oir fathast molam e,
Air son na furtachd is na slàint'
Thig dhomh o 'eudan rèidh.

6 Thuit m'anam annam sìos, a Dhé,
Ghrad-chuimhnich mi 'n sin ort :
O thalamh Iordain, Hermoin àird,
O Mhitsar fòs nan cnoc.

7 Le fuaim do shruthan uisge féin,
Ta doimhn' air dhoimhne gairm :
Do stuaidhean, is do thounan àrd'
Dol tharum tha le toirm.

8 Orduichidh Dia d'agràsaibh dhomh,
A chaoimhneas anns an lò :
San oidhche ni mi guidhe 's ceòl
Ri Dia a chum mi beò.

9 Mo charraig, c'uin' a thréig thu
Ri Dia a deir mi féin : [mi?
Is c'uin' am bheil mi triall fo bhròn,
Bhrìgh fòirneirt m'eascair thréin?

10 Mar laun a'm' chnàmhaibh, m'eas-
cairde
Toirt toibheim dhomh a ta ;
Tràth their iad rium gu fanoideach,
C'ait bheil do Dhia? gach là.

And me before thy countenance
Thou sett'st continually.

13 The Lord, the God of Israel,
Be blessed for ever, then,
From age to age eternally.
Amen, yea, and amen.

PSALM XLII.—42.

1 LIKE as the hart for water-brooks
In thirst doth pant and bray ;
So pants my longing soul, O God,
That come to thee I may.

2 My soul for God, the living God,
Doth thirst ; when shall I near
Unto thy countenance approach,
And in God's sight appear?

3 My tears have unto me been meat,
Both in the night and day,
While unto me continually,
Where is thy God? they say,

4 My soul is poured out in me,
When this I think upon ;
Because that with the multitude
I heretofore had gone :

With them into God's house I went
With voice of joy and praise ;
Yea, with the multitude that kept
The solemn holy days.

5 O why art thou cast down, my soul?
Why in me so dismay'd?
Trust God, for I shall praise him yet,
His count'nance is mine aid.

6 My God, my soul's cast down in me;
Thee, therefore, mind I will
From Jordan's land, the Her-
monites,
And ev'n from Mizar hill.

7 At the noise of thy water-spouts
Deep unto deep doth call ;
Thy breaking waves pass over me,
Yea, and thy billows all.

8 His loving-kindness yet the Lord
Command will in the day,
His songs with me by night; to God,
By whom I live, I'll pray;

9 And I will say to God my rock,
Why me forgett'st thou so?
Why, for my foes' oppression,
Thus mourning do I go?

10 'Tis as a sword within my bones,
When my foes me upbraid ;
Ev'n when by them, Where is thy
God?

'Tis daily to me said.

44 SALM XLIII. XLIV.

11 O m'anam, c'uim' a leagadh thu,
 'Le diobhail misnich sìos?
 Is c'uim' am bheil thu'n taobh stigh
 Fo aimheal is fo sgios?
 Cuir dòchas daingean ann an Dia:
 Oir molam e a ghnàth,
 O 's e a's slàinte do mo ghnùis,
 Is e mo Dhia gu bràth.

SALM XLIII.—43.

1 CUM cothrom rium, is tagair féin
 Mo chùis, o'n fhineach olc,
 O'n eucorach, 's o fhear na ceilg',
 Dhé, saor-sa mi o'n lochd.
 2 C'ar son a thilg thu mise uait?
 'S gur tu mo Dhia 's mo threòir;
 C'ar son bhrìgh fòirneirt m'eascairde,
 An siubhlam féin fo bhròn?

3 Dhia, t'fhìrinn is do sholas glan,
 Leig thugam iad a mach:
 Ga m' sheòladh chum do thulaich
 naoimh,

'S mo thabhairt chum do theach..

4 'N sin racham dh'ionnsuidh altair
 Dhé,
 An Dé sin m' aoibhneis mhòir:
 Air clàrsaich bhinn do mholam thu,
 O Dhia, mo Dhia na glòir'.

5 O m' anam, c'uim' a leagadh thu,
 'Le diobhail misnich sìos?
 Is c'uim' am bheil thu'n taobh stigh
 dhìom

Fo aimheal is fo sgios?
 Cuir dòchas daingean ann an Dia;
 Oir molam e a ghnàth,
 O 'se a's slàinte do mo ghnùis,
 Is e mo Dhia gu bràth.

SALM XLIV.—44.

1 LE'R cluasaibh chuala sinn, a Dhé,
 Ar sinnsir chuir an céill
 Na gnìomhara a rinneadh leat,
 'Nan aimsir, fad o chéin.

2 Le d' làimh mar thilg thu mach na
 Is iadsan chuir 'nan àit: [slòigh,
 Mar riun thu air na cinnich claidh,
 Ach dhoibhsan thug an sàth.

3 Oir sealbh san tìr cha d' fhuairleadh
 Le'n claidheamh no le'n loinn, [leo
 Nì mò a rinn an gairdean féin
 An teasairginn 'nan teinn:
 Ach do làmh dheas thug dhoibh a'
 bhuaidh,

Do ghairdean neartmhor treun,
 Is solus glan do ghnùis, a chionn
 Gu'n d' thug thu dhoibhsan spéis.

4 Oir 's tusa féin, a Dhia nam feart,
 Mo Thighearn is mo Rìgh:
 Furtachd do Iacob orduich uait,
 Is fuasgail air gun dìth.

PSALMS XLIII. XLIV.

11 O why art thou cast down, my soul?
 Why, thus with grief oppress,
 Art thou disquieted in me?
 In God still hope and rest:

For yet I know I shall him praise
 Who graciously to me
 The health is of my countenance,
 Yea, mine own God is he.

PSALM XLIII.—43.

1 JUDGE me, O God, and plead my
 cause
 Against th' ungodly nation;
 From the unjust and crafty man,
 O be thou my salvation.

2 For thou the God art of my strength;
 Why thrusts thou me thee fro'?
 For th' enemy's oppression
 Why do I mourning go?

3 O send thy light forth and thy truth;
 Let them be guides to me,
 And bring me to thine holy hill,
 Ev'n where thy dwellings be.

4 Then will I to God's altar go,
 To God my chiefest joy:
 Yea, God, my God, thy name to
 praise
 My harp I will employ.

5 Why art thou then cast down, my
 soul?

What should discourage thee?
 And why with vexing thoughts art
 Disquieted in me? [thou
 Still trust in God; for him to praise
 Good cause I yet shall have:
 He of my count'nance is the health,
 My God that doth me save.

PSALM XLIV.—44.

1 O GOD, we with our ears have
 heard,

Our fathers have us told,
 What works thou in their days
 hadst done,
 Ev'n in the days of old.

2 Thy hand did drive the heathen out,
 And plant them in their place;
 Thou didst afflict the nations,
A' donnalaich gu h'àrd,
Mar choin, mu'n gbail' a' cuairteach-
Is amhluidh sin tha iad. [adh,
- 7 Feuch, brùchdaidh iad a mach le 'm
beul ;
'Nam bilibh claidheamh geur ;
Cò chluinneas sin, no bheir fa'near ?
'Se sud a's cainnt dhoibh féin.
- 8 Ach thusa, Dhia Iehobhah mhòir,
Ni gàire fanoid riu ;
Is mar bhall-magaidh bithidh fòs
Na cinnich ann ad shùil.

- 6 Their teeth, O God, within their
mouth
Break thou in pieces small ;
The great teeth break thou out, O
Of these young lions all. [Lord,
Let them like waters melt away,
Which downward still do flow,
In pieces cut his arrows all,
When he shall bend his bow.
- 8 Like to a snail that melts away,
Let each of them be gone ;
Like woman's birth untimely, that
They never see the sun.
- 9 He shall them take away before
Your pots the thorns can find,
Both living, and in fury great,
As with a stormy wind.
- 10 The righteous, when he vengeance
He shall be joyful then ; [sees,
The righteous one shall wash his
In blood of wicked men. [feet
- 11 So men shall say, The righteous
Reward shall never miss : [man
And verily upon the earth
A God to judge there is.

PSALM LIX.—59.

- 1 My God, deliver me from those
That are mine enemies ;
And do thou me defend from those
That up against me rise.
- 2 Do thou deliver me from them
That work iniquity ;
And give me safety from the men
Of bloody cruelty.
- 3 For, lo, they for my soul lay wait :
The mighty do combine
Against me, Lord ; not for my fault,
Nor any sin of mine.
- 4 They run, and, without fault in me,
Themselves do ready make :
Awake to meet me with thy help ;
And do thou notice take.
- 5 Awake, therefore, Lord God of hosts,
Thou God of Israel,
To visit heathen all : spare none
That wickedly rebel.
- 6 At ev'ning they go to and fro ;
They make great noise and sound,
Like to a dog, and often walk
About the city round.
- 7 Behold they belch out with their
mouth,
And in their lips are swords ;
For they do say thus, Who is he
That now doth hear our words ?
- 8 But thou, O Lord, shalt laugh at
them,
And all the heathen mock,

- 9 Air son gur mòr 's gur maith do neart,
Sior-fheitheam ort a ghnàth :
Do bhrìgh gu bheil dhomh Dia nan
'Na dhìdean dlùth gu bràth. [dùl,
- 10 Bidh Dia o'n tig mo thròcair chaomh,
Dol romham air gach ceum :
'Se Dia bheir dhomh air m' eascaird-
Mo rùn gu faic mi féin. [ibh,
- 11 Mu'm bi mo phoball dìchuimh-
Na marbh an aitim ud. [neach.
O Dhia ar sgiath, le d' chumhachd
'S leag iad gu h-ìosal fo'd. [sgaoil.
- 12 Fa lochd an teangaidh, 's cainnt
'Nan àrdan glacar iad : [am béil,
Fa chùis nam mallachd, is nam
A labhair iad os àird. [breug
- 13 Sgrios iad a' d' fheirg, sgrios iad gu
Is théid iad as gu dian : [tur,
Is tuigidh 'n sin gach uile thir,
Rìgh Iacoib gur e Dia.
- 14 'S air teachd do'n fheasgar pilleadh
A' donnalaich gu h-àrd, [iad,
Mar choin, mu'n bhail' a' cuairteach-
Is ambluidh bitheadh iad. [adh,
- 15 Ag iarraidh bidh gu seachranach,
'S gu luaineach ann an teinn ;
A' deanamh gearain anns an
oidhch',
Mur bi an sàth 'nam broinn.
- 16 Ach mise molar leam do neart :
Gu moch a' seinn do ghràis,
Air son gur tu mo thearmunn treun,
'S mo dhaigneach féin 's gach càs.
- 17 'S tu féin mo neart, dhuil canam fonn,
'Se Dia mo dhìdean trenn :
'Se 'n Dia sin féin rinn tròcair orm,
'S a chuidich leam a'm' fheum.

SALM LX.—60.

- 1 A DHE, do thilg thu sinne uait,
Dh' fhuadaich thu sinn air fad,
Oir bha thu ruinn an corruich ghéir ;
Pill ruinn thu féin gu grad.
- 2 Chuir thus' an talamh trom air chrith ;
Is fòs do bhris thu e :
Slànuich a bhriseadh, oir gu beachd
Air criothnachadh tha e.
- 3 Do thaisbein thusa nithe cruaidh
Do'n t-sluagh a's leat le còir :
Fion buaireasach chuir uamhunn
Thug thusa dhuinn r'a òl. [oirnu,
- 4 Ach thug thu bratach àrd, a Dhé,
Do'n dream d'an eagal thu :
A chum gu sgaoilteadh sud a mach,
Bhrìgh firinn duit le cliu.

- 9 While he's in power I'll wait on thee ;
For God is my high rock.
- 10 He of my mercy that is God
Betimes shall me prevent ;
Upon mine enemies God shall let
Me see mine heart's content.
- 11 Them slay not, lest my folk forget ;
But scatter them abroad
By thy strong pow'r ; and bring them down,
O thou our shield and God.
- 12 For their mouth's sin, and for the words
That from their lips do fly,
Let them be taken in their pride ;
Because they curse and lie.
- 13 In wrath consume them, them consume,
That so they may not be :
And that in Jacob God doth rule
To th' earth's ends let them see.
- 14 At ev'ning let thou them return,
Making great noise and sound,
Like to a dog, and often walk
About the city round.
- 15 And let them wander up and down,
In seeking food to eat ;
And let them grudge when they shall not
Be satisfied with meat.
- 16 But of thy pow'r I'll sing aloud ;
At morn thy mercy praise :
For thou to me my refuge wast,
And tow'r in troublous days.
- 17 O God, thou art my strength, I will
Sing praises unto thee ;
For God is my defence, a God
Of mercy unto me.

PSALM LX.—60.

- 1 O LORD, thou hast rejected us,
And scatter'd us abroad ;
Thou justly hast displeased been ;
Return to us, O God.
- 2 The earth to tremble thou hast made ;
Therein didst breaches make :
Do thou thereof the breaches heal,
Because the land doth shake.
- 3 Unto thy people thou hard things
Hast show'd, and on them sent ;
And thou hast caused us to drink
Wine of astonishment.
- 4 And yet a banner thou hast giv'n
To them who thee do fear ;
That it by them, because of truth,
Displayed may appear.

- 5 O dhaorsa chum gu saorar leat
Do phobull iomhuinn féin :
Eisd rium, is slánuich mi gu grad
Le d' dheas láimh láidir thréin.
- 6 'Na naomhachd labhair Dia namfeart,
Bidh aoibhneas orm nach gann :
Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
Gleann Shucoit toimhshear leam.
- 7 'S leam Gilead le dlighe cheirt,
Manaseh 's leam gu beachd ;
'S i treubh Ephraim neart mo chinn,
Bheir Iudah mach mo reachd.
- 8 Is soitheach-ionnlaid Moab domh ;
Tilgeam thar Edom thruaigh
Mo bhróg ; is ni mi caithream binn
Thar Palestin le buaidh.

- 9 Co bheir do'n chaithir dhaingein mi ?
'S gu Edom bheir gu ceart ?
- 10 Nach tusa, Dhia, le'n d' thréigeadh
sinn ?
'S nach deachaidh mach le 'r feachd ?
- 11 O thrioblaid tabhair còmhnaidh
dhuinn,
Oir 's diomhain furtachd dhaoi'n.
- 12 Tre Dhia ni sinne treubhantas,
'Se shaltras naimhde fuidh'n.

SALM LXI.—61.

- 1 Rì glaoth mo ghearain éisd, a Dhé,
Is m'urnuigh thoir fa'near.
- 2 O iomall talmhainn éigheam riut,
'S mo chridhe trom fo smal.
Dhia, treoraich chum na carraig mi
A's áirde na mi féin.
- 3 Bu tearmunn thu, 's bu chaisteal
dhomh
O m'eascairdibh gu léir.
- 4 A'd' pháilliu naomh ni mise tàmh
Gach aimsir is gach tràth :
Modhòigh fo dhubhar sgail' do sgéith,
Cuiridh mi féin gu bràth.
- 5 Oir chuala tu mo bhòide naomh,
'S an gealladh 'a thug mi :
Oighreachd na muinntir thug thu
dhomh
D'an eagal t'ainm, a Dhé.
- 6 Buan-shaoghal agus aimsir chian
Bheir thusa, Dhia, do'n Rìgh :
Mar iomadh ginealach is linn,
A bhliadhnacha 's tu ni.
- 7 Mairidh e buan am fianuis Dé,
Gu bunaiteach 's gu bràth :
Tròcair is firinn deasaich dha,
G'a choimhead-san gach tràth.
- 8 Mar sin gu siorruidh seinneam cliu
Do t'ainm ro-uasal àrd,

- 5 That thy beloved people may
Deliver'd be from thrall,
Save with the pow'r of thy right hand,
And hear me when I call.
- 6 God in his holiness hath spoke ;
Herein I will take pleasure :
Shechem I will divide, and forth
Will Succoth's valley measure.
- 7 Gilead I claim as mine by right ;
Manasseh mine shall be ;
Ephraim is of mine head the strength ;
Judah gives laws for me ;
- 8 Moab's my washing-pot ; my shoe
I'll over Edom throw ;
And over Palestina's land
I will in triumph go.
- 9 O who is he will bring me to
The city fortified ?
O who is he that to the land
Of Edom will me guide ?
- 10 O God, which hadest us cast off,
This thing wilt thou not do ?
Ev'n thou, O God, which didest not
Forth with our armies go ?

- 11 Help us from trouble ; for the help
Is vain which man supplies.
- 12 Through God we'll do great acts ; he
Tread down our enemies. [shall

PSALM LXI.—61.

- 1 O GOD, give ear unto my cry ;
Unto my pray'r attend.
- 2 From th' utmost corner of the
land
My cry to thee I'll send.
What time my heart is overwhelm'd,
And in perplexity,
Do thou me lead unto the Rock
That higher is than I.
- 3 For thou hast for my refuge been
A shelter by thy pow'r ;
And for defence against my foes
Thou hast been a strong tow'r.
- 4 Within thy tabernacle I
For ever will abide ;
And under covert of thy wings
With confidence me hide.
- 5 For thou the vows that I did make
O Lord my God, didst hear :
Thou hast giv'n me the heritage
Of those thy name that fear.
- 6 A life prolong'd for many days
Thou to the king shalt give ;
Like many generations be
The years which he shall live.
- 7 He in God's presence his abode
For evermore shall have :
O do thou truth and mercy both
Prepare, that may him save.

'S mo bhòide naomba dìolam dhiut,
O là gu là gu bràth.

SALM LXII.—62.

- 1 LE foighidinn tha m'anam bochd
Feitheamh air Dia gu beachd :
'S ann naith' tha furtachd agus fòir
Orin air gach taobh a' teachd.
- 2 'Se mhàin a's carraig dhèidh dhomh,
Is m'fhurtachd e ro-dheas :
Mo thearmunn dileas e faraon,
Gu mòr cha ghluaisear mis'.
- 3 Cia fhad adhealbhar aimhleis leibh?
Làn-mharbhar sibh gu beachd,
Mar bhall' air chrith, 's mar ghàradh
dh'aom,
Tha leagadh oirbh a' teachd.
- 4 O urram àrd ga m' thilgeadh sìos,
Tha 'n comhairlean a' ruith :
'Si 's miann leo breug : beannachd
'nam beul,
Ach mallachd an taobh stigh.
- 5 O m'anam feith gu foighidneach
Ri Dia a mhàin mar chleachd :
Oir ann-san tha mo mhuinghin
threun,
'S mo dhòchas féin gu beachd.
- 6 'Se mhàin a's carraig dhileas dhomh,
'Se mhàin mo shlainte dheas :
Mo thearmunn daingean e faraon,
Mar sin cha ghluaisear mis'.
- 7 Mo shlainte ta 's mo ghlòir an Dia,
Ris earbam féin a ghnàth :
Carraig mo neirt 's mo thearmunn
treun,
'Se Dia, gu buan 's gu bràth.
- 8 O phobull, cuiribh ann an Dia
Bhur dòchas anns gach àm ;
'Na fhianuis dòirtibh mach 'ur cridh' :
'Se Dia ar tearmunn ann.
- 9 'S ni dìomhain daoine beag' gu fìor,
Tha daoine mòr' 'nam bréig :
Air meidh ri'n tomhas, 's eatruim' iad
Na dìomhanas gu léir.
- 10 Na h-earb á fòirneart, 's na dean
uaill
A reubainn no droch-bheart :
Na socruich fòs do chridh' air stor,
'N tràth chinneas saoihbheas leat.
- 11 Do labhair Dia aon uair a mach :
Sud chualas uair no dhà,
Gur leis an Dia ta cumhachdach
Treis agus neart gach là.
- 12 Tròcair, a Thighearn, buinidh
Is gràsa mòr faraon : [dhiut,
Oir bheir thu réir a ghnìomhara,
A luigheachd do gach aon.

- 8 And so will I perpetually
Sing praise unto thy name ;
That having made my vows, I may
Each day perform the same.

PSALM LXII.—62.

- 1 MY soul with expectation
Depends on God indeed ;
My strength and my salvation
doth
From him alone proceed.
- 2 He only my salvation is,
And my strong rock is he :
He only is my sure defence ;
Much mov'd I shall not be.
- 3 How long will ye against a man
Plot mischief ? ye shall all
Be slain ; ye as a tott'ring fence
Shall be, and bowing wall.
- 4 They only plot to cast him down
From his excellency :
They joy in lies ; with mouth they
bless,
But they curse inwardly.
- 5 My soul, wait thou with patience
Upon thy God alone ;
On him dependeth all my hope
And expectation.
- 6 He only my salvation is,
And my strong rock is he ;
He only is my sure defence :
I shall not moved be.
- 7 In God my glory placed is,
And my salvation sure ;
In God the rock is of my strength,
My refuge most secure.
- 8 Ye people, place your confidence
In him continually ;
Before him pour ye out your heart .
God is our refuge high.
- 9 Surely mean men are vanity,
And great men are a lie ;
In balance laid, they wholly are
More light than vanity.
- 10 Trust ye not in oppression,
In robb'ry be not vain ;
On wealth set not your hearts,
when as
Increased is your gain.
- 11 God hath it spoken once to me,
Yea, this I heard again,
That power to Almighty God
Alone doth appertain.
- 12 Yea, mercy also unto thee
Belongs, O Lord, alone :
For thou according to his work
Rewardest ev'ry one.

- 1 O DHIA, is tu mo Dhia, gu moch
Iarraidh mi thu gach là :
Ro-thartmhòr a ta m'anam bochd,
An geall ort féin a ghnàth ;
Tha mianu, is cìocras mòr air m'
An geall ort féin gach àm, [fheoil,
An tìr-ro-thìoraim, thartmhòir, theith,
Gun uisg' air bith bli ann.
- 2 Do chumhachd chum gu faicinn féin,
'S do ghlòir a ta ro-chaomh ;
A réir mar chunucas roimhe thu,
Le cliu a' t'àros naomh.
- 3 Air son gur fearr na beatla fòs
Do chaoimhneas gràdhach caoin :
Ard-mholadh dhuit le h-ìomadh cliu
Mo bhile bheir faraon.
- 4 Mar sin an cian a bhios mi beò,
Beannaicheam thu a ghnàth :
Is ann ad naomh-aium togam suas
Mo làmhnan riut gach tràth.
- 5 Sàsuichear m'anam mar le snìor,
'S le saill ro-reamhar réidh :
Is bheir mo bheul 's mo bhile dhuit
Ard-mholadh ait, a Dhé :
- 6 'Na tràth ni mi air mo leabaidh fòs,
Dó chuimhneachadh le tlachd,
'S an am na faire smuaineach' ort,
A' dol do'n oidhche thart'.
- 7 Air son gur tu b'fhear cabhair dhomh,
A Thighearn is a Dhé ;
Bidh aoibhneas agus aiteas orm,
Fò dhubhar sgàil' do sgéith.
- 8 Tha m'anam leantuinn riut gu dlùth :
Do dheas làmh chum mi suas.
- 9 Luchd iarraidh m'anam' bhochd g'a
sgrios,
Théid iadsan sìos do'n uaigh.
- 10 Le faobhar claidheimh agus arm
Sìos tuitidh iad gu lár :
Mar chuibhrionn dona sìonnachaibh
Do nithear iad le tàir.
- 11 Ach aoibhneach bidh an rìgh an
Na lùghas e gun bheud [Dia :
Ni iadsan uaill : ach druidear beul
Gach ti a labhras breug.

SALM LXIV.—64.

- 1 TRATH ni mi urnuigh riut, a Dhé,
Thoir éisdeachd dhomh gu luath ;
O eagal nàmhaid coimhid fòs,
Gu tèaruint' m'anam truagh.
- 2 O chomhairl' dhiomhair dhaoine
O ionnsuidh ghairebh faraon [daoi,
Luchd deanamh uile is aingidheachd,
Cuir folach orm gu caoin.
- 3 An teangadh féin do gheuraich iad,
Mar culaidheamh guineach geur ;
Tha'm bogh' air lagh, 's an saighde
'S iad briathra searbh am béil ; [deas,

- 1 LORD, thee my God I'll early
seek :
My soul doth thirst for thee ;
My flesh longs in a dry parch'd
land,
Wherein no waters be :
- 2 That I thy power may behold,
And brightness of thy face,
As I have seen thee heretofore
Within thy holy place.
- 3 Since better is thy love than life,
My lips thee praise shall give.
- 4 I in thy name will lift my hands
And bless thee while I live.
- 5 Ev'n as with marrow and with fat
My soul shall filled be ;
Then shall my mouth with joyful
lips
Sing praises unto thee.
- 6 When I do thee upon my bed
Remember with delight,
And when on thee I meditate
In watches of the night.
- 7 In shadow of thy wings I'll joy ;
For thou mine help has been.
- 8 My soul thee follows hard : and
me
Thy right hand doth sustain.
- 9 Who seek my soul to spill shall
sink
Down to earth's lowest room.
- 10 They by the sword shall be cut
off,
And foxes' prey become.
- 11 Yet shall the king in God rejoice,
And each one glory shall
That swear by him : but stopp'd
shall be
The mouth of liars all.

PSALM LXIV.—64.

- 1 WHEN I to thee my pray'r make,
Lord, to my voice give ear ;
My life save from the enemy,
Of whom I stand in fear.
- 2 Me from their secret counsel hide
Who do live wickedly ;
From insurrection of those men
That work iniquity :
- 3 Who do their tongues with malice
whet,
And make them cut like
swords ;

- 4 Gu'n caitheadh iad an dlomhair-
An neach sin foirfe ta ; [eachd
Gu h-obann taid 'ga chaitheamh fòs,
Gun eagal is gun sgàth.
- 5 A' gabhaill misneich taid san olc,
'S a labhairt tric le chéil'
Mu leagadh lion an uaignidheas,
Ag ràdh, Cò 'n ti d'an léir ?
- 6 Gach olc do rannsaich iad a mach,
Seadh rinn iad sgrùdadh geur ;
An rùn a stigh 's ro-dhìomhain e,
'S an cridhe mar an ceudn'.
- 7 Ach saighead tilgidh orra Dia,
Bhios guineach agus geur ;
Grad-bhuailear agus lotar iad,
'G an gortuchadh gu léir.
- 8 Mar sin bheir iad san orra féin
Toradh an teag' gu grad :
Gach uile neach d'an léir an dòigh,
Teichidh iad uath' am fad.
- 9 Mòr-eagal bithidh air gach neach,
Is nochdaidh obair Dhé :
Oir bheirear leo gu glic fa'near
An gnìomh ud a rinn e.
- 10 Nì 'm fìrean aoibhneas mòran Dia,
A' cur a dhòchais ann :
'S gach neach 'g am bheil an cridhe
Nì gairdeachas nach gann. [ceart
SALM LXV.—65.
- 1 THA ann an Sion feitheamh ort
Moladh, a Dhé, gun dith :
'S ann duit a dhiolar fòs gu pailt
A' bhòid mar gheallair i.
- 2 O thus' a dh'éisdeas urnuigh ghlan,
'S ann thugad thig gach aon.
- 3 Mo sheachrain tha an nachdar orm:
Glan thus' ar peacaidh uainn.
- 4 'S beanuaicht' an duine sin a chaoidh
A thaghar leatsa, Dhé,
'S a bheir thu fòs am fagus duit :
Còmhnuidh a'd' chùirt gheibh e.
Sàsuichear sinn le maithreas mor
Do theach, 's do theampuill
naoimh.
- 5 Le nithibh uamhasach, bheirdhuinn,
A'd' cheartas, freagradh caomh .
A Dhia ar slàinte, 's tu gu dearbh,
Làn dòchas crìch gach tìr' ;
'S na bheil san fhaireg fada uainn,
An dòchas 's tu do shìor.
- 6 Le 'neart-san shocrnich slàibhte
E crioslaicht' fòs le treis. [mòr',
7 'Se chaisgeas fuaim gach mara 's
Is comh-stri dhaoine leis. [tuinn,
- 8 Na daoine ta an còmhnuidh thall,
'Sna tìribh fad a mach,
'Na uamhunn orra ta gu mòr,
Do chomhar miorbhuileach :

- In whose bent bows are arrows set,
Ev'n sharp and bitter words :
That they may at the perfect man
In secret aim their shot ;
Yea, suddenly they dare at him
To shoot, and fear it not.
- 5 In ill encourage they themselves,
And their snares close do lay ;
Together conference they have ;
Who shall them see ? they say.
- 6 They have search'd out iniquities,
A perfect search they keep :
Of each of them the inward
thought,
And very heart, is deep.
- 7 God shall an arrow shoot at them,
And wound them suddenly :
8 So their own tongue shall them
confound ;
All who them see shall fly.
- 9 And on all men a fear shall fall,
God's works they shall declare ;
For they shall wisely notice take
What these his doings are.
- 10 In God the righteous shall rejoice,
And trust upon his might :
Yea, they shall greatly glory all
In heart that are upright.
- PSALM LXV.—65.
- 1 PRAISE waits for thee in Sion, Lord,
To thee vows paid shall be.
- 2 O thou that hearer art of pray'r,
All flesh shall come to thee.
- 3 Iniquities, I must confess,
Prevail against me do :
But as for our transgressions,
Them purge away shalt thou.
- 4 Bless'd is the man whom thou dost
choose,
And mak'st approach to thee,
That he within thy courts, O Lord,
May still a dweller be :
We surely shall be satisfied
With thy abundant grace,
And with the goodness of thy house,
Ev'n of thy holy place.
- 5 O God of our salvation,
Thou, in thy righteousness,
By fearful works unto our pray'rs
Thine answer dost express :
Therefore the ends of all the earth,
And those afar that be
Upon the sea, their confidence,
O Lord, will place in thee.
- 6 Who, being girt with pow'r, sets fast
By his great strength the hills.
- 7 Who noise of seas, noise of their
And people's tumult, stills. [waves,

- Is tusa bheir air dol a mach
Na maidne gach aon là,
'S air dol an fheasgair mar an ceudn'
Bhi aoibhinn ait a ghnàth.
- 9 An talamh tha thu fìosrachadh,
'S 'ga uisgeachadh gu rèidh:
Le amhaiun Dé ta làn do'n uisg',
Tròim beartach nì thu e.
Dhoibh arbhar tha thu deasachadh,
Le d'fhreasdal caomha fèin:
- 10 'S ag uisgeachadh le pailteas mòr,
Nan iomairean gu min:
A sgrìoban leagaidh tu a sìos,
Le frasaibh nì thu tais;
A chinneas agus 'thochann fòs,
Beannaichidh tu le mais'.
- 11 Mu'n bhliadhna coron tha thu cur,
Le d' mhaithreas fèin, a Dhé;
Tha saill a' sìleadh anns gach àit,
O d' cheumannaibh gu rèidh.
- 12 Air cluainibh glas an fhàsaich luim,
Nuas sìlidh iad gu min;
Na tulaich bheag', gach taobh a ta
Làn aoibhneis agus gean.
- 13 Na cluaineann air an sgeudachadh
Le treudaibh anns gach àit;
Na glinn, le h-arbhar folaichte,
A' seinn le h-iolaich àrd.
- SALM LXVI.—66.
- 1 TOGAIBH, gach uile thir gu h-àrd,
Iolach do Dhia nan dùl.
- 2 D'a ainm ro-uasal seinnibh glòir,
A' tabhairt dha-san cliù.
- 3 Abraibh ri Dia, Cia h-uamhasach
Gach beart do nìthear leat?
Oir gèillidh dhuit do naimhde borb,
Air son gur mòr do neart.
- 4 Sleuchdaidh gach uile thalamh dhuit,
Ag iomradh ort gu binn:
Do t'ainm ro-uasal iongantach
Nì'd moladh mòr a sheinn.
- 5 Thigibh an so is amhaircibh
Air oibribh Dhé gu geur:
Ta uamhasach 'na ghnìomharaibh
Air chloinn nan daoin' gu léir.
- 6 Mar thalamh tioram rinn e 'n cuan:
Is trid nan sruth bu luath
D'an cois chaidh daoine; 'nuair a
Sinn ann san ait le buaidh. [bha
- 7 Le 'threun-neart riaghlaidh e a
chaidh;
Na slòigh d'a shùilibh 's léir:
'Sna h-àrdaicheadh luchd eusaontais
Gu h-amaideach iad fèin.
- 8 O dhaoine, beannaichibh ar Dia,
Àrd mholaibh e gun chlos.
- 9 'S e chum ar n-anam beò, 'se bheir
Nach carruichear ar cos.

- 8 Those in the utmost parts that dwell
Are at thy signs afraid:
Th' outgoings of the morn and ev'n
By thee are joyful made.
- 9 The earth thou visit'st wat'ring it;
Thou mak'st it rich to grow
With God's full flood; thou corn
prepar'st,
When thou provid'st it so.
- 10 Her rigs thou wat'rest plenteously,
Her furrows settlest:
With show'rs thou dost her mollify,
Her spring by thee is blest.
- 11 So thou the year most lib'rally
Dost with thy goodness crown;
And all thy paths abundantly
On us drop fatness down.
- 12 They drop upon the pastures wide,
That do in deserts lie;
The little hills on ev'ry side
Rejoice right pleasantly.
- 13 With flocks the pastures clothed be,
The vales with corn are clad;
And now they shout and sing to thee,
For thou hast made them glad.
- PSALM LXVI.—66.
- 1 ALL lands to God, in joyful sounds,
Aloft your voices raise.
- 2 Sing forth the honour of his name,
And glorious make his praise.
- 3 Say unto God, How terrible
In all thy works art thou!
Through thy great pow'r thy foes to
Shall be constrain'd to bow. [thee
- 4 All on the earth shall worship thee,
They shall thy praise proclaim
In songs: they shall sing cheerfully
Unto thy holy name.
- 5 Come, and the works that God hath
With admiration see: [wrought
In's working to the sons of men,
Most terrible is he.
- 6 Into dry land the sea he turn'd,
And they a passage had;
Ev'n marching through the flood on
foot,
There we in him were glad.
- 7 He ruleth ever by his pow'r;
His eyes the nations see:
O let not the rebellious ones
Lift up themselves on high.
- 8 Ye people, bless our God; aloud
The voice speak of his praise:
- 9 Our soul in life who safe preserves,
Our foot from sliding stays.

- 10 Mar airgid leaghta ghlan thusinn,
'S tu dh'fhidir sinn, a Dhé :
- 11 Chuir umainn lion ; ar leasraidh
Fo dhòrainn is fo phéin. [chuir
- 12 Thug thu air daoineibh marcachd
Tre theine 's uisge chaidh ; [oirnn,
A ris gu h-ionad saoi bhir réidh,
'S tu fein thug sinn le buaidh.
- 13 Racham do d' thigh le ofrail-loisgt' :
Dhuit coimhionam mo bhòid,
- 14 A ghealladh leam le fògladh béil,
Tràth bha mi 'n éigin mhòir.
- 15 Do'n fheadail reamhar, iobairt-
Le tùis is saill nan reith' ; [loisgt'
Ofrail nam bò, 's nan gabhar fòs
Sud bheir mi dhuit fa leth.
- 16 Thigibh, is éisdibh so, gach neach
Air am bheil eagal Dé,
Gach maith do rinn air m'anam
Sud aithriseam gu réidh. [bochd,
- 17 Do ghlaodh mi ris gu h-àrd le
m' bheul :
Le m' theangaidh dh'ardaich e.
- 18 A'm' chridh' ma bheir mi spéis do'n
Cha 'n éisd an Tighearn mi. [ole,
- 19 Gu dearbh dh'éisd Dia rium : thug
fa'near
Guth m'urnuigh Rìgh nan dùl.
- 20 Moladh do Dhia, nìor cheil a ghràs,
'S mo ghuidh' nìor chuir air cùl.

SALM LXVII.—67.

- 1 GU'N deanadh Dia mòr thrècair
oirnn,
'S ar beannachadh a ghnàth :
Is togadh e gu gràsmhor oirnn
Dealradh a ghnòis' gu bràth.
- 2 Chum fios do shlighe bhì gu fìor
'S gach uile thùr air bith :
Is iomradh air do shlàinte chaoimh
Measg fhineacha fa leth.
- 3 Moladh am pobull thus', a Dhé :
Moladh gach pobull thu.
- 4 Biodh gairdeachas air fineachaibh,
Gu h-ait a' seinn do chliù :
Oir ceart-bhreth bheir thu air an
t-sluagh,
Riaghlaidh air thalamh iad.
- 5 Moladh gach pobull thus', a Dhé :
Moladh iad thu 's gach àit.
- 6 'N sin bheir gach talamh is gach fonn
Deadh thoradh trom gu pailt :
Is cuiridh Dia ar Tighearn oirnn
A bheannachadh gun airc.
- 7 Nì Dia ar beannachadh gun cheisd,
'S bidh 'eagal-san gu fìor
Air gach aon neach a dh'aiticheas
Fad iomaill crìch gach tìr'.

- 10 For thou didst prove and try us,
Lord,
As men do silver try ;
- 11 Brought'st us into the net, and
mad'st
Bands on our loins to lie.
- 12 Thou hast caus'd men ride o'er our
heads :
And though that we did pass
Through fire and water, yet thou
brought'st
Us to a wealthy place.
- 13 I'll bring burnt-off'rings to thy
house ;
To thee my vows I'll pay,
- 14 Which my lips utter'd, my mouth
spake,
When trouble on me lay.
- 15 Burnt-sacrifices of fat rams
With incense I will bring ;
Of bullocks and of goats I will
Present an offering.
- 16 All that fear God, come, hear, I'll
What he did for my soul. [tell
- 17 I with my mouth unto him cried,
My tongue did him extol.
- 18 If in my heart I sin regard,
The Lord me will not hear :
- 19 But surely God me heard, and to
My prayer's voice gave ear.
- 20 O let the Lord, our gracious God,
For ever blessed be,
Who turned not my pray'r from him,
Nor yet his grace from me.

PSALM LXVII.—67.

- 1 LORD, bless and pity us,
Shine on us with thy face :
- 2 That th' earth thy way, and na-
tions all
May know thy saving grace.
- 3 Let people praise thee, Lord ;
Let people all thee praise.
- 4 O let the nations be glad,
In songs their voices raise :
- Thou'lt justly people judge,
On earth rule nations all.
- 5 Let people praise thee, Lord ; let
them
Praise thee, both great and small.
- 6 The earth her fruit shall yield,
Our God shall blessing send.
- 7 God shall us bless, men shall him
fear
Unto earth's utmost end.

(Second Version, see page 166.)

- 1 EIREADH ar Dia, is sgaoilear leis
An dream a's naimhde dha :
'S an aitim sin thug dhasan fuath,
Teicheadh o 'ghnùis gu bràth.
- 2 Mar sgapar deatach, fuadaich iad :
Mar leaghas teine céir,
Mar sin gu sgriosar droch dhaoin' as
A fianuis Dhé gu léir.
- 3 Ach gairdeachas air daoineibh coir,
Is aoibhneas gu'n robh ac'
Am fianuis Dhé, le luathghair mhòir,
'S iad suilbhir agus ait.
- 4 Seinnibh do Dhia, sior-mholaibh
Ardaichibh 'n Tì a ta ['ainm :
Marcachd air nèamh, tre 'ainm-san
Bibh ait 'na làth'r agnàth. [IAH,
- 5 Do dhilleachdain is athair Dia ;
Do bhantraichibh gun neart,
An tigh a naomhachd tha e ghnàth
'Na bhreitheamh dìreach ceart.
- 6 Suidhichidh Dia an teaghlachibh
An dream tha uaigneach truagh :
Is saoraidh e gu tràcaireach
'Na bheil fo chuibhreigh chruaidh ;
- Ach meud 's a bhios gu h-eucorach
Ri ceannairc is ri lochd,
Ni iadsan còmhnuidh bhunaiteach
Am fearann tioram bochd. [thu,
- 7 Air ceann do shluaigh tràth dh'imich
A Dhé, san fhàsach chruaidh ;
- 8 Chrìothnaich an talamh, shìl an
speur,
An làthair Dhé nan sluagh :
Sliabh Shinai féin tha daingean àrd,
Chrìothnaich is luaisg gu mòr,
An làthair Dhé, Dé Israeil,
Tha urramach an glòir.
- 9 Shìl thusa, Thighearna, gu pailt
Frasan a nuas gun dìth ;
Is shuidhich agus dh'fhurtaich thu
Air t'òighreachd, is i sgith.
- 10 Bha fòs do choimhthional 's do
shluagh
'Nan còmhnuidh innt', a Dhé,
Do d' mhaithreas rinn thu deasach-
Do d' dhaoineibh bochda féin. [adh
- 11 An Tighearna ta làidir treun,
Leig e a ghuth a mach,
'S a' chuideachd sin a dh'fhoillsich e
Bu lionmhor iomarcach.
- 12 Rìghrean nan armailte 's nam
An sin le deifir theich : [feachd
'S ise a dh'fhuirich aig an tigh,
Bha 'n sin a' roinn na creich'.
- 13 Measg phota luidh sibh, ach bidh
Mar agiath nan colman luath. [sibh
Foluicht' le h-airgiod, is an cleit'
Le h-òr a's deirge snuadh.
- 1 LET God arise, and scattered
Let all his en'mies be ;
And let all those that do him hate
Before his presence flee.
- 2 As smoke is driv'n, so drive thou
them ;
As fire melts wax away,
Before God's face let wicked men
So perish and decay.
- 3 But let the righteous be glad :
Let them before God's sight
Be very joyful ; yea, let them
Rejoice with all their might.
- 4 To God sing, to his name sing
praise ;
Extol him with your voice,
That rides on heav'n, by his name
JAH,
Before his face rejoice.
- 5 Because the Lord a father is
Unto the fatherless ;
God is the widow's judge, within
His place of holiness.
- 6 God doth the solitary set
In fam'lies : and from bands
The chain'd doth free ; but rebels do
Inhabit parched lands.
- 7 O God, what time thou didst go forth
Before thy people's face ; [ness
And when through the great wilder-
Thy glorious marching was ;
- 8 Then at God's presence shook the
earth,
Then drops from heaven fell ;
This Sinai shook before the Lord,
The God of Israel.
- 9 O God, thou to thine heritage
Didst send a plenteous rain,
Whereby thou, when it weary was,
Didst it refresh again.
- 10 Thy congregation then did make
Their habitation there :
Of thine own goodness for the poor,
O God, thou didst prepare.
- 11 The Lord himself did give the word,
The word abroad did spread ;
Great was the company of them
The same who published.
- 12 Kings of great armies foiled were,
And forc'd to flee away ;
And women, who remain'd at home,
Did distribute the prey.
- 13 Though ye have lain among the
pots,
Like doves ye shall appear,
Whose wings with silver and with
gold,
Whose feathers cover'd are.

- 14 Tràth sgaoil Dia uile-chumhachd-
Na rìghrean innt' a steach : {ach
'N sin bha i geal mar Shalmon àrd,
'S i uile làn do shneachd.
- 15 An sliabh ud, Dhé, is cosmhuil e,
Ri Basan measg nam beann,
Mar Bhasan mòr is amhluidh e,
Gu h-àrd a thog a cheann.
- 16 C'ar son a leum sibh, bheannta àrd?
'S e so àrd-thulaich Dhé,
Am miann leis tàmh, is bithidh e
'Na chòmhnuidh ann gach rè.
- 17 Tha carbaid Dhé 'nam fichead mìl';
Milte do ainglibh treun';
'Na theampull naomh tha Dia 'nam
Ionnan 's 'na Shinai féin. [measg,
- 18 Is chaidh thu suas air ionad àrd,
Thug bruid am braighdeanas,
Do dhaoineibh shuair thu tiodhlaca,
Le'n dean thu toirbheartas :
'S ann cheana fòs do'n mhuinntir ud
Ro-cheannairceach a ta,
A chum gu'm biodh Iehobhah Dia
'Na chòmhnuidh ac' a ghnàth.
- 19 Dia gu ma beannaicht' gu robh e,
Tha dòrtadh oirnn gach lò
A thiodhlaca, 'se Dia ar slàint',
An Dia a chum sinn beò.
- 20 Is leinn an Dia ta làidir treun,
Nì cabhair anns gach càs :
Do Dhia Iehobhah buinidh fòs
Làn-teasairginn o'n bhàs.
- 21 Ach ceann a naimhde brisidh Dia ;
Is claigionn greannach cruaidh
An fhir a dh'imicheas gu dàn
'Na chionta féin gach uair.
- 22 Deir Dia, Bheir mise air an ais
Mo shluagh o Bhasan àrd ;
'S o dhoimhneachd fairge bheir mi
A nìos iad le mòr bhàigh. [ris,
- 23 Chum ann am fuil do naimhde dian,
Do chos gu'n deantar dearg,
'S gu'n tumar fòs 'nam fuil-san féin
Teangadh do mhadradh garg'.
- 24 Do thriall-sa chunnaic iad, a Dhé,
A Thighearna ro-chaoimh,
'S e triall mo Thighearna is mo Rìgh,
'S ann anns an àros naomh.
- 25 Luchd-òrain dh'imich iad air tùs,
Luchd-inneil ciùil a ris :
'Nam measg a' bualadh thiompan fòs
Na maighdeana gu min.
- 26 Deanaibh-sa Dia a bheannachadh,
'Nur coimhthional le chéil',
Eadhon Iehobhah Dia nam feart,
O thobar Israeil.
- 27 Benjamin beag le'n triath an sud,
Bha prionnsan Iudah ann

- 14 When there th' Almighty scatter'd
kings
Like Salmon's snow 'twas white.
- 15 God's hill is like to Bashan hill,
Like Bashan hill for height.
- 16 Why do ye leap, ye mountains
This is the hill where God [high ?
Desires to dwell ; yea, God in it
For aye will make abode.
- 17 God's chariots twenty thousand
are,
Thousands of angels strong ;
In's holy place God is, as in
Mount Sinai, them among.
- 18 Thou hast, O Lord, most glorious,
Ascended up on high ;
And in triumph victorious led
Captive captivity :
Thou hast received gifts for men,
For such as did rebel ;
Yea, ev'n for them, that God the
Lord
In midst of them might dwell.
- 19 Bless'd be the Lord, who is to us
Of our salvation God ;
Who daily with his benefits
Us plenteously doth load.
- 20 He of salvation is the God,
Who is our God most strong ;
And unto God the Lord from death
The issues do belong.
- 21 But surely God shall wound the
head
Of those that are his foes ;
The hairy scalp of him that still
On in his trespass goes.
- 22 God said, My people I will bring
Again from Bashan hill ;
Yea, from the sea's devouring
depths
Them bring again I will ;
- 23 That in the blood of enemies
Thy foot imbru'd may be,
And of thy dogs dipp'd in the same
The tongues thou mayest see.
- 24 Thy goings they have seen, O
God ;
The steps of majesty
Of my God, and my mighty King,
Within the sanctuary.
- 25 Before went singers, players next
On instruments took way ;
And them among the damsels were
That did on timbrels play.
- 26 Within the congregations
Bless God with one accord :
From Isr'el's fountain do ye bless
And praise the mighty Lord

- Le'n comhairl', prionnsan Naphtali,
Is prionnsan Shebuluin.
- 28 Do Dhia 'se dh'àithn is dh'òrduich
Do neart is fòs do threòir : [dhuit
An gnìomh a rinn thu air ar son,
Neartaich, a Dhé na glòir'.
- 29 Air son do theampuill naoimh, a
Ta aig Ierusalem, [Dhé,
Do bheir na rìghre ta mu'n cuairt
Deadh thiodhlaca dhuit féin.
- 30 Thoir achmhasan do luchd nan
sleagh,
'S do chuideachd mhòir nan tarbh,
Do laoghaibh fòs a' phobuill ud,
Thoir achmhasan gu garbh,
Le mìribh airgid gus an géill
lad sud gu léir do d' smachd :
Sgaoil thus' am pobull ud, a Dhé,
A ghabh do'n chogadh tlachd.
- 31 Thig prionnsa mòr' o'n Eiphit
'S ni Etiopia fòs [mach,
A làmban shineadh mach gu luath
Ri Tighearna na glòir'.
- 32 O rìoghachdan an domhain mhòir,
Seinnibh do Dhia gu grinn ;
Do'n Dia a's Rìgh 's a's Tighearn
Seinnibh-sa moladh binn. [ann,
33 Do'n mharcach àrd air nèamh nan
Ta ann o'n aimsir chéin : [nèamh,
Feuch, tha e cur a mach a ghuth',
A ghuth' ta làidir treun.
- 34 Sior-thugaibh neart do Dhia : oir
A ghloir thar Israel, [tha
'S a threis a ta sna nèamhaibh àrd,
'S an neulaibh tiugh' nan speur.
- 35 O d' naomh-thigh 's uamhasach thu,
Dia Israel gu beachd, [Dhé:
D'a phobull bheir sàr-neart is treòir :
'S beannaichte Dia nam feart.

SALM LXIX.—69.

- 1 O TEASAIRG mise, Dhé mo neirt,
Oir dhòirt na tuilt orm,
Is thàinig fòs air m'anam bochd,
Na h-uisgeacha le toirm.
- 2 An làthaich dhomhain tha mi'n sàs,
Gun àit an seasainn ann ;
Le h-uisgibh domhain ghlacadh mi,
Is sruth dol thar mo cheann.
- 3 Taim sgith le m' ghlaodhaich ; agus
Mo scornan loi-gt' le tart : [tha
Mo shùile ta air làilneachadh,
Feitheamh air Dia nam feart.
- 4 Is lionmhoire na falt mo chinn
Mo naimhde gun chion-fàth,
'S an dream ud fòs le'm b'àill mo
Ro ghluineach làidir ta. [chlaoidh
An sin an ui nach d'thug mi leam,
Dh'aisig mi uam gu beachd.

- 27 With their prince, little Benjamin,
Princes and council there
Of Judah were, there Zabulon's
And Napht'li's princes were.
- 28 Thy God commands thy strength ;
make strong
What thou wrought'st for us, Lord.
- 29 For thy house at Jerusalem
Kings shall thee gifts afford.
- 30 The spearmen's host, the multitude
Of bulls, which fiercely look,
Those calves which people have forth
O Lord our God, rebuke, [sent,
Till ev'ry one submit himself,
And silver pieces bring :
The people that delight in war
Disperse, O God and King.
- 31 Those that be princes great shall
Come out of Egypt lands ; [then
And Ethiopia to God
Shall soon stretch out her hands.
- 32 O all ye kingdoms of the earth,
Sing praises to this King ;
For he is Lord that ruleth all,
Unto him praises sing.
- 33 To him that rides on heav'ns of
heav'ns,
Which he of old did found ;
Lo, he sends out his voice, a voice
In might that doth abound.
- 34 Strength unto God do ye ascribe ;
For his excellency
Is over Israel, his strength
Is in the clouds most high.
- 35 Thou'rt from thy temple dreadful,
Isr'el's own God is he, [Lord ;
Who gives his people strength and
pow'r :
O let God blessed be.

PSALM LXIX.—69.

- 1 SAVE me, O God, because the floods
Do so environ me,
That ev'n unto my very soul
Come in the waters be.
- 2 I downward in deep mire do sink,
Where standing there is none :
I am into deep waters come,
Where floods have o'er me gone.
- 3 I weary with my crying am,
My throat is also dried ;
Mine eyes do fail, while for my God
I waiting do abide.
- 4 Those men that do without a cause
Bear hatred unto me,
Than are the hairs upon my head
In number more they be :
They that would me destroy, and are
Mine en'mies wrongfully,

5 Dhia, 's fiosrach thu air m'amaid-eachd,
 Cha'n fholuicht' ort mo lochd.
 6 Nàir air mo sgàth-sa, Dhé, na leig,
 O Thighearna nan sluagh,
 Air neach air bith do'n aitim ud
 Tha feitheamh ort gach uair :
 An dream sin, O Dhia Israeil,
 Ga d'iarraidh féin a ta,
 Na leig gu bràth fo nàire iad,
 No masladh air mo sgàth.
 7 Oir masladh dh'fhuiling air do sgàth ;
 —Lìonadh mo ghnùis le nàir'.
 8 Do m' bhràthraibh is fear coigreach
 mi,
 Coimheach aig cloinn mo mhàth'r.
 9 Le eud do theach-sa shluigeadh mi ;
 Meud 's a bheir masladh dhuit,
 'S ann orms' an toibheum sud gu
 Gu leth-tromach a thuit. [léir
 10 M'anam tràth thraisg, 's a rinn mi
 gul,
 'N sin mhasluich iad mo ghnìomh.
 11 'S 'nuair chuir mi umam eudach
 Ball-magaidh rinn iad dhìom. [saic,
 12 Dhoibhsan a shuidheas anns a'
 gheat',
 'S cùis chòmhraidh mi gach là ;
 'S do luchd na misg' ri àm am poit',
 A'm' òran tha mi ghnàth.
 13 Ach mise, Dhé, nì'm urnuigh riut,
 Sau uair a's taitneach leat :
 Eisd rium, a Dhé, réir meud do
 ghràis,
 Le d' chabhair fhior thoir neart.
 14 O'n làthaich saor mi, O mo Dhia !
 Chum fuidh nach rachainn sìos :
 O luchd mo mhi-ruin teasairg mi,
 'S o dhoimhneachd uisge nìos.
 15 Na rachadh tharum tuilteach uisg',
 Na sluigeadh doimhneachd mi,
 An slochd na druideadh orm a bheul
 Gu h-iomlan chum mo chlaoidh.
 16 Eisd rium, O Dhia, oir 's maith do
 ghràs :
 Pill rium a'd' thròcair phailt.
 17 Do ghnùis na ceil air t'òglach féin,
 Eisd rium gu luath, 's mi'n airc.
 18 Rì m'anam druid, is fuasgail e :
 O m' nàmhaid dean mo dhìon.
 19 Mo mhasladh, m'eas-urram, 's mo
 nàir',
 'S mo naimhde, 's léir dhuit féin.
 20 Le toibheum tha mo chridhe brist',
 Is mi gu h-iarganach :
 Dh'iarr mi luchd truais is comhfhurt-
 achd,
 Is dhiubh cha d'fhuaras neach.

Are mighty : so what I took not,
 To render forc'd was I.
 5 Lord, thou my folly know'st, my sins
 Not cover'd are from thee.
 6 Let none that wait on thee be sham'd,
 Lord God of hosts, for me.
 O Lord, the God of Israel,
 Let none, who search do make,
 And seek thee, be at any time
 Confounded for my sake.
 7 For I have borne reproach for thee,
 My face is hid with shame.
 8 To brethren strange, to mother's
 An alien I became. [sons
 9 Because the zeal did eat me up,
 Which to thine house I bear ;
 And the reproaches cast at thee
 Upon me fallen are.
 10 My tears and fasts, t' afflict my soul,
 Were turned to my shame.
 11 When sackcloth I did wear to them
 A proverb I became.
 12 The men that in the gate do sit
 Against me evil spake ;
 They also that vile drunkards were,
 Of me their song did make.
 13 But, in an acceptable time,
 My pray'r, Lord, is to thee :
 In truth of thy salvation, Lord,
 And mercy great, hear me.
 14 Deliver me out of the mire,
 From sinking do me keep ;
 Free me from those that do me hate,
 And from the waters deep.
 15 Let not the flood on me prevail,
 Whose water overflows ;
 Nor deep me swallow, nor the pit
 Her mouth upon me close.
 16 Hear me, O Lord, because thy love
 And kindness is most good ;
 Turn unto me, according to
 Thy mercies' multitude.
 17 Nor from thy servant hide thy face :
 I'm troubled, soon attend.
 18 Draw near my soul, and it redeem ;
 Me from my foes defend.
 19 To thee is my reproach well known,
 My shame, and my disgrace :
 Those that mine adversaries be
 Are all before thy face.
 20 Reproach hath broke my heart ; I'm
 Of grief : I look'd for one [full
 To pity me, but none I found ;
 Comforters found I none.
 21 They also bitter gall did give
 Unto me for my meat :
 They gave me vinegar to drink,
 When as my thirst was great.

- 21 Seadh, thug iad domblas dhomh
mar bhiadh,
'S am iotadh thug fion geur.
22 Mar eangach dhoibh gu robh am
bord;
'S mar rib an àgh gu léir.
23 Gun léirsinn biodh an sùilean dall,
'S an leasraidh ghuàth air chrith.
24 Dòirt orra t'fhearg, 's le d'chorruich
ghéir
Glac iad gach uair sam bith.
25 Mar fhàsach lom gun àiteachadh
Gu robh an tàmh 's an teach,
Is anns na pàillionaibh bu leo
Còmhnuidh na gabhadh neach.
26 Oir lean iad le dian-fhoireigneadh
An ti a bhuailleadh leat;
Is labhair iad chum doilgheis mhòir,
Do'n dream a rinn thu lot.
27 Cuir ciont' ri 'n aingidheachd, 's na
leig
A'd' cheartas iad a steach:
28 A leabhar fòs nam beò gu tur
Dubhar iad sud a mach;
Is maille ris na fireanaibh
A bhuineas duit gun cheisd,
Is ann an àireamh dhaoine còir
Na sgrìobhar iad am feasd.
29 Ach mise ta gu h-ainnis bochd,
Is làn do bhròd faraon:
Togadh do shlàinte mi an àird,
A Dhé, gu grasmhor caoin.
30 Le h-òran binn sior-mholaidh mi
Dèadh ainm mo Dhé gach là,
'S a chliù-san fòs sior-thogar lean
Le buidheachas gu h-àrd.
31 'S fearr leis an Tighearn sud gu mòr
Na damh ta adhiarcach,
No iobairt fòs a bheireadh neach
Do bhiorach crobhanach.
32 Na daoine sèimh tràth chi iad so,
Bidh aoibhneach ait gu leòr;
Is bidh 'ur cridh'-sa beò gu bràth
Ta 'g iarraidh Dhé na glòir'.
33 Ri bochdaibh éisdidh Dia, 's cha
dean
Tàir air a phrìosanaich.
34 Nèamh, muir, is tir, gu moladh e,
'S gach ni ta gluasadach.
35 Oir bailte Iudah togaidh Dia,
Is saorar Sion leis,
A chum gu meal iad i gu buan,
'Ga h-àiteachadh am feasd.
36 Do shliochd a sheirbhiseach gu fìor,
Is sealbh ro-dhìleas i;
'S an dream a bheir d'a ainm-san
gràdh,
Sior-chòmhnuidh innte ni.
- 2 Before them let their table prove
A snare; and do thou make
Their welfare and prosperity
A trap themselves to take.
23 Let thou their eyes so darken'd be,
That sight may them forsake;
And let their loins be made by thee
Continually to shake.
24 Thy fury pour thou out on them,
And indignation;
And let thy wrathful anger, Lord,
Fast hold take them upon.
25 All waste and desolate let be
Their habitation;
And in their tabernacles all
Inhabitants be none.
26 Because him they do persecute,
Whom thou didst smite before;
They talk unto the grief of those
Whom thou hast wounded sore.
27 Add thou iniquity unto
Their former wickedness;
And do not let them come at all
Into thy righteousness.
28 Out of the book of life let them
Be raz'd and blotted quite;
Among the just and righteous
Let not their names be writ.
29 But now become exceeding poor
And sorrowful am I:
By thy salvation, O my God,
Let me be set on high.
30 The name of God I with a song
Most cheerfully will praise;
And I, in giving thanks to him,
His name shall highly raise.
31 This to the Lord a sacrifice
More gracious shall prove,
Than bullock, ox, or any beast
That hath both horn and hoof.
32 When this the humble men shall
It joy to them shall give: [see,
O all ye that do seek the Lord,
Your hearts shall ever live.
33 For God the poor hears, and will
His prisoners condemn. [not
34 Let heav'n, and earth, and seas him
praise,
And all that move in them.
35 For God will Judah's cities build,
And he will Sion save,
That they may dwell therein, and it
In sure possession have.
36 And they that are his servants' seed,
Inherit shall the same;
So shall they have their dwelling
there
That love his blessed name.

- 1 IEHOBAH Dhia, gu m' theasairginn,
'S gu m' chòmhnadh, deifrich ort.
2 Biodh nàir' is amhladh air an dream
Ta 'g iarraidh m'anam' bhochd :
Pillear an dream ud air an ais,
Le 'm miann mo lochd a ghnàth,
Mòr amhladh gu robh orra sud,
Is rughadh gruaidh gach là.
3 Gu pillear iadsan air an ais,
Mar thuarasdal d'an nàir',
An dream a their gu fanoideach,
Aha, aha, le tàir.
4 Aoibhneas is aighear, do gach neach
Ga d' iarraidh féin a ta :
Is abradh iad le 'n toigh do shlaint',
Dia gu ma mòr, a ghnàth.
5 Ach mise ta gu h-ainnis bochd,
A m' ionnsuidh greas, a Dhia :
Mo chabhair thu, 's mo shlànuigh-
Moille na deau, mo Thriath. [ear;

SALM LXXI.—71.

- 1 'S ANN riuta ta mi 'g earbsadh, Dhé ;
Nàir' orm am feasd na biodh,
2 A'd' cheartas fòir, thoir orm dol as :
Aom rium do chluas, saor mi.
3 A'd' charraig còmhnuidh bi-sa
dhomh,
D'an tàthuicheam do shior :
Mo chaisteal, is mo dhaingneach thu,
Thug àithne chum mo dhion.
4 A làimh nan aingidh, O mo Dhia,
Dean fuasgladh dhomh a'm' chruas,
A làimh na muinntir eucoraich,
' A ta gun iochd, gun truas.
5 Oir 's tusa, Thighearna mo Dhia,
Mo dhòchas ann am fheum :
O aois is aimsir m'òige suas,
Mo mhuighinn thu ro-threun.
6 'S ann leatsa chumadh mise suas,
O thain'geas as a' bhroinn ;
A bolg mo mhàthar bhuin thu mi,
Sior-mholam thu gu binn.
7 Mar aobhar iongantais, a Dhé,
Aig mòran a ti mi ; [dhomh,
Ach 's tusa 's tèarmunn dileas
'S mo spionnadh mòr gun dith.
8 Lìonar mo bheul le d' mholadh-sa,
'S le t'urram féin gach là.
9 Na tilg mi dhìot a'm' aois ; 's na tréig
'N tràth dh'fhàilnicheas mo
threòir.
10 Oir m'aghaidh mheud 's is naimhde
Labhair gu sgaiteach geur : [dhomh
'S an dream ta brath air m'anam
Ghabh comhairle le chéil'. [bochd,
11 Ag ràdh, Do thréigeadh e le Dia,
Leanaibh e nis gu teann,

- 1 LORD, haste me to deliver ;
With speed, Lord succour me.
2 Let them that for my soul do seek
Sham'd and confounded be :
Turn'd back be they, and sham'd,
That in my hurt delight,
3 Turn'd back be they, Ha, ha ! that
say,
Their shaming to requite.
4 In thee let all be glad,
And joy that seek for thee :
Let them who thy salvation love
Say still, God praised be.
5 I poor and needy am ;
Come, Lord, and make no stay :
My help thou aud deliv'rer art ;
O Lord, make no delay.

(Second Version, see page 166.)

PSALM LXXI.—71.

- 1 O LORD, my hope and confidence
Is plac'd in thee alone ;
' Then let thy servant never be
Put to confusion.
2 And let me, in thy righteousness,
From thee deliv'rance have :
Cause me escape, incline thine ear
Unto me, and me save.
3 Be thou my dwelling-rock, to which
I ever may resort :
Thou gav'st commandment me to
save,
For thou'rt my rock and fort.
4 Free me, my God, from wicked
Hands cruel and unjust : [hands,
5 For thou, O Lord God, art my hope,
And from my youth my trust.
6 Thou from the womb didst hold me
Thou art the same that me [up ;
Out of my mother's bowels took ;
I ever will praise thee.
7 To many I a wonder am ;
But thou'rt my refuge strong.
8 Fill'd let my mouth be with thy praise
And honour all day long.
9 O do not cast me off, when as
Old age doth o'ertake me ;
And when my strength decayed is,
Then don't thou forsake me.
10 For those that are mine enemies
Against me speak with hate :
And they together counsel take
That for my soul lay wait.
11 They said, God leaves him ; him
pursue
And take : none will him save.

- Is glacaibh, oir g'a theasairginn,
Cha'n 'eil neach idir ann.
- 12 A Dhé, na bi-sa fada uam;
Fòir orm, mo Dhia, gu luath.
- 13 Biodh nàir' is claidh air m'eas-
cairdibh,
'G am bheil do m'anam fuath:
Masladh is nàire fol'cheadh iad,
Tha 'g iarraidh m'uile gach lò.
- 14 Sior-earbam riut, is seinuidh mi
Do chliu ni 's mò 's ni 's mò.
- 15 Labhraidh mo bheul air t'fhireant-
achd,
'S do sblàint' gach là gun sgios:
An àireamh sud aig lìonmhoireachd
Cha'n fheudar leam chur sìos.
- 16 Tre neart an Tighearna mo Dhia,
Fòs gluaisidh mi a ghnàth:
Is ni mi sgeul air t'fhireantachd,
T'fhireantachd féin a mhàin.
- 17 O m'òige rinn thu teagasg dhomb,
A Thighearn is a Dhé;
Is chuir mi t'òibre iongantach
Gu ruige so an céill.
- 18 A nis air bhi dhomb aosmhor liath,
Na tréig mi, Dhia nam feart:
Gu taisbeanainn do neart 's do threis,
Do'n àl a t'ann, 's ri teachd.
- 19 'S ro-àrd do cheartas féin, a Dhé,
Is rinn thu bearta mòr:
O Dhia, cò e a's cosmhuil riut,
No choimeas riut is còir?
- 20 Trioblaid ro-mhòr is an-shocair,
'S tu thaisbein dhomb, a Dhé;
Ath-bheothaichidh, is bheir thu ris
O dhoimhneachd talmhainn mi.
- 21 Mo mhòrachd cuiridh tus'am meud,
'S bheir sòlas air gach taobh.
- 22 Air saltair molam thu, mo Dhia,
Seadh t'fhirinn ta ro-chaomh.
Is seinneam dhuit air clàrsaich
O Aoin Naoimh Israeil. [bhinn,
- 23 Mo bhilean ni mòr-ghairdeachas,
Tràth sheinneam dhuit le m' bheul:
Bidh subhachas is aoibhneas mòr
Air m'anam féin, a Dhé,
A shaoradh leat gu tròcaireach
O 'thrioblaidibh gu léir.
- 24 Is bidh mo theang' air t'fhireant-
Ag iomradh feadh an là: [achd
Oir nàir' is ambluadh fhuair an
'G iarraidh mo lochd a ta. [dream
- SALM LXXII.—72.
- 1 DHIA, thoir do bhreitheanas do'n
Is t'fhireantachd d'a mhac. [righ,
- 2 Bheir esan ceart bhreith air do
shluagh,
'S do d' bhochdaibh còir 'nan aire.

- 12 Be thou not far from me, my God:
Thy speedy help I crave.
- 13 Confound, consume them, that unto
My soul are enemies:
Cloth'd be they with reproach and
shame
That do my hurt devise.
- 14 But I with expectation
Will hope continually;
And yet with praises more and more
I will thee magnify.
- 15 Thy justice and salvation
My mouth abroad shall show,
Ev'n all the day; for I thereof
The numbers do not know.
- 16 And I will constantly go on
In strength of God the Lord;
And thine own righteousness, ev'n
Alone, I will record. [thine
- 17 For even from my youth, O God,
By thee I have been taught;
And hitherto I have declar'd
The wonders thou hast wrought.
- 18 And now, Lord, leave me not, when
Old and grey-headed grow: [I
- 10 The moutains veil'd were with its
As with a covering ; [shade,
Like goodly cedars were the boughs
Which out from it did spring.
- 11 Upon the one hand to the sea
Her boughs she did out send ;

- An taobh ud eil' a geugan shìu
Gu ruig an amhainn mhòir.
- 12 A callaid c'uim' a bhriseadh leat !
Ionnus gu bheil gach neach
Théid seachad air an rathad mhór,
'Ga spionadh leo fa seach.
- 13 Tha'n torc a thig o'n choille mach
'Ga fàsachadh gu léir,
Tha beathaich allt' na machrach fòs
'Ga slugadh suas le chéil'.
- 14 Pill, guidh'mid ort, a Dhé nan
sluagh,
Is seall o nèamh a nuas,
Feuch, agus fiosraich féin a nis
An fhionain so le truas :
- 15 Am fion-lios sin a shuidhich thu,
Le neart do làimhe deis' :
'S am meanglan ud a neartaich thu
Dhuit féin le lùth is treis.
- 16 Le lasair theine loisgeadh i,
Is ghearradh i a nuas :
Làn-mhilleadh agus sgriosadh iad,
Le achmhasan do ghnùis.
- 17 Air fear do dheas làimh féin, a Dhé,
Gu robh do làmh gu treun :
Air mac an duin' a rinneadh leat
A neartachadh dhuit féin.
- 18 Mar sin cha phill sinn uait a ris ;
Ath-bheothaich sinn gach lò,
Is gairmidh sinn air t'ainm an sin,
An cian a bhios sinn beò.
- 19 Pill sinn a ris, a Dhé nam feart,
Is foillsich féin gu h-àrd
Deadh dhealradh glan do ghnùis a
Is saorar sinn le d' ghràs. [nis,
- SALM LXXXI.—81.
- 1 SEINNIBH gu h-ait do Dhia ar neart ;
Dhia Iacoib fòs gu binn,
- 2 Is glacaibh salm, is tiompan fòs ;
Saltair is clàrsach ghriinn.
- 3 An trompaid séidibh san ré nuadh :
Air làithibh orduicht' féill'.
- 4 Bu lagh sud aig Dia Iacoib fòs ;
'S bu reachd do Israel.
- 5 Do Joseph dh'orduich sud mar theist,
Air dol dhia trid na h-Eiph't ;
'S an cualas cainnt is uirghioill fòs
Nach tuiginn as am beul.
- 6 O'n uallach shaor mi 'ghuala-san :
O obair chrè a làmh.
- 7 Ghair thusa ann ad thrioblaid orm,
Is shaor mi thu gun dàil :
- An ionad diomhair tairneanaich,
Do fàreagair mi do ghlaodh :
Aig uisgibh comhstri Mheribah,
Do dhearbhadh mi thu faraon.
- 8 Eisd, O mo shluagh, is bheir mi dhuit
Deadh fhianuis fòs gu ceart,

- On th' other side unto the flood
Her branches did extend.
- 12 Why hast thou then thus broken
And ta'en her hedge away ? [down
So that all passengers do pluck,
And make of her a prey.
- 13 The boar who from the forest comes
Doth waste it at his pleasure ;
The wild beast of the field also
Devours it out of measure.
- 14 O God of hosts, we thee beseech,
Return now unto thine ;
Look down from heav'n in love, be-
And visit this thy vine : [hold,
- 15 This vineyard which thine own
right hand
Hath planted us among ;
And that same branch, which for thy-
Thou hast made to be strong. [self
- 16 Burnt up it is with flaming fire,
It also is cut down :
They utterly are perished
When as thy face doth frown.
- 17 O let thy hand be still upon
The Man of thy right hand,
The Son of man, whom for thyself
Thou madest strong to stand.
- 18 So henceforth we will not go back,
Nor turn from thee at all :
O do thou quicken us, and we
Upon thy name will call.
- 19 Turn us again, Lord God of hosts,
And upon us vouchsafe
To make thy countenance to shine,
And so we shall be safe.
- PSALM LXXXI.—81.
- 1 SING loud to God our strength ; with
To Jacob's God do sing. [joy
- 2 Take up a psalm, the pleasant harp,
Timbrel and psalt'ry bring.
- 3 Blow trumpets at new-moon, what
Our feast appointed is : [day
- 4 For charge to Isr'el and a law
Of Jacob's God was this.
- 5 To Joseph this a testimony
He made, when Egypt land
He travell'd through, where speech
I did not understand. [I heard
- 6 His shoulder I from burdens took,
His hands from pots did free.
- 7 Thou didst in trouble on me call,
And I deliver'd thee :
- In secret place of thundering,
I did thee answer make ;
And at the streams of Meribah,
Of thee a proof did take.
- 8 O thou, my people, give an ear,
I'll testify to thee ;

Ma dh'éisdeas tu ri guth mo bhéil,
O Israeil gu beachd.

- 9 Annad na biodh aon uair air bith
Dia eile coigreach bréig',
Is do dhia coimheach fòs air bith
Na crom-sa sìos 's na géill.
- 10 'S mise do Dhia Iehobhah treun,
Thug thus' o'n Eiph't le neart;
Gu farsuinn fosgail rium do bheul,
Is lionam e gu pailt.
- 11 Gidheadh cha d' thug mo phobull
Eisdeachd do ghuth mo bhéil, [féin
'S cha ghabhadh rium an aitim ud
A ghin o Israel.
- 12 Mar sin do mhiann an cridhe féin
Thug mise thairis iad:
'S ghluais iad 'nan comhairle neo-
A' cur an ciont' am meud. [ghlic
- 13 O b'fhearr gu'm biodh mo phobull
féin
A' tabhairt géill do m' reachd:
Is fòs gu'n gluaiseadh Israel
A'm' shlighibh féin gu ceart!
- 14 An naimhde smachdaichinn gu
luath,
Le buaidh 'g an leagadh sìos;
Is phillinn air an eascairdibh
Mo làmh, g'an cur fo chis.
- 15 Luchd-fuath' an Tighearna mar sin
Bheireadh làn-ùmhlaichd dha;
Ach biodh an aimsir-san ro-bhuan
Is maireannach gu bràth.
- 16 Is bheireadh e ga'm beathachadh,
Smior cruithneachd fòs d'a shluagh:
Do làn-dhiol bheirinn duit faraon
Do'n mhill o'n charraig chruaidh.

SALM LXXXII.—82.

- 1 AN coimhthional nan treun a ta
'Na sheasamh Dia nam feart:
Am measg nan dée bheir esan breth
Le cothrom is le ceart.
- 2 Cia fhad a bheir sibh breitheanas
Gu h-eucorach 's gach cùis;
Toirt leth-bhreth air na daoineibh
'Gam meas a réir an gnúis? [daoi
- 3 Do dhaoineibh bochd 's do dhilleachd-
Deanaibh-sa dìon le ceart; [ain
Is cumaibh coir riu sud a ghnàth
Ta cràiteach bochd gun neart:
- 4 An t-ainnis lag 's an deòradh truagh,
Sior-theasairgibh 'nam feum,
Deanaibh o làimh nan aingidh fòs
Deadh-fhuasgladh dhoibh gu treun.
- 5 Eòlas no tuigse cha'n 'eil ac',
A' triall san dorchaid taid;
Tha bunaite na talmhainn fòs
Air gluasad as an àit.

To thee, O Isr'el, if thou wilt
But hearken unto me.

- 9 In midst of thee there shall not be
Any strange god at all;
Nor unto any god unknown
Thou bowing down shalt fall.
- 10 I am the Lord thy God, which did
From Egypt land thee guide;
I'll fill thy mouth abundantly,
Do thou it open wide.
- 11 But yet my people to my voice
Would not attentive be;
And ev'n my chosen Israel
He would have none of me.
- 12 So to the lust of their own hearts
I them delivered;
And then in counsels of their
own
They vainly wandered.
- 13 O that my people had me heard,
Isr'el my ways had chose!
- 14 I had their en'mies soon subdu'd
My hand turn'd on their foes.
- 15 The haters of the Lord to him
Submission should have feign'd:
But as for them, their time should
have
For evermore remain'd.
- 16 He should have also fed them
with
The finest of the wheat;
Of honey from the rock thy fill
I should have made thee eat.

PSALM LXXXII.—82.

- 1 IN gods' ass-embly God doth stand;
He judgeth gods among.
- 2 How long, accepting persons
vile,
Will ye give judgment wrong?
- 3 Defend the poor and fatherless;
To poor oppress'd do right.
- 4 The poor and needy ones set
free;
Rid them from ill men's might.
- 5 They know not, nor will under-
stand;
In darkness they walk on:
All the foundations of the earth
Out of their course are gone.
- 6 I said that ye are gods, and are
Sons of the Highest all:
- 7 But ye shall die like men, and as
One of the princes fall.

- 6 Is dée sibh (thubhairt mi,) 's is mic
Do'n Tì a's àirde t'ann: [dhaoin',
7 Ach tuitidh, 's gheibh sibh bàs mar
'S mar aon do phrionnsaibh fann.
8 Dhia, éirich, air an talamh dean
Deadh bhreitheanas gu grad:
Oir gabhaidh tu mar oighreachd
Na fineachan air fad. [dhuìt

SALM LXXXIII.—83.

- 1 NA bi a'd' thosd'a nis, na bi
A'd' thàmh, O Dhia ar neart,
Na bi-sa sàmhach nis 'nar feum,
Dhia chumhachdaich nam feart.
2 Oir feuch, a ta do naimhde treun
Ri stri is buaireas àrd;
'S an dream ud leis am fuathach thu,
An cinn thog suas an àird.
3 Oir dhealbh iad oig gu enilbheartach
'N aghaidh do phobuill féin,
'N aghaidh do mhuinntir dhiomhair
Ghabh comhairle le chéil'. [fòs
4 A deir iad, Thigibh leinn g'an sgrios
O bli ni 's mò 'nan sluagh;
A chum nach biodh air Israel
Iomradh gu bràth no luaidh:
5 Oir ghabh iad comhairle le chéil':
A' t'aghaidh ceangal rinn.
6 Pàillun Edoim, 's Ismaelich,
Moab is Hagaren;
7 Gebal, Amon, is Amalec,
Palestin, 's muinntir Thior;
8 Dhruid Asur leo: 's bu chòmhnaidh
Do ghineil Lot gu fìor. [iad
9 Mar rinneadh leat air Midian,
'S air Sisera le chéil';
Air labin aig sruth Chisoin cas,
Dean orra sud d'a réir:
10 Aig Endor mar a chaidh an claidh
Mar aolach air an làr.
11 Air Oreb mar rinn thu, 's air Seeb,
Dean air an uaislibh tàir:
Mar Sheba fòs is Shalmuna,
Am prionnsan dean gu léir:
12 A thubhairt, Glacamaid dhuinn
Mar oighreachd, àrois Dé. [féin,
13 Dean iad mar asbhuaib, O mo Dhia;
Mar mholh roimh ghaoith nan
gleann. [chrion,
14 Mar chlaoidheas teine coillteach
'S mar loisgeas lasair beann:
15 Mar sin le d' dhoininn orra sud,
Dean thusa tòrachd dhian;
Le d'iom-ghaoith, is le d' dhoininn
Cuir orra geilt is fiamh. [mhòir,
16 An eudan hon le masladh mìd,
'S le rughadh-gruaidh' gach rè,
Gu ruig an uair an iarrar leo
T'ainm glòrmhor féin, a Dhé.

- 8 O God, do thou raise up thy-
self,
The earth to judgment call:
For thou, as thine inheritance,
Shalt take the nations all.

PSALM LXXXIII.—83.

- 1 KEEP not, O God, we thee entreat,
O keep not silence now:
Do thou not hold thy peace, O
God,
And still no more be thou.
2 For, lo, thine enemies a noise
Tumultuously have made;
And they that haters are of thee
Have lifted up the head.
3 Against thy chosen people they
Do crafty counsel take;
And they against thy hidden ones
Do consultations make.
4 Come, let us cut them off, said they,
From being a nation,
That of the name of Iſr'el may
No more be mention.
5 For with joint heart they plot, in
league
Against thee they combine.
6 The tents of Edoim, Ishm'elites,
Moab's and Hagar's line:
7 Gebal, and Ammon, Amalek,
Philistines, those of Tyre;
8 And Assur join'd with them, to
help
Lot's children they conspire.
9 Do to them as to Midian,
Jabin at Kison strand;
10 And Sis'ra, which at Endor fell,
As dung to fat the land.
11 Like Oreb and like Zeeb make
Their noble men to fall;
Like Z-ba and Zalmunna like
Make thou their princes all;
12 Who said, For our possession,
Let us God's houses take.
13 My God, them like a wheel, as
chaff
Before the wind, them make.
14 As fire consumes the wood, as
flame
Doth mountains set on fire,
15 Chase and affright them with the
storm
And tempest of thine ire.
16 Their faces fill with shame, O
Lord,
That they may seek thy name.

- 17 Biodh amhladh orramar an ceudn',
Is trioblaid mhòr a chaoidh :
Is glacadh nàire mhaslach iad,
G'am milleadh is g'an claoidh.
18 Gu'n aithnich iad gur tusa mhàin
D'an ainm Iehobhah treun,
Tha t'uachdaran os ceann gach tìr
San domhan mhòr gu léir.

SALM LXXXIV.—84.

- 1 CìA mòr an airidh-ghràidh do theach,
Iehobhah mhòir nan sluagh !
Cia taitneach dhomh-sa t'àros naomb,
O Thighearna nam buadh !
2 Tha m'anam fann, aig meud a
Air cùirtibh Dhé gach lò : [mhiaon
Mo chrìdh' is m'theoil ri scar teachd
'N geall air an Dia ta beò. [chruaidh,
3 Feuch fhuair an sud an gealbhonn
beag
Tigh-còmhnuidh maith 'na sheum,
San gobhlan-gaoithe mar an ceudn'
Do sholair nead dhi féin.
Is taisgidh i an sin a h-eoin,
'S a h-àlach beag gun chli :
Aig t'altair féin, O Dhia nan sluagh,
Mo Thighearn, is mo Rìgh.
4 'S beannaicht' an dream an còmh-
A'd' àros naomb, a Dhé, [nuidh ta
Oir bheir iad, (mar is cubhaidh dho-
Mòr-mholadh dhuit gach rè. [ibh,)
5 'S beannaicht' an duine sin 'gam
Annads' a neart gach là : [bheil
An dream 'gam bheil 'nan cridhe
Do shlighe féin a ghnàth. [stigh
6 An dream sin trèghleann Baca theid,
Nì tobair ann, 'nam feum :
Is lìonaidh 'n t-uisge thig a nuas
Na sluic gu ruig am béil.
7 Sior-ghluaisidh iad mar sin gun
A' dol o neart gu neart : [sgios,
An Sion nochdar iad fadheòidh
An làthair Dhé nam feart.
8 O Dhia nan sluagh, cluinn m'urnuigh
Dhé Iacoib, éisd gu grad. [féin,
9 O Dhia ar sgiath, feuch 's amhaire
Gnùis t'ungaigh féin gun stad. [air
10 'S fearr là a'd' chùirt na mìle là :
B'fhearr leam bhì dorsaireachd
An àros Dé, na m' còmhnuidh fos
Am pàillion aingidheachd.
11 Oir 's grian, 's is sgiath Iehobhah
Is bheir e gràs is glòir ; [Dia ;
'S cha chum e maith air bith o'n
Ghluaiseas gu dìreach còir. [dream
12 O Thighearna is a Dhia nan sluagh,
Is beannaicht' e gun cheisd,
An duine sin, gu muinghineach,
D'an dòchas thu am feasd.

- 17 Let them confounded be, and vex'd,
And perish in their shame :
18 That men may know that thou, to
whom
Alone doth appertain
The name JEHOVAH, dost most
high
O'er all the earth remain.

PSALM LXXXIV.—84.

- 1 HOW lovely is thy dwelling-place,
O Lord of hosts, to me !
The tabernacles of thy grace
How pleasant, Lord, they be !
2 My thirsty soul longs veh'mently,
Yea faints, thy courts to see :
My very heart and flesh cry out,
O living God, for thee.
3 Behold, the sparrow findeth out
An house wherein to rest ;
The swallow also for herself
Hath purchased a nest ;
Ev'n thine own altars, where she
safe
Her young ones forth may bring,
O thou almighty Lord of hosts,
Who art my God and King.
4 Bless'd are they in thy house that
dwell,
They ever give thee praise.
5 Bless'd is the man whose strength
thou art,
In whose heart are thy ways :
6 Who passing thorough Baca's vale,
'Therein do dig up wells ;
Also the rain that falleth down
The pools with water fills.
7 So they from strength unwearied go
Still forward unto strength,
Until in Sion they appear
Before the Lord at length.
8 Lord God of hosts, my prayer hear ;
O Jacob's God, give ear.
9 See God our shield, look on the face
Of thine anointed dear.
10 For in thy courts one day excels
A thousand ; rather in
My God's house will I keep a door
Than dwell in tents of sin.
11 For God the Lord's a sun and shield :
He'll grace and glory give ;
And will withhold no good from
them
That uprightly do live.
12 O thou that art the Lord of hosts,
That man is truly blest,
Who by assured confidence
On thee alone doth rest.

- 1 BHA thusa gràsmhor fàbharach,
A Dhé, do d' dhùthaich féin ;
Bruid Iacòib thug thu air a h-ais
A ris le d' ghairdean treun.
- 2 Cionta do phobuill mhaith thu féin ;
Dh'fholuich thu 'n uile lochd.
- 3 Choisg thu do chorruih uile, 's phill
O'n lasan a bha ort.
- 4 Pill sinn a ris, a Dhia ar slàint',
Is tog do lasan dhinn.
- 5 Am bi do chorruih ruinn gu bràth ?
'S an sìnear t'shearg gach linn ?
- 6 Nach deanar leatsa, Dhia nan gràs,
A ris ar tabhairt beò :
Gu'n deanadh annad gairdeachas
Do phobull féin gach lò ?
- 7 Taisbein do thròcair dhuinn a nis,
A Thighearn is a Dhé :
Is deònuich dhuinn t'fhurtachd fòs,
'S do shlàinte féin gach rè.
- 8 Nis éisdeam ris an nì their Dia :
Labhraidh e sith gu beachd
R'a phobull naomh ; 's na pilleadh
A ris chum amaideachd. [iad
- 9 Gu dearbh tha 'chabhair dlùth do'n
D'an eagal e gu fìor ; [dream
Chum glòir a bhi 'na còmhnuidh fòs
Gu bunaiteach 'nar tìr.
- 10 Tha tròcair agus fìrinn ghlan
Air còmhlachadh a chèil' :
Tha ceartas agus sìochaint mhaith
A' pògadh beul ri beul.
- 11 Is fàsaidh as an talamh fòs
Fìrinn a nìos gu pailt :
Is seallaidh ceart is fireantachd
O nèamh a nuas gun airc.
- 12 Is amluaidh bheir Iehobhah dhuinn
Nì maith gu toirbheartach ;
Is bheir ar fearann is ar fonn
Deadh thoradh trom a mach.
- 13 Sior-ghluaisidh ceart is fireantachd
'Na fhianuis-san gu réidh :
Is sinn air sligh a cheumanna
Gu dìreach stiùraidh e.

SALM LXXXVI.—86.

- 1 AOM rium do chluas is cluinn mi,
Oir tha mi ainneis truagh : [Dhia,
- 2 Dean thusa, chionn gu 'm buin mi
dhuit,
M'anam a dhion gu luath :
Oir 's tu mo Dhia, saor t'òglach féin
Tha 'g earbsadh riut a ghnàth.
- 3 Dean tròcair orm, a Dhia, le iochd :
Oir gaiream ort gach là.
- 4 Dean anam t'òglaich dhileis féin
Fìor-aoibhinn agus ait :
Air son gu'n togam riut, a Dhé,
M'anam gu léir a'm' airc.

- 1 O LORD, thou hast been favourable
To thy beloved land :
Jacob's captivity thou hast
Recall'd with mighty hand.
- 2 Thou pardoned thy people hast
All their iniquities ;
Thou all their trespasses and sins
Has cover'd from thine eyes.
- 3 Thou took'st off all thine ire, and
turn'dst
From thy wrath's furiousness.
- 4 Turn us, God of our health, and
cause
Thy wrath 'gainst us to cease.
- 5 Shall thy displeasure thus endure
Against us without end ?
Wilt thou to generations all
Thine anger forth extend ?
- 6 That in thee may thy people joy,
Wilt thou not us revive ?
- 7 Show us thy mercy, Lord, to us
Do thy salvation give.
- 8 I'll hear what God the Lord will
speak :
To his folk he'll speak peace,
And to his saints ; but let them
not
Return to foolishness.
- 9 To them that fear him surely near
Is his salvation ;
That glory in our land may have
Her habitation.
- 10 Truth met with mercy, righteous-
ness
And peace kiss'd mutually :
- 11 Truth springs from earth, and
righteousness
Looks down from heaven high.
- 12 Yea, what is good the Lord shall
give ;
Our land shall yield increase :
- 13 Justice, to set us in his steps,
Shall go before his face.

PSALM LXXXVI.—86.

- 1 O LORD, do thou bow down thine
ear
And hear me graciously ;
Because I sore afflicted am,
And am in poverty.
- 2 Because I'm holy, let my soul
By thee preserved be :
O thou my God, thy servant save,
That puts his trust in thee.
- 3 Sith unto thee I daily cry,
Be merciful to me.
- 4 Rejoice thy servant's soul ; for, Lord,
I lift my soul to thee

- 5 Oir tha thu féin ro-mhaith, a Dhé,
Làn iochd is acarachd :
Is tha thu do na ghairmeas ort,
Pailt anu an trócaireachd.
- 6 Eisd m'urnuigh, Dhia ; is thoir fa'n-
Guth gearanach mo chaoidh. [ear
- 7 An là mo thrioblaid gaiream ort ;
Oir freagraidh tusa mi.
- 8 Am measg nan dée cha'n 'eil, a
Dhia,
Aon neach tha cosmhuil riut :
No gníomh air bith tha cosmhuil ris
Gach gníomh a rinneadh leat.
- 9 Thig iad, gach cinneach riuneadh
leat,
Is sleuchdaidh dhuit, a Dhé,
Is bheir iad glòir is moladh àrd
Do t'ainm-sa feadh gach rè.
- 10 Air son, a Dhé, gu bheil thu mòr,
'S gu'n deanar oibre leat
Tha mìorbhuileach ; 's tu féin a
mhàin
Dia cumhachdach nam feart.
- 11 Do shlighe teagaisg dhomh, a Dhia,
A'd' fhìrinn gluaisidh mi :
Chum eagal t'aime gu'm biodh orm
Mo chridhe druid riut féin.
- 12 Le m' uile chridh' àrd mholam thu,
O Thighearna mo Dhia :
Do t'ainm ro-nasal bheir mi fòs,
Àrd glòir air feadh gach ial.
- 13 Oir 's mòr do thròcair dhomhsa,
Is fòs o ifrinn shìos [Dhé,
Thug thusa saors' do m'anam bochd,
Is thog thu e a nìos.
- 14 Luchd àrdain dh'èirich rium, a Dhé,
Is cuideachd làidir dhian, [Dhé,
'G iarraidh m'anam', ach thus', a
Nìor chuir iad rompa riamh.
- 15 Ach tha thu, Dhé, mòr-thròcair-
each,
Ro-ìochdmhor anns gach càs ;
Chum feirge mall, ach saoi bhir pailt
Am fìrinn is an gràs.
- 16 O pill rium, is dean thròcair orm,
Thoir neart do t'òglach féin,
Do mhac do bhanoglaich faraon
Dean fuasgladh ann a sheum.
- 17 Combar air maith nochd dhomhsa,
Dhia,
Luchd m'fhuath' gu'm faiceadh e,
'S gu'n gabhadh nàir', a chionn gur
tu
Mo neart, is m' fhurtachd féin.
- SALM LXXXVII.—87.
- 1 THA 'bhunaite sna sléibhtibh
naomh' :
- 2 'S ro-ionmhuinneach le Dia
- 5 For thou art gracious, O Lord,
And ready to forgive ;
And rich in mercy, all that call
Upon thee to relieve.
- 6 Hear, Lord, my pray'r ; unto the
voice
Of my request attend :
- 7 In troublous times I'll call on thee ;
For thou wilt answer send.
- 8 Lord, there is none among the gods
That may with thee compare ;
And like the works which thou hast
done,
Not any work is there.
- 9 All nations whom thou mad'st shall
come
And worship rev'rently
Before thy face ; and they, O Lord,
Thy name shall glorify.
- 10 Because thou art exceeding great,
And works by thee are done
Which are to be admir'd ; and thou
Art God thyself alone.
- 11 Teach me thy way, and in thy
truth,
O Lord, then walk will I ;
Unite my heart, that I thy name
May fear continually.
- 12 O Lord my God, with all my heart
To thee I will give praise ;
And I the glory will ascribe
Unto thy name always :
- 13 Because thy mercy toward me
In greatness doth excel ;
And thou deliver'd hast my soul
Out from the lowest hell.
- 14 O God, the proud against me rise,
And vilest men have met,
That for my soul have sought ; and
thee
Before them have not set.
- 15 But thou art full of pity, Lord,
A God most gracious,
Long-suffering, and in thy truth
And mercy plenteous.
- 16 O turn to me thy countenance,
And mercy on me have ;
Thy servant strengthen, and the son
Of thine own handmaid save.
- 17 Show me a sign for good, that they
Which do me hate may see,
And be ashamed, because thou, Lord,
Didst help and comfort me.
- PSALM LXXXVII.—87.
- 1 UPON the hills of holiness
He his foundation sets.
- 2 God, more than Jacob's dwellings
Delights in Sion's gates. [all,

- Geatacha Shioin, thar gach àit
A bha aig Jacob rianh.
3 Nithe ro-ghlòrmhor innsear ort,
A chaithir àluinn Dé.
4 Rahab, is Babel cuimhnicheam,
Do'n dream d'an aithne mi ;
Gabh beachd air Tirus mar an
Is dùthaich Phalestin, [ceudn',
Maille ri Etiopia :
Am fear so rugadh 'n sin.
5 Mu thimchioll Shioin theirear so,
Am fear so rugadh fos,
'S am fear ud innt' ; an Ti a's àird
Socrachidh i air chòir.
6 Tràth sgrìobhas Dia le cuimhne
Na fineacha fa leth, [mhaithi
'N sin àirmhìdh e gu'm b'ann an
Bha 'm fear so air a bhreith. [sud
7 Luchd-seinn nan òran bidh an sud,
Luchd innil-citil d'an réir :
'S ann annad féin, a Dhia nan gràs,
Mo thobair tha gu léir.

SALM LXXXVIII.—88.

- 1 IEHOBAH Dhia mo Shlànuighir,
Ort ghair mi dh'oidhech' 's a là.
2 A'd' fhianuis thigeadh m'urnuigh
Is éisd mo ghlaodh a ghnàth. [fòs ;
3 Oir m'anam làn do thrioblaid ta ;
'S do'n uaigh mo bheatha dlùth.
4 Seadh mheasadh mi mar neach théid
Do'n t-slochd, is mi gun lùth. [sìos
5 Saor tha mi measg nam marbh, is
fòs
Mar mharbh san uaigh gun deò,
A sgathadh sìos le d' làimh gu
beachd,
'S nach cuimhnichear ni 's mò.
6 Chuir thu mi'n àite domhain, dorch,
San t-slochd a's isle t'ann.
7 Is chlaoidh thu mi le d' shumain-
eadh,
Luidh orm-sa t'fhearg gu teann.
8 Chuir thu luchd m'eòlais fada uam :
'S ro-sgreataidh mise leo :
Mar neach am prìosan druidt' a taim,
Nach faigh a mach ni's mò.
9 Do bhrìgh mo thrioblaid tha mo
Ri caoidh is bròn a ghnàth : [shùil
Mo làmhnan shìn mi riut, a Dhé,
Is ghairm mi ort gach là.
10 Do mhlorbhuile do'n dream tha
A Dhé, an taisbein thu ? [marbh,
An éirich iad a nìos a ris,
A thabhairt dhuitse cliu ? [caomh,
11 Do thròchair is do chaoimhneas
Am foillsichear san uaigh ?
Air t'fhìrinn ann an sgrìos a' bhàis,
Le neach an toirear luaidh ?

- 3 Things glorious are said of thee,
Thou city of the Lord.
4 Rahab and Babel I, to those
That know me, will record :
Behold ev'n Tyrus, and with it
The land of Palestine,
And likewise Ethiopia ;
This man was born therein.
5 And it of Sion shall be said,
This man and that man there
Was born ; and he that is most
High
Himself shall stablish her.
6 When God the people writes, he'll
count
That this man born was there.
7 There be that sing and play ; and
all
My well-springs in thee are.

PSALM LXXXVIII.—88.

- 1 LORD God, my Saviour, day and
night
Before thee cried have I.
2 Before thee let my prayer come ;
Give ear unto my cry.
3 For troubles great do fill my soul ;
My life draws nigh the grave.
4 I'm counted with those that go down
To pit, and no strength have.
5 Ev'n free among the dead, like them
That slain in grave do lie ;
Cut off from thy hand, whom no
more
Thou hast in memory.
6 Thou hast me laid in lowest pit,
In deeps and darksome caves.
7 Thy wrath lies hard on me, thou
hast
Me press'd with all thy waves.
8 Thou hast put far from me my friends,
Thou mad'st them t' abhor me ;
And I am so shut up, that I
Find no 'vasion for me.
9 By reason of affliction
Mine eye mourns dolefully :
To thee, Lord, do I call, and stretch
My hands continually
10 Wilt thou show wonders to the dead ?
Shall they rise, and thee bless ?
11 Shall in the grave thy love be told ?
In death thy faithfulness ?
12 Shall thy great wonders in the dark,
Or shall thy righteousness
Be known to any in the land
Of deep forgetfulness ?

- 12 Am bi maoin eòlais anns an dorch'
Air t'fheartaibh mìorbhuileach ?
No 'm bi an tìr na dìchuimhn' fios,
No beachd air t'fhiereantachd ?
- 13 Ach riutsa ghlaodh mi, O mo Dhia:
Gu moch théid m'urnuigh suas.
- 14 Dbia c'uim' an tilg thu m'anam
uait ?
'S an cum thu uam do ghnèis ?
- 15 O m' òige tha mi air mo chràdh,
Ro-dhlùth do bhàis is uaigh ;
Air dhomh bhi fulang t'uamhasan,
Tha mi an imcheist chruaidh :
- 16 Oir dh'imich tharum t'fhearg gu
trom ;
Chlaoidh t'uamhais mi a ghnàth :
- 17 Mar uisge chaidh iad timchioll orm,
Ga m' chuairteachadh gach là.
- 18 Mo charaid chuir thu uam am fad,
'S am fear thug dhomhsa gràdh :
Luchd m'eòlais mar an ceudna tha
An dorchadas 'nan tàmh.

SALM LXXXIX.—89.

- 1 AIR tròcair Dhé sior-sheinnidh mi,
Is ni mi oirre sgeul ;
O àl gu h-àl gu maireannach
Air t'fhirinn thig mo bheul.
- 2 Oir thubhairt mi, gu'n togar suas
Do thròcair mhor do shìor :
Is t'fhirinn cheart sna nèamhaibh
Socruichear leat gu fìor. [àrd'
- 3 Coimhcheangal rinn mi ris an Tì
A ròghnaich mi gu stòr: [dhomh,
'S do Dhaibhidh tha 'na òglach
Mhionnaich mi féin gu fìor.
- 4 Socraichidh mi gu daingean buan
Do ghinealach 's do shìol,
Do chaithir rioghail togam suas
O linn gu linn gu sìor.
- 5 Molaidh na nèamhan àrd' gu binn
Do mhìorbhuilean, a Dhé ;
Is t'fhirinn ann an coimhthional
Do chloinne naomha féin.
- 6 Oir cò sna nèamhaibh choimeasar
Ri Dia Iehobhah mòr ?
Is cò ta measg nan cumhachdach
Cosmhuil ri Dia na glòir' ?
- 7 An coimhthional nan naomh gu
beachd
'S cùis eagail Dia gun cheisd :
Àrd-urram o gach neach mu'n cuairt
Dha 's dleasdhanach am feasd.
- 8 O Thighearna 's a Dhia nan sluagh,
Cò 'n Triath sin ann an neart
Is cosmhuil riut ? a'd' fhirinn fòs
Ga d' chuairteachadh gu beachd ?
- 9 Àrd-onfha cuain is fairge mòir,
'S tu chuireas iad fo reachd :

- 13 But Lord, to thee I cried ; my pray'r
At morn prevent shall thee.
- 14 Why, Lord, dost thou cast off my
soul,
And hid'st thy face from me ?
- 15 Distress'd am I, and from my youth
I ready am to die ;
Thy terrors I have borne, and am
Distracted fearfully.
- 16 The dreadful fierceness of thy wrath
Quite over me doth go :
Thy terrors great have cut me off,
They did pursue me so.
- 17 For round about me ev'ry day,
Like water, they did roll ;
And, gathering together, they
Have compassed my soul.
- 18 My friends thou hast put far from
And him that did me love ; [me,
And those that mine acquaintance
To darkness didst remove. [were

PSALM LXXXIX.—89.

- 1 GOD'S mercies I will ever sing ;
And with my mouth I shall
Thy faithfulness make to be known
'To generations all.
- 2 For mercy shall be built, said I,
For ever to endure ;
Thy faithfulness, ev'n in the heav'ns,
Thou wilt establish sure.
- 3 I with my chosen One have made
A cov'nant graciously ;
And to my servant, whom I lov'd,
To David sworn have I ;
- 4 That I thy seed establish shall
For ever to remain,
And will to generations all
Thy throne build and maintain.
- 5 The praises of thy wonders, Lord,
The heavens shall express ;
And in the congregation
Of saints thy faithfulness.
- 6 For who in heaven with the Lord
May once himself compare ?
Who is like God among the sons
Of those that mighty are ?
- 7 Great fear in meeting of the saints
Is due unto the Lord ;
And he of all about him should
With reverence be ador'd.
- 8 O thou that art the Lord of hosts,
What lord in mightiness
Is like to thee ? who compass'd
round
Art with thy faithfulness.
- 9 Ev'n in the raging of the sea
Thou over it dost reign ;

- A tonnan àrd' tràth dh'éireas suas,
Coisgidh tu iad le smachd.
- 10 Mar dhuine buailte dol do'n eug,
Mhìn-phronnadh Rahab leat :
Do naimhde sgaoil thu as a chéil'
Le d' ghairdean treun 's le d' neart.
- 11 Is leatsa, Dhé, na flaitheanais,
'S an talamh ta fo'r bonn :
'S tu dhaingnich fòs an cruinne-cé,
Le 'làn do thoradh trom.
- 12 An àirde deas is tuath faraon,
Do chruthaicheadh iad leat :
Sliabh Thaboair agus Hermoin àird
A'd' ainm bidh aoibhneach ait.
- 13 Tha agad gairdean cumhachdach :
A ta do làmh ro-threun,
A Dhé, a ta do dheas làmh fòs
Arduichte mar an ceudn'.
- 14 Mar àite tàimh do d' chaithir rìgh
Tha cothrom agus ceart :
Bidh tròcair agus firinn fòs
Dol roimh do ghnèis gu beaehd.
- 15 'S beannaicht' an sluagh a thuigeas
An fhuaim tha aoibhneach ait: [fòs
An solus glan do ghnèis', a Dhé,
Sior-ghluaisidh iad gu ceart.
- 16 A'd' ainms' air feadh an là bidh iad
Gu h-aoibhneach mar bu chòir :
Is ann ad fhìreantachd faraon,
Arduichear iad gu mòr.
- 17 Oir mais' is glòir an spionnaidh sud
Is tus' a mhàin a Dhé :
Ar n-adharc ann ad chaoimhneas
Arduichear leat gu treun. [caomh
- 18 Oir 'se leobhah Dia nam feart,
Ar targaid is ar sgiath ;
'Se 'n ti ro-naomh sin Israeil
Ar n-Ard Rìgh is ar Triath.
- 19 An taisbean, anns an àm sin féin,
Labhair thu, Dhé, gu ceart
Ri d' dhuine naomh ; is thubhairt
Le firinn, ris gu beachd ; [thu,
Leag mise 's chuir mi cuideachadh
Air gaisgeach treun nam buadh ;
Is dh'árduich mi gu mòr an neach
A thagh mi as an t-sluagh.
- 20 B'e Daibhidh neach a fhuaradh leam,
Mo sheirbhiseach ro chaomh ;
'Se sin an neach a rinneadh leam
Ungadh le m'oladh naomh.
- 21 Is socruichear mo làmh do shior
Gu dìleas daingean leis ;
Is nì mo ghairdean cumhachdach
A neartachadh le treis.
- 22 Le mac an uile cha chlaoidhear e :
A nàmh cha tog dheth cìs.
- 23 Buailidh mi 'eascairde 'na làth'r,
Leagaidh mi nàmh a slos.

- And when the waves thereof do swell,
Thou stillest them again.
- 10 Rahab in pieces thou didst break,
Like one that slaughter'd is ;
And with thy mighty arm thou hast
Dispers'd thine enemies.
- 11 The heav'ns are thine, thou for
thine own
The earth dost also take ;
The world, and fulness of the same
Thy pow'r did found and make.
- 12 The north and south from thee alone
Their first beginning had ;
Both Tabor mount and Hermon hill
Shall in thy name be glad.
- 13 Thou hast an arm that's full of pow'r,
Thy hand is great in might :
And thy right hand exceedingly
Exalted is in height.
- 14 Justice and judgment of thy throne
Are made the dwelling-place ;
Mercy, accompanied with truth,
Shall go before thy face.
- 15 O greatly bless'd the people are
The joyful sound that know ;
In brightness of thy face, O Lord,
They ever on shall go.
- 16 They in thy name shall all the day
Rejoice exceedingly ;
And in thy righteousness shall they
Exalted be on high.
- 17 Because the glory of their strength
Doth only stand in thee ;
And in thy favour shall our horn
And pow'r exalted be.
- 18 For God is our defence ; and he
To us doth safety bring :
The Holy One of Israel
Is our Almighty King.
- 19 In vision to thy Holy One
Thou saidst, I help upon
A strong one laid ; out of the folk
I rais'd a chosen one ;
- 20 Ev'n David, I have found him out
A servant unto me ;
And with my holy oil, my king
Anointed him to be.
- 21 With whom my hand shall establish'd
be ;
Mine arm shall make him strong.
- 22 On him the foe shall not exact,
Nor son of mischief wrong.
- 23 I will beat down before his face
All his malicious foes ;
I will them greatly plague who do
With hatred him oppose.
- 24 My mercy and my faithfulness
With him yet still shall be ;

- 24 Ach bidh mo thròcair maille ris,
Is m'fhìrinn mar an ceudn':
Is 'adharc-san a'm' ainm-sa fòs
Bidh àrdaichte gu treun.
- 25 A làmh-san cuiridh mi sa' chuan,
'S na sruthaibh a làmh dheas.
- 26 Carraig mo shlàinte, their e rium,
M' athair, mo Dhia, 's mo threis.
- 27 Mo cheud-ghin ni mi dheth faraon,
Arduichte thar gach rìgh.
- 28 Mo chùmhnannt seasaidh daingean
Moghràs dhagleidhidh mi. [leis;
- 29 Is bheir mi air a shliochd gu mair
Iad feadh gach linn gu bràth:
'S a chaithir rioghail uasal àrd
Mar làithe nèimh a ghnàth.
- 30 Ma 'se 's gu'n tréig a chlann mo
lagh,
'S nach gluais iad ann am reachd;
31 Gu'n truaill iad m' àitheanta ro-
naomh,
M'iarrtuis nach cum gu ceart:
- 32 Fiosraichidh mi an sin gu beachd
Le slait, an eucoir chlaon;
Am peacaidh fiosraicheam 's an
Le sgiùrsadh goirt faraon. [lochd,
- 33 Gidheadh, gu tur mo chaoimhneas-
gràidh
Cha bhuin mi uaith gun cheisd:
Cha'n fhuiling mi gu'm breugaich-
Mo ghealladh fìor am feasd. [ear,
- 34 Mo choimhcheangal cha bhrisear
leam,
No'n cùmhnannt rinn mi ris:
'S am focal a chaidh as mo bheul,
Am feasd cha chaochail mis'.
- 35 Oir aon uair mhionnachail mi mar so,
'S ann air mo naomhachd féin,
Do Dhaibhidh tha 'na òglach dhomh,
Am feasd nach dean mi breug.
- 36 Bithidh a shliochd 's a ghinealach
Sior-mhaireannach gach ial,
'S a chaithir rioghail bithidh i
'A'm' fhianuis mar a' ghrian.
- 37 Is bithidh mar a' ghealach ghlan
Gu daingean buan do shìor:
'S mar fhianuis anns na nèamhaibh
Bhios tairis agus fìor. [àrd'
- 38 Ach thilg thu uait, is thréig gu tur,
Is ghabh thu gràin a nis;
'S an ti dh'ung thu le t'oladh naomh,
Tha thu an corruich ris.
- 39 Coimhcheangal t'òglaich dhileis
Sgaoil thusa, Dhé, le tàir: [féin,
'S a choron uasal thruailleadh leat,
'G a thilgeadh air an làr.
- 40 A ghàradh didein bhriseadh leat;
'S a dhaingneach làidir leag.

- And in my name his horn and
pow'r
Men shall exalted see.
- 25 His hand and pow'r shall reach
afar,
I'll set it in the sea;
And his right hand established
Shall in the rivers be.
- 26 Thou art my Father, he shall cry,
Thou art my God alone;
And he shall say, Thou art the
Rock
Of my salvation.
- 27 I'll make him my first-born, more
high
Than kings of any land.
- 28 My love I'll ever keep for him,
My cov'nant fast shall stand.
- 29 His seed I by my pow'r will make
For ever to endure;
And, as the days of heav'n, his throne
Shall stable be, and sure.
- 30 But if his children shall forsake
My laws, and go astray,
And in my judgments shall not walk,
But wander from my way:
- 31 If they my laws break, and do not
Keep my commandments;
- 32 I'll visit then their faults with
rods,
Their sins with chastisements.
- 33 Yet I'll not take my love from
him,
Nor false my promise make.
- 34 My cov'nant I'll not break, nor
change
What with my mouth I spake.
- 35 Once by my holiness I swear,
To David I'll not lie;
- 36 His seed and throne shall, as the
sun,
Before me last for aye.
- 37 It, like the moon, shall ever be
Establish'd stedfastly;
And like to that which in the heav'n
Doth witness faithfully.
- 38 But thou, displeased, hast cast off,
Thou didst abhor and loathe;
With him that thine anointed is
Thou hast been very wroth.
- 39 Thou hast thy servant's covenant
Made void, and quite cast by;
Thou hast profan'd his crown while
it
Cast on the ground doth lie.
- 40 Thou all his hedges hast broke
down,
His strongholds down hast torn.

- 41 Mar chobhartach e do luchd-ròid :
D'a choimhearsnaich mar sgeig.
42 Làmh dheas a nàmhaid thog thu
Uil' eascaird' rinn thu ait. [suas :
43 Is phill thu faobhar 'arm ; sa' chath
Cha d'thug thu dhasan neart.
44 Choisg thu a ghàird, 's a chaithir-
Leag thusa sìos gu làr. [righ
45 Is aimsir 'òige ghearradh leat ;
Chòmhdaich thu e le nàir'.
46 Cia fhad a dh'fholuicheas tu, Dhé,
Thu féin a chaidh nan cian ?
An loisg do chorruich fòs gu cas,
Mar theine lasrach dian ?
47 Tabhair fa'near is cuimhnich féin
Giorrad mo rè 's mo lò :
C'arson a rinn thu clann nan daoine
Mar dhìomhaas no ceò ?
48 Cò e am fear am measg nam beò,
Am bàs nach faicear leis ?
No 'anam féin o làimh na h-uaigh',
An teasairg e le treis ?
49 C'ait bheil do chaoimhneas-gràidh,
A thaisbein thu o thùs, [a Dhé,
A mhionnaich thu air t'fhìrinn
cheirt
Do Dhaibhidh chumail suas ?
50 Cuimhnich, a Thighearn, toibh-
eum trom
Do sheirbhiseach gu léir :
Is mar a ghiùlain mis' a'm' uchd
Masladh a' phobuill thréin,
51 Le 'n d' thug do naimhde masladh
uath'
Gun aobhar, Dhé nam feart,
Oir mhasluich iadsan ceumanna
An ti a dh' ungas leat.
52 Mòr-bheannaicht' agus cliùiteach
Gu robh Iehobhah treun, [fòs
Gu sìorruidh suthain fad gach rè !
Amen agus Amen.

SALM XC.—90.

- 1 'S TU b'ionad còmhnuidh dhuinn
gach linn,
A Thighearna na glòir' :
2 Cian mu'n do ghineadh fòs na cnuic,
'S na sléibhte beag no mòr.
Cian mu'n do dhealbhaigh thu'n talamh
trom,
No'n cruinne-cè le d' neart ;
O bhith-bhuantachd gu bith-bhuant-
Is tusa Dia gu beachd. [achd,
3 Gu neo-ni pillear leatsa ris
An duine truagh 'ga sgrios ;
Is their thu fòs, O chlann nan daoine
Grad-phillibh air 'ur n-ais.
4 Oir mìle bliadhna' a'd' shealladh féin,
Mar an là 'n dè a ta,

- 41 He to all passers-by a spoil,
To neighbours is a scorn.
42 Thou hast set up 'his foes' right
hand ;
Mad'st all his enemies glad :
43 Turn'd his sword's edge, and him to
In battle hast not made. [stand
44 His glory thou hast made to cease,
His throne to ground down cast :
45 Shorten'd his days of youth, and him
With shame thou cover'd hast.
46 How long, Lord, wilt thou hide thy-
For ever, in thine ire ? [self?
And shall thine indignation
Burn like unto a fire ?
47 Remember, Lord, how short a time
I shall on earth remain :
O wherefore is it so that thou
Hast made all men in vain ?
48 What man is he that liveth here,
And death shall never see ?
Or from the power of the grave
What man his soul shall free ?
49 Thy former loving-kindnesses,
O Lord, where be they now ?
Those which in truth and faithful-
ness
To David sworn hast thou ?
50 Mind, Lord, thy servant's sad re-
How I in bosom bear [prouch ;
The scornings of the people all,
Who strong and mighty are.
51 Wherewith thy raging enemies
Reproach'd, O Lord, think on ;
Wherewith they have reproach'd
the steps
Of thine anointed one.
52 All blessing to the Lord our God
Let be ascribed then :
For evermore so let it be.
Amen, yea, and amen.

PSALM XC.—90.

- 1 LORD, thou hast been our dwelling-
place
In generations all.
2 Before thou ever hadst brought
forth
The mountains great or small ;
Ere ever thou hadst form'd the earth,
And all the world abroad ;
Ev'n thou from everlasting art
To everlasting God.
3 Thou dost unto destruction
Man that is mortal turn ;
And unto them thou say'st, Again,
Ye sons of men, return.
4 Because a thousand years appear
No more before thy sight

- 'N tràth théid e seach : is amhluidh fòs
 Mar fhorair' oidhch' a'd' làth'r.
- 5 Dh'fhuadaich thu sìos iad mar le
 Mar chodal iad no suain : [sruth
 Sa' mhaduinn bidh iad mar am feur
 Gu moch a dh'èireas suas.
- 6 Air maduinn brisidh e fo bhlàth,
 Is fàsaidh e gu h-àrd :
 Rì àm an fheasgair gearrar e,
 Is seargaidh air an làr.
- 7 Oir chaitheadh sinn le d' chorruich
 ghéir ;
 Chlaidh t'fhearg-sa sinn gu tur.
- 8 Ar peacaidh dhiomhair, is ar lochd,
 An sealladh t'èudain chuir.
- 9 Oir ann ad fheir ar n-uile làith'
 Tha teireachduinn fa seach :
 Is chaithear leinn ar bliadhnaidh fòs,
 Mar sgeul a dh'innseadh neach.
- 10 'S iad làith' ar bliadhna mar an
 ceudn'
 Tri fichead bliadhn' 'sa deich,
 No, feudaidh bhith, le tuilleadh
 neart
 Ceith'r fichead bliadhn' do neach :
 Gidheadh cha 'n 'eil 'nan spionnadh
 Ach cràdh is cùradh geur : [sud
 Oir sgathar sìos gu h-ealamh e,
 Is sìubhlaidh sinn gu léir.
- 11 Cò aig am bheil deadh thuigs' is fios
 Air neart do chorruich féin ?
 Is amhluidh fòs mar t'eagal mòr,
 Tha lasair t'fheirg' d' a réir.
- 12 O teagaisg dhuinn, a Dhé nam feart,
 Mar àirmhear leinn ar làith' ;
 A chum ar cridh' a shoerachadh
 Air gliocas ceart gach tràth.
- 13 O Thighearna Iehobhah mhòir,
 Pill féin a ris : cia fhad ?
 Mu thimchioll staid do sheirbhiseach
 Gabh aithreachas gu grad.
- 14 O dean ar sàsachadh gu moch
 Le d' thròcair chaoimh, a Dhé,
 A chum gu'm bi sinn aoibhneach ait,
 Rì iad ar là 's ar rè.
- 15 Dean subhach sinn a réir nan là
 A chràidh thu sinn gu goirt :
 A réir nam bliadhna ud faraon
 Am faca sinn an t-olc.
- 16 Taisbean do d' sheirbhisich do ghnì-
 Faiceadh an clann do ghldòir.[omh,
- 17 Is bitheadh mais' ar Tighearn Dia
 A' dealradh oirnn gu mòr.
- Na gnìomhara a rinn ar làmh,
 Socruich iad dhuinn, a Dhé ;
 Na gnìomhara a rinneadh leinn,
 Dean daingean iad gu léir.

- Than yesterday, when it is past,
 Or than a watch by night.
- 5 As with an overflowing flood
 Thou carry'st them away ;
 They like a sleep are, like the
 grass
 That grows at morn are they.
- 6 At morn it flourishes and grows,
 Cut down at ev'n doth fade.
- 7 For by thine anger we're con-
 sum'd,
 Thy wrath makes us afraid.
- 8 Our sins thou and iniquities
 Dost in thy presence place,
 And sett'st our secret faults before
 The brightness of thy face.
- 9 For in thine anger all our days
 Do pass on to an end ;
 And as a tale that hath been told,
 So we our years do spend.
- 10 Threescore and ten years do sum
 Our days and years, we see ; [up
 Or if, by reason of more strength,
 In some fourscore they be :
 Yet doth the strength of such old
 men
 But grief and labour prove ;
 For it is soon cut off, and we
 Fly hence, and soon remove.
- 11 Who knows the power of thy
 wrath ?
 According to thy fear
- 12 So is thy wrath : Lord, teach thou us
 Our end in mind to bear ;
 And so to count our days, that we
 Our hearts may still apply
 To learn thy wisdom and thy truth,
 That we may live thereby.
- 13 Turn yet again to us, O Lord,
 How long thus shall it be ?
 Let it repent thee now for those
 That servants are to thee.
- 14 O with thy tender mercies, Lord,
 Us early satisfy ;
 So we rejoice shall all our days,
 And still be glad in thee.
- 15 According as the days have been,
 Wherein we grief have had,
 And years wherein we ill have seen,
 So do thou make us glad.
- 16 O let thy work and pow'r appear
 Thy servant's face before ;
 And show unto their children dear
 Thy glory evermore :
- 17 And let the beauty of the Lord
 Our God be us upon :
 Our handy-works establish thou,
 Establish them each one.

- 1 AN neach sin tha 'na thàmh gach
An ionad uaigneach Dhé, [uair
Fo sgàil an Uile-chumhachdaich
Buan-chòmhnuidh ni gach ré.
- 2 Their mi a nis mu thimchioll Dhé,
Mo thearmunn e, 's mo neart;
Mo dhaingneach: cuiream dòchas
ann;
Mo Dhia; 's e Dia nam feart.
- 3 Gu dearbh o rib an eunadair
Ni esan fuasgladh ort,
Is ni do shaoradh mar an ceudn'
O'n phlàigh tha gràineil goirt.
- 4 Le 'iteich ni e d'fholach fòs,
Bidh t'earbsa fuidh a sgéith;
Is 'fhìrinn bidh 'na targaid dhuit,
Mar sgéith do d' dhion gach rè.
- 5 Fa chùis an uamhais anns an oidhch'
Cha bhi ort geilt no sgàth;
No fòs fa chùis na saighde bhios
A' ruith air feadh an là:
- 6 Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n
Tha triall an dorchadas: [phlàigh
No fòs fa chùis an uile a bhios
Mu mheadhon là ri sgrios.
- 7 Bidh mìle tuiteam sìos ri d' thaobh,
Deich mìle fòs ri d' dheis;
Ach olc dhiubh sud cha tig a'd' chòir
No 'm fagus doit am feasd.
- 8 A mhàin le d' shùilibh seallaidh tu,
Is bheir fa'near le beachd:
Droch-dhiol is tuarasdal nan daoibh,
Gun cheist do chithear leat.
- 9 A chionn gu'n d'ròghnaich thusa Dia,
Mar chòmhnuidh dhuit gach àm,
An Dia ud tha 'na thearmunn domh,
'Se 'n Ti a's airde t'ann:
- 10 Aon olc cha'n éirich dhuit; is plàigh
Do d'fhàrdaich cha tig dlùth.
- 11 Oir bheir e àithn' d'a ainglibh, chum
A'd' ròd gu'n dìon iad thu.
- 12 Is togaidh iadsan thusa suas
Gu h-àrd air bhàrr am bos;
Eagal gu'm buailteadh leat air cloich,
Aon uair air bith do chos.
- 13 Air leòmhain is air nathair-nimh'
Gun dòrainn saltrar leat:
Pronnaidh tu 'n dràgon sìos le d'
chois,
'S an leòmhain òg le d' neart.
- 14 A chionn gur ionmhuinn leis-san
Sàr-fhuasgladh bheir mi dha; [mi,
Air m'ainm a chionn gur eòlach e
Ardaicheam e gach là.
- 15 Gairidh e orn, is freagram e:
'Na thrioblaid bitheam leis;
Onoir is urram bheir mi dha,
Is fuasglam air gu deas.

- 1 HE that doth in the secret place
Of the most High reside,
Under the shade of him that is
Th' Almighty shall abide.
- 2 I of the Lord my God will say,
He is my refuge still,
He is my fortress, and my God,
And in him trust I will.
- 3 Assuredly he shall thee save,
And give deliverance
From subtle fowler's snare, and from
The noisome pestilence.
- 4 His feathers shall thee hide; thy trust
Under his wings shall be:
His faithfulness shall be a shield
And buckler unto thee.
- 5 Thou shalt not need to be afraid
For terrors of the night;
Nor for the arrow that doth fly
By day, while it is light;
- 6 Nor for the pestilence, that walks
In darkness secretly;
Nor for destruction, that doth waste
At noon-day openly.
- 7 A thousand at thy side shall fall,
On thy right hand shall lie
Ten thousand dead; yet unto thee
It shall not once come nigh.
- 8 Only thou with thine eyes shalt look,
And a beholder be;
And thou therein the just reward
Of wicked men shalt see.
- 9 Because the Lord, who constantly
My refuge is alone,
Ev'n the most High, is made by thee
Thy habitation;
- 10 No plague shall near thy dwelling
come,
No ill shall thee befall:
- 11 For thee to keep in all thy ways
His angels charge he shall.
- 12 They in their hands shall bear thee
Still waiting thee pou; [up,
Lest thou at any time should'st dash
Thy foot against a stone.
- 13 Upon the adder thou shalt tread,
And on the lion strong;
Thy feet on dragons trample shall,
And on the lions young.
- 14 Because on me he set his love,
I'll save and set him free;
Because my great name he hath
known,
I will him set on high.
- 15 He'll call on me, I'll answer him,
I will be with him still
In trouble, to deliver him,
And honour him I will.

- 16 Le saoghal fad is maireannach
 Sàsuicheam e gu leòr ;
 Mo shlàinte dha-san mar an ceudn'
 Foillsichidh mi gu mòr.

SALM XCII.—92.

- 1 BHI tabhairt buidheachais do Dhia,
 'S ni sàr-mhaith maiseach e ;
 Bhi tabhairt cliu, O Thi a's àird',
 Do t'ainm-sa feadh gach rè :
 2 Do chaoimhneas-gràidh sa'mhaduinn
 Gach là bhi cur an céill ; [mhoich,
 'S air t'fhirinn ta neo-mhearachdach,
 Gach oidhch' bhi deanamh sgéil,
 3 Air inneal-ciùil nan teuda deich,
 Is air an t-saltair ghrinn ;
 'S air clàrsaich le guth fonnmhor àrd,
 A sheinneas ceòl gu binn.
 4 Oir tre do ghlomhara, a Dhé,
 Rinn thu mi aoibhin ait ;
 Is ann an oibribh fòs do làmh
 Nim' gairdeachas gu pailt.
 5 T'oire-sa, Dhé, cia iongantach !
 Do smuainte cò d'an léir ?
 6 An t-amadan cha tuig e so,
 'S cha'n eòl do'n amhlair e.
 7 Tràth chinneas luchd na h-aingidh-
 A nios mar chinneas feur, [eachd
 Tràth bhitheas fòs luchd-deanamh
 A' fas fo bhlàth gu léir : [uile
 'Se sud is deireadh dhoibh fadheòidh
 Gu'n sgriosar iad am feasd.
 8 Ach thusa, Dhé, gu siorruidh ta
 Àrd-urramach gun cheisd.
 9 Oir feuch, do naimhde féin, a Dhé,
 Oir feuch, do naimhde féin,
 Làn-sgriosar iad : iom-sgaòilear fòs
 Luchd-aingidheachd gu léir :
 10 Ach m'adharc togaidh tusa suas,
 Mar adharc buabhuill àird' :
 Is mar le h-oladh fhior-ghlan ùir,
 Ungar mi féin le d' ghràs.
 11 Chi mi mo mhiann air m' eascaird-
 Is cluinnidh fòs mo chluas [ibh ;
 A toil air luchd na h-aingidheachd,
 A'm' aghaidh dh'éireas suas.
 12 Bidh piseach air an fhìrean chòir
 Mar phailm-chrann ùrar glas :
 Mar sheudar àrd air Lebanon,
 A' fas gu dìreach bras.
 13 An dream tha air an suidheachadh
 An tigh 's an àros Dé,
 An cùirtibh greadhnach àrd' ar Dia,
 Stòr-fhàsaidh iad gach rè.
 14 San àm am bi iad aosmhor liath,
 Bheir iad mòr mheas a mach ;
 Is bithidh sultmhor le deadh bhlàth
 Dhiubh sud gach nìle neach.

- 16 With length of days unto his mind
 I will him satisfy ;
 I also my salvation
 Will cause his eyes to see.

PSALM XCII.—92.

- 1 TO render thanks unto the Lord
 It is a comely thing,
 And to thy name, O thou most High,
 Due praise aloud to sing.
 2 Thy loving-kindness to show forth
 When shines the morning light ;
 And to declare thy faithfulness
 With pleasure ev'ry night,
 3 On a ten-stringed instrument,
 Upon the psaltery,
 And on the harp with solemn sound,
 And grave sweet melody.
 4 For thou, Lord, by thy mighty works
 Hast made my heart right glad ;
 And I will triumph in the works
 Which by thine hands were made.
 5 How great, Lord, are thy works ! each
 Of thine a deep it is : [thought
 6 A brutish man it knoweth not ;
 Fools understand not this.
 7 When those that lewd and wicked are
 Spring quickly up like grass,
 And workers of iniquity
 Do flourish all apace ;
 It is that they for ever may
 Destroyed be and slain :
 8 But thou, O Lord, art the most High
 For ever to remain.
 9 For, lo, thine enemies, O Lord,
 Thine en'mies perish shall ;
 The workers of iniquity
 Shall be dispersed all.
 10 But thou shalt, like unto the horn
 Of th' unicorn, exalt
 My horn on high : thou with fresh oil
 Anoint me also shalt.
 11 Mine eyes shall also my desire
 See on mine enemies ;
 Mine ears shall of the wicked hear,
 That do against me rise.
 12 But like the palm-tree flourishing
 Shall be the righteous one ;
 He shall like to the cedar grow
 That is in Lebanon.
 13 Those that within the house of God
 Are planted by his grace,
 They shall grow up, and flourish all
 In our God's holy place.
 14 And in old age, when others fade,
 They fruit still forth shall bring ;
 They shall be fat, and full of sap,
 And aye be flourishing ;



15 A chum gu feuch iad gu bheil Dia
Ro-chothromach is ceart;
Mo charraig e, 's cha'n 'eil ann féin
Aon eucoir no droch bheart

SALM XCIII.—93.

1 Is Rìgh Dia, air a sgeudachadh
Le mòralachd gach àm;
Ta air a sgeudachadh le neart,
Is criosluichte gu teann.
Shocrucheadh leis an cruinne-cé,
Nach gluaisear e a chaoidh.
2 Do chaithir daingean ta o chian;
'S tu féin gun tús gun chrìoch.
3 Do thog na tuitlean suas, a Dhé,
Na tuitlean thog an guth;
Seadh thog na tuitte suas gu h-àrd
An tonna mòr' gu tigh.
4 Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas
Na fuaim nan uisge garbh';
Is treise Dia nan sumainnean,
Is tonna cuain gu dearbh.
5 A ta do theisteis is do reachd
Ro-dhaingean agus fìor:
Tha naomhachd iomchuidh air do
A Dhé nam feart, gu sìor. [thigh,
SALM XCIV.—94.

O DHIA, d'am buin ceart-dhioghaltas,
Iehobhah neartmhoir thréin,
D'am buin a mhàin ceart-dhioghaltas,
Gu dealrach nochd thu féin.
2 O Bhreithimh cheirt na talmhainn,
Thu féin a thogail suas; [dean
Is ioc do luchd an uaibhreachais
Ceart-luigheachd agus duais.
3 Cia fhad a ni luchd aingidheachd,
Cia fhad, a Dhia, a ni
Luchd aingidheachd ùr-ghairdeach-
Le aoibhneas mòr gun dìth? [as,
4 Cia fhad a bhrùchdar briathra leò,
A' teachd air nithibh cruaidh?
'S a bhitheas luchd na h-aingidh-
Ri ràiteachas is uail? [eachd,
5 Bhris iad do shluagh gu mìn, a Dhé,
Is 'tighreachd chlaoidh gu goirt.
6 Bantracha, coigrich, 's dilleachdain,
'Gam marbhadh, is 'gam mort.
7 Their iad gidheadh, cha léir do Dhia,
Is fòs ni mò a ni
Dia Iacoib sud a thoirt fa'near,
'S cha chuir am fead am prìs.
8 O dhaoine brùideil measg an t-
Nis tuigibh agaibh féin, [sluaigh,
Is amadain, cia fhad a bhios
Sibh gabhail thugaibh ceill'?
9 An neach a chuir air faillein cluas,
Am bi gun chlàisteachd ghéir?
An Ti a dhealbha an t-sùil faraon,
Nach ann da féin is léir?

15 To show that upright is the Lord:
He is a rock to me;
And he from all unrighteousness
Is altogether free.

PSALM XCIII.—93.

1 The Lord doth reign, and cloth'd is
With majesty most bright; [he
His works do shew him cloth'd to be,
And girt about with might.
The world is also stablished,
That it cannot depart.
2 Thy throne is fix'd of old, and thou
From everlasting art.
3 The floods, O Lord, have lifted up,
They lifted up their voice;
The floods have lifted up their waves,
And made a mighty noise.
4 But yet the Lord, that is on high,
Is more of might by far
Than noise of many waters is,
Or great sea-billows are.
5 Thy testimonies ev'ry one
In faithfulness excel;
And holiness for ever, Lord,
Thine house becometh well.
PSALM XCIV.—94.
1 O LORD God, unto whom alone
All vengeance doth belong;
O mighty God, who vengeance own'st,
Shine forth, avenging wrong.
2 Lift up thyself, thou of the earth
The sov'reign Judge that art;
And unto those that are so proud
A due reward impart.

3 How long, O mighty God, shall they
they
Who lewd and wicked be,
How long shall they who wicked
are
'Thus triumph haughtily?
4 How long shall things most hard by
them
Be uttered and told?
And all that work iniquity
To boast themselves be bold?
5 Thy folk they break in pieces,
Lord,
Thine heritage oppress:
6 The widow they and stranger slay,
And kill the fatherless.
7 Yet say they, God it shall not
see,
Nor God of Jacob know.
8 Ye brutish people! understand;
Fools! when wise will ye grow?
9 The Lord did plant the ear of
man,
And hear, then, shall not he?

- 10 N ti smachdaicheas na fineachan,
An e nach cronuich e ?
An ti bheir eòlas do gach neach,
An neach gun eòlas e ?
- 11 Air smuaintibh dhaoi' is fiosrach
Dia,
Gur dlomhan iad gu beachd.
- 12 Dhia, 's beannaicht' iad d'an thoir
thu smachd,
Is teagasg as do reachd :
- 13 Chum fois gu'n tugadh tusa dhoibh,
O làithibh àmhghair olc,
Gu ruig an uair an cladhaichear
Do dhaoinibh daoi an slochd.
- 14 Oir Dia cha tilg e dheth am feasd
An sluagh d'an d' thug e spéis :
'S ni mò na sin a thréigear leis
Au oighreachd a's leis féin.
- 15 Ach pillidh breitheanas a ris
Ri fireantachd air ais :
Is luchd a' chridhe threibhdhrioch
Leanaidh 'na déigh gu cas.
- 16 An aghaidh fòs luchd-deanamh uile
Cò dh'éireas leam an àird ?
An aghaidh luchd na h-aingidh-
eachd,
Cò sheasas air mo pháirt ?
- 17 Mur bitheadh Dia Iehobhah leam,
Ga m' chuideachadh le buaidh,
'S beag nach robh m'anam bochd
an tàmh
Gu tosdach anns an uaigh.
- 18 Tráth thubhairt mi, a ta mo chos
Air sleamhnachadh uam sìos ;
Do thrócair chaomh sa 'n sin, a Dhé,
Chum suas mi, agus dhion.
- 19 Air bhith do m'smuainte muladach,
Is lionmhor ann am chom,
Do chomhfhurtachd-sa thug an sin
Sòlas do m'anam trom.
- 20 Aig caithir rioghail luchd an uile
'M bi comunn riut gu beachd,
Tha dealbh gu seòlta aimhleis
mhoir,
'S ga orduchadh le reachd ?
- 21 An aghaidh an'ma 'n fhirein chòir
Chruinnicheadh leò gu dlùth ;
A dh'fhàgail ris fuil neochiontaich,
Le breitheanas nach fiù.
- 22 Ach Dia mo dhaingneach 'se : mo
Dhia,
Mo charraig dhion gach lò.
- 23 'Se dhiolas orra sud air ais
Gach eucoir rinneadh leo :
An sgathadh sìos do nithear leis
Gu ceart 'nan eucoir féin ;
Is ni Iehobhah mòr ar Dia,
An sgathadh sìos gu treun.

- He, only, form'd the eye, and then
Shall he not clearly see ?
He that the nations doth correct,
Shall he not chastise you ?
He knowledge unto man doth
teach,
And shall himself not know ?
- 11 Man's thoughts to be but vanity
The Lord doth well discern.
- 12 Blest is the man thou chast'nest,
Lord,
And mak'st thy law to learn :
13 That thou may'st give him rest
from days
Of sad adversity,
Until the pit be digg'd for those
That work iniquity.
- 14 For sure the Lord will not cast
off
Those that his people be,
Neither his own inheritance
Quit and forsake will he :
15 But judgment unto righteousness
Shall yet return again ;
And all shall follow after it
That are right-hearted men.
- 16 Who will rise up for me against
Those that do wickedly ?
Who will stand up for me 'gainst
those
That work iniquity ?
- 17 Unless the Lord had been my
help
When I was sore opprest,
Almost my soul had in the house
Of silence been at rest.
- 18 When I had uttered this word,
(My foot doth slip away,) Thy mercy held me up, O Lord,
Thy goodness did me stay.
- 19 Amidst the multitude of thoughts,
Which in my heart do fight,
My soul, lest it be overcharg'd,
Thy comforts do delight.
- 20 Shall of iniquity the throne
Have fellowship with thee,
Which mischief, cunningly con-
triv'd,
Doth by a law decree ?
- 21 Against the righteous souls they
join,
They guiltless blood condemn.
- 22 But of my refuge, God's the rock,
And my defence from them.
- 23 On them their own iniquity
The Lord shall bring aud lay,
And cut them off in their own sin ;
Our Lord God shall them slay.

- 1 O THIGIBH, seinneamaid do Dhia :
Thigeadh gach neach 'na làth'r ;
Do charraig thréin ar sláinte fós,
Togamaid iolach àrd.
- 2 A steach 'na fhianuis thigearmaid
Le buidheachas gach là ;
Togamaid ceòl gu suilbhreach
A' seinn le salmaibh dha :
- 3 Is Dia ro-mhòr Iehobhah treun ;
Rìgh mòr os ceann gach dia.
- 4 Doimhneachd na talmhainn tha 'na làimh :
'S leis neart nan cnoc 's nan sliabh.
- 5 'Se rinn an cuan tha farsuinn mòr,
Tha còir aig air is sealbh ;
'S an talamh tioram le a làimh
'Se chruthaich is a dhealbh.
- 6 O thigibh agus sleuchdamaid,
Is deanar cromadh leinn ;
Is air ar glùinibh tuiteamaid
Do 'n Dia a chruthaich sinn :
- 7 Oir 'se ar Dia, is sinn a shluagh,
A bheathaich e mar threud, [leibh,
Caoraich a làimh : ma dh'éisdear
An diugh r'a ghuth gun bhreug.
- 8 Na cruaidhichear 'ur cridhe leibh,
Mar anns a' chomh-strì dhian,
Mar rinneadh leibh san fhàsach
chruaidh,
Ga m' bhuaireadh le bhur miann :
- 9 Tràth dh'fhionn 's a dhearbh 'ur sinnsir mi ;
'S mo ghlòimh tràth chunnaic iad.
- 10 An t-àl ud rè dà fhichead bliadhn'
Chuir campar orm is eud :
Thubhairt mi, 'S pobull iad 'gam
Droch chridhe seachranach : [bheil
Is air mo shlighibh nach do ghabh,
Riamh eòlas firinneach :
- 11 D'an d'thug mi féin mo mhionnann mòr,
A'm' fheirg 's a'm' chorruih ghéir,
Nach rachadh iad a chaoidh a steach
Do m'ionad-suaimhneas féin.

SALM XCVI.—96.

- 1 CANAIBH do'n Tighearn òran nuadh,
Gach aon tìr, canaibh dha.
- 2 Seinnibh do Dhia : 'ainm beannaich-
Nochdaibh a shlàint' gach là. [ibh,
- 3 Am measg nam fineachan gu léir
Stor-thaisbeinibh a ghlòir :
Am measg gach pobuill aithrisibh
A mhiorbhuile ro-mhòr.
- 4 Oir 's mòr Iehobhah Dia nam feart,
'S ion-mholta feadh gach rè ;
Isaobhar eagail e faraon
Os ceann nan uile dhée :

- 1 O COME, let us sing to the Lord :
Come, let us ev'ry one
A joyful noise make to the Rock
Of our salvation.
- 2 Let us before his presence come
With praise and thankful voice ;
Let us sing psalms to him with
grace,
And make a joyful noise.
- 3 For God, a great God, and great
Kiug,
Above all gods he is.
- 4 Depths of the earth are in his hand,
The strength of hills is his.
- 5 To him the spacious sea belongs,
For he the same did make ;
The dry land also from his hands
Its form at first did take.
- 6 O come, and let us worship him,
Let us bow down withal,
And on our knees before the Lord
Our Maker, let us fall.
- 7 For he's our God, the people we
Of his own pasture are,
And of his hand the sheep ; to-day,
If ye his voice will hear.
- 8 Then harden not your hearts as in
The provocation,
As in the desert, on the day
Of the tentation :
- 9 When me your fathers tempt'd and
prov'd,
And did my working see :
- 10 Ev'n for the space of forty years
This race hath grieved me.

I said, This people errs in heart,
My ways they do not know :

- 11 To whom I swear in wrath that to
My rest they should not go.

PSALM XCVI.—96.

- 1 O SING a new song to the Lord :
Sing all the earth to God.
- 2 To God sing, bless his name, show
His saving health abroad. [still
- 3 Among the heathen nations
His glory do declare ;
And unto all the people show
His works that wond'rous are. "
- 4 For great's the Lord, and greatly he
Is to be magnified ;
Yea, worthy to be fear'd is he
Above all gods beside.

- 5 Oir uile dhée nam fineachan
Is iodhoil iad gu léir:
Ach 'se Iehobhah Cruithfhear àrd
Nam flaitheas is nan speur.
- 6 Àrd-urram agus mòralachd
'Na fhianuis-san a ta:
Treun-spionnadh agus maisealachd
'Na theampull naomh a ghnàth.
- 7 O shineacha nan slògh gu léir
Thugaibh do Dhia nam feart;
Thugaibh do'n Tighearna faraon
Gloir, urram, agus neart.
- 8 A' ghloir a's cubhaidh fòs d'a ainm,
Do'n Tighearn thugaibh uaibh:
Thigibh d'a chùirtibh naomha
Is thugaibh ofrail leibh. [steach,
- 9 Do Dhia Iehobhah sleuchdaibh sìos
Am mais' a naomhachd féin:
Biodh eagal oirbh, gach uile thir,
'Na fhianuis-san gu léir.
- 10 Abraibh measg shineach, gu bheil
Dia
Riaghladh mar rìgh gu beachd.
Buan-dhaingnichear an domhan leis;
Air daoinibh bheir breth cheart.
- 11 Biodh aoibhneas air na nèamhaibh
Is biodh an talamh ait; [àrd',
Beucadh an cuan gu farumach,
'S a lànachd-san gu pailt.
- 12 Biodh aoibhneas air a' mhachair fòs,
Is air gach nì a t'ann:
An sin bidh aiteas air gach coill',
Is air gach craoibh is crann
- 13 An làthair Dhé; oir tha e teachd,
Oir tha e teachd gu breth;
Air talamh chum gu'n deantadh leis
Ceart-bhreitheanas fa leth:
Le ceartas maith bheir e a mach
Breth air a' chruinne-ché;
Bheir air a' phobull breitheanas
Le fìrinn fhior-ghlòin réidh.

SALM XCVII.—97.

- 1 IEHOBAH mòr 'se tha 'na Rìgh,
Biodh aiteas air gach tìr;
'S air eileanaibh tha lionmhor ann,
Biodh gairdeachas gu léir.
- 2 Tha neula tiugh' is dorchadas
M'a thimchioll air gach leth:
'Se 's còmhnuidh fòs d'a chaithir-rìgh
Deadh chothrom is ceart-bhreth.
- 3 Tha teine millteach roimh a ghnùis
Ag imeachd air gach àird,
Le'n loisgear suas gu lasarach
A naimhdean anns gach àit.
- 4 Le solus glan a dhealanaich
Dhealruich an cruinne-cé:
Chunnaic an talamh sud gu dearbh,
Ghrad-chlisg is chrìothnuich e.

- 5 For all the gods are idols dumb,
Which blinded nations fear:
But our God is the Lord, by whom
The heav'ns created were.
- 6 Great honour is before his face,
And majesty divine;
Strength is within his holy place,
And there doth beauty shine.
- 7 Do ye ascribe unto the Lord,
Of people ev'ry tribe,
Glory do ye unto the Lord,
And mighty pow'r ascribe.
- 8 Give ye the glory to the Lord
That to his name is due;
Come ye into his courts, and bring
An offering with you.
- 9 In beauty of his holiness,
O do the Lord adore;
Likewise let all the earth throughout
Tremble his face before.
- 10 Among the heathen say, God
reigns;
The world shall stedfastly
Be fix'd from moving; he shall
judge
The people righteously.
- 11 Let heav'ns be glad before the Lord,
And let the earth rejoice;
Let seas, and all that is therein,
Cry out and make a noise.
- 12 Let fields rejoice, and ev'ry thing
That springeth of the earth:
Then woods and every tree shall
sing
With gladness and with mirth
- 13 Before the Lord; because he comes,
To judge the earth comes he:
He'll judge the world with righteous-
ness,
The people faithfully.

PSALM XCVII.—97.

- 1 God reigneth, let the earth be
glad,
And isles rejoice each one.
- 2 Dark clouds him compass; and in
right
With judgment dwells his throne.
- 3 Fire goes before him, and his foes
It burns up round about:
- 4 His lightnings lighten did the
world;
Earth saw, and shook through-
out.
- 5 Hills, at the presence of the Lord,
Like wax, did melt away;
Ev'n at the presence of the Lord
Of all the earth, I say.

- 5 Na cruic, an làthair Dhia nan dùl,
Leagh as air fad mar chéir :
Roimh ghnùis Ard-Rìgh an domhain
Leagh iadsan as gu léir. [mhòir
6 Na nèamha cuiridh 'n céill a cheart ;
Is chì gach sluagh a ghloir.
7 Do dhealbhaibh snaidhte meud 'sa
chrom
Gu'n robh dhoibh amhludh mòr,
Tha deanamh uail' is ràiteachais
A iòdholaidh nach fiù ;
Gach uile dhée a ta sibh ann,
Sleuchdaibh do Dhia nan dùl.
8 Rinn Sion aoibhneas nach bughann,
An uair a chual i 'n aèul,
Rinn nighean Iudah gairdeachas
Mu d' bhreitheanaidh, a Dhé.
9 Oir tha thu, Dhia Iehobhah, àrd
Os ceann gach uile thìr :
Tha thu air t'ardachadh gu mòr,
Os ceann gach dia gu léir.
10 Sibhse le'n ionmhuinn Dia ro-
naomh,
Fuathaichibh olc a chaoidh :
Anam a naomh sìor-ghleidhidh e ;
Saoraidh o làimh nan daoibh.
11 Cuirear mar phòr gu frasach pailt,
Solus do'n fhireanach ;
Is aoibhneas dhoibh-san fòs a ta
'Nan cridhe treibhdhireach.
12 Biodh aiteas oirbh an Dia na glòir',
O fhireana gu léir :
Is thugaibh buidheachas do Dhia,
'Ri cuimhn' a naomhachd féin.

SALM XCVIII.—98.

- 1 O SEINNIBH òran nuadh do Dhia,
Rinn bearta miorbhuileach :
'Si 'dheas làmh féin 's a ghairdean
naomh
Thug dhasan buaidh a mach.
2 Feuch, thaisbein Dia gu follaiseach
'Fhurtachd 's a shlàinte mhòr :
Am fànuis chinneach nochdadh leis
'Fhireantachd féin gu leòr.
3 Chuimhnich e 'fhirinn is a ghràs
Do theaghlach Israeil ;
Is slàint' ar Dia-ne chunnaic fòs
Gach iomall tìr gu léir.
4 Do Dhia Iehobhah togaibh suas
Ard-iolach ait, gach tìr :
Togaibh bhuir guth : bibh subhach
Is seinnibh moladh fìor. [fòs,
5 Do Dhia Iehobhah mòr nam feart
Seinnibh air clàrsaich ghrinn ;
Le clàrsaich (deirim) seinnibh dha,
Le guth na sailm gu binn.
6 Le fàim na h-adhaire seinnibh dha,
'S le guth na trompaid àird' :

- 6 The heav'ns declare his righteous-
ness,
All men his glory see,
7 All who serve graven images,
Confounded let them be.
Who do of idols boast themselves,
Let shame upon them fall ;
Ye that are called gods, see that
Ye do him worship all.
8 Sion did hear, and joyful was,
Glad Judah's daughters were ;
They much rejoic'd, O Lord, be-
cause
Thy judgments did appear.
9 For thou, O Lord, art high above
All things on earth that are ;
Above all other gods thou art
Exalted very far.
10 Hate ill, all ye that love the Lord :
His saints' souls keepeth he ;
And from the hands of wicked men
He sets them safe and free.
11 For all those that be righteous
Sown is a joyful light,
And gladness sown is for all those
That are in heart upright.
12 Ye righteous, in the Lord rejoice ;
Express your thankfulness
When ye into your memory
Do call his holiness.

PSALM XCVIII.—98.

- 1 O SING a new song to the Lord,
For wonders he hath done :
His right hand and his holy arm
Him victory hath won.
2 The Lord God his salvation
Hath caused to be known ;
His justice in the heathen's sight
He openly hath shown.
3 He mindful of his grace and truth
To Israel's house hath been ;
And the salvation of our God
All ends of th' earth have seen.
4 Let all the earth unto the Lord
Send forth a joyful noise ;
Lift up your voice aloud to him,
Sing praises, and rejoice.
5 With harp, with harp, and voice of
psalms,
Unto Jehovah sing :
6 With trumpets, cornets, gladly
sound
Before the Lord the King.

- Do Dhia an t-Ard-Rìgh seinnibh fòs,
Le iolach ait 's gach àit.
- 7 Bèucadh an fhaire mhòr gu borb,
'S an làn tha innt' le chéil';
An domhan, is gach dùil a ta
An còmhnuidh ann gu léir.
- 8 Buailleadh na tuitte mòr' am bos';
Na sléibhte bitheadh ait,
- 9 An làthair Dhé; oir tha e teachd
Air talamh thabhairt ceirt:
- Le ceartas maith bheir e a mach
Breth air a' chruinne-ché;
Bheir air a' phobull breitheanas
Le cothrom fìor-ghlan réidh.

SALM XCIX.—99.

- 1 THA Dia 'na Rìgh, is criothnaich-
eadh
Gach uile shluagh air bith:
'Se shuidheas eadar cheruban,
Biodh air an talamh crith.
- 2 An Sion tha Iehobhah mòr,
Is àrd os ceann gach sluaigh.
- 3 T'ainm mòr ro-uamhor molar leo,
Oir tha e naomh r'a luaidh.
- 4 Is toigh le neart an Rìgh ceart-
bhreth:
'S tu shocrùicheas a' cheart:
An Iacob breitheanas is còir
Cuiridh tu 'n gnìomh gu beachd.
- 5 Ar Dia Iehobhah àrdaichibh,
Is sleuchdaibh dha gu caomh,
Aig stòl a chos gu h-urramach;
Oir tha e féin ro-naomh.
- 6 Am measg a shagart Aaron 's Maois,
Bha Samuel do'n dream
A ghair air 'ainm: dh'iarr iadsan
Fhreagair e iad san am. [Dia,
- 7 Am baideal neoil gu gràs-mhor
Labhair an Tighearn riu: [caoin
Na h-àitheantan a thug e dhoibh,
'S a theisteas gbleidheadh leo.
- 8 Iehobhah Dia, thug freagradh
dhoibh:
'S tu 'n Dia a mhaith an lochd,
Ge d' rinn thu orra dìoghaltas
Air son an innleachd olc.
- 9 Air Dia Iehobhah àrdaichibh,
'S 'na thulaich naomh a ghnàth,
Sios sleuchdaibh dha gu h-iriosal;
Oir 's naomh ar Dia gu bràth.

SALM C.—100.

- 1 TÒGADH gach tìr àrd-iolach
glaoidh,
Do Dhia Iehobhah mòr.
- 2 Thigibh, is deanaibh seirbhis ait,
'Na làthair-san le ceòl.
- 3 Biodh agaibh fios gur esan Dia,
'Se rinn sinn, 's cha sinn féin;

- 7 Let seas and all their fulness roar;
The world and dwellers there;
- 8 Let floods clap hands, and let the
hills
Together joy declare
- 9 Before the Lord; because he
comes,
To judge the earth comes he:
He'll judge the world with righteous-
ness,
His folk with equity.

PSALM XCIX.—99.

- 1 TH' eternal Lord doth reign as king,
Let all the people quake;
He sits between the cherubims,
Let th' earth be moved and
shake.
- 2 The Lord in Sion great and high
Above all people is;
- 3 Thy great and dreadful name (for it
is holy) let them bless.
- 4 The king's strength also judgment
Thou settlest equity: [loves;
Just judgment thou dost execute
In Jacob righteously.
- 5 The Lord our God exalt on high,
And rev'rently do ye
Before his footstool worship him:
The Holy One is he.
- 6 Moses and Aaron 'mong his priests,
Samuel, with them that call
Upon his name: these call'd on God,
And he them answer'd all.
- 7 Within the pillar of the cloud
He unto them did speak:
The testimonies he them taught,
And laws, they did not break.
- 8 Thou answer'dst them, O Lord our
God;
Thou wast a God that gave
Pardon to them, though on their
deeds
Thou wouldest vengeance have.
- 9 Do ye exalt the Lord our God,
And at his holy hill
Do ye him worship: for the Lord
Our God is holy still.

PSALM C.—100.

- 1 ALL people that on earth do dwell,
Sing to the Lord with cheerful voice,
- 2 Him serve with mirth, his praise forth
tell,
Come ye before him and rejoice.
- 3 Know that the Lord is God indeed;
Without our aid he did us make:

- A phobull sinn, 's a chaoraich fòs
Dh' ionaltradh leis gu léir.
- 4 Thigibh a nis le buidheachas
'Na gheataibh-san a steach,
Is thigibh fòs le mòladh mòr
An cùirtibh naomh' a theach :
Is thugaibh dha mòr-bhuidheachas,
'Ainm beannaichibh gu binn.
- 5 Oir Dia ta maith, tha 'thròcair buan,
Is 'fhirinn feadh gach linn.

SALM CI.—101.

- 1 BRETH cheart is tròcair canar leam;
Dhé, seinneam dhuit le ceòl.
- 2 Is iomchaiream mi féin gu glic
Air slighe shoirfe chóir.
O c'uin do m'ionnsuidh-sa a thig
Thu féin, a Dhia nam feart ?
A steach a'm' fhàrdaich gluaisidh mi
Le cridhe fìor-ghlan ceart.
- 3 Fa chomhair fòs mo shùile féin
Cha chuir mi olc am feasd [leam,
Obair luchd-ceannairc 's fuathach
'S cha lean i rium gun cheisd.
- 4 An cridhe iargalt ceannairceach
Uam triallaidh e an céin :
Eòlas no furan air an daoi
A chaoidh cha chuir mi féin.
- 5 An ti bheir beum d'a choimhears-
Lom-sgrìosaidd mi as 'àit; [nach,
An cridhe borb cha'n fhuing mi,
No neach a sheallas àrd.
- 6 Bidh m' air' air fireanaibh na tìr',
Gu'n gabh iad còmhnuidh leam :
An ti bhios soirfe glan 'na bheus,
'Se 's òglach dhomh gach àm.
- 7 Fear-deanamh ceilg' is mealltair-
eachd,
A'm' thigh-sa cha'n fhaigh tàmh ;
A'm' làthair, neach a labhras breug
Cha'n fhuirich e gu bràth :
- 8 Lom-sgrìosaidd mise fòs gu moch
Gach droch dhuin' as an tìr,
Chum luchd an uile a sgathadh as
O chaithir Dhé gu léir.

SALM CII.—102.

- 1 Rì m' urnuigh éisd, Iehobhah Rìgh ;
Is ruigeadh ort mo ghlaodh.
- 2 Na foluich uam do ghnùis san là
Thig trioblaid orm gach taobh :
San là an gairm mi ort gu geur,
Crom thugam féin do chluas ;
Is freagair mi gu deifireach,
A' furtachd air mo chruas.
- 3 Do bhrìgh gu bheil mo làith' mar
A' teireachduinn a ghnàth ; [cheò
Mar lic an teinntein 's amhluidh sin
Mo chnàmhnan loisgte ta.

- We are his flock, he doth us feed,
And for his sheep he doth us take.
- 4 O enter then his gates with praise,
Approach with joy his courts unto ;
Praise, laud, and bless his name al-
For it is seemly so to do. [ways,
5 For why ? the Lord our God is good,
His mercy is for ever sure ;
His truth at all times firmly stood,
And shall from age to age endure.
(Second Version, see page 167.)

PSALM CI.—101.

- 1 I MERCY will and judgment sing,
Lord, I will sing to thee.
- 2 With wisdom in a perfect way
Shall my behaviour be.
O when, in kindness unto me,
Wilt thou be pleas'd to come ?
I with a perfect heart will walk
Within my house at home.
- 3 I will endure no wicked thing
Before mine eyes to be :
I hate their work that turn aside,
It shall not cleave to me.
- 4 A stubborn and a froward heart
Depart quite from me shall ;
A person giv'n to wickedness
I will not know at all.
- 5 I'll cut him off that slandereth
His neighbour privily :
The haughty heart I will not bear,
Nor him that looketh high.
- 6 Upon the faithful of the land
Mine eyes shall be, that they
May dwell with me : he shall me
serve
That walks in perfect way.
- 7 Who of deceit a worker is
In my house shall not dwell ;
And in my presence shall he not
Remain that lies doth tell.
- 8 Yea, all the wicked of the land
Early destroy will I ;
All from God's city to cut off
That work iniquity.

PSALM CII.—102.

- 1 O LORD, unto my pray'r give ear,
My cry let come to thee ;
- 2 And in the day of my distress
Hide not thy face from me.
Give ear to me ; what time I call,
To answer me make haste :
- 3 For, as an hearth, my bones are burnt,
My days, like smoke, do waste.
- 4 My heart within me smitten is,
And it is withered
Like very grass ; so that I do
Forget to eat my bread.

- 4 Trom-bhuailte tha mo chridhe bochd,
Is shearg e mar am fear ;
Ionnus gu'n d' dhearmad mi gu beachd
Greim arain chur a'm' bheul.
- 5 Le guth mo chaoidh, mo chnàmban
lean
Ri m' chraicionn féin gu teann :
- 6 Mar phelican an fhàsaich mi,
'S mar chàillich-oidheh' nam beann.
- 7 Ri faire taim gu furachair,
Is cosmbuil mi a ghnàth
Ri gealbhonn beag 'na aonar fòs
Air mullach tighe ta.
- 8 Ri fad an là mo naimbde garg'
Ga m' mhasluchadh gu trom ;
A'm' aghaidh mhionnaich iad gu
léir ;
Air bhoile dh'éirich rium.
- 9 Le m' dheuraibh choimhmeasg mi,
mo dheoch ;
Mar aran dh'ith mi luath',
- 10 Tre lasan t'fheirg' ; oir thog thu mi,
Is leag thu ris gu truagh.
- 11 Mar sgàile chlaon mo làithean sìos ;
Is shearg mi féin mar fheur.
- 12 Ach mairidh tus', am feasd, a Dhé,
'S do chuimhne féin gu sìor.
- 13 Nis éiridh tu a dheanamh gràis
Air Sion naomh gu dlùth :
Oir àm a cabhair tha air teachd,
Seadh, 'n t-àm a dh'orduich thu.
- 14 Oir t'òglaich tha a' gabhail tlachd
'Na clachaibh breagh' gach uair ;
Tha deadh thoil aig do sheirbhisich
D'a luaithe is d'a h-ùir.
- 15 Mar sin bidh air na fineachaibh
Eagal roimh ainm an Triath .
Is air gach rìgh air thalamh ta
Bidh roimh do ghlòir-sa fiamh.
- 16 'Tràth thogar Sion suas le Dia
Taisbeanar e 'na ghlòir.
- 17 Urnuigh nam bochd bleir e fa'-
near,
'S cha diùlt e iad le tàir.
- 18 Do 'n àl a ta ri teachd 'nar déigh,
Sud sgrìobhar dhoibh gu beachd :
'S an dream a ghinear e so suas,
Molaidh iad Dia nam feart.
- 19 Oir dh'amhairc e a nuas gu beachd,
O àird a naomhachd fein ;
Is air an talamh dh'amhairc Dia,
A nuas o nèamh nan speur ;
- 5 By reason of my groaning voice
My bones cleave to my skin.
- 6 Like pelican in wilderness
Forsaken I have been :
I like an owl in desert am,
That nightly there doth moan ;
- 7 I watch, and like a sparrow am
On the house-top alone.
- 8 My bitter en'mies all the day
Reproaches cast on me ;
And, being mad at me, with rage
Against me sworn they be.
- 9 For why ? I ashes eaten have
Like bread, in sorrows deep ;
My drink I also mingled have
With tears that I did weep.
- 10 Thy wrath and indignation
Did cause this grief and pain ;
For thou hast lift me up on high,
And cast me down again.
- 11 My days are like unto a shade,
Which doth declining pass :
And I am dried and withered,
Ev'n like unto the grass.
- 12 But thou, Lord, everlasting art,
And thy remembrance shall
Continually endure, and be
To generations all.
- 13 Thou shalt arise, and mercy have
Upon thy Sion yet ;
The time to favour her is come,
The time that thou hast set.
- 14 For in her rubbish and her stones
Thy servants pleasure take ;
Yea, they the very dust thereof
Do favour for her sake.
- 15 So shall the heathen people fear
The Lord's most holy name ;
And all the kings on earth shall dread
Thy glory and thy fame.
- 16 When Sion by the mighty Lord
Built up again shall be,
In glory then and majesty
To men appear shall he.
- 17 The prayer of the destitute
He surely will regard ;
Their prayer will he not despise,
By him it shall be heard.
- 18 For generations yet to come
This shall be on record :
So shall the people that shall be
Created praise the Lord.
- 19 He from his sanctuary's height
Hath downward cast his eye ;
And from his glorious throne in
heav'n
The Lord the earth did spy ;

20 A chluinutinn osnaich ghearanaich
A' phrìosanaich ta 'n sàs;
Chum fuasgladh air a' mhuinntir sin
A dh'orduicheadh chum bàis.

21 An Sion chum a chur an céill
Ainm uasal àrd ar Dia,
'S a dh'innseadh an Ierusalem
Moladh is-clìù an Triath.

22 An t-àm a bhios na fineacha
Air cruinneachadh le chéil';
'S gu seirbhis Dé tràth thionailcar
Na rioghachda gu léir.

23 Air feadh na slighe is an ròid
Mo thredir do lagadh leis:
Mo làithe chuir an giorrad fòs.

24 'S mar so do labhair mis,
Mo Dhia, na glacer mi le bàs,
Mu thimchioll leth mo là:
O aois gu h-aois gu maireannach,
Do bhliadhnaidh buan a ta.

25 O chian leag thusa bunaite,
Na talmhainn so, a Dhé;
Is iad na nèamha fìor-ghlan àrd'
Oibre do làmba féin.

26 Teirgidh iadsan 's théid iad as,
Ach mairidh tusa, Dhé:
Seadh teirgidh iadsan 's gabhaidh
Mar eudach sean gu léir: [seach

Feuch caochlaidh tu mar thrusgan
Is caoch'ear iad gun cheisd. [iad,
27 Tha thusa' a mhàin gun chaochlaidh
ort,

'S do bhliadhnaidh buan am feasd.
28 Bidh clann do sheirbhiseach, a Dhé,
Maireannach buan a ghnàth:
Is ann ad fhianuis socruichear
An gineal-san gu bràth.

SALM CIII.—103.

1 O M'ANAM, beannaich thusa nis
An Dia Iehobhah mòr:
Moladh gach ni an taobh stigh dhiom
'Ainm naomha mar is còir.

2 O m'anam, beannaich féin a nis
Iehobhah mòr do Dhia:
Na dichuimhnich na tiodhlacan
A dheònuich dhuit an Triath

3 'Se mhaitheas duit gu gràsmhor
Gach peacadh annad féin: [caoin
'Se bheir dhuit slàint', is furtachd
O t'enslaintibh gu léir. [fòs,

4 Do bheatha fòs o sgrìos a' bhàis,
'Se dh'fhuasglas duit gu pailt:
'Se chrùnas thu le coron gràidh,
'S le tròcair chaomh gun airc.

5 Le 'mhaitheas is le 'thiodhlacaibh
Sàr-lionaidh e do bheul:
'S tha t'òige air a nuadhachadh
Mar iolair luath nan speur.

20 That of the mournful prisoner
The groanings he might hear,
To set them free that unto death
By men appointed are:

21 That they in Sion may declare
The Lord's most holy name,
And publish in Jerusalem
The praises of the same;

22 When as the people gather shall
In troops with one accord,
When kingdoms shall assembled be
To serve the highest Lord.

23 My wonted strength and force he
Abated in the way, [hath
And he my days hath shortened:

24 Thus therefore did I say:
My God, in mid-time of my days
Take thou me not away:
From age to age eternally
Thy years endure and stay.

25 The firm foundation of the earth
Of old time thou hast laid;
The heavens also are the work
Which thine own hands have made.

26 Thou shalt for evermore endure,
But they shall perish all;
Yea, ev'ry one of them wax old,
Like to a garment, shall:

Thou, as a vesture, shalt them change,
And they shall changed be:

27 But thou the same art, and thy years
Are to eternity.

28 The children of thy servants shall
Continually endure;
And in thy sight, O Lord, their seed
Shall be establish'd sure.

(Second Version, see page 167.)

PSALM CIII.—103.

1 O THOU my soul, bless God the
Lord;

And all that in me is
Be stirred up his holy name
To magnify and bless.

2 Bless, O my soul, the Lord thy
God,

And not forgetful be
Of all his gracious benefits
He hath bestow'd on thee.

3 All thine iniquities who doth
Most graciously forgive:
Who thy diseases all and pains
Doth heal, and thee relieve.

4 Who doth redeem thy life, that
thou

To death may'st not go down;
Who thee with loving kindness
doth

And tender mercies crown:

- 6 Air sgàth na muinntir ud, a ta
Le fòirneart air an claidh,
Ceartas is breitheanas fàraon,
'Se Dia nì dhoibh gun dith.
- 7 Do Mhaois an neach a b' òglach dha,
A shlighe chuir e 'n céill:
Is mar an ceudna 'ghnìomhara
Do chlànaibh Israeil.
- 8 Tha'n Tighearn iochdmhor trocair-
each,
'S mall 'fhearg, 's is pailt a ghràs.
- 9 Cha bhi e tagradh ruinn do shior,
'S cha ghléidh e 'fhearg gu brath.
- 10 A réir ar peacaidh iomarcaich,
Dioghaltas oirn cha d'rinn;
'S a réir ar ciont' is eusaontais
Cha d'thug e luigheachd dhuinn.
- 11 Oir mar os ceann na talmhainn ta
Na speuran àrd gach rè,
Is amhluidh sin tha 'thròcair mòr
Do'n dream d'an eagal e.
- 12 Mar tha an àrd an ear 's an iar
A' gabhail fad o chéil';
'S co fhad a chuireas Dia nan gràs
Ar peacaidh uainn gu léir. [dàimh]
- 13 Amhluidh mar ghabhas athair
Is truas d'a leanbaibh maoth,
Mar sin d'a fhior luchd-eagail féin
Dia gabhaidh truas gu caomh.
- 14 Oir 's aithne dhasan agus 's léir
Ar cruth 's ar dealbh gu ceart;
Gur duslach talmhainn sinn air fad,
Is cuimhne leis gu beachd.
- 15 An duine truagh, a ta a làith'
Amhluidh mar fheur a ghnàth;
Mar bhàrr na luibh' air machair fòs
A ta e fàs fo bhlàth.
- 16 Oir gabhaidh thairis osag ghaoith',
'S cha bhi e idir ann;
'S cha 'n fhaicear e san ìonad ud
An robh e fàs gu teann.
- 17 Ach mairidh tròcair Dhé gu sìor
Do'n dream d'an eagal e,
Is fòs do chloinn an cloinne-san
Bidh 'fhàireantachd gach rè:
- 18 Do 'n aitim ud a chumas ris
An cùmhnant rinn e riu:
'S a chuimhnichas 'uil' àitheantan,
A chum gu'n deant' iad leo.
- 19 Dia shocruidh anns na nèamhaibh
A chaithir rioghail féin; [àrd']
A rioghachd tha an uachdar fòs
Os ceann gach nì fo 'n ghréin.
- 20 Sìor-bheannaichibh Iehobhah mòr,
O 'aingle treun an neart,
Tha deanamb iartuis mar is còir;
'S a' tabhairt géill d'a reachd.

- 5 Who with abundance of good
things
Doth satisfy thy mouth;
So that, ev'n as the eagle's age,
Renewed is thy youth.
- 6 God righteous judgment executes
For all oppressed ones.
- 7 His ways to Moses, he his acts
Made known to Isr'el's sons.
- 8 The Lord our God is merciful,
And he is gracious,
Long-suffering, and slow to wrath,
In mercy plenteous.
- 9 He will not chide continually,
Nor keep his anger still.
- 10 With us he dealt not as we
sìun'd,
Nor did requite our ill.
- 11 For as the heaven in its height
The earth surmounteth far;
So great to those that do him
fear
His tender mercies are:
- 12 As far as east is distant from
The west, so far hath he
From us removed, in his love,
All our iniquity.
- 13 Such pity as a father hath
Unto his children dear;
Like pity shows the Lord to such
As worship him in fear.
- 14 For he remembers we are dust,
And he our frame well knows.
- 15 Frail man, his days are like the
grass,
As flow'r in field he grows:
- 16 For over it the wind doth pass,
And it away is gone:
And of the place where once it was,
It shall no more be known.
- 17 But unto them that do him fear
God's mercy never ends;
And to their children's children
still
His righteousness extends:
- 18 To such as keep his covenant,
And mindful are alway
Of his most just commandments,
That they may them obey.
- 19 The Lord prepared hath his
throne
In heavens firm to stand;
And ev'ry that being hath
His kingdom doth command.
- 20 O ye his angels, that excel
In strength, bless ye the Lord;
Ye who obey what he commands,
And hearken to his word.

21 Gach uile shluagh a bhuineas da,
Beannaichibh Dia a nis;
A sheirbhisich le 'n coimblionar
Gach nì a's toileach leis.

22 'Uil' oibre, feadh a thighearnais,
A rinneadh leis an Triath,
An rìgh Iehobhah beannaichibh :
O m'anam, beannaich Dia.

SALM CIV.—104.

1 O M'ANAM, beannaich thusa Dia :
Mo Dhia, 's tu 'n Triath ro-mhòr;
Tha thusa air do sgeadachadh
Le mòralachd is glòir.

2 Seadh chuir thu solus dealrach glan,
Mar thrusgan umad féin;
Is shin thu mach, is sgaoileadh leat,
Mar chùirtean nèamh nan speur.

3 Sailean a sheòmar leagadh leis
Air uisgeachaibh mar stéidh;
Mar charbad rinn na neula tiugh,
'Se ruith air sgiathaibh gaoith'.

4 'Se féin a rinn na h-aingil fòs
'Nan spioraid làidir threun;
'Se rinn 'nan teine lasarach
A theachdairean gu léir.

5 Is bunaite na talmhainn fòs :
Shocruicheadh leis 'nan àit,
A chum nach gluaist' as 'ionad e
A chaoidh nan cian gu bràth.

6 Is dh'fholuich thu le doimhneachd e,
Ceart mar gu'm b'ann le brat :
Os ceann nam beann 's nan sléibhte
Na h-uisgeacha do stad. [àrd']

7 Air cluinntinn doibh guth t'ach-
nhasain,
Theich iad air falbh gu cas :
Is fòs ri guth do thairneanaich,
Le deifir chaidh iad as. [suas,

8 Rì taobh nam beann chaidh iad a
'S a sìos air feadh nan gleann :
Gu ruig an t-àit' a dh'orduich thu
'S a shocruich thu gu teann.

9 Chuir thusa rompa crìocha buan
Nach téid iad tharta null;
'S nach pill iad air an ais a ris
Dh'fholach na tìr' le tuinn.

10 Cuiridh e mach na tobraichean
Air feadh nan glac 's nan gleann,
A ta gun tàmh le 'n sruthaibh bras,
A' ruith air feadh nam beann.

11 Do bheathaichibh na macharach
Deoch bheir e dhoibh r'a h-òl :
'S na h-asail fhiaidhaich coisgidh iad
An tart 's an iota mòr.

12 An fagus doibh nì eoin nan speur,
Tigh clùthor tàimh dhoibh féin :
Is eadar gheugan cnìrean leo
An ceileir binn an eòill.

21 O bless and magnify the Lord,
Ye glorious hosts of his;
Ye ministers, that do fulfil
Whate'er his pleasure is.

22 O bless the Lord, all ye his works,
Wherewith the world is stor'd
In his dominions, ev'ry where.
My soul, bless thou the Lord.

PSALM CIV.—104.

1 BLESS God, my soul. O Lord my
God,

Thou art exceeding great;
With honour and with majesty
Thou clothed art in state.

2 With light, as with a robe, thy-
self

Thou coverest about;
And, like unto a curtain, thou
The heavens stretchest out.

3 Who of his chainbers doth the
beams

Within the waters lay;
Who doth the clouds his chariot
make,

On wings of wind make way.

4 Who flaming fire his ministers,
His angels sp'rits, doth make :

5 Who earth's foundations did lay,
That it should never shake.

6 Thou didst it cover with the deep,
As with a garment spread

The waters stood above the hills,
When thou the word but said.

7 But at the voice of thy rebuke
They fled, and would not stay;
'They at thy thunder's dreadful
voice

Did haste them fast away.

8 They by the mountains do ascend,
And by the valley-ground
Descend, unto that very place
Which thou for them didst found.

9 Thou hast a bound unto them set,
That they may not pass over,
That they do not return again
The face of earth to cover.

10 He to the valleys sends the
springs,

Which run among the hills :

11 They to all beasts of field give
drink,

Wild asses drink their fills.

12 By them the fowls of heav'n shall
have

Their habitation,
Which do among the branches
sing

With delectation.

- 13 Uisgichidh e o 'sheòmraibh àrd'
Na beannta mòr' gun tàmh :
An talamh tioram gheibh a dhìol
Le toradh gnìomh do làmh.
- 14 Bheir e air feur bhì fàs do'n
spréidh,
'S air luibh bhì fàs gun sgìos
Do dhaoineibh, chum gu'n tugadh
O'n talamh biadh a nìos : [iad
- 15 Is fìon a chuireas cridhe dhaoine'
Air shubhachas 's air ghean,
Is oladh fòs a nì an gnùis
Le maise dealrach glan.
'Se bheir dhoibh aran mar an ceudn'
Fhreasdail am feum gu leòr,
An cridhe dhaoine' a chuireas neart,
Le misneich mhaith is treòir.
- 16 Tha craobhan àrd' an Tighearna
Ro làn do bhrìgh gu léir,
Is seudair mhaiseach Lebanoin
A shuidhicheadh leis féin.
- 17 Is bithidh nìd san ionad ud
Aig eunlaith luath nan speur :
Na craobhan giùmhais aig an stòr
Mar ionad tàimh dhi féin.
- 18 An tearmunn féin, am beauntaibh
Na gabhair fhiadhaich leag ;[àrd',
Na coinein bheaga' mar an ceudn'
An còsaibh blàth nan creag.
- 19 A' ghealach dh'orduich esan fòs
A sgarachduinn nan tràth :
Is aig a' ghréin tha eòlas maith
Mar luidheas i gach là.
- 20 Do nìthear leat-sa dorchadas,
Is thig an oidhch' gu grad ;
An sin bidh beathaich allt' na coill'
A' dol a mach air fad.
- 21 Rì beucadh bìdh na leòmhain òg'
Ag iarraidh cobhartaich,
Is bithidh iad ag iarraidh bìdh
Air Dia ro-chumhachdach.
- 22 An sin 'nuair dh'éireas suas a'
ghrian,
Cruinnichidh iad le chéil',
Gu h-uaigneach luidhidh iad a stigh
'Nan garaidh didein féin.
- 23 Is théid an duine mach an sin
Gu 'obair mar is còir,
Is leanaidh e gu dìchiollach
A shaothair gu tràth nòin'.
- 24 Cia lionmhor t'òibre mòr', a Dhé !
An gliocas rinn thu iad :
An talamh fòs le d' shaoibhreas mòr,
Tha làn air fad 's air leud.
- 25 Mar sin an cuan tha farsuinn mòr,
'S gach nì a shnàgas ann,
Na beathaichean tha beag is mòr,
Gun orra cunntas cheann.

- 13 He from his chambers watereth
The hills, when they are dried :
With fruit and increase of thy
works
The earth is satisfied.
- 14 For cattle he makes grass to grow,
He makes the herb to spring
For th' use of man, that food to
him
He from the earth may bring ;
- 15 And wine, that to the heart of
man
Doth cheerfulness impart,
Oil that his face makes shine, and
bread
That strengtheneth his heart.
- 16 The trees of God are full of sap ;
The cedars that do stand
In Lebanon, which planted were
By his almighty hand.
- 17 Birds of the air upon their boughs
Do choose their nests to make ;
As for the stork, the fir-tree she
Doth for her dwelling take.
- 18 The lofty mountains for wild
goats
A place of refuge be ;
The conies also to the rocks
Do for their safety flee.
- 19 He sets the moon in heav'n,
thereby
The seasons to discern :
From him the sun his certain time
Of going down doth learn.
- 20 Thou darkness mak'st, 'tis night,
then beasts
Of forest creep abroad.
- 21 The lions young roar for their
prey,
And seek their meat from God.
- 22 The sun doth rise, and home they
flock,
Down in their dens they lie.
- 23 Man goes to work, his labour he
Doth to the ev'ning ply.
- 24 How manifold, Lord, are thy works !
In wisdom wonderful
Thou ev'ry one of them hast made ;
Earth's of thy riches full :
- 25 So is this great and spacious sea,
Wherein things creeping are,
Which number'd cannot be ; and
beasts
Both great and small are there.

- 26 Tha longan siubhal ann gu tiugh ;
'S tha'n lebhiantan mòr,
A chumadh is a dhealbhadh leat,
Ri sùgradh ann le treòir.
- 27 Na slòigh ud uile tha, a Dhé,
A' feitheamh ort a ghnàth,
A chum dhoibh biadh gu'n tugadh
G'an cumail beò gach tràth. {tu
- 28 Na bheir thu dhoibh a'd' thoirbh-
'Ga thional sud tha iad : [eartas
Tràth dh'fhosglas tu do làmh gu
Le maith sàr-lionar iad. [pailt,
- 29 Air folach dhuit do ghnùis a ris,
Thig cabhag orr' air fad ;
Eugaidh, tràth bheir thu asd' an deo,
Pillidh ri 'n àir gu grad.
- 30 Do spiorad fèin g'an cruthachadh,
Ris cuirear leat a mach :
Aghaidh na talmhainn mar an
ceudn'
Nuadhaichidh tu le dreach.
- 31 Bidh glòir an Triath ro-mhaireann-
Air feadh gach linn am feasd;[ach
Is ni Iehobhah gairdeachas
'Na ghnìomharaibh gun cheisd.
- 32 Air sealltuinn air an talamh dha,
Criothnaichidh e gu grad ;
Tràth bheanas e ri sléibhtibh àrd'
Bidh deatach dhiubh air fad.
- 33 Do Dhia Iehobhah seinnidh mi
An cian a bhios mi beò ;
Is bheir mi moladh mòr do m' Dhia
Ri fad mo rè 's mo lò.
- 34 'S ro-mhilis blast' mo smuaintean
Biom ait an Dia a ghnàth. {air ;
- 35 Gu'n tigeadh sgrios air peacaichibh,
Mach as an tir gu bràth,
'S na biodh na h-aingidh ann ni 's
O m'anam, moladh seinn {mò.
Do Dhia Iehobhah ; seinneamaid
Le h-Alleluia binn.

SALM CV.—105.

- 1 O THUGAIBH buidheachas do Dhia ;
Air 'ainm-san gairibh fèin ;
Is cuiribh fòs a ghnìomhara
Am measg nan sluagh an céill.
- 2 Seinnibh do Dhia Iehobhah mòr,
Sailm seinnibh dha gu binn ;
Is aithrisibh gu h-iomlan fòs
Na mìorbhuilean a rinn.
- 3 As 'ainm ro-naomha-san faraon
Deanaibh deadh-uail is glòir ;
Biodh gairdeachas air cridh' an
Dh'iarras Iehobhah mòr. {dream
- 4 Iarraibh Iehobhah mòr nam feart,
Iarraibh a neart a ghnàth :
A ghnùis ta gràsmhor fàbharach,
Sior-iarraibh i gu bràth.

- 26 There ships go ; there thou mak'st
to play
That leviathan great.
- 27 These all wait on thee, that thou
may'st
In due time give them meat.
- 28 That which thou givest unto them
They gather for their food ;
Thine hand thou open'st lib'rally,
They filled are with good.
- 29 Thou hid'st thy face ; they troubled
are,
Their breath thou tak'st away ;
Then do they die, and to their dust
Return again do they.
- 30 Thy quick'ning spirit thou send'st
forth,
Then they created be ;
And then the earth's decayed face
Renewed is by thee.
- 31 The glory of the mighty Lord
Continue shall for ever :
The Lord Jehovah shall rejoice
In all his works together.
- 32 Earth, as affrighted, trembleth all,
If he on it but look :
And if the mountains he but touch,
They presently do smoke.
- 33 I will sing to the Lord most high,
So long as I shall live ;
And while I being have I shall
To my God praises give.
- 34 Of him my meditation shall
Sweet thoughts to me afford ;
And as for me I will rejoice
In God, my only Lord.
- 35 From earth let sinners be con-
Let ill men no more be. {sum'd,
O thou my soul, bless thou the
Lord.
Praise to the Lord give ye.

PSALM CV.—105.

- 1 GIVE thanks to God, call on his
name ;
To men his deeds make known.
- 2 Sing ye to him, sing psalms ; proclaim
His wondrous works each one.
- 3 See that ye in his holy name
To glory do accord ;
And let the heart of ev'ry one
Rejoice that seeks the Lord.
- 4 The Lord Almighty, and his
strength,
With stedfast hearts seek ye :
His blessed and his gracious face
Seek ye continually.
- 5 Think on the works that he hath
Which admiration breed ; {done

- 5 Cuimhnichibh fòs na miorbhuile
A rinneadh leis gu treun :
A ghnìomhara ro-iongantach,
Is breitheanais a bhéil ;
- 6 O sibhs' a ghineil Abrahaim,
Deadh òglaich dhìleis Dé :
Sibhsè chlann Iacoib mar an ceudn',
A ròghnuich e dha féin.
- 7 'S esan ar Tighearn is ar Dia,
Iehobhab mòr gu fìor :
Tha 'bhreitheanais ro-chothromach
Air sgaoileadh feadh gach tìr'.
- 8 Oir chuimhnich e gu sìorruidh buan
A choimhcheangal gu beachd ;
'S am focal fòs a dh'orduich e
Do mhiltibh àl ri teachd ;
- 9 An coimhcheangal a rinn e féin
Ri Abraham gu caoin,
'S na mionnan a thug e le 'bheul
Do Isaac òglach caomh :
- 10 Is amhluidh sin do Iacob fòs
Dhaingnich se e mar reachd ;
Mar choimhcheangal gu sìorruidh
Do Israel gu beachd : [buan
- 11 Ag ràdh, Tìr Chanaain bheir mi
dhuibh, [féin.
Mar chrann bhuir n-oighreachd
- 12 'Nuair bha iad tearc, 's 'nam buidh-
inn bhig,
'S 'nan coigrich innt' gu léir.
- 13 Is air bhi dhoibh ag imeachd fòs
O thìr gu tìr gun tamh ;
A' triall feadh sluaigh is rioghachda,
Nach fac' iad riamh roimh làimh :
- 14 Cha d' leig le neach an gortachadh ;
Ach smachdaich air an sgàth
Mor-rìghre neartmhor cumhach-
'S a riu mar so ag'ràdh ; [dach ;
- 15 'Feuchaibh nach bean sibh ris an
dream
A dh'ungadh leam gu caomh :
Is fòs na deanaibh cron air bith
No lochd air m' fhàidhibh naomh'.
- 16 Fòsghairm e gorta steach do 'n tìr,
Is lorg an arain bhris.
- 17 Ach chuir e Ioseph rompa sìos,
Reiceadh mar thràill gun fhios.
- 18 Le gheimhlibh dhochainn iad a chos',
Luidh e an iarunn teann ;
- 19 Gu 'n uair an d'thàinig focal Dé ;
Is dhearbhadh sud e san àm.
- 20 An rìgh an sin chuir airsan fios,
Is dh'fhuasgail air gu caoin :
Seadh uachdaran nam fineacha
Is leig se e fa sgaoil.
- 21 Is air a theaghlach thug e dha
Ard-thighearnas gu léir :
Ard-uachdranachd a stòrais mhòir,
Thug esan dha d'a réir.

- His wonders, and the judgments all
Which from his mouth proceed ;
- 6 O ye that are of Abr'ham's race,
His servant well approv'n ;
And ye that Jacob's children are,
Whom he chose for his own.
- 7 Because he, and he only, is
The mighty Lord our God ;
And his most righteous judgments
In all the earth abroad. [are
- 8 His cov'nant he remember'd hath,
That it may ever stand :
To thousand generations
The word he did command.
- 9 Which covenant he firmly made
With faithful Abraham,
And unto Isaac, by his oath,
He did renew the same :
- 10 And unto Jacob, for a law,
He made it firm and sure,
A covenant to Israel,
Which ever should endure.
- 11 He said, I'll give Canaan's land
For heritage to you ;
- 12 While they were strangers there,
In number very few : [and few,
- 13 While yet they went from land to
Without a sure abode ; [land
And while through sundry kingdoms
Did wander far abroad ; [they
- 14 Yet, notwithstanding, suffer'd he
No man to do them wrong :
Yea, for their sakes, he did reprove
Kings, who were great and strong.
- 15 Thus did he say, Touch ye not
those
That mine anointed be,
Nor do the prophets any harm
That do pertain to me.
- 16 He call'd for famine on the land,
He brake the staff of bread :
- 17 But yet he sent a man before,
By whom they should be fed ;
Ev'n Joseph, whom unnat'rally
Sell for a slave did they ;
- 18 Whose feet with fetters they did
And he in irons lay ; [hurt,
- 19 Until the time that his word came
To give him liberty ;
The word and purpose of the Lord
Did him in prison try.
- 20 Then sent the king, and did com-
That he enlarg'd should be ; [mand
He that the people's ruler was
Did send to set him free.
- 21 A lord to rule his family
He rais'd him as most fit ;
To him of all that he possess'd
He did the charge commit :

- 22 A cheangal mar a chiteadh dha
Ard-cheannardan na tìr':
'S gu'n tugadh e d'a sheanairibh
Teagasg air gliocas fìor.
- 23 Do rìogh'ehd na h-Eìphit thàinig
Clann Israeil gu léir, [fòs,
'S bha Iacob is a shliochd air chùairt
An talamh Cham le chéil':
- 24 Thug esan air a phobull féin
An sin ro-lionmhor fàs,
Is nì bu treise rinn e iad
Na'n naimhdean anns gach càs.
- 25 Cridhe an dream ud dh'ìompaich e
Thoir fuath d'a phobull naomh,
'S gu'm buineadh iad gu cealgach olc
R'a sheirbhisich ro-chaomh.
- 26 Ansin chuir e d'headh òglach Maois,
Aaron a thagh e féin.
- 27 Nochd iad a bhearta mìorbhuileach,
An talamh Cham gu treun.
- 28 Chuir orra duibhre, 's dhorchaidh-
eadh;
'N sin thug iad géill d'a ghuth.
- 29 Dh'ìompaich gu fuil an uisgeachan,
Is mharbh e 'n t-iasg 'nan sruth.
- 30 Is losgann ann an lionmhoireachd
Sin bhrùchd an tìr a mach,
Am fàrdaichibh an rìghre-san,
'S 'nan seòmraichibh a steach.
- 31 Air 'iartus thàinig iomadh gnè
Do chuileagaibh gu grad:
Is miala lionmhor mar an ceudn'
'Nan crìochaibh féin air fad.
- 32 Air son an uisge thug e dhoibh
Clach-shneachd gu trasach geur,
Is lasair theine-dhealanaich
Air feadh na tìr' gu léir.
- 33 Na craobhan fion, is fige fòs
Ghrad-bhuileadh leis gu trom;
Is bhriseadh agus reubadh leis
Gach crann a bha 'nam foun.
- 34 Thug esan àithne 's thàinig iad,
Locuist gu lionmhor ann,
'S na burruis sgriosach iomarcach,
Gun orra cunntas cheann;
- 35 Gach luibh san shearann dh'itheadh
leo;
Is dh'itheadh leo gach meas.
- 36 Bhuaileadh gach ceud-ghin anns an tìr,
Toiseach am brìgh 's an treis'.
- 37 Le h-òr 's le h-airgiod thug e mach
A phobull féin gun dìth;
'S cha robh 'nan treubhaibh-san air
Neach euslainteach gun chli. [fad
- 38 Bu shubhach leis na h-Eìphitich
'Nuair chaidh iad uath' a mach:
Oir thuit an eagal-san gu mòr
Le h-uamhunn air gach neach.

- 22 That he might at his pleasure bind
The princes of the land;
And he might teach his senators
Wisdom to understand.
- 23 The people then of Israel
Down into Egypt came;
And Jacob also sojourned
Within the land of Ham.
- 24 And he did greatly by his pow'r
Increase his people there;
And stronger than their enemies
They by his blessing were.
- 25 Their heart he turned to envy
His folk maliciously,
With those that his own servants
were
To deal in subtilty.
- 26 His servant Moses he did send,
Aaron his chosen one.
- 27 By these his signs and wonders
great
In Ham's land were made known.
- 28 Darkness he sent, and made it
dark;
His word they did obey.
- 29 He turn'd their waters into blood,
And he their fish did slay.
- 30 The land in plenty brought forth
frogs
In chambers of their kings.
- 31 His word all sorts of flies and lice
In all their borders brings.
- 32 He hail for rain, and flaming fire
Into their land he sent:
- 33 And he their vines and fig-trees
smote;
Trees of their coasts he rent.
- 34 He spake, and caterpillars came,
Locusts did much abound;
- 35 Which in their land all herbs con-
sum'd,
And all fruits of their ground.
- 36 He smote all first-born in their
land,
Chief of their strength each one:
- 37 With gold and silver brought them
forth,
Weak in their tribes were none.
- 38 Egypt was glad when forth they
went,
Their fear on them did light.
- 39 He spread a cloud for covering,
And fire to shine by night.

- 39 Neul os an ceann sgaoil esan mach
Mar bhrat no cuirtean mòr;
Le teine mar an 'ceudn' san oidhch'
Thug solus dhoibh gu leòr.
- 40 Am pobull dh'iarr, is thug e dhoibh
Na gearra-goirt gu pailt;
'S le h-aran nèimh o speuraibh àrd'
Thug dhoibh an sàth gun aire.
- 41 A' charraig sgoilte, bhrùchd a mach
Na h-uisgeacha gu leòr;
Is anns an thàsach thartmhor theth
Ruith iad mar amhaion mhòir.
- 42 Chionn gu'n do chuimhnich e an
'Fhocal's aghealladh naomh, [sin
Is mar an ceudna Abraham
'Oglach ro dhileas caomh.
- 43 Is uime sin thug e a mach
A shluagh le h-aoibhneas mòr;
'S a dhaoine féin a ròghnaich e,
Le gairdeachas is ceòl.
- 44 Is fearann fòs nam fineacha
Thug esan dhoibh air fad;
Is mheal iad mar an oighreachd féin
Saothair nan ciunneach ud.
- 45 A chum gu'n tugadh iad fa'near
A reachda mar is còir,
'S gu'n gleidheadh iad a lagh faraon.
Molaibh Iehobhab mòr.

SALM CVI.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia,
Is buidheachas faraon,
Oir tha e maith, mairidh gu bràth
A thròcair ghràmhòr chaoim.
- 2 Gniomhara treun' Iehobhab mhòir,
Cò dh'fheudas chur an céill?
Cò dh'fheudas fòs a chliu ro-mhòr
A thaisbeanadh gu léir?
- 3 'S beannaicht' an aitim ud gu beachd
A ghleidheas breitheanas,
'S an neach ud fòs a ni gach uair
Ceartas is ionracas.
- 4 Dhia, cuimhnich ormsa, leis a' ghràdh
Thug thu do d' phobull féin;
O thig le d' shlàinte shòlataich
Gu m' fhiosrachadh a'm' fheum.
- 5 Gu faic sinn maith dò dhaoine taght',
'S gu'n dean sinn aoibhneas mòr
'Nan aoibhneasud; 's le t'oighreachd
féin
Gu'n dean sinn uail is glòir.
- 6 Do pheacaich sinn le'r sinsearaibh;
Is fòs do rinneadh leinn
Mòr chiout' a' d' aghaidh féin, a Dhé;
Gu h-aingidh pheacaich sinn.
- 7 Ar sinseara cha d'thug fa'near
Do bhearta miorbhuileach,
A rinneadh leat an tìr na h-Eiph't
Gu treunmhor cumhachdach;

- 40 They ask'd, and he brought quails;
with bread
Of heav'n he filled them.
- 41 He open'd rocks, floods gush'd, and
ran
In deserts like a stream.
- 42 For on his holy promise he,
And servant Abr'ham, thought.
- 43 With joy his people, his elect
With gladness, forth he brought.
- 44 And unto them the pleasant lands
He of the heathen gave;
That of the people's labour they
Inheritance might have.
- 45 That they his statutes might ob-
serve
According to his word;
And that they might his laws obey.
Give praise unto the Lord.

PSALM CVI.

- 1 GIVE praise and thanks unto the
Lord.
For bountiful is he;
His tender mercy doth endure
Unto eternity.
- 2 God's mighty works who can ex-
press?
Or show forth all his praise?
- 3 Blessed are they that judgment
keep,
And justly do always.
- 4 Remember me, Lord, with that
love
Which thou to thine dost bear,
With thy salvation, O my God,
To visit me draw near.
- 5 That I thy chosen's good may see,
And in their joy rejoice;
And may with thine inheritance
Triumph with cheerful voice.
- 6 We with our fathers sinned have,
And of iniquity
Too long we have the workers been;
We have done wickedly.
- 7 The wonders great, which thou, O
Lord,
Didst work in Egypt land,
Our fathers, though they saw, yet
They did not understand: [them

- Is lionmhoireachd do thròcair
chaoimh'
Dhìchuimhnich iad gu truagh;
'S iad aig a' mhuir ga d' bhrosnach-
Ri cois na fairge ruaidh'. [adh,
- 8 Ach theasaig e gu tèaruint' iad,
Air sgàth dheadh ainme féin;
A chum gu'n nochdadh e mar sin
A chumhachda ro-threun.
- 9 Leig e a mach geur achmhasan
Is thiorraich a' mhuir-ruadh;
Is stiùir e troimh an doimhneachd iad,
Mar troimh an fhàsach chruaidh.
- 10 O làimh an ti thug dhoibhsan fuath,
Dh'fhuasgail e 'phobull féin,
'S o làimh an nainhde mi-runach
Shaoradh leis iad gu treun.
- 11 Is dh'fholuich uisg' an eascairde:
Cha d'fhan fiu aon diubh beò.
- 12 Chreid iad an sin a bhriathra-san,
'S a chliu do sheinneadh leo.
- 13 Air dearmad leigeadh leo gu cas
A ghnìomhara ro-threun;
Cha d' fhuirich iad gu foighidneach
R'a chomhairl' eagnuidh féin.
- 14 San fhàsach ghlac miann ciocrach
'N sin bhuair iad Dia gu luath. [iad,
- 15 An iartus thug e dhoibh, ach chuir
Caoil' air an anam truagh.
- 16 Sa' champa ghabh iad farmad mòr
Ri Maois an duine caomh,
'S ri Aaron neach a ròghnaich Dia
Dha féin 'na shagart naomh.
- 17 An talamh dh'fhosgail e a bheul,
Shluig Datan sìos gu grad;
Buidhinn Abiraim mar an ceudn'
Dh'fholuich e iad air fad.
- 18 Is fòs am measg an cuideachd-san
Ghrad-las an teine teth;
Is loisg an lasair suas gu léir
Na h-aingidh ud fa leth.
- 19 Dhealbh iad an sin is riun iad laogh,
Gu truagh aig Horeb àrd,
'S do'n iomhaigh leaght' a rinneadh
Aoradh thug iad gun dàil. [leo
- 20 Is amhluidh chaochail iad gu bochd,
An Dia 's an glòir gu léir,
Gu cosamhlachd is iomhaigh fhaoin
An daimh a dh'itheas feur.
- 21 An Dia thug tèarnadh dhoibh 'nam
feum
Dhìchuimhnich iad gu grad;
An neach le 'n d' rinneadh bearta
An tir na h-Eiph't air fad: [mòr'
- 22 Is gnìomhara ro-iongantach
An dùthaich Cham le buaidh,
Mar sin is nithe uamhasach
Ri cois na fairge ruaidh':

- And they thy mercies' multitude
Kept not in memory;
But at the sea, ev'n the Red sea,
Provok'd him grievously.
8 Nevertheless he sav'd them,
Ev'n for his own name's sake;
That so he might to be well known
His mighty power make.
- 9 When he the Red Sea did rebuke,
Then dried up it was:
Thro' depths, as thro' the wilderness,
He safely made them pass.
- 10 From hands of those that hated
them
He did his people save;
And from the en'my's cruel hand
To them redemption gave.
- 11 The waters overwhelm'd their foes:
Not one was left alive.
- 12 Then they believ'd his word, and
praise
To him in songs did give.
- 13 But soon did they his mighty works
Forget unthankfully,
And on his counsel and his will
Did not wait patiently;
- 14 But much did lust in wilderness,
And God in desert tempt.
- 15 He gave them what they sought, but
Their soul he leanness sent. [to
- 16 And against Moses in the camp
Their envy did appear;
At Aaron they, the saint of God,
Envious also were.
- 17 Therefore the earth did open wide,
And Dathan did devour,
And all Abiram's company
Did cover in that hour.
- 18 Likewise among their company
A fire was kindled then;
And so the hot consuming flame
Burnt up these wicked men.
- 19 Upon the hill of Horeb they
An idol-calf did frame,
A molten image they did make,
And worshipped the same.
- 20 And thus their glory, and their God,
Most vainly changed they
Into the likeness of an ox
That eateth grass or hay.
- 21 They did forget the mighty God,
That had their saviour been,
By whom such great things brought
to pass
They had in Egypt seen.
- 22 In Ham's land he did wondrous
works,
Things terrible did he,

- 23 Thubhairt e air an aobhar sin
Gu'm millt' iad leis gu léir,
Mur seasadh òglach taghta, Maois,
Fa chomhair, anns a' bheum :
A chum gu'n deant' a chorruich
A philleadh air a h-ais, [mhòr
Eagal 'na fheirg gu'n deanadh e
A phobull féin a sgrios.
- 24 Dhiùlt iad le tàir an tìr ro-mhaith ;
Nìor chreid iad focal Dé :
- 25 'Nam pàilliuanaibh rinn monmhor
mòr,
'S d'a ghuth cha d'thug iad géill.
- 26 An sin 'nan aghaidh thog e 'làmh,
G'an sgrios san fhàsach lom :
- 27 A sgrios an sliochd measg fhineacha,
'S g'an sgaioleadh feadh gach fuinn.
- 28 Ri Baal-peor mar an ceudn',
Naisg siad iad féin gu dlùth :
Is dh'ith iad cuid do iobairtibh
Nan iodhol marbh' nach fù.
- 29 Bhrosnuich iad e mar sin gu feirg,
Le'n innleachdaibh gu truagh ;
Is bhris a' phlàigh an sin gu mòr
A steach am measg an t sluaigh.
- 30 Sheas Phinehas, is rinn e 'n ceart :
'N sin sgair a' phlàigh d'an claidh :
- 31 Sud mheasadh dha mar fhireant-
O linn gu linn a chaoidh. [achd
- 32 Aig uisge comb-stri Mheribah
Bhrosnuich iad Dia a ris ;
Air chor, fa chùis a' phobuill ud,
Gu'n d' éirich oile do Mhaois.
- 33 Oir rinneadh leo a spiorad san
A bhrosnachadh gu geur ;
Ionnus gu'n d' labhair e an sin
Gu cabhagach le 'bheul.
- 34 Na cinnich cha do sgriosadh leo
Mar dh'áithu Iehobhah dhoibh :
- 35 Ach mheasg iad leis na fineachaibh,
Is dh'fhòghluim iad an dòigh.
- 36 Do iodholaibh nam fineacha
Iad seirbhis rinn gu truagh :
Bhasud mar lion 's mar ribe dhoibh,
Le'n ghilacadh iad gu luath.
- 37 Seadh thug iad suas mar iobairtean
Do dheamhnaibh 's dhealbhaibh
bréig',
Am mic 's an nigheana faraon,
An aghaidh naomh-reachd Dhé.
- 38 Is fuil nan neòchiontach gu truagh
Do dhòirteadh leo gun sgàth ;
B'i fuil am mac 's an nighean féin
A dhòirt iad gun chion-fàth.
- Do iodholaibh Chanaain fòs
Mar iobairt thug an sliochd ;
Mar sin do thruaillleadh leo an tìr,
Le fuil gun truas gun iochd.

- When he his mighty hand and arm
Stretch'd out at the Red sea.
- 23 Then said he, He would them de-
stroy,
Had not, his wrath to stay,
His chosen Moses stood in breach,
That them he should not slay.
- 24 Yea, they despis'd the pleasant
land,
Believed not his word :
- 25 But in their tents they mur-
mured,
Not heark'ning to the Lord.
- 26 Therefore in desert them to slay
He lifted up his hand :
- 27 'Mong nations to o'erthrow their
seed,
And scatter in each land.
- 28 They unto Baal-peor did
Themselves associate ;
The sacrifices of the dead
They did profanely eat.
- 29 Thus, by their lewd inventions,
They did provoke his ire ;
And then upon them suddenly
The plague brake in as fire.
- 30 Then Phin'has rose, and justice did,
And so the plague did cease ;
- 31 That to all ages counted was
To him for righteousness.
- 32 And at the waters, where they
strove,
They did him angry make,
In such sort, that it fared ill
With Moses for their sake :
- 33 Because they there his spirit meek
Provoked bitterly,
So that he utter'd with his lips
Words unadvisedly.
- 34 Nor, as the Lord commanded them,
Did they the nations slay :
- 35 But with the heathen mingled were,
And learn'd of them their way.
- 36 And they their idols serv'd, which
did
A snare unto them turn.
- 37 Their sons and daughters they to
dev'ls
In sacrifice did burn.
- 38 In their own children's guiltless
blood
Their hands they did imbrue,

- 39 Is amhluidh sin le'n gnìomharaibh
Do thruailleadh leo iad féin :
Chaidh iad air striopachas o Dhia
Le 'n innleachdaibh gu léir.
- 40 Fa 'n aobhar ud las corruih Dhé
R'a phobull féin gu teth :
Ionnus gu'n ghabh e gràin gu mòr
D'a oighreachd air gach leth.
- 41 Is amhluidh rinn e 'n tabhairt suas
Do làimh nam fineach fiat' ;
Is thug thu dhoibh mar uachdarain,
An dream a dh'fhuathaich iad.
- 42 Rinneadh gu mòr an sàruchadh
Le 'n naimhdibh làidir treun' ;
Is leagadh iad gu h-ìosal sìos
Fo'n làimh sud mar an ceudn'.
- 43 Gu minic thug e saorsa dhoibh ;
Ach bhrosnuich iad e ris
Le'n comhairlibh, is leagadh iad
Air son an ceannairc sìos.
- 44 Ach thug e 'n àmhlighar mòr fa'near,
'Nuair chualadh leis an glaoth ;
- 45 Is chuimhnich e dhoibh mar an ceudn'
A chùmnant gràs-mhor caomh ;
Is ghabh e aithreachas a réir
Mòr-shaoibhireachd a ghraìs :
- 46 'S 'nan sealladh-san riun braighde
diubh
Fhuair e dhoibh iochd is truas.
- 47 Thusa Iehobhah mhòir ar Dia,
Dean saoradh dhuinn 'nar feum,
Is dean, am measg nam fineacha,
Ar tional leat gu léir :
Do t'ainm ro-naomh gu'n tugamaid
Mòr bhuidheachas gu pailt' :
Do chliu 's do mholadh mòr faraon
Gu seinneamaid gu h-ait.
- 48 'S beannaicht' an Triath, Dia Is-
G chian nan cian gu bràth: [raeil,
Abradh an sluagh gu léir, Amen '
Molaibh-sa Dia a ghnàth.

SALM CVII.—107.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia,
Is buidheachas faraon,
Oir tha e maith, 's mairidh gu bràth
A thròcair ghràs-mhor chaoim.
- 2 Pobull Iehobhah shaoradh leis,
Labhradh mar so gun tàmh,
A' mhuinntir ud a bhuin e saor
A mach o làimh an nàmh :
- 3 Is as gach tìr san robh iad sud
Do chruinnicheadh iad leis,
O 'n àird an ear, 's o'n àird an iar,
O'n àirde tuath, is deas.
- 4 San fhàsach iad air seachran chaidh
An ionad falamh fàs ;

- Whom to Canaan's idols they
For sacrifices slew :
So was the land defil'd with blood.
- 39 They stain'd with their own way,
And with their own inventions
A whoring they did stray.
- 40 Against his people kindled was
The wrath of God therefore,
Insomuch that he did his own
Inheritance abhor.
- 41 He gave them to the heathen's
hand ;
Their foes did them command.
- 42 Their en'mies them oppress'd, they
were
Made subject to their hand.
- 43 He many times deliver'd them ;
But with their counsel so
They him provok'd, that for their sin
They were brought very low.
- 44 Yet their affliction he beheld,
When he did hear their cry :
- 45 And he for them his covenant
Did call to memory.
- After his mercies multitude
- 46 He did repent : And made
Them to be pity'd of all those
Who did them captive lead.
- 47 O Lord our God, us save, and
gather
The heathen from among,
That we thy holy name may praise
In a triumphant song.
- 48 Bless'd be Jehovah, Isr'el's
God,
To all eternity :
Let all the people say, Amen.
Praise to the Lord give ye.

PSALM CVII.—107.

- 1 PRAISE God, for he is good: for still
His mercies lasting be.
- 2 Let God's redeem'd say so, whom he
From th' en'my's hand did free ;
- 3 And gather'd them out of the lands,
From north, south, east, and west.
- 4 They stray'd in desert's pathless
way,
No city found to rest.
- 5 For thirst and hunger in them
faints
- 6 Their soul. When straits them
press,

- Is bail' air bith cha d'fhuair leo
Gu còmhnuidh ann no tàmh.
- 5 Ocrach is iotmhor bha iad fòs ;
Chlaoidheadh an anam truagh.
- 6 Ghlaodh iad an sin ri Dia 'nan teinn,
Shaor iad o'n àmhghar chruaidh.
- 7 Stiùir esan agus threòruich iad
Air bealach ceart fa'n cois,
A chum gu'n rachadh iad fadheoidh
Gu baile tàimh is fois'.
- 8 O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia
Air son a mhaithéis chaoín,
'S air son a bhearta iongantach
Rinn e do chloinn nan daoin'!
- 9 Oir ní e 'n t-anam miannach trom
A shàsachadh gun airc,
'S an t-anam ciocrach lionaidh e
Le 'mhaithéis féin gu pailt.
- 10 An dream a shuidh an dorchadas,
Is ann an dubhar bàis; [truagh,
Fo chuibhreach ta an àmhghar
'S an iarunn cruidh an sàs;
- 11 Air son gu'n robh iad ceannairceach
An aghaidh briathra Dhé,
'S air comhairle an Tì a's àird'
Gu'n d'rinn iad tàir gu léir;
- 12 An sin an cridhe leag e sìos
Le saothair is le péin;
Thuit iad, is aon neach cha robh ann
G'an cuideachadh 'nam feum:
- 13 Ghlaodh iad an sin ri Dia 'nan airc,
Dh'fhuasgail o'n teinn gu grad.
- 14 O'n d'orcha bhuin, 's o dhubhar
bàis,
'S an cuibhreach bhris air fad.
- 15 O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia
Air son a mhaithéis chaoín,
'S air son a bhearta iongantach
Rinn e do chloinn nan daoin'!
- 16 Chionn gu'n do bhriseadh leis le
Na geatan prais gu léir; ['neart
Na stapuill iaruin is na croinn
Sgaol esan as a chéil'.
- 17 Bha amadain le 'n cron, 's le 'n
Fo àmhghar goirt an sàs. [lochd,
- 18 Bha 'n anam gabhail gráin do
bhiadh,
'S iad dlùth do dhorsaibh bàis.
- 19 Ghlaodh iad an sin ri Dia 'nam feum,
Dh'fhuasgail o'n teinn gu grad.
- 20 Le 'fhocal rinn e 'n slànuchadh:
Is shaor o'n sgrios air fad.
- 21 O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia
Air son a mhaithéis chaoín,
'S air son a bhearta iongantach
Rinn e do chloinn nan daoin'!
- 22 Thugadh iad lobairt buidheachais
Is cliu do Dhia na glòir';
- They cry unto the Lord, and he
Them frees from their distress.
- 7 Them also in a way to walk
That right is he did guide,
That they might to a city go,
Wherein they might abide.
- 8 O that men to the Lord would give
Praise for his goodness then,
And for his works of wonder done
Unto the sons of men!
- 9 For he the soul that longing is
Doth fully satisfy;
With goodness he the hungry soul
Doth fill abundantly.
- 10 Such as shut up in darkness deep,
And in death's shade abide,
Whom strongly hath affliction
bound,
And irons fast have tied:
- 11 Because against the words of God
They wrought rebelliously,
And they the counsel did contemn
Of him that is most High:
- 12 Their heart he did bring down with
grief;
They fell, no help could have.
- 13 In trouble then they cried to God,
He them from straits did save.
- 14 He out of darkness did them bring,
And from death's shade them
take;
These bands, wherewith they had
been bound,
Asunder quite he brake.
- 15 O that men to the Lord would give
Praise for his goodness then,
And for his works of wonder done
Unto the sons of men!
- 16 Because the mighty gates of brass
In pieces he did tear,
By him in sunder also cut
The bars of iron were.
- 17 Fools, for their sin and their
offence,
Do sore affliction bear;
- 18 All kind of meat their soul abhors;
They to death's gates draw near.
- 19 In grief they cry to God; he saves
Them from their miseries.
- 20 He sends his word, them heals, and
them
From their destructions frees.
- 21 O that men to the Lord would give
Praise for his goodness then,
And for his works of wonder done
Unto the sons of men!
- 22 And let them sacrifice to him
Offerings of thankfulness;

Aithriseadh iad a ghnìomhara,
Le subhachas is ceòl.

23 Luchd-loingeis thèid air muir, 's a bhios

Ri gnìomh an uisgibh buan ;

24 Dhoibh sud is léir mòr-oibre Dhé,
'S a mhiorbhuilean sa' chuan.

25 Air 'iarrtus, dùisgear leis a' ghaoth
Gu h-àrd 's gu doinionnach :

Le 'n togar suas gu h-atmhor borb
A thonna garbh' fa seach.

26 Tha iad ag éirigh suas gu nèamh ;
'S a ris dol domhain sìos :

Ionnus gu'n d' leagh an anam truagh
Le trioblaid chruaidh 's le sgtos.

27 Dol thuig' is uaith, gu tuisleach fòs,
Amhluidh mar dhuin' air mhisg ;

Ionnus gu'n d' thréig gu buileach iad
Gach gliocas bha 'nam measg.

28 Ghlaodh iad ri Dia 'nan teinn ; is shaor

E iad o'n trioblaid ghéir.

29 Ghrad-chuireadh leis an stoirm gu féith,

'S na tuinn 'nan tàmh gu léir ;

30 An sin tha iad ro-ait, air son
Gu bheil iad sàmhach beò :

'S gu'n d'thug e iad do'n chaladh sin,
'S do'n phort bu mhiannach leo.

31 O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia
Air son a mbaitheis chaoìn,

'S air son a bhearta iongantach
Rinn e do chloinn nan daoin' !

32 Is fòs an coimhthional an t-sluaigh
Ard-mholar e gu mòr ;

'S an cruinneachadh nan seanair glic'

Cliu thugar dha is glòir.

33 Aimhniche ni 'nam fàsach lom,
Tobair 'nan talamh cruaidh :

34 Tìr bheartach ni e fàs, air son
Mòr aingidheachd an t-sluaigh.

35 Am fàsach tioram tionndaidh e
Gu uisge tàimh nach gann.

'S gu tobair fìor-uisg' iompaichidh
Am fearann tartmhor teann.

36 Do dhaoineibh ocrach bheir e sud
Mar àite fois' is tàimh ;

A chum gu'n deasuicht' caithir leo
Chum còmhnuidh ann a ghuàth.

37 Chum craobhan fion' a shuidheach-
Is sìol a chur san fhonn, [adh,

A bheir a mach san aimsir cheirt
Cinneas is toradh trom.

38 Bheannaich e fòs am pobull ud,
Is dh'fhàs iad lionmhor mòr ;

'S nìor leig e dhoibh dol air an ais
'Nam feudail no 'nan stòr.

And let them show abroad his works
In songs of joyfulness.

23 Who go to sea in ships, and in
Great waters trading be,

24 Within the deep, these men God's
works

And his great wonders see.

25 For he commands, and forth in
The stormy tempest flies. [haste

Which makes the sea with rolling
Aloft to swell and rise. [waves

26 They mount to heav'n, then to the
depths

They do go down again ;

Their soul doth faint and melt away
With trouble and with pain.

27 They reel and stagger like one
drunk,

At their wit's end they be :

28 Then they to God in trouble cry
Who them from straits doth free.

29 The storm is chang'd into a calm,
At his command and will ;

So that the waves, which rag'd be-
Now quiet are and still. [fore,

30 Then are they glad, because at rest
And quiet now they be :

So to the haven he them brings,
Which they desir'd to see.

31 O that men to the Lord would give
Praise for his goodness then,

And for his works of wonder done
Unto the sons of men !

32 Among the people gathered

Let them exalt his name ;

Among assembled elders spread
His most renowned fame.

33 He to dry land turns water-springs,
And floods to wilderness ;

34 For sins of those that dwell therein,
Fat land to barrenness.

35 The burnt and parched wilderness
To water-pools he brings ;

The ground that was dried up before
He turns to water-springs :

36 And there, for dwelling, he a place
Doth to the hungry give,

That they a city may prepare
Commodiously to live.

37 There sow they fields, and vine-
yards plant,

To yield fruits of increase.

38 His blessing makes them multiply,
Lets not their beasts decrease.

39 Again they are diminished,
And very low brought down,

Through sorrow and affliction,
And great oppression.

- 39 Lughdaichear iad gidheadh a ris,
Is leigear iad gu bochd,
Le sàruchadh is àmhghar geur,
Is doilgheas brònach goirt.
- 40 Air prionnsaibh dòirtear tarcuis
San fhàsach mar an ceudn', [leis,
Cuiridh e iad air seachran fiar,
Gun bhealach ann d'an ceum.
- 41 'S o thrioblaid togaidh e am bochd,
'S ni teaghlach dha mar threud.
- 42 Sud chi na fireana, 's bidh ait,
Is druidear beul nam beud.
- 43 Cò iad tha glic, 's a bheir fa'near
Na nithe sud gu ceart?
'S iad sin a thuigeas tròcair chaomh
Is maithreas Dhé nam feart.

SALM CVIII.—108.

- 1 MO chridh' tha ann am fonn, a
Gu socair mar is còir; [Dhé,
Is seinnidh mi gu cèdlmhor dhuit,
Is molam thu le m' ghlòir.
- 2 Mosglaibh, is éiribh grad an àird,
'Shaltair 's a chlàrsach ghrinn:
Mosglaidh mi féin, is éiridh mi
Gu moch chum ceòl a shcinn.
- 3 O Thighearna Iehobhah mhòir,
Measg chinneach, molam thu,
'Sam measg an t-sluaigh gu h-urram-
Ard-seinnidh mi do chliu. [ach
- 4 Oir tha do thròcair mòr os ceann
Nan nàmhà shuas gu léir;
Is ruigidh t'fhìrinn mar an ceudn'
Gu neultaibh àrd' nan speur.
- 5 Bi thusa, Dhé, os ceann nan nàmh
Air t'àrdachadh gu mòr;
Is fòs os ceann gach uile thir
Togar gu sior do ghlòir.
- 6 A chum gu deanta fuasgladh leat
Do d' phobull ionmhuinn féin,
O teasairg mi le d' ghairdean deas,
Is freagair mi a'm' fheum.
- 7 Na naomhachd labhair Dia namfeart:
Bidh aoibhneas orm nach gann,
Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
Gleann Shucoit toimhsear leam.
- 8 'S leam Gilead le dlighe cheirt,
Manasseh 's leam gu beachd:
S i treubh Ephraim neart mo chinn;
Bheir Iudah mach mo reachd.
- 9 Is soitheach-ionnlaid Moab dhomh,
Tilgeam thar Edom thruaigh
Mo bhròg: is ni mi caitheam binn
Thar Palestin le buaidh.
- 10 Cò bheir do 'n chaithir dhaingein
'S gu h-Edom bheir gu ceart? [mi?
- 11 Nach tusa, Dhé, le'n d' thréigeadh
sinn?
'S nach téid thu mach le'r feachd?

- 40 He upon princes pours contempt,
And causeth them to stray,
And wander in a wilderness,
Wherein there is no way.
- 41 Yet setteth he the poor on high
From all his miseries,
And he, much like unto a flock,
Doth make him families.
- 42 They that are righteous shall rejoice,
When they the same shall see;
And, as ashamed, stop her mouth
Shall all iniquity.
- 43 Whoso is wise, and will these things
Observe, and them record,
Ev'n they shall understand the love
And kindness of the Lord.

PSALM CVIII.—108.

- 1 MY heart is fix'd, Lord; I will
sing,
And with my glory praise.
- 2 Awake up psaltery and harp;
Myself I'll early raise.
- 3 I'll praise thee 'mong the people,
Lord;
'Mong nations sing will I;
- 4 For above heav'n thy mercy's
great,
Thy truth doth reach the sky.
- 5 Be thou above the heavens, Lord,
Exalted gloriously;
Thy glory all the earth above
Be lifted up on high.
- 6 That those who thy beloved are
Delivered may be,
O do thou save with thy right hand
And answer give to me.
- 7 God in his holiness hath said,
Herein I will take pleasure;
Shechem I will divide, and forth
Will Succoth's valley measure.
- 8 Gilead I claim as mine by right;
Manasseh mine shall be;
Ephraim is of my head the strength;
Judah gives laws for me;
- 9 Moab's my washing-pot; my shoe
I'll over Edom throw;
Over the land of Palestine
I will in triumph go.
- 10 O who is he will bring me to
The city fortified?
O who is he that to the land
Of Edom will me guide?
- 11 O God, thou who hadst cast us
off,
This thing wilt thou not do?
And wilt not thou, ev'n thou, O
God,
Forth with our armies go?

- 12 O thrioblaid tabhair còmhnaidh dhuinn,
Oir 's diomhain furtachd dhaoiñ'.
13 Trid Dhé nì sinne treubhantas.
'Se shaltras naimhde fodh'nn.

SALM CIX.—109.

- 1 O DHIA, ta t'aobhar molaidh dhomh,
Gu balbh a'd' thosd na bi.
2 Oir beul nan daoì, 's nam fealltach
Gnàth-fhosgailt' air mo thì : [tha
Le teangaidh bhreugaich labhair iad
A'm' aghaidh-sa a ghnàth :
3 Chuairtich iad mi le briathraibh
fuath' :
Chuir cath orm gun chion-fàth.
4 Air son mo ghaoil taid naimhdeil
Is mi ri urnuigh ghnàth. [dhomh,
5 Olc dhiol iad rium au éiric maith,
Is fuath air son mo ghràidh.
6 Fear droch-bheirt cuir-sa os a cheann;
Biodh Satan aig a dheis.
7 Urnuigh gu robh 'na peacadh dha,
Fàgar am binn e ris.
8 Gearr gu robh 'aois ; is glacadh neach
Oifig 's a dhreuchd gun iochd.
9 Gu'n robh a bhean 'na ban-treabh-
aich,
'S 'nan dilleachdain a shliochd.
10 Air seachran biodh a shliochd a
ghnàth,
Ag iarraidh déire' 'nam feum ;
Is as an àitibh salamh fàs
Ag iarraidh bidh dhoibh féin.
11 Gu'n glacar fòs le luchd nam fiach
Gach nì a bhuineas dha :
'S a shaothair-san mar chobhartaich,
Gu'm buineadh coigrich leo.
12 Na biodh neach ann nì tròcair air ;
Na bitheadh fòs a h-aon
A ghabhas truas d'a shliochd, a bhios
'Nan dilleachdain gun mhaoin.
13 Sgrios gu robh air a ghineil-san,
G'an sgathadh as gu léir ;
Gu'n cuirear as an ainm air fad,
San àl a thig 'nan déigh.
14 Aingidheachd 'aithriche gu'n robh
Air chuimhn' aig Dia a ghnàth :
Is ciont' a mhàthar mar an ceudn'
Na cuirear as gu bràth.
15 Gu robh iad air an taisbeanadh
Am fianuis Dhé do shior ;
A chum gu'n sgathadh e a mach
An iomradh as an tìr.
16 Oir dhearmaid e bli tròcaireach,
Is shàruich e am bochd,
'S an t-ainnis, chum gu marbhadh e
Neach 'g an robh cridhe goirt.

- 12 Do thou from trouble give us
help,
For helpless is man's aid.
13 Through God we shall do valiantly ;
Our foes he shall down tread.
PSALM CIX.—109.
1 O THOU the God of all my praise,
Do thou not hold thy peace ;
2 For mouths of wicked men to speak
Against me do not cease :
The mouths of vile deceitful men
Against me open'd be :
And with a false and lying tongue
They have accused me.
3 They did beset me round about
With words of hateful spite :
And though to them no cause I gave,
Against me they did fight.
4 They for my love became my foes,
But I me set to pray.
5 Evil for good, hatred for love,
To me they did repay.
6 Set thou the wicked over him ;
And upon his right hand
Give thou his greatest enemy,
Ev'n Satan, leave to stand.
7 And when by thee he shall be judg'd,
Let him condemned be ;
And let his pray'r be turn'd to sin,
When he shall call on thee.
8 Few be his days, and in his room
His charge another take.
9 His children let be fatherless,
His wife a widow make.
10 His children let be vagabonds,
And beg continually ;
And from their places desolate
Seek bread for their supply.
11 Let covetous extortioners
Catch all he hath away :
Of all for which he labour'd hath
Let strangers make a prey.
12 Let there be none to pity him,
Let there be none at all
That on his children fatherless
Will let his mercy fall.
13 Let his posterity from earth
Cut off for ever be,
And in the foll'wing age their name
Be blotted out by thee.
14 Let God his father's wickedness
Still to remembrance call ;
And never let his mother's sin
Be blotted out at all.
15 But let them all before the Lord
Appear continually,
That he may wholly from the earth
Cut off their memory.

- 17 Mar thug e toil do mhallachadh,
Mallaicht' biodh e gach là :
Is mar nach b' àill leis beannachadh,
Na éireadh beannachd dba.
- 18 Amhluidh mar rinneadh leis e féin
A chuairteachadh gach àm,
Le h-eascaint is le mallachadh
Ceart mar le trusgan teann,
- 'S amhluidh gu tigcadh sud gu beachd
Mar uisge steach 'na chom,
'S mar oladh drúidheadh sud gu geur
'Na chnámhaibh féin gu trom.
- 19 Biodh sud mar eudach uime-san,
'Ga fhólach air gach tràth :
Is amhluidh mar an crios a bhios
'G a chrìoslachadh a ghnàth.
- 20 O'n Tighearna gu'n toirear sud
Do m' naimhdeibh mar an duais,
'S do'n dream an aghaidh m'anam' ta
Gnàth-labhairt uile gun truas.
- 21 Ach air mo chraun bi thusa, Dhé,
Air sgàth t'ainm' uasail féin ;
Do bhrìgh gu bheil do thròcair maith,
Dean saoradh dhomh a'm' fheum.
- 22 Oir tha mi aim-beartach gu beachd,
Is tha mi ainnis lom,
A ta mo chridhe air a lot
An taobh a stigh do m' chom.
- 23 Is amhluidh ta mi gabhail seach
Mar sgàil a' claonadh sìos ;
Air m'fhuadach' mar an locust truagh
Thuig' agus uaith a ris.
- 24 Mo ghlùine ta air fàilneachadh,
Aig meud mo thraisg a ghnàth ;
Is m'fheòil aig diobhail saill' is sult'
Air seargadh as a ta.
- 25 A'm' aobhar fochaid tha mi fòs
Do'n aitim ud gu léir :
Chra'n iad an cinn gu fanoideach,
Tràth sheall iad orm gu geur.
- 26 Fòir orm, a Thighearna mo Dhia ;
A'd' thròcair cuidich mi :
27 Gu'n tuig iad gur i so do làmh,
'S gur tu riun sud, a Dhé.
- 28 'N tràth bhlitheas iad ri mallachadh,
Beannaich-sa sinn gu pailt ;
Biodh orra nàir', air éirigh dhoibh ;
Ach t'òglach sa biodh ait.
- 29 Gu robh iad air an cuairteachadh
M'uil' eascairde le nàir' ;
'S mar fhalluinn air an uachdar biodh
An amhludh féin le tair.
- 30 Ach mise, ghnàth, àrd-mholaidh
mi
Iehobhah Dia le m' bheul :
Is fòs, am measg a' choimhthionail,
Cuiridh mi 'chliu an céill.

- 16 Because he mercy minded not,
But persecuted still
The poor and needy, that he might
The broken-hearted kill.
- 17 As he in cursing pleasure took,
So let it to him fall ;
As he delighted not to bless,
So bless him not at all.
- 18 As cursing he like clothes put on,
Into his bowels so,
Like water, and into his bones,
Like oil, down let it go.
- 19 Like to the garment let it be
Which doth himself array,
And for a girdle wherewith he
Is girt about alway.
- 20 From God let this be their reward
That en'mies are to me,
And their reward that speak against
My soul maliciously.
- 21 But do thou, for thine own name's
O God the Lord, for me : [sake,
Sith good and sweet thy mercy is,
From trouble set me free.
- 22 For I am poor and indigent,
Afflicted sore am I,
My heart within me also is
Wounded exceedingly.
- 23 I pass like a declining shade,
Am like the locust tost :
- 24 My knees through fasting weaken'd
My flesh hath fatness lost. [are,
- 25 I also am a vile reproach
Unto them made to be ;
And they that did upon me look
Did shake their heads at me.
- 26 O do thou help and succour me,
Who art my God and Lord :
And, for thy tender mercy's sake,
Safety to me afford :
- 27 That thereby they may know that
Is thy almighty hand ; [this
And that thou, Lord, hast done the
same
- They may well understand.
- 28 Although they curse with spite, yet,
Lord,
Bless thou with loving voice :
Let them ashamed be when they rise ;
Thy servant let rejoice.
- 29 Let thou mine adversaries all
With shame be clothed over ;
And let their own confusion
Them, as a mantle, cover.
- 30 But as for me, I with my mouth
Will greatly praise the Lord ;
And I among the multitude
His praises will record.

- 31 Oir tha e leis an duine bhochd
 'Na sheasamh air a dheis,
 G'a theasairginn o'n dream le 'm
 'Anam-san fhàgail ris. [b'àill]

SALM CX.

- 1 THUBHAIRT Iehobhah ri mo Thri-
 Bi d' shuidhe air mo dheis, [ath,
 T'uil' eascairde gu'n cuir mi dhuit
 'Nan stòl fo bhonn do chois'.
 2 A Sion cuiridh Dia a mach
 Slat-shuaicheantais do neirt :
 'S am builgean t'eascairde gu léir
 Bi féin a'd' uachdran ceart.
 3 Bithidh do phobull taghta féin
 Ro-thoileach mar is còir,
 San là sin anns am foillsich thu
 Do chumhachda gu mòr :
 Am mais' 's an sgèimh 'na naomh-
 achd ghrinn,
 O bholg na maidne moich,
 Mar dhealt a thig a nuas o nèamh,
 Tha t'òigridh iomarcach.
 4 Do mhionnaich Dia Iehobhah mòr,
 'S cha'n aithreach leis gu'n d' rinn,
 Réir orduigh mhaith Mhelchisedeic,
 Gur sagart thu gach linn.
 5 An Tighearna ta air do dheis,
 Trom-bhuaillear leis gu garg
 Mòr righrean làidir cumhachdach,
 San là a lasas 'fhearg.
 6 Bheir esan breth measg fhineachan,
 Lionaidh gach àit gu fìor
 Le corpaidh marbh' : is lotar leis
 Na h-uachdrain thar gach tìr.
 7 Is anns an t-slighe òlaidh e
 Deoch as na sruthaibh luath' ;
 Is air an aobhar ud fa-dheòidh
 Togaidh e 'cheann le buaidh.

SALM CXI.—111.

- 1 MOLAIBHSE Dia, sior-mholams' e
 Le m'uile chridh' gu h-àrd ;
 An coimhthional nam firean còir',
 Sa' chuideachd mhòir 's gach àit.
 2 Tha gnìomharan an Tighearna
 Iomarcach mòr gu léir ;
 Is leis an dream le'n tlachdmhor iad
 Rannsaichear iad gu geur.
 3 Tha 'obair-san ro-urramach,
 Ro-ghlòrmhor i gun cheisd ;
 Tha fireantachd Iehobhah fòs
 Buan mhaireannach am feasd.
 4 A ghlomhara ro-iongantach,
 Air chuimhne chuir gu beachd :
 A ta Iehobhah gràsmhor caoin,
 Is làn do thruacantachd.
 5 Thug esan biadh is lòn do'n dream
 D' an eagal e a ghnàth,

- 31 For he shall stand at his right hand
 Who is in poverty,
 To save him from all those that would
 Condemn his soul to die.

PSALM CX.

- 1 THE Lord did say unto my Lord,
 Sit thou at my right hand,
 Until I make thy foes a stool
 Whereon thy feet may stand.
 2 The Lord shall out of Sion send
 The rod of thy great pow'r :
 In midst of all thine enemies
 Be thou the governor.
 3 A willing people in thy day
 Of pow'r shall come to thee,
 In holy beauties from morn's womb
 Thy youth like dew shall be.
 4 The Lord himself hath made an
 oath,
 And will repent him never
 Of th' order of Melchisedec
 Thou art a priest for ever.
 5 The glorious and mighty Lord,
 That sits at thy right hand,
 Shall, in his day of wrath, strike
 through
 Kings that do him withstand.
 6 He shall among the heathen judge,
 He shall with bodies dead
 The places fill ; o'er many lands
 He wound shall every head.
 7 The brook that runueth in the
 way
 With drink shall him supply ;
 And, for this cause, in triumph he
 Shall lift his head on high.

PSALM CXI.—111.

- 1 PRAISE ye the Lord : with my whole
 I will God's praise declare, [heart
 Where the assemblies of the just
 And congregations are.
 2 The whole works of the Lord our
 Are great above all measure, [God
 Sought out they are of ev'ry one
 That doth therein take pleasure.
 3 His work most honourable is,
 Most glorious and pure,
 And his untainted righteousness
 For ever doth endure.
 4 His works most wonderful he hath
 Made to be thought upon :
 The Lord is gracious, and he is
 Full of compassion.
 5 He giveth meat unto all those
 That truly do him fear ;

- 'S a choimhcheangal a rinn e leo
Cuimhnichidh e gu bràth.
- 6 Neart 'oibre iongantach chuir Dia
An céill d'a phobull féin ;
A thabhairt doibh mar sheilbh gu
buan
Oighreachd nan sluagh gu léir.
- 7 Firinn is ceartas gnìomh a làmh ;
'Uil' àitheantan tha fìor.
- 8 Deanta le ceartas firinneach :
Taid seasmhach buan do shior.
- 9 Shaoradh le Dia a phobull féin ;
Is dh'orduich e am feasd
A choimhcheangal : tha 'ainm san
naomh
Is urramach gun cheisd.
- 10 Se tùs a' ghliocais eagal Dé,
Tha deadh thuigs' aig an dream
Le'n coimhlionar a reachda-san :
Mairidh a chliu gach àm.

SALM CXII.—112.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia :
'S beannaicht' an ti gu beachd
D' an eagal Dia, 's a ghabhas toil
Gu mòr d'a lagh 's d'a reachd.
- 2 Bidh 'shliochd-san làidir anns an tìr,
'S ro-bheannaicht' siol nan saoi.
- 3 Bidh maoin is saoiibreas mòr 'na
thigh ;
Bidh 'cheartas buan a chaoidh.
- 4 Tràth bhitheas saoi an dorchadas,
'N sin éiridh solus da :
Tha e fìor-ghràsmhor tròcaireach
Is cothromach a ghnàth.
- 5 Is truacant' fòs, deadh-choingheall-
ach,
An duine maith a chaoidh ;
Is bheirear leis gu seòlta glic
A ghnòthuiche gu crìch :
- 6 Gu dearbh cha tig aon nì am feasd
Le'n gluaisear e gu mòr ;
Ach cuimhn' is iomradh maith a
chaoidh
Bidh air an fhìrean chòir.
- 7 Is air-san cha bhì faiteachas,
Air cluinntinn dha droch-sgèil ;
Tha 'chridhe socrach muinghinneach
An Dia-lehobhah treun.
- 8 Tha 'chridhe air a shocrachadh,
Cha bhì air geilt no fiamh,
Gu ruig an uair am faicear leis
Air eascairdibh a mhiann.
- 9 Sgaoil e a chuid, is thug do'n
bhoedh,
'S buan 'fhìreantachd am feasd ;
Bidh 'adharc air a h-àrdachadh
Le urram mòr gun cheisd.

- And evermore his covenant
He in his mind will bear.
- 6 He did the power of his works
Unto his people show,
When he the heathen's heritage
Upon them did bestow.
- 7 His handiworks are truth and
right ;
All his commands are sure :
- 8 And, done in truth and 'upright-
ness,
They evermore endure.
- 9 He sent redemption to his folk ;
His covenant for aye
He did command : holy his name
And rev'rend is alway.
- 10 Wisdom's beginning is God's fear :
Good understanding they
Have all that his commands fulfil :
His praise endures for aye.

PSALM CXII.—112.

- 1 PRAISE ye the Lord. The man is
That fears the Lord aright, [bless'd
He who in his commandments
Doth greatly take delight.
- 2 His seed and offspring powerful
Shall be the earth upon ;
Of upright men blessed shall be
The generation.
- 3 Riches and wealth shall ever be
Within his house in store ;
And his unspotted righteousness
Endures for evermore.
- 4 Unto the upright light doth rise,
Though he in darkness be :
Compassionate, and merciful,
And righteous, is he.
- 5 A good man doth his favour show,
And doth to others lend :
He with discretion his affairs
Will guide unto the end.
- 6 Surely there is not any thing
That ever shall him move :
The righteous man's memorial
Shall everlasting prove.
- 7 When he shall evil tidings hear,
He shall not be afraid :
His heart is fix'd, his confidence
Upon the Lord is stay'd.
- 8 His heart is firmly stablished,
Afraid he shall not be,
Until upon his enemies
He his desire shall see.
- 9 He hath dispers'd, giv'n to the poor ;
His righteousness shall be
To ages all ; with honour shall
His horn be raised high.

10 Cràdhar an daoì, tràth chì e so ;
 Casaìdh e 'fhiacra geur',
 Seargaidh e as ; is sgriosar miann
 Nan aingidh ud gu léir.

SALM CXIII.—113.

- 1 MOLAIHSE Dia, O molaibh e,
 Oglacha dileas Dé ;
 Ard-mholaibh fòs gu h-urramach
 Deadh ainm Iehobhah thréin.
 2 Ainm Dhé biodh beannaichte gu
 O'n àm so is gu bràth. [mòr,
 3 O éirigh gu ruig luidhe gréin',
 Ainm Dhé ion-mholta ta.
 4 'S àrd thar gach tìr Iehobhah mòr,
 'S a ghàird thar nàmhla fòs.
 5 Cò 's coimeas ris an Tighearna
 Ar Dia, ta chòmhnuidh shuas ?
 6 'S esan an neach a chromas sìos,
 'S a dh'ìsicheas e féin,
 Dh'amharc gach nì san talamh ta
 'S an nàmhlaibh àrd' nan speur.
 7 Togaidh e 'n dedradh truagh o'n dus ;
 'S am bochd o'n òtrach bhreun ;
 8 G'an cur 'nan suidh' le prionnsaibh
 àrd' ;
 Le prionnsaibh 'phobuill féin.
 9 Bheir e do'n mhnaoi a ta gun sliochd
 Tigh còmhnuidh teaghlaich-mhòir',
 Gu bhì 'na màthair aoibhneach mhac.
 Molaibhse Dia na glàir'.

SALM CXIV.—114.

- 1 AIR teachd do Isra'el as an Eiph't,
 'S do Iacob mach o'n dream
 'G an robh an cainnt ro-chruaidh is
 Aig coimhicheas an teang'. [dorch
 2 Bha Iudah dha mar chòmhnuidh
 Bu rioghachd Isra'el leis. [naomh,
 3 Air faicinn sud, ghrad-theich an
 Sruth Iordain phill air ais. [cuan ;
 4 Mar reithe bras leum beannta suas ;
 Leum cnocan beag' mar uain :
 5 Iordain, c'arson a phill air t'ais ?
 C'arson a theich thu, chuain ?
 6 C'arson a leum sibh, shléibhte àrd',
 Mar reithe meargant bras ?
 C'arson, mar uain nan caorach fòs,
 A leum sibh, chnoca glas' ?
 7 O thalaimh, criothnaich fòs le geilt,
 Roimh ghnùis Iehobhah mhòir ;
 O criothnaich fòs le geilt roimh
 Dhé Iacoib mar is còir ! [ghnùis
 8 Oir thionndaidh e an ailbhinn theann
 Gu loch do uisge tàimh,
 'S a' charraig chruaidh gu tobar uisg',
 Le cumbachdaibh a làimh'.

SALM CXV.—115.

- 1 DHUINNE cha'n ann, a Thriath,
 cha'n ann,
 Ach do t'ainm uasal féin

10 The wicked shall it see, and fret,
 His teeth gnash, melt away :
 What wicked men do most desie
 Shall utterly decay.

PSALM CXIII.—113.

- 1 PRAISE God : ye servants of the
 Lord,
 O praise, the Lord's name praise.
 2 Yea, blessed be the name of God
 From this time forth always.
 3 From rising sun to where it sets
 God's name is to be prais'd.
 4 Above all nations God is high,
 'Bove heav'ns his glory rais'd.
 5 Unto the Lord our God that dwells
 On high, who can compare ?
 6 Himself that humbleth things to see
 In heav'n and earth that are.
 7 He from the dust doth raise the poor,
 That very low doth lie ;
 And from the dunghill lifts the man
 Oppress'd with poverty ;
 8 That he may highly him advance,
 And with the princes set ;
 With those that of his people are
 The chief, ev'n princes great.
 9 The barren woman house to keep
 He maketh, and to be
 Of sons a mother full of joy.
 Praise to the Lord give ye.

PSALM CXIV.—114.

- 1 WHEN Isr'el out of Egypt went,
 And did his dwelling change,
 When Jacob's house went out from
 those
 That were of language strange,
 2 He Judah did his sanctu'ry,
 His kingdom Isr'el make :
 3 The sea it saw, and quickly fled,
 Jordan was driven back.
 4 Like rams the mountains, and like
 The hills skip'd to and fro. [lambs
 5 O sea, why fludd'st thou ? Jordan
 Why wast thou driven so ? [back
 6 Ye mountains great, wherefore was
 That ye did skip like rams ? [it
 And wherefore was it, little hills,
 That ye did leap like lambs ?
 7 O at the presence of the Lord,
 Earth, tremble thou for fear,
 While as the presence of the God
 Of Jacob doth appear :
 8 Who from the hard and stony rock
 Did standing water bring ;
 And by his pow'r did turn the flint
 Into a water-spring.

PSALM CXV.—115.

- 1 NOT unto us, Lord, not to us,
 But do thou glory take

- Tabhair an cliu's a' ghlòir, air egàth
Do ghràis is t'fhirinn réidh.
- 2 C'arson a theireadh fineacha,
C'ait bheil an Dia a nis?
- 3 Ar Dia a ta air nèamh, is rinn
Gach gnìomh bu toileach leis.
- 4 An iodhoil 's airgiod iad is òr,
Gnìomh lànha dhaoine féin.
- 5 Tha béil ac', leis nach labhair iad;
Is sùilean, leis nach léir.
- 6 Tha cluasan ac', 's cha chluinn iad
Is sròin', gun fhàile annt'. [leo;
- 7 An làmh gun chli, an cos gun
cheum;
An scornan gun smid chainnt'.
- 8 Iadsan a dhealbh 's a ghéilleas doibh,
'S ro-chosmhuil iad riu féin.
- 9 O Isra'l, dean-sa bun á Dia;
'Se 'n sgiath, 's an còmhnaidh treun.
- 10 Thigh Aaron, O dean bun á Dia;
'Se 'n còmhnaidh, is an sgiath.
- 11 Luchd-eagail Dé, làn-earbaibh as:
An sgiath 's an neart 'se Dia.
- 12 Iehobhah Dia bha cuimhneach
Beannaichidh e sinn fein; [oirnn;
Beannaichear leis tigh Israeil,
'S tigh Aaron mar au ceudn'.
- 13 Na big 's na mòir d'an eagal Dia,
Beannaichidh e gu caoin.
- 14 Cuiridh e sibh an liomhoircachd,
Sibh féin 's 'ur sliochd faraon.
- 15 Is beannaicht' sibh o'n Tighcarna,
Rinn nèamh is làr gu léir. [daoin';
- 16 An talamh thug do chloinn nan
'S leis féin àrd nèamh nan speur.
- 17 Na mairbh, no'n dream théid tosd-
ach sios
Do'n uaigh, cha mhol iad Dia.
- 18 Ach molar leinn e nis, 's gu bràth,
Molaibh gu h-àrd an Triath.

SALM CXVI.—116.

- 1 IS toigh leam Lia, air son gu'n
d'èisd
Ri m' ghuth, 's ri m' urnuigh fòs.
- 2 A chionn gu'n d'aom e rium a
chluais,
Sior-éigheam ris ri m' bheò.
- 3 Chaidh umam dòruinn geur a' bhàis,
Ghlac piantan ifrinn mi:
Theann-ghlacadh mi le trioblaid
thruaigh,
Is àmhghar cruidh do m' chlaoidh.
- 4 Air ainm Iehobhah ghair mi 'n sin;
(Mar so a' labhairt ris.)
O Dhia mo fhlighearu, guidheam.
Saor m' anam bochd a nis. [ort,
- 5 A ta Iehobhah gràsmhor, ceart;
'S is tròcaireach ar Dia.

- Unto thy name, ev'n for thy truth,
And for thy mercy's sake.
- 2 O wherefore should the heathen say,
Where is their God now gone?
- 3 But our God in the heavens is,
What pleas'd him he hath done.
- 4 Their idols silver are and gold,
Work of men's hands they be.
- 5 Mouths have they, but they do not
And eyes, but do not see; [speak;
- 6 Ears have they, but they do not hear;
Noses, but savour not;
- 7 Hands, feet, but handle not, nor
walk; [throat.
Nor speak they through their
- 8 Like them their makers are, and all
On them their trust that build.
- 9 O Isr'el, trust thou in the Lord,
He is their help and shield.
- 10 O Aaron's house, trust in the Lord,
Their help and shield is he.
- 11 Ye that fear God, trust in the Lord,
Their help and shield he'll be.
- 12 The Lord of us hath mindful been,
And he will bless us still:
He will the house of Isr'el bless,
Bless Aaron's house he will.
- 13 Both small and great, that fear the
He will them surely bless. [Lord,
- 14 The Lord will you, you and your
Aye more and more increase. [seed,
- 15 O blessed are ye of the Lord,
Who made the earth and heav'n.
- 16 The heav'n, ev'n heav'ns, are God's,
but he
Earth to men's sons hath giv'n.
- 17 The dead, nor who to silence go,
God's praise do not record.
- 18 But henceforth we for ever will
Bless God. Praise ye the Lord.

PSALM CXVI.—116.

- 1 I LOVE the Lord, because my voice
And prayers he did hear.
- 2 I, while I live, will call on him,
Who bow'd to me his ear.
- 3 Of death the cords and sorrows did
About me compass round;
The pains of hell took hold on me,
I grief and trouble found.
- 4 Upon the name of God the Lord
Then did I call, and say,
Deliver thou my soul, O Lord,
I do thee humbly pray.
- 5 God merciful and righteous is,
Yea, gracious is our Lord.
- 6 God saves the meek: I was brought
low,
He did me help afford.

130 SALM CXVII. CXVIII.

- 3 'Se ghleidheas daoine simplidh
 ciùin':
 Lag bha mi, 's dh'fhòir an Triath.
 7 O m'anam, feuch gu'm pill thu nis,
 Gu d'shuaimhneas is gu d' thàmh;
 Oir dheònuich Dia gu saoi bhir dhuit
 Mòr thoirbheartas a làimh'.
 8 O ghàbhadh is o chunnart bàis
 Shaor thusa m'anam bochd;
 Mo chosan shaor o shleamhnachadh,
 'S mo shùil o dheuraibh goirt'.
 9 An sealladh Dhé, an tìr nam beò,
 Gu dìreach gluaisear leam.
 10 Do bhrìgh gu'n chreid mi, labhair
 mi;
 'S mi air mo chlaoidh gu trom.
 11 A'm' b'heifir thubhairt mi mar so;
 'S breugach gach duin' air bith.
 12 Ciod dh'ìocas mi do Dhia, air son
 Na rinn e dhomh do mhaith?
 13 Cupan na slàinte glacar leam,
 Air ainm Dhé gaiream féin,
 14 Iocam mo bhòid do Dhia, a nis
 An làth'r a shluaigh gu léir.
 15 Aig Dia 's ro-phrìseil bàs a naomh.
 16 Dhé, t'òglach 's mi gu beachd;
 'S mi t'òglach, mac do bhanoglaich;
 Mo chuibhreach sgaoileadh leat.
 17 Bheir mise ìobairt-molaidh dhuit;
 Air ainm Dhé gaiream féin.
 18 Iocam mo bhòid do Dhia, a nis
 An làth'r a shluaigh gu léir.
 19 An cùirtibh àluinn àois Dé,
 A'd' bhuilsgéan féin gu fìor,
 O chaithir àrd Ierusalem.
 Molaibh an Triath gu sìor.

SALM CXVII.—117.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia,
 Gach fìne t'ann fa leth;
 Seadh molaibh Dia gu fonnmhòr
 Gach uile shluaigh air bith. [àrd,
 2 Oir 's mòr a chaoimhneas tròcair-
 A dheònuich e dhuinn féin; each,
 Tha fìrinn Dé sìor-mhaireannach.
 Molaibh Iehobhah treun.

SALM CXVIII.—118.

- 1 O MOLAIBH Dia, oir tha e maith,
 Sìor-mhairidh tròcair Dhé.
 2 Abradh clann Israeil a nis,
 Gur buan a ghràs gach ré.
 3 Tigh Aaroin abradh iad a nis,
 Sìor-mhairidh tròcair Dhé.
 4 Abradh an dream d'an eagal Dia,
 Gur buan a ghràs gach ré.
5 Iadsan a chuir gu deurach sìol,
Gu subhach nì iad buain.

- 1 HAD not the Lord been on our side,
May Israel now say ;
2 Had not the Lord been on our side,
When men rose us to slay : [as
3 They had us swallow'd quick, when
Their wrath 'gainst us did flame :
4 Waters had cover'd us, our soul
Had sunk beneath the stream.

- 5 Then had the waters, swelling high,
Over our soul made way.
6 Bless'd be the Lord, who to their
Us gave not for a prey. [teeth
7 Our soul's escaped, as a bird
Out of the fowler's snare ;
The snare asunder broken is,
And we escaped are.

- 8 Our sure and all-sufficient help
Is in Jehovah's name ;
His name who did the heav'n create,
And who the earth did frame.

(Second Version, see page 168.)

PSALM CXXV.—125.

- 1 THEY in the Lord that firmly trust
Shall be like Sion hill,
Which at no time can be remov'd,
But standeth ever still.
2 As round about Jerusalem
The mountains stand alway,
The Lord his folk doth compass so,
From henceforth and for aye.
3 For ill men's rod upon the lot
Of just men shall not lie ;
Lest righteous men stretch forth
Unto iniquity. [their hands
4 Do thou to all those that be good
Thy goodness, Lord, impart ;
And do thou good to those that are
Upright within their heart.

- 5 But as for such as turn aside
After their crooked way,
God shall lead forth with wicked
On Isr'el peace shall stay. [men :
PSALM CXXVI.—126.

- 1 WHEN Sion's bondage God turn'd
back,
As men that dream'd were we :
2 Then fill'd with laughter was our
mouth,
Our tongue with melody.
They 'mong the heathen said, The
Lord
Great things for them hath
wrought. [us,
3 The Lord hath done great things for
Whence joy to us is brought.
4 As streams of water in the south,
Our bondage, Lord, recall.

SALM CXXVII—CXXIX.

- 6 An neach gu cur a théid a mach
Le stol so-phriseil caoin,
Air bhith dha gu' gu muladach,
'G a iomchar sud gu fonn,
Le h-aiteas pillidh e gu dearbh,
A' giùlan sguaba trom'.
SALM CXXVII.—127.
1 MUR tog Iehobhah féin an tigh,
Luchd-togail tha iad faoin;
Mur gléidh Iehobhah 'm baile fòs,
Luchd-faire chaill an saoth'r.
2 Dhuibh 's diomhain bhi ri moch-
eirigh,
San oidhch' ri caithris bhuain,
Bhi 'g itheadh arain bròin; mar sin
D'a sheircin bheir e suain.
3 'Se Dia bheir toradh bronn mar
dhuais;
Mar oighreachd bheir e clann.
4 Bidh mic na h-òig' mar shaighdibh
geur',
'N làmh ghaisgich thréin gach àm.
5 Is sona 'm fear 'gam bi dhiubh sud
A ghlac 's a dhorlach làn;
Gun rughadh labhraidh iad sa' gheat',
R' an naimhdibh olc gu dân.

SALM CXXVIII.—128.

- 1 'S BEANNAICHT' gach aon neach
air am bheil
Eagal Iehobhah mhòir;
Is ann an slighibh fìorghlan Dé
Stiùireas a cheum air chòir.
2 Oir toradh gnìomh do làmh a féin,
Ithidh tu e gu h-ait:
Beannaichear thu gu mòr mar sin,
'S bidh sonas ort gu pailt.
3 Mar fhionain tharbhaich bidh do
bhean
'N taobh stigh do t'fhàrdaich féin;
Do chlann mar òg chroinn-olaidh ùir
Timchioll do bhùird gu léir.
4 Feuch, 's amhluidh sin a bheann-
An neach d'an eagal Dia. [aichear
5 A Sion gheibh thu beannachadh,
Is sonas pailt o'n Triath;
Is chi thu maith Ierusalem
Rè fad do làith' gu léir.
6 Seadh, clann do chloinne chi thu
Is sith air Israel. [fòs,

SALM CXXIX.—129.

- 1 BU tric a chràidh iad mi o m' òig',
Deir Israel gu truagh:
2 O m' òige cbràidh iad mi gu tric,
Gidheadh cha d' thug iad buaidh.
3 'N luchd-treabhaidh threabh iad air
mo dhruim;
Tharruing iad claisean fad.

PSALMS CXXVII—CXXIX. 145

- 5 Who sow in tears, a reaping time
Of joy enjoy they shall.
6 That man who, bearing precious
In going forth doth mourn, [seed,
He doubtless, bringing back his
Rejoicing shall return. [sheaves,
PSALM CXXVII.—127.
1 EXCEPT the Lord do build the
house,
The builders lose their pain:
Except the Lord the city keep,
The watchmen watch in vain.
2 'Tis vain for you to rise betimes,
Or late from rest to keep.
To feed on sorrow's bread; so
gives,
He his beloved sleep.
3 Lo, children are God's heritage,
The womb's fruit his reward.
4 The sons of youth as arrows are,
For strong men's hands pre-
par'd.
5 O happy is the man that hath
His quiver fill'd with those;
They unashamed in the gate
Shall speak unto their foes.

PSALM CXXVIII.—128.

- 1 BLESS'D is each one that fears the
Lord,
And walketh in his ways;
2 For of thy labour thou shalt eat,
And happy be always.
3 Thy wife shall as a fruitful vine
By thy house' sides be found:
Thy children like to olive-plants
About thy table round.
4 Behold, the man that fears the
Lord
Thus blessed shall he be.
5 The Lord shall out of Sion give
His blessing unto thee:
Thou shalt Jerus'lem's good be-
hold
Whilst thou on earth dost
dwell.
6 Thou shalt thy children's child-
ren see,
And peace on Israel.

PSALM CXXIX.—129.

- 1 OFT did they vex me from my
May Isr'el now declare; [youth,
2 Oft did they vex me from my youth
Yet not victorious were.
3 The ploughers plough'd upon my
back;
They long their furrows drew.

- 4 Ach 's ceart Iehobhah, 's bhriseadh
Cordan nan daoibh gu grad. [leis
5 Air naimhdibh Shioin gu robh nàir',
'S rachadh air cùl gu luath :
6 Mar fheur air mullach tighe ta,
A shearg mu'n d'fhàs e suas :
7 Ni leis nach lionar glac an fhir
A bhios gu tric a' buain ;
Is leis nach lionar sgiath an ti,
A bhios ri ceangal sguab.
8 Ni mòd their luchd an rathaid riu,
Gu robh oirbh beannachd Dhé ;
Tha sinne fòs 'gar beannachadh,
An ainm Iehobhah thréin.

SALM CXXX.—130.

- 1 O 'N doimhne, O Iehobhah Dhé,
Do ghlaodh mi riutsa suas.
2 Dhia, èisd ri m' ghuth gu furachar ;
'S ri m' urnuigh crom do chluas.
3 Ma chomhraichear leat aingidheachd
A Dhé, cò sheasas riut ?
4 Ach agad-sa ta iochd : a chum
Gu'n strìochdt' a'd' eagal dhuit.
5 Ri Dia tha mise feitheamh, fòs
Tha m'anam feitheamh ris ;
Is ann a bhriathar firinneach
Mo dhòchas cuiridh mis'.
6 Tha m'anam bochd ni 's furachair'
A' feitheamh Dhé a ghnàth,
Na bhios luchd faire maidne fòs
Ri sgarachdainn nan tràth :
Ni 's furachair', a deiream fòs,
'G a fheitheamh-san gun ghò,
Na bhios luchd-faire anns an oidhch'
Ri teachd a steach do'n lò.
7 Biodh dòchas Israeil an Dia ;
Oir tha a thròcair mòr ;
'S ann aig an Tighearna gu beachd,
Tha fuasgladh pailt gu leòr.
8 Is bheir e féin gun cheisd air bith
D'a phobull Israel,
Làn-shaorsadh agus fuasgladh glan
O'n aingidheachd gu léir.

SALM CXXXI.—131.

- 1 MO chridhe cha'n 'eil àrdanach,
No fòs mo shùil, a Dhé ;
Nior ghluais mi ann an cùisibh mòr',
A's àirde na mi féin.
2 Gu dearbh, mar naoidhean chaidh
o'n chich,
Chum mi mi féin a'm' thosd :
Mar naoidhean chaidh o chich a
mhàth'r,
Is amhluidh m'anam bochd.
3 Biodh dòchas maith aig Israel
An Dia Iehobhah treun,
O'n aimsir so a nis a t'ann,
'S air feadh gach linn an céin.

- 4 The righteous Lord did cut the cords
Of the ungodly crew.
5 Let Sion's haters all be turn'd
Back with confusion.
6 As grass on houses' tops be they,
Which fades ere it be grown :
7 Whereof enough to fill his hand
The mower cannot find ;
Nor can the man his bosom fill,
Whose work is sheaves to bind.
8 Neither say they who do go by,
God's blessing on you rest :
We in the name of God the Lord
Do wish you to be blest.

PSALM CXXX.—130.

- 1 LORD, from the depths to thee I
cried,
2 My voice, Lord, do thou hear :
Unto my supplication's voice
Give an attentive ear.
3 Lord, who shall stand, if thou, O
Lord,
Should'st mark iniquity ?
4 But yet with thee forgiveness is,
That fear'd thou mayest he.
5 I wait for God, my soul doth wait,
My hope is in his word.
6 More than they that for morning
watch,
My soul waits for the Lord ;
I say, more than they that do
watch
The morning light to see.
7 Let Israel hope in the Lord,
For with him mercies be ;

And plenteous redemption
Is ever found with him.

- 8 And from all his iniquities
He Isr'el shall redeem.

PSALM CXXXI.—131.

- 1 My heart not haughty is, O Lord,
Mine eyes not lofty be ;
Nor do I deal in matters great,
Or things too high for me.
2 I surely have myself behav'd
With quiet sp'rit and mild.
As child of mother wean'd : my
soul
Is like a weaned child.
3 Upon the Lord let all the hope
Of Israel rely,
Ev'n from the time that present is
Unto eternity.

1 AIR Daibhidh dean-sa cuimhne,
'S air uile àmhghar geur : [Dhé ;
2 Mar thug e mionn' do Dhia, is bòid
Do Dhia ud Iacoib treun :
3 Do m'thìgh cha téid mi féin a steach,
No air mo leabaidh suas :
4 Do m' shùilibh codal fòs cha leig,
No do mo rosgaibh suain ;
5 Gu ruig an nair am faigh mi àit
Do Dhia Iehobhah treun,
Is ionad-còmhnuidh bunaiteach
Do Dhia ud Iacoib féin.
6 Feuch, ann an crìochaibh Ephrata,
Do chuala sinn an sgeul ;
Ach machairibh nan coilltean dlùth,
Fhuair sinn e mar an ceudn'.
7 Aig stol a chois sleuchdaidh sinn,
An àros Dhé nam feart.
8 Eirich, a Dhé, gu t'ionad tàimh ;
Thu féin is airc do neirt.
9 Sgeudaicht' gu robh do shagairt-sa
A ghnàth le h-ionracas ;
Is deanadh do luchd-muinntir naomh,
Gun tàmh ùr-ghairdeachas.
10 Air sgàth do sheirbhiseach ro-
chaomh,
Daibhidh do'n d'thug thu buaidh,
Aghaidh an tì a dh' ungadh leat,
Na cuir air ais gu truagh. [fìor,
11 Do Dhaibhidh mhionnaich Dia gu
'S cha phill e uaith' am feasd,
A'd' chaithir-rioghail cuiridh mi
T'iarmad 's do shliochd gun cheisd.
12 Ma ni do chlànn mo choimhch-
eangal
A choimhead, is mo reachd,
An teist a ni mi theagasg dhoibh,
Ma chumar leo gu ceart : [ceudn'
An sliochd-san suidhidh mar an
A'd' chaithir rìgh, gu bràth.
13 Oir mbiannaich agus ròghnaich
Sion mar ionad tàimh ; [Dia
14 'S i so mo thàmh 's mo shuaimh-
Gu suthain is gu sìor : [neas fòs,
An so ni mise fàrdach dhomh,
Oir 's i mo mhiann gu fìor.
15 Mòr-bheannaicheam a stòr gu pailt ;
Dìalam a bochd le lòn.
16 Le slàint' a sagairt eudaicheam ;
'S a naoimh ni iolach mhòr.
17 Bheir mi an sin gu h-ùrar glas
Air adhairc Dhaibhidh fàs ;
Is lèchran dh' orduich mi do 'n tì
A dh' ungadh leam tre ghràs.
18 Cuairtichidh mi a naimhde-san
Le nair' is rughadh gruaidh' :
Ach air-san bidh a choron féin
A' fàs le h-iomadh buaidh.

1 DAVID, and his afflictions all,
Lord, do thou think upon ;
2 How unto God he sware, and vow'd
To Jacob's mighty One :
3 I will not come within my house,
Nor rest in bed at all ;
4 Nor shall mine eyes take any sleep,
Nor eyelids slumber shall ;
5 Till for the Lord a place I find,
Where he may make abode ;
A place of habitation
For Jacob's mighty God.
6 Lo, at the place of Ephratah
Of it we understood ;
And we did find it in the fields,
And city of the wood.
7 We'll go into his tabernacles,
And at his footstool bow.
8 Arise, O Lord, into thy rest ;
Th' ark of thy strength, and
Thou.
9 O let thy priests be clothed, Lord,
With truth and righteousness ;
And let all those that are thy saints
Shout loud for joyfulness.
10 For thine own servant David's
sake,
Do not deny thy grace ;
Nor of thine own anointed one
Turn thou away the face.
11 The Lord in truth to David sware,
He will not turn from it,
I of thy body's fruit will make
Upon thy throne to sit.
12 My cov'nant if thy sons will keep,
And laws to them made known,
Their children then shall also sit
For ever on thy throne.
13 For God of Sion hath made choice ;
There he desires to dwell.
14 This is my rest, here still I'll
stay ;
For I do like it well.
15 Her food I'll greatly bless ; her
poor
With bread will satisfy.
16 Her priests I'll clothe with health ;
her saints
Shall shout forth joyfully.
17 And there will I make David's
horn
To bud forth pleasantly :
For him that mine anointed is
A lamp ordain'd have I.
18 As with a garment I will clothe
With shame his en'mies all :
But yet the crown that he doth wear
Upon him flourish shall.

- 1 O FEUCH, cia meud am maith a nis,
Cia meud an tlachd faraon,
Bràithrean a bhi 'nan còmhnuidh
ghnàth
An sìth 's an ceangal caoin.
2 Mar oladh phriseil air a' cheann,
Ruith air an fheusaig sìos,
Air feusaig Aaron, agus shruth
Gu iomall 'eudaich ris.
3 Mar dhealt air Hermon 's mar an
drùchd
Air sléibhtibh Shioin shuas :
'N sin dh'orduich Dia am beannach-
A' bheatha shiorruidh bhuan. [adh

SALM CXXXIV.—134.

- 1 O OGLACHA Iehobha! mhòir,
Beannaichibh Dia a chaoidh ;
Sibhse le 'n gnàth bhi 'n àros Dé
'Nur seasamh feadh na h-oidhch'.
2 'Na theampull togaibh suas 'urlàmh,
Beannaichibh Dia nam feart.
3 Beannaicheadh Dia á Sion thu,
Rinn nèamh is làr le neart.

SALM CXXXV.—135.

- 1 MOLAIBHSE Dia, àrd-mholaibh fòs
Deadh-ainm Iehobhah thréin,
Is thugaibh cliu is moladh dha,
Oglacha Dhé gu léir.
2 O sibhse ta 'nur seasamh fòs
An tigh Iehobhah mhòir,
An cùirtibh àluinn tigh' ar Dia,
Molaibh e mar is còir.
3 Molaibh an Tighearna, do bhrìgh
Gu bheil e maith gach ré :
D'a ainm-san seinnibh moladh ait,
Oir 's ni ro-thlachdmhor e.
4 Oir Iacob fòs do ròghnaich Dia
'Na thrèacair mhòir dha féin :
Dha féin mar ionmhas is mar sheilbh,
Do thagh e Israel.
5 Oir 's fìosrach mi 's is deimhin leam
Gu bheil Iehobhah mòr,
Gu bheil ar Tighearna faraon
Os ceann gach Dia an glòir.
6 Gach ni air bith bu mhiannach leis,
Rinn Dia an nèamh nan speur,
'S air talamh, 's anns na cuantaibh
mòr',
'S na doimhneachdaibh gu léir.
7 Bheir esan air a' cheò dol suas
O chrich a' chruinne-ché ;
Is uisge ni le dealanaich ;
Gaoth as a stòr bheir e.
8 Gach ceud-ghin anns an Èiphit bha,
Do bhuaileadh leis gu trom ;
Do dhuine 's ainmhidh anns gach
Ag inneachd bha air fonn. [ait,

- 1 BEHOLD how good a thing it is,
And how becoming well,
Together such as brethren are
In unity to dwell !
2 Like precious ointment on the head,
That down the beard did flow,
Ev'n Aaron's beard, and to the
skirts
Did of his garments go.
3 As Hermon's dew, the dew that doth
On Sion's hill descend :
For there the blessing God com-
mands,
Life that shall never end.

PSALM CXXXIV.—134.

- 1 BEHOLD, bless ye the Lord, all ye
That his attendants are,
Ev'n you that in God's temple be,
And praise him nightly there.
2 Your hands within God's holy place
Lift up, and praise his name.
3 From Sion hill the Lord thee bless,
That heav'n and earth did frame.

PSALM CXXXV.—135.

- 1 PRAISE ye the Lord, the Lord's name
praise ;
His servants, praise ye God.
2 Who stand in God's house, in the
courts
Of our God make abode.
3 Praise ye the Lord, for he is good ;
Unto him praises sing :
Sing praises to his name, because
It is a pleasant thing.
4 For Jacob to himself the Lord
Did choose of his good pleasure,
And he hath chosen Israel
For his peculiar treasure.
5 Because I know assuredly
The Lord is very great,
And that our Lord above all gods
In glory hath his seat.
6 What things soever pleas'd the
Lord,
That in the heav'n did he,
And in the earth, the seas, and all
The places deep that be.
7 He from the ends of earth doth
make
The vapours to ascend ;
With rain he lightnings makes, and
wind
Doth from his treasures send.
8 Egypt's first-born, from man to
beast
Who smote. Strange tokens he

- 9 O Eiphit! chuir e comhara,
Is miorbhuile le chéil',
A'd' bhuilgean-sa; 's air Pharaoh
'S air òglachaibh gu léir. [fòs]
- 10 Na cinnich lionmhòr chlaoidheadh
leis,
Mharbh rìghrean cumhachdach.
- 11 Do mharbhadh Og rìgh Bhàsain
Sihon nan Amorach: [leis,
Gach uile rìoghachd mar an ceudn',
Cia h-ìomadh bha iad ann,
Lom-sgrìosadh agus mhilleadh leis,
D'an robh an tìr Chanaain:]
- 12 Am fonn 's am fearann sud air fad,
Mar oighreachd thiodhlaic e;
Mar oighreachd do chloinn Israeil,
A phobull dileas féin.
- 13 Tha t'ainm, a Thighearna nam fear,ta,
Buan-mhaireannach a ghnàth;
Tha t'ìomradh buan air chuimhne,
O linn gu linn gu bràth. [Dhé,
- 14 Oir air a phobull féin ni Dia
Ceart bhreitheanas gu beachd;
Is gabhaidh esan aithreachas
M'a òglachaibh le iochd.
- 15 Iodhoil nan cinneach tha do'n òr,
'S do'n airgid ghlas faraon;
Is cha'n 'eil annt' ach dìomhanas
Rinneadh le làmhaidh dhaoin'.
- 16 Tha beul ac', is gun chòmhradh ann;
Is sùilean, leis nach léir.
- 17 Tha cluasan ac', 's cha chluinn iad
Gun anail fòs 'nam beul. [leo;
- 18 A' mhuinntir tha 'gan deanamh sud,
Ro-chosmhuil iad ri uile féin;
'S amhluidh gach neach ta annta fòs
Ag earbsa mar an ceudn'.
- 19 O beannaichibh Iehobhah mòr,
A theaghlach Israeil;
'S a theaghlach Aaroin, beannaichibh,
An Tighearna le chéil'.
- 20 O theaghlach Lebhi, beannaichibh,
Is thugaibh cliu do Dhia:
Sibhs d'an eagal Dia faraon,
Mòr-bheannaichibh an Triath.
- 21 A Sion beannaicht' gu robh Dia,
'G am bheil a chòmhnuidh bhuan
An caithir naomh Ierusalem.
Molaidhs Dia gach uair.

SALM CXXXVI.—136.

- 1 O THUGAIBH buidheachas do Dhia,
Do bhrìgh gur sàr-mhaith e;
Air son gu mair a thròcair chaomh,
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 2 Thugaibh do Dhia nan uile dhia
Mòr bhuidheachas le chéil';
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.

- On Phar'oh and his servants sent,
Egypt, in midst of thee.
- 10 He smote great nations, slew great
kings:
- 11 Sihon of Heshbon king,
And Og of Bashan, and to nought
Did Canaan's kingdoms bring:
- 12 And for a wealthy heritage
Their pleasant land he gave,
An heritage which Israel,
His chosen folk, should have.
- 13 Thy name, O Lord, shall still en-
dure,
And thy memorial
With honour shall continu'd be
To generations all.
- 14 For why? the righteous God will
judge
His people righteously;
Concerning those that do him serve,
Himself repent will he.
- 15 The idols of the nations
Of silver are and gold,
And by the hands of men is made
Their fashion and mould.
- 16 Mouths have they, but they do not
speak;
Eyes, but they do not see;
- 17 Ears have they, but hear not; and
in
Their mouths no breathing be.
- 18 Their makers are like them; so are
All that on them rely.
- 19 O Isr'el's house, bless God; bless
God,
O Aaron's family.
- 20 O bless the Lord, of Levi's house
Ye who his servants are;
And bless the holy name of God,
All ye the Lord that fear.
- 21 And blessed be the Lord our God
From Sion's holy hill,
Who dwelleth at Jerusalem.
The Lord O praise ye still.

PSALM CXXXVI.—136.

- 1 GIVE thanks to God, for good is
he:
For mercy hath he ever.
- 2 Thanks to the God of gods give
ye:
For his grace faileth never.
- 3 Thanks give the Lord of lords unto:
For mercy hath he ever.

- 3 Thugaibh do Thriath nan uile thriath
Mòr bhuidheachas gu léir;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 4 Do'n Ti 'na aonar fòs a rinn
Mòr mhiorbhuile gu treun;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 5 Do'n Ti le gliocas iongantach
A chruthaich nèamh nan speur;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 6 Do'n Ti a shìn air uachdar tuinn
An talamh trom gu léir;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 7 Do'n Ti a rinn na soluis mhòr'
Ta soillseachadh nan speur;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 8 A' ghriangh uachdranachd san là,
Chum dhuinne gu'm bu léir;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 9 A' ghealach is na reulta glan'
A' riaghladh oidhch' le chéil';
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 10 Do'n Ti rinn bualadh trom san Eiph't
Air ceud-ghin dhaoin' is spréidh;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 11 Thug as am builsgean-san a mach
A phobull Israel;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 12 Le neart a ghairdein sinte mach,
'S le làimh a ta ro-threun;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 13 Do'n Ti a sgoilt an fhairge ruadh,
'Na roinnibh as a chéil';
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 14 Is troimh a meadhon stiùradh leis
Gu tèaruint' Israel;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 15 San fhairge ruaidh ghlan-sgrìosadh
Pharaoh 's a shlùagh gu léir; (leis
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 16 Do'n Ti sin tre an fhàsach mbòr
A stùir a mhuinntir féin;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 17 Dhasan a bhuail 's a lot gu trom
Na rìghrean làidir treun';

- 4 Who only wonders great can
do:
For his grace faileth never.
- 5 Who by his wisdom made heav'ns
high:
For mercy hath he ever.
- 6 Who stretch'd the earth above the
sea:
For his grace faileth never.
- 7 To him that made the great lights
shine:
For mercy hath he ever.
- 8 The sun to rule till day de-
cline:
For his grace faileth never.
- 9 The moon and stars to rule by
night:
For mercy hath he ever.
- 10 Who Egypt's first-born kill'd out-
right:
For his grace faileth never.
- 11 And Isr'el brought from Egypt
land:
For mercy hath he ever.
- 12 With stretch'd-out arm, and with
strong hand:
For his grace faileth never.
- 13 By whom the Red sea parted
was:
For mercy hath he ever.
- 14 And through its midst made Isr'el
pass:
For his grace faileth never.
- 15 But Phar'oh and his host did
drown:
For mercy hath he ever.
- 16 Who through the desert led his
own:
For his grace faileth never.
- 17 To him great kings who over-
threw:
For he hath mercy ever.
- 18 Yea, famous kings in battle
slew:
For his grace faileth never.
- 19 Ev'n Sihon, king of Amorites:
For he hath mercy ever.
- 20 And Og the king of Bashan-
ites:
For his grace faileth never.

- Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 18 Is rìghrean mòr is iomraiteach,
Mharbh e le 'ghairdean féin ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 19 Seadh Sìhon rìgh nan Amorach,
Bha naimhdeil guineach geur ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 20 Is Og air Basan bha 'na rìgh,
Do mharbh is chasgair e ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 21 Is thug e fòs mar oighreachd bhuain
Am fearann-san gu léir ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 22 An oighreachd thug do Israel,
'Oglach ro dhileas féin ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 23 Neach, air bhi dhuinn ro-ìosal
truagh,
A chuimhnich oirnn 'nar feum ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 24 Gu tèaruint' bhuin e sinn a mach
O neart ar naimhde treun' ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 25 Tha tabhairt beatha do gach feòil,
Is lòn do'n uile chré ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.
- 25 O thugaibh moladh agus cliu
Do Dhia nan nèamh 's nan speur ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
Gu sìorruidh feadh gach ré.

SALM CXXXVII.—137.

- 1 AIG sruthaibh coimheach Bhabìloin,
Shuidh sinn gu brònach bochd ;
An sin air Sion chuimhnich sinn,
Is ghuileadh leinn gu goirt.
- 2 Air gheugaibh seilich chrochadh
Ar clàrsaichean an sin. [leinn
- 3 Oir iadsan a rinn braighde dhinn
Dh'iarr òran oirnn is gean :
Seadh iadsan le'n do chreachadh sinn
Dh'iarr luathghair oirnn is ceòl ;
Seinnibh do laoidhibh Shìoin duinn,
(Ars' iadsan) mar bu nòs.
- 4 'N tìr choigrich cia mar dh'fheudar
Oran le hobhah sheinn ? [leinn
- 5 Mur cuimhn' cheam thu, Ierusalem,
Ri m' dheis nìor lean a seirm.
- 6 Mo theangadh leanadh teann ri m'
Mur cuimhnichear thu leam ; [ghial,

- 21 Their land in heritage to have
(For mercy hath he ever.)
- 22 His servant Isr'el right he
gave :
For his grace faileth never.
- 23 In our low state who on us
thought :
For he hath mercy ever.
- 24 And from our foes our freedom
wrought :
For his grace faileth never.
- 25 Who doth all flesh with food
relieve :
For he hath mercy ever.
- 26 Thanks to the God of heaven
give :
For his grace faileth never.

(Second Version, see page 168.)

PSALM CXXXVII.—137.

- 1 BY Babel's streams we sat and
wept,
When Sion we thought on.
- 2 In midst thereof we hang'd our
harps
The willow-trees upon.
- 3 For there a song required they,
Who did us captive bring :
Our spoilers call'd for mirth, and
said,
A song of Sion sing.
- 4 O how the Lord's song shall we
sing
Within a foreign land ?
- 5 If thee, Jerus'lem, I forget,
Skill part from my right hand.
- 6 My tongue to my mouth's roof let
If I do thee forget. [cleave,

- Mur fearr leam na m'uil' aoibhneas
Caithir Ierusalem. [àrd
7 Clann Edoim cuimhnich thusa.
Oir thubhairt iad le tàir; [Dhé,
An làithibh truagh' Ierusalem,
Leag, leag i, sìos gu làr.
8 O nighean uaibhreach Bhabiloin,
A dh'fhàsaichear gu léir:
Is sona dha, mar rinn thu oirn,
A dhiolas dhuit d'a réir.
9 Is sona dha-san ghlacas fòs
Do mhaoth-chlann bheag is
thruagh,
'S a phronnas iad gun acarachd,
Ri clachaibh daingean cruaidh'.

SALM CXXXVIII.—138.

- 1 LE m'uile chridh' àrd-mholam thu,
Àrd-mholam thu gu caomh
2 'N làthair nan dia. Is sleuchdam
dhuit,
M'aghaidh ri d'theampull naomh,
Is molam t'ainm, bhrìgh t'fhirinn
cheirt,
'S do chaoimhneis ghràdhaich féin:
Oir t'fhocal fìor-ghlan dh'ardaich thu,
Os ceann t'uil' ainm' gu léir.
3 San là a ghlaodh mi riut, a Dhé,
Fhreagair thu mi gu luath;
Is thug thu spionnadh dhomh gu
Le treòir, a'm' anam truagh. [leòr,
4 Bheir rìghre mòr' na cruinne dhuit,
Àrd-mholadh binn gu léir,
San uair an cluinnear leo, a Dhia,
Deadh bhriathra glan do bhéil.
5 An slighibh fòs Iehobhah m'òir,
Seinnidh iad ceòl gu h-ait;
Air son gur urramach, 's gur àrd
Gloir àluinn Dhé nam feart.
6 Ge h-àrd Iehobhah, seallaidh e
Air daoineibh umhal còir:
Ach 's léir dha'n dream ud, fad o
Tha làn do'n àrdan mhòr. [làimh,
7 Ged ghluaisinn ann am builsgéan fòs
Na trioblaid mòir' do m' chlaoidh,
A ta mi fìosrach dòchasach
Gu beothaich thusa mi:
An aghaidh corruich mìr' mo nàmh,
Do làmh-sa sìnear leat:
Is nì do dheas làmh aun am fheum
Mo theasairginn le neart.
8 Gach nì air bith a bhuineas domh,
Coimhlionaidh Dia gu treun;
Is buan do ghràs, a Dhia, gu bràth;
Oibre do làmh na tréig.

SALM CXXXIX. 139.

- 1 DO rannsuich thu 's is aithne dhuit
Mise, Iehobhah thréin:

- Jerusalem, and thee above
My chief joy do not set.
7 Remember Edom's children, Lord,
Who in Jerus'lem's day,
Ev'n unto its foundation,
Raze, raze it quite, did say.
8 O daughter thou of Babylon,
Near to destruction;
Bless'd shall he be that thee rewards,
As thou to us hast done.
9 Yea, happy surely shall he be
Thy tender little ones
Who shall lay hold upon, and
them
Shall dash against the stones.

PSALM CXXXVIII.—138.

- 1 THEE will I praise with all my
heart,
I will sing praise to thee
2 Before the gods: And worship will
Toward thy sanctuary.
I'll praise thy name, ev'n for thy
truth,
And kindness of thy love;
For thou thy word hast magnified
All thy great name above.
3 Thou didst me answer in the day
When I to thee did cry;
And thou my fainting soul with
strength
Didst strengthen inwardly.
4 All kings upon the earth that are
Shall give thee praise, O Lord;
When as they from thy mouth shall
hear
Thy true and faithful word.
5 Yea, in the righteous ways of God
With gladness they shall sing:
For great's the glory of the Lord,
Who doth for ever reign.
6 Though God be high, yet he re-
spects
All those that lowly be;
Whereas the proud and lofty ones
Afar off knoweth he.
7 Though I in midst of trouble walk,
I life from thee shall have:
'Gainst my foes' wrath thou'lt stretch
thine hand;
Thy right hand shall me save.
8 Surely that which concerneth me
The Lord will perfect make:
Lord, still thy mercy lasts; do not
Thine own hands' work forsake.

PSALM CXXXIX.—139.

- 1 O LORD, thou hast me search'd and
known.

- 2 Mo shuidh', is m' éirigh 's aithne dhuit;
'S léir dhuit mo smuain an céin.
- 3 Mo cheuma is mo luidhe sìos,
Do chuairtich thu gu dlùth;
Is air mo shlighibh féin gu léir,
'S geur fhiosrach eòlach thu.
- 4 Feuch cha'n 'eil focal mòr no beag
No cainnt air bith a'm' bheul,
Mu'n labhran sud, a Dhia nam feart,
Nach aithue dhuit gu léir.
- 5 Do chuairtich thu mi air gach taobh,
Romham faraon 's am dhéigh;
Do làmh ta neartmhor cumhachdach
Leag thusa orm, a Dhé.
- 6 Tha 'n t-eòlas so ro iongantach,
Is ormsa tha e cruaidh;
Cha ruig mi air, oir tha e àrd
R'a thuigsinn is r'a luaidh.
- 7 Cia 'n t-àit air bith am feud mi dol
O d' spiorad glic, a Dhé?
O d' ghnùis ta uile-léirsinneach
Cia 'n taobh a theicheas mi?
- 8 Nan rachainn suas air nèamh nan
A ta thu féin an sud; [speur,
Nan luidhinn ann an ifrinn shìos,
Tha thu san ionad ud.
- 9 Air bharraibh sgiath na maidne fòs
Nan siùbhlainn fad o làimh,
Gu h-ìomallaibh na fairge mòir'
Chum còmhnuidh agus tàimh;
- 10 Stiùraidh tu mi an sin, a Dhé,
Le d' làimh ta treun an neart;
Is nìthear leat mo chumail fòs
Le d' dheas làimh mhòir gu beachd.
- 11 Nan abrainn, gu dean dorchadas
Gu deimhin m' tholach uait;
Bidh 'n oidhche téin mar sholas glan
Ag iadhadh orm mu'n cuairt.
- 12 Cha'n fholuich uaitse dorchadas,
'S co-shoilleir oidhch' is là:
'S ceart-ionnan duit's an duibhre
Is solus glan nan tràth. [dorch,
- 13 Oir feuch ghabh thusa sealbh gu
Air m'airnibh is mi maoth; [moch
'S ann leat a rinneadh m' fholach fòs
Am broinn mo mhàthar chaoimh.
- 14 Ard-mholam thu, oir 's uamhasach,
'S is miorbhuileach mo dhealbh:
Tha t'òibre iongantach; 's is léir
Do m'anam sin gu dearbh. [eachd,
- 15 Tràth rinneadh mi an diomhair-
'S a dhealbhadh mi gu ceart,
An àitibh iochdrach talmhainn shìos;
Bu léir dhuit brìgh mo neirt.
- 16 Mo cheud-fhàs an-abuich gun
Do d' shùilibh-sa bu léir; [dreach,

- 2 Thou know'st my sitting down,
And rising up; yea, all my thoughts
Afar to thee are known.
- 3 My footsteps, and my lying down,
Thou compassedst always;
Thou also most entirely art
Acquaint with all my ways.
- 2 For in my tongue, before I speak,
Not any word can be,
But altogether, lo, O Lord,
It is well known to thee.
- 5 Behind, before, thou hast beset,
And laid on me thine hand.
- 6 Such knowledge is too strange for me,
Too high to understand.
- 7 From thy Sp'rit whither shall I go?
Or from thy presence fly?
- 8 Ascend I heav'n, lo, thou art there;
There, if in hell I lie.
- 9 Take I the morning wings and dwell
In utmost parts of sea;
- 10 Ev'n there, Lord, shall thy hand me lead,
Thy right hand hold shall me.
- 11 If I do say that darkness shall
Me cover from thy sight,
Then surely shall the very night
About me be as light.
- 12 Yea, darkness hideth not from thee,
But night doth shine as day:
To thee the darkness and the light
Are both alike alway.
- 13 For thou possessedst hast my reins,
And thou hast cover'd me,
When I within my mother's womb
Inclosed was by thee.
- 14 Thee will I praise: for fearfully
And strangely made I am;
Thy works are marv'ulous, and right well
My soul doth know the same.
- 15 My substance was not hid from thee,
When as in secret I
Was made; and in earth's lowest parts
Was wrought most curiously.
- 16 Thine eyes my substance did behold,
Yet being unperfect;
And in the volume of thy book
My members all were writ;
Which after in continuance
Were fashion'd ev'ry one,

- Mo bhuill gu h-iomlan chuireadh sìos
Sgrìobht' ann ad leabhar féin;
Gidheadh ri aimsir is ri ùin,
Do dhealbhadh iad 'nan àm;
Air bhi dhoibh roimhe sin gun dreach
'S nach robh a h-aon diubh ann.
- 17 'S ro-phriseil uime sin, a Dhé,
Do smuaintean uile leam:
'S ro-líonmhor mòr r'an àireamh iad,
'S r'an cur air cunntas cheann.
- 18 Ri 'n àireamh 's mòr gur líonmhoir'
Nagaineamh mhìn na tràigh':[iad
Air mosgladh as mo chodal domh,
Taim maille riut a ghnàth.
- 19 Marbhar an t-aingidh leat gu
O Thighearna ro-thréin:[beachd,
A nis, O dhaoine fuileachdach,
Imichibh uam an céin.
- 20 Oir labhair iad a'd' aghaidh, Dhé,
Le aing'eachd eusaotais;
Is thug do naimhde mi-runach
T'ainm naomh an diomhanas.
- 21 Nach 'eil mi tabhairt fuath, a Dhia,
Do'n dream thug dhuit-sa fuath?
Nach 'eil mi gabhail gràin do'n dream
A'd' aghaidh dh'éirich suas?
- 22 Fuath iomlan thug mi dhoibh gu
beachd:
Mar naimhdibh nim' am meas.
- 23 Rannsaich mi, Dhé, mo chridhe
faic;
Mo smuainte feuch, dearbh mis'.
- 24 Feuch agus amhairc féin am bheil
Sligh' aingidh olc a'm' chlà;
Is anns an t-slighe shiorruidh chòir
Gu dìreach tredraich mi.

SALM CXL.—140.

- 1 O'N droch-dhuin' saor is teasaig mi,
O Dhia lehbhabh naoimh:
O'n fhear a ta ri fòireigneadh
Dean didean dhomh gu caomh.
- 2 'Nan cridh' tha iad a' smuaineach-
Air aimhreas mòr gach là; [adh
Chum cath' is comhraig chruaidh tha
iad
Air cruinneachadh a ghnàth.
- 3 Mar theangaidh nathrach, rinneadh
An teangadh sgaiteach geur:[leo
A ta nimh mhillteach nathrach fòs
Am folach ann am beul.
- 4 O làimh nan daoibh, gléidh mise, Dhé;
'S o luchd an fhòirneirt, dìon;
Mo cheuman thilgeadh bun os ceann,
'Se sud an rùn 's am miann.
- 5 Dh'fholuich na h-uabhrich ribe
Is corda fòs gu m' sgrìos:[dhomh,
Ri taobh a' bhealaich sgaoil iad lion,
Is leag iad ceap gun fhios.

- When as they yet all shapeless
were,
And of them there was none.
- 17 How precious also are thy thoughts,
O gracious God, to me!
And in their sum how passing
great
And numberless they be!
- 18 If I should count them, than the
sand
They more in number be:
What time soever I awake,
I ever am with thee.
- 19 Thou, Lord, wilt sure the wicked
slay:
Hence from me bloody men.
- 20 Thy foes against thee loudly
speak,
And take thy name in vain.
- 21 Do not I hate all those, O Lord,
That hatred bear to thee?
With those that up against thee
rise
Can I but grieved be?
- 22 With perfect hatred them I hate,
My foes I them do hold.
- 23 Search me, O God, and know my
heart;
Try me; my thoughts unfold;
- 24 And see if any wicked way
There be at all in me;
And in thine everlasting way
To me a leader be.

PSALM CXL.—140.

- 1 LORD, from the ill and froward man
Give me deliverance,
And do thou safe preserve me from
The man of violence:
- 2 Who in their heart mischievous
Are meditating ever; [things
And they for war assembled are
Continually together.
- 3 Much like unto a serpent's tongue
Their tongues they sharp do
make;
And underneath their lips there lies
The poison of a snake.
- 4 Lord, keep me from the wicked's
From violent men mesave; [hands,
Who utterly to overthrow
My goings purpos'd have.
- 5 The proud for me a snare have hid,
And cords; yea, they a net
Have by the way-side for me spread;
They gins for me have set.

- 6 Rì Dia Iehobhah thubhairt mi,
'S tu féin gu beachd mo Dhia ;
Eisd ri guth m' athchuinge a nis,
O Thighearn is a Thriath.
- 7 Is tu a's spionnadh slàinte dhomh,
Iehobhah Dhia nam fàth ;
Cuir dìon is folach air mo cheann
An aimsir teinn is cath'.
- 8 Na deònuich miann an aingidh uile,
O Thighearna nam feart ;
'Ais-innleachd fòs na soirbhich leis,
Mu'n dean iad uail 'nan neart.
- 9 Ach cinn an dream a chuairtich mi
Gach taobh le tuaileas bhreug,
Gu robh iad air am folach fòs
Le aimhleas mòr am béil.
- 10 Orra gu'n tuiteadh eibhle loisgt' ;
Tilg iad san teine beò :
An slochdaibh domhain sìos, a chum
Nach èirich iad ni's mò.
- 11 Na daingnichear air talamh fòs
Fear-labhairt uile a chaoidh :
Biodh olc a' sealg fir-fòireignidh,
G'a leagadh is g'a chlaoidh.
- 12 Is aithne dhomh-sa gu dean Dia
Do'u dream ta 'n àmhghar goirt,
An cùis a sheasamh dhoibh gu treun,
Is còir nan daoine bochd.
- 13 Do bheir na fireana gu dearbh
Do t'ainm-sa moladh mòr ;
Bidh còmhnuidh bhuan a' d'fhianuis
A Dhé, aig daoine còir. [féin,

SALM CXLI.—141.

- 1 O DHIA, a ta mi 'g éigheach riut,
Dean deifir thugam féin ;
Is tabhair éisdeachd fòs do m' ghuth,
Tràth ghlaodham riut a'm' fheum.
- 2 Mar bholtrach tùis a'd' làthair suas,
Mar sin biodh m'ernuigh riut ;
Is togail suas mo làmh, gu robh
Mar 'n iobairt fheasgair dhuit.
- 3 Cuir faire air mo bheul, a Dhia ;
Dorus mo bhéil-sa gléidh.
- 4 Gu droch-bheirt, no gu olc air bith
Na aom mo chridh', a Dhé :
Eagal le luchd na h-aingidheachd,
Gu'n cuirinn olc an gnìomh,
Ge milis blàsd' an sògh 's an gleus,
Cha'n ith mi féin maoin diubh.
- 5 Bualadh am firean mi le smachd,
Gabhaidh mi sin gu caomh :
Gabhaidh mi uaith an t-achmhasan,
Mar oladh phriseil mhaoth ;
Cha bhris am bualadh ud mo cheann :
Oir fòs théid m'ernuigh suas,
Tràth bhios an aitim ud gu truagh
'Nan àmhghar cruaidh an sàs.

- 6 I said unto the Lord, Thou art
My God : unto the cry
Of all my supplications,
Lord, do thine ear apply.
- 7 O God the Lord, who art the
strength
Of my salvation :
A cov'ring in the day of war
My head thou hast put on.
- 8 Unto the wicked man, O Lord,
His wishes do not grant ;
Nor further thou his ill device,
Lest they themselves should vaunt.
- 9 As for the head and chief of those
About that compass me,
Ev'n by the mischief of their lips
Let thou them cover'd be.
- 10 Let burning coals upon them fall,
Them throw in fiery flame,
And in deep pits, that they no
more
May rise out of the same.
- 11 Let not an evil speaker be
On earth established ;
Mischief shall hunt the vi'lent man,
Till he be ruined.
- 12 I know God will th' afflicted's
cause
Maintain, and poor men's right.
- 13 Surely the just shall praise thy
name ;
Th' upright dwell in thy sight.

PSALM CXLI.—141.

- 1 O LORD, I unto thee do cry,
Do thou make haste to me,
And give an ear unto my voice,
When I cry unto thee.
- 2 As incense let my prayer be
Directed in thine eyes ;
And the uplifting of my hands
As th' ev'ning sacrifice.
- 3 Set, Lord, a watch before my mouth,
Keep of my lips the door.
- 4 My heart incline thou not unto
The ills I should abhor,
To practise wicked works with men
That work iniquity ;
And with their delicacies my taste
Let me not satisfy.
- 5 Let him that righteous is me smite,
It shall a kindness be ;
Let him reprove, I shall it count
A precious oil to me ;
Such smiting shall not break my
For yet the time shall fall, [head ,
When I in their calamities
To God pray for them shall.

- 6 Tràth thilgear sìos air clachaibh cruaidh,
Am breitheamhna gu léir;
'N sin cluinidh iad, oir 's milis binn,
Deadh bhriathra grinn mo bhéil.
- 7 Ar cnàmhan fòs aig beul na h-naigh'
Do sgaoileadh leò le tàir;
Mar ghearrar is mar sgoiltear fiodh
'Na spealtaibh air an làr.
- 8 Ach tha mo shùilean riutsa suas,
Iehobhah Dhia nam feart:
Na fàg-sa m'anam bochd gun treòir,
'S tu féin mo dhòigh 's mo neart.
- 9 O teasairg mi o'n rib', a Dhé,
A leag iad chum mo sgrios;
'S o liontaibh luchd na h-aingidh-eachd
A dh'fholuich iad gun fhios.
- 10 Ach tuiteadh' luchd na h-aingidh-eachd
'Nan liontaibh rinneadh leò,
Am feadh bhios mise gabhail thart',
'S a' tèarnadh asta beò.

SALM CXLII.—142.

- 1 GHLAODH mi ri Dia le m' ghuth;
is fòs
Le m' ghuth rinn m'urnuigh ris.
- 2 Mo chaoidh 'na fhianuis dhòirt mi mach,
'S mo thrioblaid dh'fhoillsich mis'.
- 3 Tràth bha mo spiorad bàite stigh,
'N sin b'aithne dhuit mo cheum;
Sa' bhealach san do shiubhail mi,
Gun fhios do leag iad lion.
- 4 Dh'amhaire mi air mo dheis, is dh' fheuch,
'S cha robh fear m'eòlais ann;
No neach do m'anam bheireadh spéis;
Thréig cabhair mi san àm.
- 5 O Thighearna, do ghlaodh mi riut,
Is thubhairt mi gun ghò,
Gur tu a's tèarmunn dileas domh,
'S mo chuid an tìr nam beò.
- 6 Chionn gu 'n do chlaoidheadh mi gu truagh,
Eisd ri mo ghlaodh san àm;
Is saor mi o luchd m'fhoirneirt mhòir,
Oir 's treise leo na leam.
- 7 A prìosan m'anam buin a mach,
T'ainm-sa gu molar leam:
Is iadhaidh namam fireana,
Oir ni thu pailteas rium.

SALM CXLIII.—143.

- 1 RI m'urnuigh éisd, isaom do chluas
Ri m' athchuinge, a Dhé;
A' d'fuirinn is a'd' cheartas àrd,
Gu gràsmhor freagair mi.

- 6 When as their judges down shall be
In stony places cast,
Then shall they hear my words; for they
Shall sweet be to their taste.
- 7 About the grave's devouring mouth
Our bones are scatter'd round,
As wood which men do cut and cleave
Lies scatter'd on the ground.
- 8 But unto thee, O God the Lord,
Mine eyes uplifted be;
My soul do not leave destitute;
My trust is set on thee.
- 9 Lord, keep me safely from the snares
Which they for me prepare;
And from the subtle gins of them
That wicked workers are.
- 10 Let workers of iniquity
Into their own nets fall,
Whilst I do, by thine help, escape
The danger of them all.

PSALM CXLII.—142.

- 1 I WITH my voice cried to the Lord,
With it made my request:
- 2 Pour'd out to him my plaint, to him
My trouble I exprest.
- 3 When in me was o'erwhelm'd my sp'rit,
Then well thou knew'st my way;
Where I did walk a snare for me
They privily did lay.
- 4 I look'd on my right hand, and view'd,
But none to know me were;
All refuge failed me, no man
Did for my soul take care.
- 5 I cried to thee; I said, Thou art
My refuge, Lord, alone;
And in the land of those that live
Thou art my portion.
- 6 Because I am brought very low,
Attend unto my cry:
Me from my persecutors save,
Who stronger are than I.
- 7 From prison bring my soul, that I
Thy name may glorify:
The just shall compass me, when thou
With me deal'st bounteously.

PSALM CXLIII.—143.

- 1 LORD, hear my pray'r, attend my suits;
And in thy faithfulness
Give thou an answer unto me,
And in thy righteousness.

2 Na tionnsgain ann am breitheanas
Le t'òglach dileas féin :
Oir 's dearbh nach saorar duine beò
A' d'fhianuis ann am binn.

3 Oir lean an nàmhaid eucorach
Le tòir ghéir m'anam bochd,
Mo bheatha thilg e sìos le tàir,
Leag ris an làr gun iochd :
Is chuir e mi an dorchadas
Chum còmhnuidh ann gu truagh ;
Is ionnan mi 's an dream gu dearbh
Bhiodh fada marbh san uaigh.

4 Is uime sin tha m'anam bàit'
Gu cràiteach ann am chom :
Mo chridh' a'm' chliabh gu muladach,
Air fàs gu tuirseach trom.

5 Na làith' o chian do chuimhnich mi,
Taim cnuasachadh gun tàmh
T' oibre gu léir ; 's a' smuaineachadh
Air gnìomharaibh do làmh.

6 Mo làmhnan shin mi riutsa suas ;
An geall tha m'anam ort,
Amhluidh mar bhitheas fearann
Air tiormachadh le tart. [cruaidh

7 Eisd rium, a Thighearna, gu grad ;
Chaidh as do m'anam bochd :
Do ghnùis na ceil, chum nach bi mi
Mar dhream théid sìos do'n t-slochd.

8 Thoir orm gu'n cluinnear leam, gu
moch,
Guth binn do chaoimhneis-ghràidh ;
Oir annad chuir mi féin gu mòr

Mo dhòchas is mo dhòigh :
Am bealach fòs an gluaisear leam,
Thoir orm gu'n aithnich mi :
Oir riutsa tha mi togail suas
Mo spioraid thruaigh, a Dhé.

9 O m' naimhdibh guineach teasaig
O Thighearn is a Rìgh : [mi,
A d'ionnsuidh theich mi fòs, a chum
Gu foluicht' leatsa mi. [dhomh,

10 Do thoil a dheanamh teagaisg
Oir 's tu mo Dhia gu beachd :
O's maith do spiorad ; treduich mi
Gu tìr na fireantachd.

11 Sgàth t'ainme beothaich mi gu treun,
A Dhé lehobhah mhòir : [bochd
Sgàth t'fhìreantachd, saor m'anam
O thrioblaid ghoirt 's o leòn.

12 Cuir as do m' naimhdibh tre do
Is sgrios iad sin gu léir [ghràs,
A ta cur m'anam' thruaigh fo leòn ;
Oir 's mise t'òglach féin.

SALM CXLIV.—144.

1 BEANNAICHT' gu robh lehobhah
Mo charraig e 's mo threoir ; [treun,
Mo làmh a theagaisgeas gu cath,
'S gu comhrag mhaith mo mhedir :

2 Thy servant also bring thou not
In judgment to be tried :
Because no living man can be
In thy sight justified.

3 For th' en'my hath pursu'd my
soul,
My life to ground down tread :
In darkness he hath made me
dwell,
As who have long been dead.

4 My sp'rit is therefore overwhelm'd
In me perplexedly ;
Within me is my very heart
Amazed wondrously.

5 I call to mind the days of old,
To meditate I use
On all thy works ; upon the deeds
I of thy hands do muse.

6 My hands to thee I stretch ; my
soul
Thirsts, as dry land, for thee.

7 Haste, Lord, to hear, my spirit fails :
Hide not thy face from me ;

Lest like to them I do become
That go down to the dust.

8 At morn let me thy kindness hear ;
For in thee do I trust.
Teach me the way that I should
walk :

I lift my soul to thee.
9 Lord, free me from my foes ; I flee
To thee to cover me.

10 Because thou art my God, to do
Thy will do me instruct :
Thy Sp'rit is good, me to the land
Of uprightness conduct.

11 Revive and quicken me, O Lord,
Ev'n for thine own name's sake ;
And do thou, for thy righteousness,
My soul from trouble take.

12 And of thy mercy slay my foes ;
Let all destroyed be
That do afflict my soul : for I
A servant am to thee.

Second Version, see page 169.

PSALM CXLIV.—144.

1 O BLESSED ever be the Lord,
Who is my strength and might,
Who doth instruct my hands to
war,
My fingers teach to fight.

- 2 Mo mhaith, mo dhìon, 's mo bhaideal
àrd,
Mo shlànuighear, 's mo sgiath;
'Se cheannsaicheas mo dhaoine fo'm,
Mo mhuinghinn is e Dia.
- 3 Dhia, ciod e 'n duine, gu bheil thu
A' gabhail èlòis air?
No ciod e mac an duine fòs
Gu'n d' thug thu e fa'near?
- 4 An duine, 's cosmhuil e gu fìor
Ri dìomhanas gun stà;
'S a làith' mar sgail, 's mar shailleas
A' gabhail seach a ta. [fòs]
- 5 O lùb, a Dhia, do fhlaithis àrd',
Thig féin gun dàil a nuas:
Bean ris na sléibhtibh mòr' le d' neart,
Is uath' théid deatach suas.
- 6 Cuir uait a mach do dhealanach,
Is sgaoil iad sud air fad:
Is tilg a mach do shaighde geur',
Is claidhear iad gu grad.
- 7 Sin uait do làmh á t'ionad àrd,
Saor mi, is fuasgail orm,
O uisgibh làidir iomarcach,
'S o làimh nan coigreach borb'.
- 8 Iadsan 'g am bheil am béil a' teachd
Air dìomhanas gach lò:
An deas làmh sud, is deas làmh i
Làn iogain agus gò.
- 9 Dhuit seinneam òrau nuadh, a Dhé,
'S ann air an t-saltair ghrinn;
Air inneal-ciùil nan teuda deich,
Dhuit seinneam moladh binn.
- 10 'Se Dia a bheir do righribh mòr'
Slàint' agus buaidh gu treun,
'Se shaoras Daibhidh 'òglach caomh
O'n chlaidheam mhillteach gheur.
- 11 Saor mi, is fuasgail orm o làimh
Nan coimheach, 'g am bheil beul
Làn dìomhanais: 's an deas làmh fòs
'Na deas làimh foill' is brèig'.
- 12 A chum gu'm biodh ar mic a' fàs
Mar ùr-chrann suas 'nan òig':
S' ar nigheana marchlachaibh snaidht'
An oisinn lùchairt mhòir.
- 13 Ar saibhlean làn do'n uile stòr;
Ar treudan fòs a' breith
Nam mìltean, seadh deich mìltean fòs
'Nar machairibh gach leth.
- 14 Ar daibh gu h-obair làidir calm,
Gun bhriseadh mach no steach;
A chum 'nar sràididh fòs nach biodh
Guth caoidh' gu gearanach.
- 15 'S beannaicht' am pobull sin a ta
San inbhe so gu beachd;
'S beannaicht' am pobull fòs, d'an Dia,
Iehobhah Triath nam fear.

- 2 My goodness, fortress, my high tow'r,
Deliverer, and shield,
In whom I trust: who under me
My people makes to yield.
- 3 Lord, what is man, that thou of him
Dost so much knowledge take?
Or son of man, that thou of him
So great account dost make?
- 4 Man is like vanity; his days,
As shadows, pass away.
- 5 Lord, bow thy heav'ns, come down,
touch thou
The hills, and smoke shall they.
- 6 Cast forth thy lightning, scatter
them;
Thine arrows shoot, them rout.
- 7 Thine hand send from above, me
save;
From great depths draw me out.
And from the hand of children
strange,
- 8 Whose mouth speaks vanity;
And their right hand is a right hand
That works deceitfully.
- 9 A new song I to thee will sing,
Lord, on a psaltery;
I on a ten-string'd instrument
Will praises sing to thee.
- 10 Ev'n he it is that unto kings
Salvation doth send,
Who his own servant David doth
From hurtful sword defend.
- 11 O free me from strange children's
hand,
Whose mouth speaks vanity;
And their right hand a right hand is
That works deceitfully.
- 12 That, as the plants, our sons may
be
In youth grown up that are;
Our daughters like to corner-stones,
Carv'd like a palace fair.
- 13 That to afford all kind of store
Our garners may be fill'd;
That our sheep thousands, in our
streets
Ten thousands they may yield.
- 14 That strong our oxen be for work,
That no in-breaking be,
Nor going out; and that our streets
May from complaints be free.
- 15 Those people blessed are who be
In such a case as this;
Yea, blessed all those people are,
Whose God Jehovah is.

- 1 ARDUICHEAM thu, mo Dhia, 's mo Rìgh ;
T'ainm beannaicheam gu bràth.
- 2 Do t'ainm am feasd bheir mise cliù ;
Arduicheam thu gach là.
- 3 Tha Dia Iehobhah mòr gu dearbh ;
Ion-mholta Dia gu mòr :
Cha'n fheudar meud a mhòrachd-
A rannsachadh gu leòr. [san
- 4 Molaidd gach àl do ghlòimhara
Do'n àl a thig 'nan deigh ;
Is t'oibre cumhachdach ro mhòr
Sior-chuirear leò an céill.
- 5 Urram do mhòrachd ghlòrmhoir féin
Cuiridh mi'n céill gu beachd ;
Air t'oibrigh iongantach gu léir
Labhran, a Dhé nam feart.
- 6 Labhraidh daoine eile fòs air neart
- 2 'S esan a nì ar n-aobhneas mòr,
No bheir dhuinn bròn fa seach:
'S i 'lámh a dhealbh an solus iùil,
'S do dhuibh-neòil thug an dreach.
- 3 Cìod uim' an gearain duine beò,
'Ga leòn fo smachdach' Dhé?
A chum a leas tha Dia 'ga chlaoidh
Gu thoirt d'a ionnsuidh féin.
- 4 O dhaoine! rannsaichibh gu geur,
Gach ceum d'ur slighe chlaoin;
'S pillibh o 'r seachrauaibh gu Dia,
Thaobh meud a thrècair chaoìn.

XXX. Hosea vi. 1—4.

- 1 THIGIBH, is rachamaid gu Dia,
Le cridhe tiamhaidh bròin;
Ge d' pheacaich sinn, nì esan ìochd
Air an'maibh briste leòint'.
- 2 Air 'iartus dùisgidh 'n doinìonn
gharbh,
Is fàsaidh balbh a ris;
Is ged tha 'ghairdeantreun gu sgrios,
Tha e co treun g'ar dìon.
- 3 B'fhada 's bu chian ar n-oidhche
bhròin,
Bheir teachd an lò dhuinn gean;
Oir thig ar Dia is fograidh e
Gach dòlas ruinn a lean.
- 4 'N sin gheibh sinn eòlas air a ghràdh,
Ma thig sinn dhasan dlùth;
Bidh 'ghnùis mar ghrein na maidne
'S a ghuth mar inneal-ciùil.[gloin'.

The hanging head and rueful look,
Will they attract my love?

- 3 Let such as feel oppression's load
Thy tender pity share:
And let the helpless, homeless poor,
Be thy peculiar care.
- 4 Go, bid the hungry orphan be
With thy abundance blest;
Invite the wand'rer to thy gate,
And spread the couch of rest.
- 5 Let him who pines with piercing
cold
By thee be warm'd and clad;
Be thine the blissful task to make
The downcast mourner glad.
- 6 Then, bright as morning, shall come
forth,
In peace and joy, thy days;
And glory from the Lord above
Shall shine on all thy ways.

XXIX. Lament. iii. 37—40.

- 1 AMIDST the mighty, where is he
Who saith, and it is done?
Each varying scene of changeable life
Is from the Lord alone.
- 2 He gives in gladsome bow'rs to dwell,
Or clothes in sorrow's shroud;
His hand hath form'd the light, his
hand
Hath form'd the dark'ning cloud.
- 3 Why should a living man complain
Beneath the chast'ning rod?
Our sins afflict us; and the cross
Must bring us back to God.
- 4 O sons of men! with anxious care
Your hearts and ways explore;
Return from paths of vice to God:
Return, and sin no more!

XXX. Hosea vi. 1—4.

- 1 COME, let us to the Lord our God
With contrite hearts return;
Our God is gracious, nor will leave
The desolate to mourn.
- 2 His voice commands the tempest
And stills the stormy wave; [forth,
And though his arm be strong to
smite,
'Tis also strong to save.
- 3 Long hath the night of sorrow
reign'd;
The dawn shall bring us light:
God shall appear, and we shall rise
With gladness in his sight.
- 4 Our hearts, if God we seek to know,
Shall know him, and rejoice;
His coming like the morn shall be,
Like morning songs his voice.

- 5 Mar dhrùchd air bharr nan luibhean
maoth,
'S iad air gach taobh fo bhlàth;
No mar na frasan thig a nuas
Air fearann cruaidh is fàs;
6 Mar sin ni dealradh gnùis ar Dé
Ar n-an'ma aoibhinn ait:
Fògraidh e duibhre 's doilghios uainn,
Is ni sinn uail gun airc.

XXXI. Micah vi. 6—9.

- 1 CÌA leis a thig mi 'm fianuis Dhia,
Ard-thriath a' chruinne-ché!
No ciod an iobairt bheir mi dha,
Chum e bhì ghnàth rium réidh?
2 An toilich mìle iobairt-loisg',
Le'm boltrach tùis an Triath?
Deich mìle sruthan olaidh 'n leòr,
'S gach ainmhidh beò san t-sliabh?
3 Mur leòr, an gabh e mo cheud-
ghin,
An riochd mo bheatha féin;
Toradh mo chuirp an éiric m'an'm'
Chum bhi 's gach àm rium réidh?
4 Cha'n fhoghaínn so; is aobhar
gràin
Le Dia gach cràbhadh saoi;
'Na fhocal leig e ris a rùn,
A stiùradh chloinn nan daoine'.
5 O dhuine! so na dh'iarr e ort;
Dean ceartas, miannaich iochd;
Gu h-umhal gluais an làth'r do
Dhia,
Is dean a riar gu glic.

XXXII. Habac. iii. 17, 18.

- 1 CHAOIDH ged nach toir crann fige
blàth,
'S nach fàs air fion-chrann meas;
Saoth'r a' chroinn-olaidh ged a thréig,
'S fàs dèis' gun bhi air slios;
2 Gach treud o'n mhaínnir ged a bhuail
Grad fhuathas 'nuair nach saoil;
Greigh ged nach fàg an t-Earrach
No bò air uachdar raoin; [cruaidh;
3 Gidheadh san Triath bidh mise ait,
Is ni mi uail 'na ghràdh;
Mòr aoibhneas ni mi ann am Dhia;
'S e Dia mo shlàint' gu bráth.
4 Bheir Dia dhomh neart chum ruith
gu dian
Mar fhiadh air fireach àrd:
Is bheir e mi gu riogh'chd na glòir',
Fo sheòla caomh a ghràis.
5 'Se Dia mo stòr, mo bheatha, 's m'iùl
O 'n tig mo luth 's mo threis;
Gainne no gort', beatha, no bàs,
Cha sgar o 'ghràdh mi 'm feasd.

- 5 As dew upon the tender herb,
Diffusing fragrance round;
As show'rs that usher in the spring,
And cheer the thirsty ground:
6 So shall his presence bless our souls,
And shed a joyful light;
That hallow'd morn shall chase
away
The sorrows of the night.

XXXI. Micah vi. 6—9.

- 1 THUS speaks the heathen: How shall
The Pow'r Supreme adore? [man
With what accepted off'rings come,
His mercy to implore?
2 Shall clouds of incense to the skies
With grateful odour speed?
Or victims from a thousand hills
Upon the altar bleed?
3 Does justice nobler blood demand
To save the sinner's life?
Shall, trembling, in his offspring's
The father plunge the knife? [side
4 No: God rejects the bloody rites
Which blindfold zeal began;
His oracles of truth proclaim
The message brought to man.
5 He what is good hath clearly shown,
O favour'd race! to thee;
And what doth God require of those
Who bend to him the knee?
6 Thy deeds, let sacred justice rule;
Thy heart, let mercy fill;
And, walking humbly with thy God,
To him resign thy will.

XXXII. Habak. iii. 17, 18.

- 1 WHAT though no flow'rs the fig-
tree clothe,
Tho' vines their fruit deny,
The labour of the olive fail,
And fields no meat supply?
2 Though from the fold, with sad sur-
prise
My flock cut off I see:
Though famine pine in empty stalls,
Where herds were wont to be?
3 Yet in the Lord will I be glad,
And glory in his love;
In him I'll joy, who will the God
Of my salvation prove.
4 He to my tardy feet shall lend
The swiftness of the roe;
Till, rais'd on high, I safely dwell
Beyond the reach of woe.
5 God is the treasure of my soul,
The source of lasting joy;
A joy which want shall not impair,
Nor death itself destroy.

- 1 ATHAIR gach dùil a bhos is shuas !
D'an dual gach cliu is gloir ;
A'd làthair strìochdaidh sinne slos,
Gu h-ìosal mar is còir.
- 2 T'ainm naomhaichear 's na h-uile
àit,
Is aoradh dha gach slògh ;
Craobh-sgaoil do Shoisgeul, 's thoir
dha buaidh,
Is luathaich riogh'chd na glòir'.
- 3 Deanaidh gach dùil air thalamh
bhòs,
Do thoil mar ainglibh nèimh ;
Dhi geilleadh iad le cridhe ait,
'S le giulan macant' sèimh ;
- 4 Ar n-aran làthail deònuich dhuinn,
Is cridhe taingeil leis ;
Is ciod air bith is cuibhrionn duinn,
Do bheannachd biodh 'na chois.
- 5 Maith dhuinn ar fiacha trom, a Dhé,
A réir mar mhaithear leinn,
D'ar feichnibh féin an euceartan,
'S gach beum a thug iad dhuinn.
- 6 Na leig am buaireadh sinn, a Dhé,
Ach gléidh sinn o gach lochd ;
Oir rioghachd, cumhachd, 's glòir
gun chrìch
'S leat nis 's a ris gu beachd.

- 1 BUIDHEACHAS follaiseach thug
Crìosd,
D'a Athair féin, ag ràdh,
Sior-bheannaicht' bi-sa, Dhia nam
O linn gu linn gu bràth ! [feart,
- 2 'S tu chéil air daoineibh saogh'lta glic
Dearbh-fhirinn shlàinteil nèimh,
Gidheadh a thaisbein soilleir i
Do leanbaibh ùmhal sèimh.
- 3 'Si so do thoil-sa, Athair chaoimh !
'S do naomhreachd seasmhach
buan :
Na iarradh aingle naomh' no daoin'
Làn-fhios an aobhair uainn.
- 4 Gach uile chumhachd dhomhs' thug
Dha mhàin is fios mo ghnè : [Dia ;
Is dhomh-sa mhàin a ghnè-san 's eòl,
'S do'n dream d'an seòl mi e.
- 5 O sibhse ta le uallach trom
An uile 's an eagail ledint',
Thigibh a m'ionnsuidh-sa, is gheibh
Bhur n-anama fois is treidh.
- 6 Le cridhe ùmhal togarach
Mo chuing-sa togaibh oirbh :
Do m' cheaunsal géillibh, is do m'
reachd,
Gu beachd cha'n 'eil e doirbh.

- 1 FATHER of all ! we bow to thee !
Who dwell'st in heav'n ador'd ;
But present still through all thy
The universal Lord. [works,
- 2 For ever hallow'd be thy name
By all beneath the skies ;
And may thy kingdom still advance,
Till grace to glory rise.
- 3 A grateful homage may we yield,
With hearts resign'd to thee ;
And as in heav'n thy will is done,
On earth so let it be.
- 4 From day to day we humbly own
The hand that feeds us still :
Give us our bread, and teach to rest
Contented in thy will.
- 5 Our sins before thee we confess ;
O may they be forgiv'n !
As we to others mercy show,
We mercy beg from Heav'n.
- 6 Still let thy grace our life direct ;
From evil guard our way ;
And in temptation's fatal path
Permit us not to stray.
- 7 For thine the pow'r, the kingdom
All glory's due to thee : [thine :
Thine from eternity they were,
And thine shall ever be.

- 1 THUS spoke the Saviour of the
world,
And rais'd his eyes to heav'n :
To thee, O Father ! Lord of all,
Eternal praise be giv'n.
- 2 Thou to the pure and lowly heart
Hast heav'nly truth reveal'd ;
Which from the self-conceited mind
Thy wisdom hath conceal'd.
- 3 Ev'n so, thou, Father, hast ordain'd
Thy high decree to stand ;
Nor men nor angels may presume
The reason to demand.
- 4 Thou only know'st the Son : from thee
My kingdom I receive ;
And none the Father know but they
Who in the Son believe.
- 5 Come then to me, all ye who groan
With guilt and fears oppress ;
Resign to me the willing heart,
And I will give you rest.
- 6 Take up my yoke, and learn of me
The meek and lowly mind ;
And thus your weary troubled
souls
Repose and peace shall find.

7 Oir caomh tha mise agus sèimh,
'S cha dean mo chuing 'ur cràdh :
Foghlumaibh uam, 's 'ur n-an'ma
sgith
Fois shiorruidh gheibh is àgh.

XXXV. Mat. xxvi. 26—29.

- 1 SAN oidhche san do bhrathadh Ios',
'S e réidh gu 'bheatha leigeadh sìos,
Ghlac e aran, is bheannaich e,
Toirt buidheachais do Rìgh nan
nèamh.
2 'N sin thubhairt e r' a chàirdibh
gaoil,
('S e briseadh 'n t-samhlaidh sin air
'fheoil.)
Glacaibh, ithibh ; uaith so gu bràth,
Air chuimhne gleidhibh là mo bhàis.
3 Ghlac e an cupan fòs 'na làimh,
Is thog e ris a ghuth an àird,
Tràth labhair e le briathraibh sìth',
Is teas-ghràdh lasadh suas 'na
chridh' ;
4 M' fhuil, amhuil so, bheir mise seach,
Mar éiric an'm' air son gach neach ;
So seula cùmhnaint slàint' is gràis',
Cruaidh-naisgte leamsa ann am
bhàs.
5 Làn-luchdaichte le gràdh do dhaoin',
Tha 'n cupan so, 's an ioc-shlàint'
saor ;
Gabhaibh dheth uile, 's bithibh beò ;
Bibh cuimhneach orms' thug suas an
dedò.

XXXV. *Air Sheol Eile.*

- 1 SAN oidhch' an d' éirich gach aon
nàmh
'N aghaidh Slànuighear dhaoin',
Ghlac e, 's e réidh gu dol gu bàs,
Aran 'na làmhachais naomh'.
2 'S air toirt da buidheachais do Dhia,
Tha riaghladh talamh 's nèimh,
An t-aran bhris, mar shamhl' air
Is thuirt gu foil r'a threud ; ['fheoil,
3 Mo chorp-sa briste, amhuil so,
Feuch bheir mi dhuibh gu saor ;
Oir air 'ur sonsa bhriseadh e,
'S air son a' chinne-daoin'.
4 Glacaibh is ithibh, uime sin,
Is cuimhneibh mo bhàs,
Gach uair a ni sibh 'n obair cheudn'
'Na dhéigh so, gu là bhràth.

XXXVI. Luc. i. 46—56.

- 1 NI m'anam uail is gairdeachas
An Dia mo shlàinte caomh ;
Oir thog a mhaitheas Inilt suas
O m'inbhe shuaraich fhaoin.

7 For light and gentle is my yoke ;
The burden I impose
Shall ease the heart, which groan'd
before
Beneath a load of woes.

XXXV. Matth. xxvi. 26—29.

- 1 'TWAS on that night, when doom'd
to know
The eager rage of ev'ry foe,
That night in which he was betray'd,
The Saviour of the world took bread :
2 And, after thanks and glory giv'n
To him that rules in earth and
heav'n,
That symbol of his flesh he broke,
And thus to all his foll'wers spoke :
3 My broken body thus I give
For you, for all ; take, eat, and live ;
And oft the sacred rite renew,
That brings my wondrous love to view.
4 Then in his hands the cup he rais'd,
And God anew he thank'd and
prais'd ;
While kindness in his bosom glow'd,
And from his lips salvation flow'd :
5 My blood I thus pour forth, he cries,
To cleanse the soul in sin that lies ;
In this the covenant is seal'd,
And Heav'n's eternal grace reveal'd.
6 With love to man this cup is fraught ;
Let all partake the sacred draught :
Through latest ages let it pour,
In mem'ry of my dying hour.

Second Version, continued.

- 5 Ghlac e an sin 'na làimh an cup',
'S thug buidheachas faraoan,
Bha 'chridhe laiste le teas-ghràdh,
Shruth slàint' o 'bhilibh caoin.
6 Feuch amhuil so bheir mise m'fhuil,
Gu'r tèarn' o ghuin a' bhàis ;
Gabhadh gach neach ; tha 'n ioc-
shlàint saor
Do gach uil' aon le'n àill.
7 Air feadh gach liun sior-chuimhnich-
ibh,
Mòr shaoibhreas m'iochd 's mo
ghràis,
So seul a' cùmhnaint ni mi
ruibh,
Is cuimhneachan mo bhàis.

XXXVI. Luke i. 46—56.

- 1 MY soul and spirit, fill'd with joy,
My God and Saviour praise,
Whose goodness did from poor estate
His humble handmaid raise.

LAOIDH XXXVII. XXXVIII.

- 2 Canar mi sona leis gach linn,
Oir rinn mo Dhia orm iochd,
Is naomha 'ainm, 's is buan a ghràs,
Nis is gach tràth gu beachd.
- 3 Feuch, dh'fhoillsich Dia a ghairdean treun,
An t-uabhbreach thréig e tur,
Luchd-àrdain thilg o'n caithir-rìgh,
'S an t-ìosal thog o'n dus.
- 4 An t-ocrach shàsuich e le lòn,
An saoi bhir leòn le gort',
Ri luchd an àilghios chuir e cùl,
Is thug a rùn do'n bhochd.
- 5 Chuimhnich e 'thròcair is a ghràs
Do Iacob òglach fèin,
Is thug e cabhair, mar a gheall,
San aimsir fad o chéin.

XXXVII. Luc. ii. 8—15.

- 1 AIR bliith do bhuachaillibh le chéil'
A' faireadh treud san oidhch',
Thaisbeanadh aingeal doibh o nèamh,
'S an magh lion e le soills'.
- 2 Bu mhòr an oillt', ach thuirt e riu,
Na gabhaibh geilt no sgàth,
Oir sgeul ro-ait tha agam dhuibh,
Is do gach linn gu bràth.
- 3 'N diugh rugadh dhuibh am baile 'n Rìgh
An Slànuighear, seadh Criosd,
Feuch, cluinuibh uam-sa comhara,
Le 'm mothaich sibh gur fìor :
- 4 An naoidhean nèamhaidh gheibh sibh 'n sin,
Follais do rosgaibh dhaoin',
'Se paisgt' an trusgan an-nasal,
'S na luidh' am prasaich shaoin.
- 5 Labhair an seraph so, 's air ball
Bha 'm magh do ainglibh làn,
A' seinn gu binn do Dhia na sìth',
'S b' e so bu bhrìgh d'an dàn :
- 6 Gach glèid do Dhia sna nèamhaibh
Sìth bhuan air thalamh ta : [shuas,
Nochd Dia 'dheadh-thoil do'n chinne-
daoin'
'S cha traogh am feasd a ghràdh.

XXXVIII. Luc. ii. 25—33.

- 1 DO Shimeon an duine naomh
Dh'innseadh le Spiorad Dhia,
Gu faicadh e roimh uair a bhàis,
An Slàn'ear, Criosd an Triath.
- 2 An gealladh sòlasach so dh'fheith
An naomh o là gu là ;
Is cha do mhealladh e 'na dhùil,
Choiimhlionadh chùis 'na tràth.
- 3 'Nuair thugadh Iosa réir an lagh'
A stigh do 'n teampull naomh,

PARAPH. XXXVII. XXXVIII. 191

- 2 Me bless'd of God, the God of might,
All ages shall proclaim :
From age to age his mercy lasts,
And holy is his name.
- 3 Strength with his arm th' Almighty
show'd ;
The proud his looks abas'd ;
He cast the mighty to the ground,
The meek to honour rais'd.
- 4 The hungry with good things were
The rich with hunger pin'd : [fill'd,
He sent his servant Isr'el help,
And call'd his love to mind ;
- 5 Which to our fathers' ancient race
His promise did ensure,
To Abrah'm and his chosen seed,
For ever to endure.

XXXVII. Luke ii. 8—15.

- 1 WHILE humble shepherds watch'd
their flocks
In Bethleh'm's plains by night,
An angel sent from heav'n appear'd,
And fill'd the plains with light.
- 2 Fear not, he said, (for sudden dread
Had seiz'd their troubled mind ;)
Glad tidings of great joy I bring
To you, and all mankind.
- 3 To you, in David's town, this day
Is born, of David's line,
The Saviour, who is Christ the Lord ;
And this shall be the sign :
- 4 The heav'nly Babe you there shall find
To human view display'd,
All meanly wrapt in swaddling-bands,
And in a manger laid.
- 5 Thus spake the seraph ; and forth-
with
Appear'd a shining throng
Of angels, praising God ; and thus
Address'd their joyful song :
- 6 All glory be to God on high,
And to the earth be peace ; [men,
Good-will is shown by Heav'n to
And never more shall cease.

XXXVIII. Luke ii. 25—33.

- 1 JUST and devout old Simeon liv'd ;
To him it was reveal'd,
That Christ, the Lord, his eyes should
Ere death his eyelids seal'd. [see
- 2 For this consoling gift of Heav'n
To Isr'el's fallen state,
From year to year with patient hope
The aged saint did wait.
- 3 Nor did he wait in vain ; for, lo !
Revolving years brought round,

- Do Shimeon dh'fhoillsicheadh cò e,
Le Spiorad nèimh gu saor.
- 4 'Na ghairdean aosda ghlac an naomh
An naoidhean, 's thug e cliu
Do Dhia, 's e seinn le aoibhneas àrd,
'S le gairdeachas 'na ghnùis:
- 5 Nis leig do t'òglach triall an sìth
Chum siorruidheachd mar gheall;
O'n chunnaic mi do shlàint', a
Thriath,
Mo thriall na bitheadh mall.
- 6 Na làmhnan so, a ghlac mo Rìgh,
Na glacadh ni 'na dhéigh;
'S na sùilean so a chunnaic Criosd,
Na faiceadh ni fo'n ghréin.
- 7 Tha'n t-slàinte gheall thu dhuinn
o shean
'S a cho-gheall thu faraon,
A' dearbhadh dhuinn gur fìor do
ghràdh
Gu bràth do'n chinne-daoin'.
- 8 So Grian an aigh le'm fògrar
duibhr'
A' Gheintilich gun iùl,
Is anns an cuir do theaghlach
taght'
Clann Israeil an dùil.

XXXIX. Luc. iv. 18, 19.

- 1 CLUINNIEH sgeul ait: Tha Ios' air
teachd
Ri'n robh o shean ar dùil!
Lionar gach cridh' le gairdeachas,
Scinnear gu bràth a chliu.
- 2 Tha'n Spiorad dhoirteadh air gu
Ri fhaicinn anns gach ni: [pailt,
Tha gliocas, cumhachd, eud, is
gradh,
Dealrach 'na uile ghnìomh.
- 3 Le 'theachd, làn shaorar braighde
truagh'
Bh'aig Satan fo chruaidh-ghlais;
Oir sgaoilidh e gach cuibhreach
Is sgealbaidh dorsa prais.[theann,
- 4 Le 'theachd, neul cionta théid air
chùl,
'S thig fradhare iùil do'n dall;
Clàisteachd do 'n bhodhar, 's cainnt
do'n bhalbh,
'S do'n bhacach lùth nam ball.
- 5 Le 'theachd, gheibh bochd is uireas'-
Làn-diòl do shaoibhreas gràis;[ach

- In season due, the happy day,
Which all his wishes crown'd.
- 4 When Jesus, to the temple brought
By Mary's pious care,
As Heav'n's appointed rites requir'd,
To God was offer'd there,
- 5 Simeon into those holy courts
A heav'nly impulse drew;
He saw the Virgin hold her Son,
And straight his Lord he knew.
- 6 With holy joy upon his face
The good old father smil'd;
Then fondly in his wither'd arms
He clasp'd the promis'd child:
- 7 And while he held the heav'n-born
Ordain'd to bless mankind, [Babe,
Thus spoke, with earnest look, and
Exulting, yet resign'd: [heart
- 8 Now, Lord! according to thy word,
Let me in peace depart;
Mine eyes have thy salvation seen,
And gladness fills my heart.
- 9 At length my arms embrace my Lord,
Now let their vigour cease;
At last my eyes my Saviour see,
Now let them close in peace.
- 10 This great salvation, long prepar'd,
And now disclos'd to view,
Hath prov'd thy love was constant
And promises were true. [still,
- 11 That Sun I now behold, whose light
Shall heathen darkness chase,
And rays of brightest glory pour
Around thy chosen race.

XXXIX. Luke iv. 18, 19.

- 1 HARK, the glad sound, the Saviour
comes,
The Saviour promis'd long;
Let ev'ry heart exult with joy,
And ev'ry voice be song!
- 2 On him the Spirit, largely shed,
Exerts its sacred fire;
Wisdom and might, and zeal and
His holy breast inspire. [love,
- 3 He comes! the pris'ners to relieve,
In Satan's bondage held;
The gates of brass before him burst,
The iron fetters yield.
- 4 He comes! from dark'ning scales of
vice
To clear the inward sight;
And on the eye-balls of the blind
To pour celestial light.
- 5 He comes! the broken hearts to bind,
The bleeding souls to cure;
And with the treasures of his grace
T' enrich the humble poor.

- An cridhe briste ceanglar suas,
An t-anam truagh bidh slàn.
6 Thàinig là-saoraidh ait o'r Dia,
'S maithear ar fiacha dhuinn :
Oir choimhlion Dia a ghealladh mòr,
Is bidh e 'n còmhnuidh leinn.
7 Hosana ait do Rìgh na sìth' !
O so a mach gu bràth ;
Co-shreagradh nèamh, is muir, is tìr,
Le co-sheirm shiorruidh dha.

XL. Luc. xv. 13—25.

- 1 LE misg is mi-bheus 'nuair a chaith
An struidhear truagh a mhaoìn,
'S e 'g iarraidh lóin am measg nam
muc,
Do phlaosgaibh salamh faoin'.
2 Ged bhàsaichinn, thuirt e, le gort',
Am fearann coigreach céin,
An teaghlach m' Athar gheibh gach
Na 's àill le 'chridhe féin. [tràill
3 Nis pillidh, 's tuitidh mi a sìos
An làthair m' Athar chaoimh ;
Och ! pheacaich is cha'n airidh mi,
Air t'ìochd-sa no iochd nèimh.
4 Ag ràdh so, gu tigh 'Athar phill,
Le inntinn thuirseach throm ;
Tràth chunnaic 'Athair e fad as,
Las tlus is iochd 'na chomh.
5 Ghrad-ruith 'an chòdhail, 's thug e
Le furan mr d'a mhac ; [pòg,
Is b'aithreach leis an struidhear
through
Gu'n d'thug e fuath d'a smachd.
6 Och ! pheacaich, is cha'n airidh mi,
Air t'ìochd-sa no iochd nèimh ;
Dean mi a'm' sheirbhiseach a mhàin,
O Athair chàirdeil chaoimh !
7 Thugaibh a mach, ars' 'Athair ait,
A' chulaidh thaghta dha ;
'S gach iochd is urram dìolamaid
Do'n iompachan gun dàil :
8 Oir bha e marbh, is tha e beò ;
Caillte, 's fadheòidh air seul ;
Biodh gairdeachas oirnn uime sin,
'S biodh so 'na làtha feill'.
9 Mar sin bidh gairdeachas air nèamh,
Tràth thèarnar peacach baoh ;
Le pilleadh dha le h-aithreachas
Gu 'Athair iochdmhor caomh.

XLI. Eoin iii. 14—19.

- 1 'NUAIR thogadh suas an nathair
phrais
Le Maois, san fhàsach chruaidh,
Dhearc oirre 'u dream bha dlùth
do'n bhàs,
Is shlànuicheadh an sluagh ;

- 6 The sacred year has now revolv'd,
Accepted of the Lord,
When Heav'n's high promise is ful-
fill'd,
And Isr'el is restor'd.
7 Our glad hosannahs, Prince of
Peace !
Thy welcome shall proclaim ;
And heav'n's exalted arches ring
With thy most honour'd name.

XL. Luke xv. 13—25.

- 1 THE wretched prodigal behold
In mis'ry lying low,
Whom vice had sunk from high estate,
And plung'd in want and woe.
2 While I, despis'd and scorn'd, he
cries,
Starve in a foreign land,
The meanest in my father's house
Is fed with bounteous hand :
3 I'll go, and with a mourning voice,
Fall down before his face :
Father ! I've sinn'd 'gainst Heav'n
and thee,
Nor can deserve thy grace.
4 He said, and hasten'd to his home,
To seek his father's love :
The father sees him from afar,
And all his bowels move.
5 He ran, and fell upon his neck,
Embrac'd and kiss'd his son :
The grieving prodigal bewail'd
The follies he had done.
6 No more, my father, can I hope
To find paternal grace ;
My utmost wish is to obtain
A servant's humble place.
7 Bring forth the fairest robe for him,
The joyful father said ;
To him each mark of grace be
And ev'ry honour paid : [shown,
8 A day of feasting I ordain ;
Let mirth and song abound :
My son was dead, and lives again !
Was lost, and now is found .
9 Thus joy abounds in paradise
Among the hosts of heav'n,
Soon as the sinner quits his sins,
Repents, and is forgiv'n.

XLI. John iii. 14—19.

- 1 AS when the Hebrew prophet rais'd
The brazen serpent high,
The wounded look'd, and straight
were cur'd,
The people ceas'd to die :

- 2 Mar so tha Criosd air àrdachadh,
Gu slàinte thabhairt duinn;
Seallaidh na slòigh chaidh lot an
Is slànuichear gach tinn. [àird,
- 3 Cia an-mhor tròcair Dhia nan gràs:
Cia pailt a ghràdh is 'iochd
A thug a mbac mar lobairt suas,
A dh'fhulang truaigh 'nar riochd!
- 4 Cha'n ann a dhiteadh cloinn nan
A thàinig Criosd o nèamh; [daoin'
Geur-lann gu sgrios cha robh 'na
No bagradh bàis 'na bheul. [làimh,
- 5 Le creidimh slàinteil géillibh-sa,
A luchd mi-bheus, d'a reachd;
Is bheir e tèaruint' sibh an sith,
G'a rìogh'chd a ta ri teachd.
- 6 Ach leanaidh dioghaltas gu luath
An sluagh nach géill 'na thràth,
An dream ni dìmeas air Mac Dhé,
'S nach éisd ri tairgs' a ghràis.

XLII. Eoin xiv. 1—7.

- 1 UAIBH fògraibh eagal 's iomgain
eridh',
'S na biodh 'ur dòchas fann;
Earbaibh á freasdal Dé a ghnath,
'S a' m' ghradh-sa gach aon àm.
- 2 Gu àros m' Athar pillidh mi,
Ann 's honnhor ionad tàimh:
'S is dealrach glòir na rìoghachd sin,
'Ga lionadh air gach làimh.
- 3 Mur biodh na nithe so mar so,
Dhuibh dh'innsinn sin o thùs;
Cha mheallainn sibh le dòchas baoth,
No muinghinn shaoin mu'n chùis.
- 4 Roimhibh thèid mise chum, 'nur
n-ainm,
Gu'n gabhainn sealbh air nèamh;
'S gu'n ulluichinn a'm' rìoghachd
Gu sìorruidh àite tàimh. [dhuibh
- 5 Ach pillidh mi air m'ais a ris,
Is bheir mi sibhse leam;
An sin cha dealaich sinn ni 's mò,
'S cha bhi sibh brònach trom.
- 6 A' bheatha, 'n fhìrinn, is an ròd
A threòraicheas gu nèamh,
Is mise sin; 's na leanas mi,
Gu sonas bheir mi iad.

XLIII. Eoin xiv. 25—28.

- 1 MO ghuth cha chluinn sibh tuille-
adh nis,
Ghairm m' Athair mi chum nàinbh,
O'n tig an Comhfhurtair gun dàil,
An Spiorad gràsmhor naomh.
- 2 A'm' ainm-sa cuiridh 'n t-Athair e,
A dheanamh dhuibh an iùil;
A thoirt na chuala sibh 'nur cuimhn',
S a dh'fhoillseachadh gach cùis'.

- 2 So from the Saviour on the cross
A healing virtue flows:
Who looks to him with lively faith
Is sav'd from endless woes.
- 3 For God gave up his Son to death,
So gen'rous was his love,
That all the faithful might enjoy
Eternal life above.
- 4 Not to condemn the sons of men
The Son of God appear'd;
No weapons in his hand are seen,
Nor voice of terror heard:
- 5 He came to raise our fallen state,
And our lost hopes restore;
Faith leads us to the mercy-seat,
And bids us fear no more.
- 6 But vengeance just for ever lies
On all the rebel race,
Who God's eternal Son despise,
And scorn his offer'd grace.

XLII. John xiv. 1—7.

- 1 LET not your hearts with anxious
thoughts
Be troubled or dismay'd;
But trust in Providence divine,
And trust my gracious aid.
- 2 I to my Father's house return;
There num'rous mansions stand,
And glory manifold abounds
Through all the happy land.
- 3 I go, your entrance to secure,
And your abode prepare;
Regions unknown are safe to you,
When I, your friend, am there.
- 4 Thence shall I come, when ages
close,
To take you home with me;
There we shall meet to part no
more,
And still together be.
- 5 I am the way, the truth, the life:
No son of human race,
But such as I conduct and guide,
Shall see my Father's face.

XLIII. John xiv. 25—28.

- 1 YOU now must hear my voice no
more;
My Father calls me home;
But soon from heav'n the Holy
Ghost,
Your Comforter, shall come.
- 2 That heav'nly Teacher, sent from
God,
Shall your whole soul inspire;

- 3 Mo shìth mar bheannachd dealach-
aidh,
'S mar dhlìb gheibh sibh 'n tràs;
Mo shìth bheir dhuibh làn-chomh-
'Nur beatha is 'nur bàs. [fhurtachd,
4 A réir droch nòis an t-saoghail
chlaoin,
Cha mheall mi sibh gun cheisd;
Is gealladh, gun a choinnleadh
Cha toir mi dhuibh am feasd.
5 A'd' ghealladh, Thriath, nì sinne
Ré fad ar turais fhaoin; [bun,
'S ar n-earbsa làidir bidh a'd' ghràdh,
Ri fagail dhuinn an t-saogh'l.

XLIV. Eoin xix. 30.

- 1 FEUCH! Iosa ceusda air a' chrann!
'S a cheann a' lùbadh nuas;
'Fhuil chraobhach o gach creuchd a'
ruith,
Is cruitheachd bàis 'na ghruaidh.
2 Tha'n obair crìochnaicht,—Labhair
'S e tionn' a spioraid suas; [e,
Lùb e a cheann 's cha d'fhuiling e
Gnè tuilleadh péin no truaigh'.
3 Tha'n obair crìochnaicht,—Bhàsaich
Air son a' chinne-daoin'; Criosd
Làn-fhuasgladh thug e dhuinn o'n
bhàs;
O chumhachd Shatain shaor.
4 Tha'n obair crìochnaicht,—Sguir a
leòn:
Le 'bhròn, le 'shaoth'r, 's le 'fhuil
Làn-cheannsaich e gach uile nàmh,
Is chreach e iad gu tur.
5 Tha'n obair crìochnaicht,—'S linn an
Lagh'
Do linn an t-Soisgeil ghéill:
Seann nithe chaidh a nis air chùl,
'S tha 'n saoghal ùr gu léir.

XLV. Rom. ii. 4—8.

- 1 O DHAOINE dao! an dean sibh tàir
Air gràs is foighid Dhia?
'S an dean sibh fanoid air a neart?
An gleachd sibh ris, gun chiall?
2 A chionn gu bheil a thròcair pailt,
Is 'fhoighidinn cho buan,
Am meudaich sibh 'ur seacharain,
'S am peacaich sibh gach uair?
3 A ghin mhi-thaingeil! nach ro-mhò
Bu chòir do mhaithreas Dé, [ais,
Do stiùradh dh'ionnsuidh aithreach-
'S do tharruing thuige féin?
4 Am fearr leat corruich chur air Dia,
'S an Triath bhi dhuit 'na nàmh,
Is ionmbas feirge thasgaidh suas,
Nì truaigh thu là a' bhràth?

- Your minds shall fill with sacred
truth,
Your hearts with sacred fire.
3 Peace is the gift I leave with you;
My peace to you bequeath;
Peace that shall comfort you through
life,
And cheer your souls in death.
4 I give not as the world bestows,
With promise false and vain;
Nor cares, nor fears, shall wound
the heart
In which my words remain.

XLIV. John xix. 30.

- 1 BEHOLD the Saviour on the cross,
A spectacle of woe!
See from his agonizing wounds
The blood incessant flow!
2 Till death's pale ensigns o'er his
cheek
And trembling lips were spread;
Till light forsook his closing eyes,
And life his drooping head!
3 'Tis finish'd—was his latest voice;
These sacred accents o'er,
He bow'd his head, gave up the
And suffer'd pain no more. [ghost,
4 'Tis finish'd—The Messiah dies
For sins, but not his own;
The great redemption is complete,
And Satan's pow'r o'erthrown.
5 'Tis finish'd—All his groans are past;
His blood, his pain, and toils,
Have fully vanquished our foes,
And crown'd him with their spoils.
6 'Tis finish'd—Legal worship ends,
And gospel ages run;
All old things now are past away,
And a new world begun.

XLV. Romans ii. 4—8.

- 1 UNGRATEFUL sinners! whence this
scorn
Of God's long-suff'ring grace?
And whence this madness that in-
Th' Almighty to his face? [sults
2 Is it because his patience waits,
And pitying bowels move,
You multiply transgressions more,
And scorn his offer'd love?
3 Dost thou not know, self-blinded
His goodness is design'd [man!
To wake repentance in thy soul,
And melt thy harden'd mind?
4 And wilt thou rather choose to meet
Th' Almighty as thy foe,
And treasure up his wrath in store
Against the day of woe?

- 5 An là sin 's dlùth, le 'dhioghaltas,
'S do bhinne ni e teann;
Thig fearg is claidh ort air gach làimh,
Gun neach gu d' thèarnadh ann.
- 6 Ach iadsan uil' thug géill do'n Triath,
'S a ghluais gu diadhaidh naomh,
Gheibh crùn na beatha mar an duais
Bhith-bhuain, fad saogh'l nan saogh'l.

XLVI. Rom. iii. 19—22.

- 1 CIA diomhain earbsa chloinn nan
A' saoth'r an làmha féin? [daoine'
O nàdur truailidh ceannaireeach
Cha sruth ach olc 's mi-bheus.
- 2 Biodh Iudhaich 's Geintilich 'nan
Gun fhocal as am beul; [tosd,
'S na deanadh duin' air bith do'n
Aon uail am fianuis Dé. [t-sluagh
- 3 An gràs a ni dhinn fireana,
Cha toill ar gnìomh'ra féin;
Oir dithidh 'n Lagh gach duine beò
Gu bròn bith-bhuan is péin.
- 4 Iosa! tràth dh'earbas sinn a t'ainm,
Cia luachmhor dhuinn do ghras!
Do ghràs a bheir dhuinn fireant-
achd,
'S do'r n-auam dìon gu bràth.

XLVII. Rom. vi. 1—7.

- 1 'SAM buanaich sinn gu dân 'nar
cìont',
Bhrìgh saoihbheis gràsa Chrìosd?
Nar leigeadh Dia gu laigh gu bràth
An smuain so tàmh 'nar crìdh'.
- 2 Tràth thugadh sinn do Dhia gu moch,
Ri droch-bheirt chuir sinn cùl;
Is gheall sinn gluasad fad ar làith'
Mar chruthach àluinn ùr.
- 3 Do'n pheacadh bhàsaich sinn le
Crìosd;
Leis dh'èirich sinn o'n uaigh
Gu beatha naoimh, a thredraicheas
Gu beatha ghlòrmhoir shuas.
- 4 Seadh, nis cha tràilleas sinn ni 's and',
Do pheacadh uo do bhàs;
Oir dh'fhuasgail Crìosd gach cuibh-
reach dhinn,
Is mhill ar n-uile nàmh.

XLVIII. Rom. viii. 31.

- 1 LE creidimh 's dòchas fògramaid;
Geilt, cìont', is dòrainn uainn;
'Se Dia ar caraid, 's mòr a threis;
Cia 'n t-eascair bheir oirnn buaidh?
- 2 An Ti thug 'aon-Mhac air ar son,
Mar chobhartach do'n bhàs;
Nach toir gach tiodhlac eile dhuinn?
'S an ceil e oirnn a ghràs?

- 5 Soon shall that fatal day approach
That must thy sentence seal,
And righteous judgments, now un-
known,
In awful pomp reveal;
6 While they, who full of holy deeds
To glory seek to rise,
Continuing patient to the end,
Shall gain th' immortal prize.

XLVI. Romans iii. 19—22.

- 1 VAIN are the hopes the sons of men
Upon their works have built;
Their hearts by nature are unclean,
Their actions full of guilt.
- 2 Silent let Jew and Gentile stand,
Without one vaunting word;
And, humbled low, confess their
guilt
Before heav'n's righteous Lord.
- 3 No hope can on the law be built
Of justifying grace:
The law, that shows the sinner's
Condemns him to his face. [guilt,
- 4 Jesus! how glorious is thy grace!
When in thy name we trust,
Our faith receives a righteousness
That makes the sinner just.

XLVII. Romans vi. 1—7.

- 1 AND shall we then go on to sin,
That grace may more abound?
Great God, forbid that such a
thought
Should in our breast be found!
- 2 When to the sacred font we came,
Did not the rite proclaim,
That, wash'd from sin, and all its
stains,
New creatures we became?
- 3 With Christ the Lord we died to
With him to life we rise, [sin;
To life, which now begun on earth,
Is perfect in the skies.
- 4 Too long enthral'd to Satan's sway,
We now are slaves no more;
For Christ hath vanquish'd death
and sin,
Our freedom to restore.

XLVIII. Romans viii. 31, to the end.

- 1 LET Christian faith and hope dispel
The fears of guilt and woe;
The Lord Almighty is our friend,
And who can prove a foe?
- 2 He who his Son, most dear and
Gave up for us to die, 'lov'd,
Shall be not all things freely give
That goodness can supply?

- 3 Feuch, shuair sinn anns a' ghibht bu mhò
Làn-chòir air nithibh 's lugh';
Tha Crìosd air nèamh is talamh fòs,
'Na earlas air gach àgh.
- 4 Cò'nis a chuireas ciont' á leth
Sluaigh thaghta Dhé nan gràs!
Cò dhìteas iad? no dhiultas sìth,
O dh'fhuiling Crìosd am bàs?
- 5 Dh'fhuiling e 'm bas, ach dh'éirich e
Gu deas làimh Dhé le buaidh;
'N sin tagraidh e ar cùis do shìor,
Is bheir làn-dìon d'a shluagh.
- 6 Cò'nis ma ta a sgaras siun
O chaidreamh caomh ar Triath?
An sgaoil aon neach an cuibhreach
A cheangal sinn r'ar Dia? [sin
- 7 Ged éirich dragh, 's ged bhagair bàs,
'S ged iadh gach nàmh mu'n cuairt,
Tre Chrìosd bheir sinn gu dùlanach,
Orr' uile tuilleadh 's buaidh.
- 8 Ifrinn no talamh, beath' no bàs,
Na sàruch ùine buain', [sinn,
O ghràdh ar Triath cha dealaich
'S cha sgar am feasd sinn uaith.
- 9 Bheir so dhuinn sonas feadh gach
Mar rinn e gus au tràs: [linn,
O shìorruidheachd gu sìorruidheachd
Bheir Crìosd d'ar n-an'maibh gràdh.

XLIX. 1 Cor. xiii.

- 1 LE briathraibh dhaoin' is aingle nèimh,
Ged labhrainn le sgèimh ghrinn;
Impidhged chuirinn air gach neach,
Le teangaidh bhlasda bhinn;
- 2 Ard-fhiosachd faidh ged bu leam,
'S ged fhoillsichinn rùn Dé: [so,
Gun seirc, is faoin gach nì dhiubh
Cha dean iad dhomh gnè fheim:
- 3 Ged ath'rraichinn le creidimh trenn,
Na slèibhtean as an ceal,
Is neo-nì mi gun seirc is gràdh,
Cha mhair mo ghràs ach seal.
- 4 Ged bheathaichinn le m' mhaoin am bochd,
'S mo chorp ged loisginn fòs,
Air son mo chreidimh, 's mi gun seirc,
Cha dìong e bheag fadheòidh.
- 5 'S fad-fhulangach neo-fharmaidach,
'S is cairdeil gràdh gun cheisd;
Cha dean e uail á bheartaibh féin,
'S cha séidear suas e 'm feasd.
- 6 Droch amharus cha bhì aig seirc,
'S nì foighid ri droch dhaoin':

- 3 Behold the best, the greatest gift
Of everlasting love!
Behold the pledge of peace below,
And perfect bliss above
- 4 Where is the judge who can condemn,
Since God hath justified?
Who shall charge those with guilt
or crime
For whom the Saviour died?
- 5 The Saviour died, but rose again
Triumphant from the grave;
And pleads our cause at God's right hand,
Omnipotent to save.
- 6 Who then can e'er divide us more
From Jesus and his love,
Or break the sacred chain that binds
The earth to heav'n above?
- 7 Let troubles rise, and terrors frown,
And days of darkness fall;
Through him all dangers we'll defy,
And more than conquer all.
- 8 Nor death, nor life, nor earth, nor
Nor time's destroying sway, [hell,
Can e'er efface us from his heart,
Or make his love decay.
- 9 Each future period that will bless,
As it has bless'd the past;
He lov'd us from the first of time,
He loves us to the last.

XLIX. 1 Cor. xiii.

- 1 THOUGH perfect eloquence adorn'd
My sweet persuading tongue,
Though I could speak in higher strains
Than ever angel sung:
- 2 Though prophecy my soul inspir'd
And made all myst'ries plain
Yet, were I void of Christian love,
These gifts were all in vain
- 3 Nay, though my faith with boundless power,
Ev'n mountains could remove,
I still am nothing, if I'm void
Of charity and love.
- 4 Although with lib'ral hand I gave
My goods the poor to feed,
Nay, gave my body to the flames,
Still fruitless were the deed.
- 5 Love suffers long; love envies not;
But love is ever kind;
She never boasteth of herself,
Nor proudly lifts the mind.
- 6 Love harbours no suspicious thought,
Is patient to the bad;

- 'S fàth bròin leath' iomradh uilc is ciont',
'S féin-spéis nan cleasa claoín';
- 7 Giulán neo-iomchuidh 's fuath le seirc,
'S féin-spéis nan cleasa claoín';
Tha 'cridhe làn le iochd is gràdh
Do chàch air feadh an t-saol.
- 8 Giulainidh seirc fad ùine mòir',
Le dòchas nìthe 's fearr;
'S fuilingidh i gu macant' sèimh
Iom' eucoir agus tàir.
- 9 Air nèamh is talamh, feadh gach cian
Sior-riaghlaidhidh caomh-sheirc;
Tràth sguireas teagadh 's fiosachd fàidh,
Buan-mhairidh gràdh gun cheisd.
- 10 'S neo-fhoirfe 'n so gach gràs air bith,
Ach tionnsgnaidh làithe 's fearr,
'S an tig làn-iomlaineachd a steach,
'S an teich gach nì tha cearr.
- 11 An tràs 'nar n-òige gluaisidh sinn
Mar naoidheana gun iùl:
Chum foir'eachd; ach 'nuair dh'fhàsas sinn,
Théid leanbaidheachd air chùl.
- 12 Air thalamh mar tre dhubh-neul dorch'
Is léir dhuinn dealradh Dhé;
Ach gnùis ri gnùis an nèamh na
Gu soilleir chì sinn e. [glòir'
- 13 Tha creidimh, dòchas, agus gràdh,
An tràs an so le chéil';
Ach creidimh 's dòchas fàilnichidh,
'S buan-mhairidh gràdh gach ré.
- 14 Oir sluigear dòchas le làn-sheilbh,
Is creidimh le beachd sùl;
'S iad so na meadhoin, 's i chrìoch gràdh
Nach téid gu bràth air chùl.

L. 1 Cor. xv. 52—58.

- 1 LE fuaim na trompaid deireannaich
Crioithnaichidh 'm fonn gu garbh:
Fosglaidh gach uaigh is brùchdaidh nìos, [marbh.
Chum siorruic'hd cuirp nam
- 2 Feuch, éiridh cuirp nan saoi an sin
Le misuich is mòr-sgéimh,
Iad bàsmhor thuit, ach éiridh chum
Neo-bhàsmhorachd air nèamh.
- 3 Feuch fàistneachd fhior nam Fàidh-ean naomh'
Coimhionta nis gu beachd;
Gu géilleadh bàs do bheatha shior,
'S gu crìochnaicheadh an gleachd.

- Griev'd when she hears of sins and crimes,
And in the truth is glad.
- 7 Love no unseemly carriage shows,
Nor selfishly confin'd;
She glows with social tenderness,
And feels for all mankind.
- 8 Love beareth much, much she believes,
And still she hopes the best;
Love meekly suffers many a wrong,
Though sore with hardship press'd.
- 9 Love still shall hold an endless
In earth and heav'n above, [reign
When tongues shall cease, and prophets fail,
And ev'ry gift but love.
- 10 Here all our gifts imperfect are;
But better days draw nigh,
When perfect light shall pour its
And all those shadows fly. [rays,
- 11 Like children here we speak and think,
Amus'd with childish toys;
But when our pow'rs their manhood reach,
We'll scorn our present joys.
- 12 Now dark and dim, as through a
Are God and truth beheld; [glass,
Then shall we see as face to face,
And God shall be unveil'd.
- 13 Faith, Hope, and Love, now dwell on earth,
And earth by them is blest;
But Faith and Hope must yield to Love,
Of all the graces best.
- 14 Hope shall to full fruition rise,
And Faith be sight above:
These are the means, but this the
For saints for ever love. [end;

L. 1 Cor. xv. 52, to the end.

- 1 WHEN the last trumpet's awful voice
This reeking earth shall shake,
When op'ning graves shall yield their charge,
And dust to life awake;
- 2 Those bodies that corrupted fell
Shall incorrupted rise,
And mortal forms shall spring to life
Immortal in the skies.
- 3 Behold what heav'nly prophets sung
Is now at last fulfill'd, [reign,
That Death should yield his ancient
And, vanquish'd, quit the field.

4 Suas togadh creidimh luathghair ait,
Is canadh e mar laoidh,
C' àit nis am bheil do ghath, a
Bhàis?
C' àit, Uaigh, am bheil do
bhuaidh?

5 B'i choguis chiontach gath a' bhàis,
Teann-shàithte 'n cridh' an daoi;
'S b'e 'n Lagh a thug do chiont' a
neart

Gu luchd a' pheacaidh chlaoidh.

6 Ach beannaicht' gu robh Dia gu
bràth!

A chuir ar nàmh fo chois,
'S a thug dhuinn tre ar Ceannard
Crìosd
Buaidn shiorruidh agus fois.

7 Fa 'n aobhar sin, le dùrachd cridh',
D'ar Rìgh bheir sinne geill;
Lan-dearbhta gu faigh sinn fadh-
eòidh,
Crùn glòir' an rioghachd nèimh.

LI. 2 Cor. v. 1—11.

1 GRAD-THUITIDH 'n corp so sìos
do 'n ùir

'Na smùr fo chumhachd bàis:
Ach gheibh ar n-an'ma còmhnuidh
's fearr,

Gu h-àrd le Dia nan gràs:

2 Gheibh an'ma naomh' an còmhnuidh
'n sin

San tigh a thog dhoibh Dia;
Tràth shaorar iad o'n phrìosan
thruagh,
Sam bheil an cuairt ré cian.

3 D'ar n-uallach talmhaidh sgith, mar
'S tric thairngear osna leinn; [so
Ach saoraidh 'm bàs gu caomh sinn
uaith,
Is dhachaidh suas théid sinn.

4 Oir tha ar n-earbs' á tigh a's fearr,
Tràth dh'fhàgas sinn a' chriadh;
Cha'n e bhì rùisgt' ach sgeadaichte
Ri 'm bheil ar dùil 's ar miann.

5 So dòchas ait nan an'ma naomh'
O 'n Slàn'ear caomh an tràs,
A thug an Spiorad dhoibh maraon,
Mar sheul is earlais gràidh.

6 Sior-ghluaisidh sinn le creidimh beò,
An gealladh glòrmhor Dhia;
'S bidh sinn, ré fad ar cuairt sa'
chorp,
Ag osnaich 'n déigh ar Triath.

7 Na 's ait le 'r n-an'maibh fhaotainn,
'S ro-fhada leinn e uainn; [s fad,
Air imrich b' ait leinn dol o 'n fheòil,
'S ar còmhnuidh fhaotainn shuas.

4 Let Faith exalt her joyful voice,
And thus begin to sing;
O Grave! where is thy triumph now?
And where, O Death! thy sting

5 Thy sting was sin, and conscious
guilt,

'Twas this that arm'd thy dart:

The law gave sin its strength and
To pierce the sinner's heart: [force

6 But God, whose name be ever bless'd!
Disarms that foe we dread, [die,
And makes us conquerors when we
Through Christ our living head.

7 Then stedfast let us still remain,
Though dangers rise around,
And in the work prescrib'd by God
Yet more and more abound;

8 Assur'd that though we labour now,
We labour not in vain,
But, through the grace of heav'n's
great Lord,
Th' eternal crown shall gain.

LI. 2 Corinth. v. 1—11.

1 SOON shall this earthly frame, dis-
solv'd,

In death and ruins lie;
But better mansions wait the just,
Prepar'd above the skies.

2 An house eternal, built by God,
Shall lodge the holy mind,
When once those prison-walls have
fall'n
By which 'tis now confin'd.

3 Hence, burden'd with a weight of
clay,
We groan beneath the load,
Waiting the hour which sets us
free,
And brings us home to God.

4 We know, that when the soul, un-
cloth'd,
Shall from this body fly,
'Twill animate a purer frame
With life that cannot die.

5 Such are the hopes that cheer the
just;
These hopes their God hath giv'n;
His Spirit is the earnest now,
And seals their souls for heav'n.

6 We walk by faith of joys to come,
Faith grounded on his word;
But while this body is our home,
We mourn an absent Lord.

7 What faith rejoices to believe,
We long and pant to see;
We would be absent from the flesh,
And present, Lord! with thee.

- 8 Ach auns a' chorp, no as a' chorp,
An so no 'n sin 'gam bi,
Sinn féin thoirt suas do sheirbhis
'Se so ar miann gu sior. [Dhia,
- 9 Chum caithir-breitheanais MhicDhé,
Feuch, théid gach uile neach;
A dh'fhaotainn péin no tuarasdail,
Mar thoill iad uaith fa seach.
- 10 Breth chothromach neo-chlaon an
sin
Gheibh deadh-ghníomh agus
lochd;
'S bidh cor gach neach gu siorruidh,
A bheus, ma's maith no olc. [réir

LII. Philip. ii. 6—12.

- 1 SIBHSE ta ainmichte air Crìosd,
Leanaibh gu sior a cheum;
'Nur n-inntinn is 'nur coluadar
Bibh: cosmhuil ris gu léir.
- 2 Cruth 's coslas Dhé ged bha air
Crìosd,
'S uil' iomhaigh Rìgh na glòir',
Ged b'ionnau nàdur 's inbhe dhoibh,
Co-ionnan air gach dòigh;
- 3 Gidheadh a mhòrachd chuir e
thaobh,
Is daoineachd ghabh air féin
Chum sinne shaoradh, chuir e sgàil,
Ré seal, air àilleachd nèimh.
- 4 Seadh chrom ar Slànuighear a sios
Gu inbhe ìosal tràill:
Strìochd e do'n bhàs, seadh bàs na
An ro-mhòr péin is nàir'. [ceus'
- 5 Feuch dh'ardaich Dia, fa'n aobhar
An Triath a shaor a shluagh; [sin,
Thug e dha rìoghachd thar gach
Is ainm thar ainm r'a luadh. [rìgh,
- 6 A chum do ainm an Tighearn los'
Gu'n strìochd gach uile ghlùn,
Sna nàmbaibh shuas, air talamh
bhos,
Gu h-urramach 's gu h-umh'l.
- 7 Seadh strìochdaidh dhasan mar an
Is gèillidh ifrinn shìos: [ceudn',
Gach treubh is teangadh 's dùil a t'
Aidichidh 'ainm gu sior. [ann,

LIII. 1 Tesal. iv. 13—18.

- 1 BIODH misneach aig luchd-muinntir
Chriosd,
Tràth chi iad luchd an gaoil
A' dol gu codal ann an los',
Cha 'n i so crìoch an saoi'l.
- 2 C'ar son ma ta bhios sibh ri bròn,
Mar dhream gun dòchas mòr;
Am bheil sa' bhàs ach teachdair sìth'
'Gan gairm gu rìogh'chid na glòir'?

- 8 But still, or here, or going hence,
To this our labours tend,
That, in his service spent, our life
May in his favour end.
- 9 For, lo! before the Son, as judge,
Th' assembled world shall stand,
To take the punishment or prize
From his unerring hand.
- 10 Impartial retributions then
Our different lives await;
Our present actions, good or bad,
Shall fix our future fate.

LII. Philip. ii. 6—12

- 1 YE who the name of Jesus bear,
His sacred steps pursue; -
And let that mind which was in
him
Be also found in you.
- 2 Though in the form of God he was,
His only Son declar'd,
Nor to be equally ador'd
As robb'ry did regard;
- 3 His greatness he for us abas'd,
For us his glory vail'd;
In human likeness dwelt on earth,
His majesty conceal'd:
- 4 Nor only as a man appears,
But stoops a servant low;
Submits to death, nay, bears the
cross,
In all its shame and woe.
- 5 Hence God this gen'rous love to men
With honours just hath crown'd,
And rais'd the name of Jesus far
